

ABS. 3. 76. 61



X20/7
309/£10.00

FACHDRAIDH

NA

H - E A G L A I S E .

LEIS AN

URRAMACH DONNACHA M'CHALLUIM,
MINISTER, ARISAIG,
AGUS, UGHDAIR NA "H-EAGLAISE CHOITCHEANN."

EDINBURGH:
THORNTON & COLLIE,
19 ST DAVID STREET.

1845.

To
The Directors and Members
of
The Society in Scotland
For Propagating Christian Knowledge,

Whose benevolent and patriotic Exertions have been the signal Means,
under Divine Providence, of diffusing many spiritual and
temporal Blessings among his Fellow-Countrymen,

this

History of the Church
(in Gaelic,)

is, with profound reverence and respect,

Dedicated

by

The Author.

P R E F A C E.

THIS being the first attempt to give, in the Gaelic language, a History of the Church of Christ, it may be a matter of curiosity to inquire, Why, among the many religious Gaelic publications already issued, there has been none on this subject? or, Why there should be one, now, in a language that is fast perishing in its native soil? And we may be told there is very little necessity for new Gaelic books, because those who can best afford to pay for them, find in English (which they have studied more than their mother tongue,) all that they wish to know—that even in a commercial point of view the cultivation of Gaelic literature holds out little advantage, as Highlanders in general can speak English enough to transact business, and may therefore be supposed to get on well enough, as far as regards worldly concerns. But few resident Highlanders, we reply, can follow the English preacher in a learned discourse, or clearly understand his English bible. And although they should deem it waste of time to study their mother tongue, or to cultivate Gaelic literature, from which there is so little prospect of gain, still they ought to learn it for what is to all of the highest importance—that they might read and understand the Scriptures.

If it be further urged, that the Gaelic version of the Scriptures, and the religious books, original and translated, are enough for a Gaelic library—that the Highlanders have their ministers to teach and explain the doctrines revealed in the gospel, and therefore require no more books in that language; we answer,—That the study of history in general is interesting, and instructive in every respect. In one point of view in particular, we may observe, it is most worthy of our time and attention, as a knowledge of ancient history enables us to understand and explain passages of the Scriptures, without having recourse to a mystical sense—or hazarding the attempt of putting a wrong construction on them—or making a false interpretation of what bears allusion to customs and manners long since forgot. In like manner, Church History, the most important subject that can fall under our contemplation, brings to view doctrines, tenets, and opinions of former ages, that might have been long forgot, and again introduced into the Christian world as the offspring of later ages; for instance, the Millennium, in the third century, of which we have heard something in our time. But more, the History of the Church of Christ lays before us the doctrines of the pure and holy religion, brought down from heaven by the Author and Finisher of our faith, and taught by his Apostles and the Fathers, in the primitive ages; and makes us acquainted with the rites and ceremonies introduced into the Church in course of time; many of which were adopted from the practices of the heathens, and allowed in the Christian churches, because they had been familiar to converts, and as an inducement for them to leave the temples of the false gods, and to enter the sacred temple of the Jehovah, who seeks those who worship Him to worship in spirit and in truth: Hence the corruption of that Church, which

has become almost universal. It is a delightful part of ecclesiastical history to trace the light of science and truth which rose after the long reign of darkness that overshadowed Europe, where the hand of the Invisible Being who superintends all things, is made known in the Reformation.

It has been our chief endeavour to keep always in view these important matters, and comprise within as small a space as possible, a narrative that is continued through so many centuries—no easy task to comprehend so much within the compass of a single volume. It may be remarked, however, that as there are many things in Ecclesiastical History neither curious nor edifying, in which the Gaelic reader would feel little interest, some have been omitted, while others have been merely mentioned. Nor have we been inattentive to the size and the price of the book, with a view to the convenience of the reader.

We have deemed it not foreign to the subject to give an abridged biography of the Author of our holy religion, and of his Apostles. In treating of events, we have divided the time into periods, and continued the narratives of each branch of the subject in chapters, rather than break off at the close of a century and resume the narrative at the beginning of the next, under its proper head, which would occasion frequent repetitions in so short an account as must have been given in this history. This method, though it may not at first be thought so proper as that of treating of all the subject during each century, will be found more convenient; yet it has not been always followed, where the subject naturally suggested a different division.

Church History being the most comprehensive as well as important, it might be thought presumptuous in the Writer to have attempted such a work, and he should wish it had fallen into abler hands. He is far from thinking it complete and perfect, and is fully sensible how much he stands in need of the indulgence of the learned. As it is, he ventures to lay it before the public, and hopes that, by the blessing of God, it may be useful for the instruction and information of his countrymen. Among two hundred congregations which receive instruction in the Celtic language, he would fain hope he need not despair of finding readers; and to the Gaelic student who has a view to the Church, he may more particularly venture to recommend a perusal of it.

ARISAIG, *Oct.* 30, 1845.

CLAR-INNSIDH.

EARRAN I.

	Page.
O BHREITH CHRÌOSDA GU BLIADHNA AR TIGHEARNA 325; 'SAN ROBH CON- STANTINE, A' RIAGHLADH; AGUS AN DO GHABHAH RI CREIDEAMH NA H-IOMPAIREACHU.	
CAIBIDIL I.—A bhreith 's a bheatha gus an robh e deich bliadhna fichead a dh-aois, - - - - -	9
CAIB. II.—Criosd a' searmonachadh; Eoin a' baisteadh; Sàtan a' toirt oidhirp air Criosd a bhuaireadh; A cheud mhiorbhuil, Nico- demus; Guth as na neamhan; Luchd-leanmhuinn, no deisciobuil; Criosd maitheadh pheacannan; Buntain eruaidh ris-san bha deanamh gach math thaobh a chuirp agus an anma, - - -	13
CAIB. III.—Dòrain Chriosd 'san lios; Bhrathadh agus dhète Criosd; Cheusadh e; Comharain; Adhlacadh; Faire air uaigh-Aiseirigh; Dà fhichead là air thalamh; Mar thaisbean se e féu; A dhol suas do neamh, - - - - -	19
CAIB. IV.—Dà aingeal toirt rabhaidh do na deisciobuil pilleadh gu Ierusalem; Matthias an àite Iudais; An Co-fhurtair; Mu thim- chioll trì mìle creidsinn an aon là; Shuidhicheadh a cheud Eag- lais an Ierusalem; Miorbhuilean; Iompacha Shaul; Ghairm Aingeal e agus Barnabas; Eaglais an Ierusalem, an Antioch, an Corintus, - - - - -	25
CAIB. V.—An creideamh Criosdaidh; Apollos; Na h-Abstoil; Peadar; Andreas; Seumas bu mhò; Eoin; Seumas bu lugha; Simon Peadar; Philip; Mata; Tomas; Marcus; Lucas; Barnabas; Stephen; Paul; An diadhair Eoin, - - - - -	31
CAIB. VI.—Leir-sgrìos Ierusalem; Chaidh luchd-aidmheil Chriosd gu Pella; Geur-leanmhuinn air Criosduidhean le Nero; Trajan; Decius; Gallus; Diocletian; agus Gallerius Cæsar; Cailleigin do mhath o'n gheur-leanmhuinn; Na Criosduidhean a theich o'n teine mhilteach a' pàirteachadh an Eolais; An Albainn, agus an Eirinn; Na Culdaich, - - - - -	36
CAIB. VII.—Teagasgan na h-Eaglaise; Na sgrìoptuirean air an cur ri cheile; Air an leughadh, 's air am mìneachadh 's a cho- thional; Na ceud Chriosduidhean a' fòghlum an cloinne anns na sgrìoptuirean; Riaghailtean agus doighean aoraidh; Saobh chreid- eamh nan Gnostics; Luchd-leanmhuinn Phlato; Am barailean air au coimeasga leis a' chreideamh Chriosduidh, - - -	48
CAIB. VIII.—Fòghlum agus daoine fòghluimte nan linnibh so; Cle- mens; Papias; Iguashius; Philo; Iosephus; Iustin Martir; Poli- carp; Irenæus; Tertullian; Origin Ciprian; Longinus; Dion Cassius; Montanus; Manes agus feadhain eile, - - -	56

EARRAN II.

- O'AM CHONSTANTINE, AM BHLIADHNA AR TIGHEARNA 325—GUS A BHLIADHNA 755, 'S AN ROBH ARD-UACHDRANACHD A' PHAPA AIR AIDEACHADH, 'S A CHUMHACHD SAOGHIALTA AIR A DHAINGNEACHADH; AGUS AN DO THOISICH CHARLEMAGNE RI RIAGHLADH.
- CAIB. I.—Mar bha'n Eaglais rè 'n earran so do'n eachdraidh, Thogadh Constantine do'n chathair 'na aonar 's a' bhliadhna 325; A Chrois-shoillseach; Ghahhadh an creideamh Criosduidh 's an iompaireachd; Chan iad ris an iompaire Constantine Mòr air son a ghniomha; Ghahh e'n comanachadh; Chaochail c 's a' chreid-camh fhior; A Mhac-Constantius gabhail barailean Ariuis; Julian; A uaimbdeas do'n chreideamh; Persaich ri geur-leanmhuinn; air na Criosduidhean; Thòisich iad sin ri geur-leanmhuinn air-sou saohh-chreideamh, no mearachdan 'n am barailean, mu theag-asgan an airde 'n ear, Odoacer; Alaric; Crith-thalmhainn; Palladius; Eirinn; Padruic; Clobhis; Diogratius; Acacius; Silherus; Bhigilius; Pelagius; Augustus; Mahomet; A hheatha; A theag-asg; Ciosnuchadh rioghachdan; Sgaoileadh a' chreideamh trid cogadh agus losgadh; Dubhuailcean na cleir; Naimhdean bu mhò; Iustinian II.; Phillipicus; Am pàpa; Constantin; Dealbha; Aoradh dhoibh; Leo; Ar-amach; Dorta fola; Aìmhreit agus ùpraid mhòr; Irene 'na naomh; Caliph; Crith-thalmhainn; Dorchadas; Ard-cheaunas pàpa na Roimh; Pepin, - 64
- CAIB. II.—Mu riaghladh na h-Eaglaise, teagasgan, agus dcas-ghnathaibh.—Riaghailtean ùr 's au Eaglais; Na Criosduidhean fàs lìonmhor; Am pohull cumail suas an luchd-teagaisg agus frithealaidh; agus, uime sin, 'g an ròghnachadh; Easbuigean, 86
- CAIB. III.—Mu dhaoine araid bha dealachadh o'n Eaglais choit-cheaun.—Arius; Miletus; Photinus; Apollinaris; Priscillian; Pelagius agus Celestius; Augustin; Semi-Pelagians; Seumas; Baradeus; Aon toill Chriosd; Urnuigh a damhsa; Dream bha ainmichte air Paul, - - - - - 108
- CAIB. IV.—Mu fhòghlum agus daoine fòghluimte nan linnibh so.—Eusebius; Athanasius; Basil Mòr; Nasiansen; Griogair a Nissa; Ambrose; Lactansius; Ierom; Rufinus; Augustiu Chrisostom; Ciril; Theophilus; Isidore; Theodorus; Leo Mòr; Socrates; Soiomen; Theodoret; Philostorgius; Talmud; Beothius; Agathius; Cassiadorus; Griogair Mòr; Iustinian; Code; Pandicts; Timotheus; Pheloponus; Iulian; Pomerius; Leontius; Ildcfonsus, 115

EARRAN III.

O'M CHARLEMAGNE, 'SAN ROBH ARD UACHDRANACHD AIG A PHAPA, 'S A 'BHLIADHNA 755, GUS AN DO THOISICH ATH-LEASACHADH NA H-EAGLAISE, AM BHLIADHNAAR TIGHEARNA, 1545.

CAIB. I.—Mar hla'n Eaglais re an earran so do'n eachdraidh.—Charlemagné 'na iompaire; na ceithir leahraichean; Barailean Bhrigh-atharrachaidh. Comh-stri meag athraichean na h-Eaglaise; Anastashius; Na Lochlunaich; Na Rusianaich; Saracens; Spainte; Godofrid; Aineolas a' chleir; Aìmhreit; Atharrachadh an àm roghnachadh pàpa; Litrichean foilleil; Iompairean deanamh atharrachadh mu iomhaighean, agus easbuigean Chlaiduis cur iomhaighean as an eaglais 's 'g an losgadh; Photius; Dealach eadar eaglais na h-airde'n ear, agus eaglais na h-airde 'n iar; Teagasgan eaglaise nan Greugach, agus eaglais na Roimhe; An soisgeul lionsgarradh; Theophilact; Iain X. Iain XI. Iain XII.;

Benedict V.; Leo; Odo; Ordu Chluigni; Eilean Sicilie; Ainmean uaibhreach nam pàpa; Comh-stri eutorra; Nicholas II.; Griogair VII.; Ionraic; Urban II. Peadar an t-Aonaranach; Cogadh na croise; Buaidh nan daoine mòra; Rìgh Ierusalem; Na dh'èirich o'n Turus so; An creideamh Crìosduidh buadhachadh; An dara cogadh naomh: Mu cheithir cheud mìle dol le rìgh na Frainge agus iompaire na Germailt; an call; an treas turus; Frederic I. Philip Augustus; rìgh na Frainge; Richard I. rìgh Shasuinn; do'm bu cho-ainm Cœur de Lion; am pàpa agus Ionraic IV.; Ionraic V.; Alastair III.; Rìgh Shasuinn; Comhairle aig Clarendon; Tomas Becet; Reachdan ùr; Celestine III.; an creideamh 's an airde 'n ear; an ceathramh 's an cuigeamh turus; crìoch air cogadh na croise; Na Saracens call 's an iar; Cumhachd a phàpa; rìghrean na Frainge agus Shasuinn; Griogair IX.; an t-iompaire; Frederic; Cathair a phàpa trì bliadhna falamh; Griogair X.; Boniface VIII.; Am pàpa 's an Fhraing; Lughais; dà phàpa; Ferdinand; Geur-leaumhuinn; Portuguese; America; An airde 'n iar; trì phàpa; Comhairle air son reite Iain Huss; Ierom; Toirmeasg an fhìon; Comhairle aig Basil; Pàpa eile; Comhairle Florence; Nicholas V.; Alastair VI.

128

CAIB. II.—Riaghailt, teagasgan, agus deas-ghnathachadh.—Am posadh, saobh-Chreideamh fuigheal nan naomh; Seanachas umpa; Teagasg ùr mu'n t-suipeir; deas-ghnathaibh; agus laithean feill eile; Comhdachadh tre dheuchainean; Deas-ghnathachadh, purgadoir; Là bhreitheanais; doighibh agus deas-ghnathaibh eile; Mar bha naoimh a' fàs lionmhor; Ascaoin Eaglaise; Là feill nan uile naomh; Aoradh do Mhuire; Baisteadh schlag; Sgiursadh; Doighibh aoraidh; Tighibh, aoraidh; orduighean ùr, saobh-chreideamh, faisneachd fhoilleil; deadh oibre; Deas-ghnathaibh faoin; Ghin-neo-thruaille. Brìgh-atharrachadh agus faosaid; Dà chomunn ainmeil; An saoihbheas; Inneil chiuil 's an eaglais; Là feill sacramaid; Gearag choisrigte; Ard-fheill; anma naomh; laithean feill ùr; Rìdeirean an Teampull; Deich pisean fichead; deadh ainm; Searmona, Iitser, teagasgan,

180

CAIB. III.—Iadsan bha dealachadh o'n Eaglais choitcheinn,

205

CAIB. IV.—Foghlum agus daoine foghlumte nan linnibh so.—Bede, Alcuim, Ambrose Anthirt, Uilfrid, Photius, Drathmar, Bertharius, Eginhard, Anastasius, Alfred, Leo, Deorsa (Seorus) Codrenus, Theophilact, Fulbert, Lambertus, Anna Comnena, Eustasius. Naomh Bernard, Abelard, Albertus, Magnus, Tomas Aquinas; Benabhenta; Roger Bacon; Fòghlum na h-airde n'ear; Dun Scotus, Breatanach; Iudhach; Dà bhana-chreidmheach; Greugaich roimh na Romhanaich Barlaam Petrarch; Nicholas V.; Cosmo de Medicis; Clo-bhualadh; Nicholas Clanengis; Sgrìobhaichean an aghaidh a' phàpa; Dioltas; Pius II.; Tomas-a-Cempis; Pica; Eadar-theangachadh nan Sgrìoptuirean,

218

EARRAN IV.

O ATH-LEASACHADH NA H-EAGLAISE GUS AN NAOIDHAMH LINN DEUG.

CAIB. I.—Thòisich leasachadh na h-Eaglaise 's a' Ghermailt.—Feum air airgid; Tetsel creic maitheanais a' phàpa; Luther; Ordugh fèin cur leis; Ghairm am pàpa e do'u Roimh; Caietan; Ard-riaghlair Shacson; Reachd an aghaidh Lutheir; Suiugliuis; Carlostadius; Aifrionn; Adrian VI.; Comhairle choitcheinn; Ceud mearachd ri leasachadh; Clement VII.; Posadh Lutheir; Protestanaich; Coinneamh aig Augsburg; Na flathaibh; Smalcalde; An Ceangal; Rìgh nan Romhanach; Sith, eadar Tearlach agus na Protestanaich

227

	Page.
CAIB. II.—Ath-leasachadh na Suaine, agus rioghachdau tuath agus deas; Geurleanmhuinn 's an Fhraing; Calbhinn; Coinueamh aig Trent; Foill Thearlaich V.; Bàs Lutheir; A bh-catha; Cogadh Gille-Moire; Buaidh; Sith; Coinneamh Augsburg; Na rinncadh an sin,	242
CAIB. III.—Ath-leasachadh an Sasunn.—Cor rìgh Shasuinn, iomp- aire na Germailt agus am pàpa rì foghuadh d'an ath-leasachadh; Fear-didinn a' chreidcìmh; Cranmer; Dimeas air ughdarras a' phàpa; Manaich an call; am Biobull 's a' Bheurla; Ascaoin Eaglais an Sasunn; Giùlan Ionraic rì luchd ath-leasachaidh; Chaochail Ionraic; A mhac; Ban-rìgh Mairi; Pàpanachd; Geur-leanmhuinn an Sasunn; Ridli, Latimer, Cranmer; Bàs Mhairi; Giùlan math Ealasaid,	248
CAIB. IV.—Ath-leasachadh an Albainn an Eirinn, agus thairis.— Rìgh Seumas V. agus a' chleir rì geur-leanmhuinn Hamilton; An ard chléir, Beaton; Bàs Sheumais; Iarla Arrain; Mort Bheatoin; Iain Cnoc; Cogadh; Cumhnantan; Sith Eaglaise na h-Alba; Ath-leasachadh an Eirinn le Deorsa Broun; Ath-leas- achadh 's an Olaind; Ar-amach; An Spainnte 's an Fheadailt; An Fhraing; Mort nan Hugonots; Strì agus cogadh; sith; Teagasg Calbhain agus Lutheir,	256
CAIB. V.—Comuinn eigin 's an t-seathamh linn deug; na h-Anabis- tich; luchdaicheadh an lagh; oanachadh; Serbhetus; Sosinus,	261
CAIB. VI.—Foghlum agus daoine fòghluimte na seathamh linn deug.—Leabhraichean lionmhor, Melancthon; Besa; Erasmus; Shir Thomas More; Buchanan,	264

EARRAN V.

CAIB. I.—Mu staid na h-Eaglaise 's an linn so.—An creideamh Protestanach; Aimhreit cadar am pàpa agus rìgh na Frainge Luchd-teagaisg an China 's an Iapan; Geur-leanmhuinn; Co- cheangal agus cogadh air-son a' chreideimh; Ccalg nam pàpan- ach an Sasunn (Gunpowder Plot); Ar-amach; Mort nam Pro- testanach an Eirinn; Rìgh Seumas; Uilleam; Daoine dol do dh' America o'n gheur-leanmhuinn,	266
CAIB. II.—Mu theagasgau agus deas-ghnathaibh na seachdamh linn deug.—Comuinn no òrduighean ùr; "Co-thional gus a' chreideamh a sgaoilcadh;" Ol-thigh air-son sin; La Trappe; Luchd-leanmhuinn Lutheir; Calbhinn; Eaglais Shasuinn,	271
CAIB. III.—Mu luchd-aidmheil eigin 's an t-seachdamh linn deug. Iansen; Luchd-sàimh; Coccius; Arminius; Geur-leanmhuinn; Iacob Behmen; Daoine cràbhach; Neo-eisimblich; Crithich,	274
CAIB. IV.—Fòghlum agus daoine fòghluimte na seachdamh linn deug.—Solus dealrach na h-Eorpa; Bellarmin; Bossuet; Tillemart; Athair Paschal, Fenclon, Laud, Usher, Hall, Tailair, &c., Shacspcar, Milton,	277

EARRAN VI.

CAIB. I.—Mu staid choitichionn na h-Eaglaise.—Saorsadh creid- eimh; Pàpa Clement XI. Benedict XIII.; Ganganelli; Pius VI.; Iesuits; Ar-amach; America; Au Fhraing; Breatunn,	279
CAIB. II.—Mu luchd aidmheil eigin 's an ochdamh linn deug.— Morabbians; Methodists; Dream an Albainn; Tumadh an Baist- cadh; Dream critheach; Hutchison; Suedenborg; agus dream no dha eile,	282

EACHDRAIDH NA H-EAGLAISE.

E A R R A N I.

O BHREITH CHRISDA GU BLIADHNA AR TIGHEARNA 325,—'SAN ROBH CONSTANTINE
A' RIAGHLADH—AGUS AN DO GHABHADH RI CREIDEAMH NA H-IOMPAIREACHD.

CAIBIDL I.

A bhreith 's a bheatha gus an robh e deich bliadhna fichead a dh-aois.

ANN toiseach sgrìobhaidh mu'n chreideamh chriosdaidh, cha'n 'eil sinn 'g a mheas mì-ìomchuidh càilegin a labhairt mu ùghdair ar creideimh, clach-chinn na h-òisinn air am bheil an aitreabh uile air a stéidheachadh. Bheir sinn oidhirp air sin a tharuinn gu h-ath-ghearr o na ceithir soisgeulaichibh. Bha iad sin, gach aon fa-leth, a' cur sìos eachdraidh a réir mar chunnaic no chual' e gun bhi leanailt a chéile; no labhairt air an aon dòigh; ach a' cur an céill nithe 'n a dhòigh labhairt féin, no mar bha e fiosrach. Ged nach 'eil iad uime sin, a' cur sìos nan ceart nithe, 's na briathran céudna, cha'n 'eil sin a' lughdachadh an ùghdarras; ach mar bharrachd còmhdaich air an t-seanachas; a' feuchainn gu-soilleir nach 'eil iad a' sgrìobhadh o chéile, 's ged tha eadar-dhealachadh ri fhàicinn ann an cuid de nithibh, cha'n 'eil iad idir an aghaidh a chéile. Agus tha iad ag aithris na tha féumail dhuinne aithneachadh mu Thì cho mòr, cho naomb, agus cho beannaichte, —Aon Mhac Siorruidh Dhé na glòire!

Bha dùil ri Fear-saoraidh Israeil mar dh' innis na fàidhean

iomadh linn roi' theachd. Bha fiuthair aig Iudhaich chràbhach ri fàidh mòr a bheireadh làn fhoillseachadh dhoibh air nithibh àrd a bha folaichte uatha. Bha dorachdas an t-saoghail chiontaich cho domhail 's nach bu lugha na solus dealrach a sgapadh e. Dh' éirich an solus so. Thàinig am Mesiah, mar dh' innseadh, chum a mhuinntir féin; ach an gabhadh iad ris 'n a staid iosail? ged a b' e an teachdair a thàinig o neamh; a thug sgéul a' mhòr-aoibhneis dhoibh-san a bha fo bhinn a' bhàis; a bhris faire na maidne spioradail air an talamh; seadh, Grian na fireantachd a dh' eirich le slainte 'n a sgéith. Bha Eòin Baiste ri dol roimhe dheanamh réidh slighe an Tighearna. 'Nuair bha Elisabet sea mìosan torrach thàinig aingeal chum Muire Oighe, a chur fàilte oirre; agus dh' innis e dh' i gu'n robh a bana-charaid Elisabet, a bha aosmhor, torrach. Cha robh cuimhne aice 's an àm mar labhair Isaiah, "Gu 'm biodh Oigh torrach, 's gu'm beireadh i mac," "Cha'n 'eil," ars' an t-aingeal, "ni sam-bith eu-comasach do Dhia." Chreid' i. Bha Ioseph 's Muire fo cheangal pòsaidh; † ach, mu'n deach iad cuideachd, a réir gnàth nan Iudhach, fhnair é fios gu'n robh i torrach. ‡ Bha e 'n a dhuine math, 's b'àill leis a cur air falbh os iosal;—ach fhuair e sanas o aingeal 's ghabh e d'a ionnsuidh i. Bha an Oigh Muire glan agus stuama 'n a h-uile smuaintibh. § Féuch, bithidh maighdean torrach agus beiridh i Mac, agus bheir é Emanuel mar ainm air, is ionan sin ri radh, air eadar-theangachadh, Dia maille ruinn.

Bheircar faincar mar a cho-lionadh gach ni ann-san, a bha ann an staid cho iosal 's nach tug a mhuinntir féin, na h-Iudhaich, toirt do nithibh sònraichte a chomharaich E-san a thàinig, mar a ghealladh ann an iomlanachd na h-aimsire, 'nuair a bha'n t-slat rioghail gu dealachadh ri Iudah. Féuch, a bhreith fein, mar bha'n aincolas; 'g a ghairm Iosa o Nasaret, ged a rugadh e am Betlehem; agus mar bha gach nì air a thoirt mu'n cuairt, an aghaidh smuaintean dhaoine.

* B. T. Bliadhna ar Tighearna. † Lucas i. 43. ‡ Deut. xxii. 23, 24.
§ Isa. vii. 14; Mal. i. 23.

Chuir Augustus Caésar, iompaire na Roimhe, mach reachd, ag àithneadh do na h-uile fhine dhol gu'm bailtibh mòr chum càin iochdadh. Chaidh, uime sin, Ioseph agus Muire gu Betlehem, far an d' rug i a ceud-ghin. Cha robh àit 's an tigh-òsda anns an faigheadh i tàmh. Bha iad an astail nan ainmhidh; phaisg a mhàthair an naoidhean, 's chuir i am prasaich e.

Ach, 's an ionad uaigneach, iosal, bhochd sin, anns nach tugadh daoine aire dha, bha Bithean naomha, neamhaidh, a' sealltuinn nuas air. Thàinig aingeal chum nam buachaillean a bha ri faire an tréud 's an oidhche agus dhealraich glòir an Tighearna mu'n timchioll.* Chum gach nì a cho-lionadh, chaidh a thimchioll-ghearradh 's an àm àraid. An déigh sin chaidh a mhàthair leis do'n teampull. Chunnaic an duino math Simeon e, ghlac se 'n a uchd e, agus bheannaich e Dia, "oir chunnaic," ars' e-san, "mo shùilean do shlàinte." Agus thog a bhan-fhàidh Anna a guth mar an ceudna, 'toirt molaidh do Dhia, agus air pilltinn chum am baile féin, dh' fhàs an leanabh, agus neartaich an Spiorad e; air a lionadh le gliocas, agus bha gràsan Dhé air.

Thàinig daoine glìce o'n àird-an-ear, a bha air an stiùradh le réul, a dheanamh aoraidh dha. Tha iomad barail mu'n réul sin; ach, co dhiù b' aingeal, no dealradh sònraichte bha ann, stiùradh iad gus a' cheart àit 's an robh an naoidhean. Bha an gealladh, mar fhuair na prìomh-athraichean fiosrach, do dhaoineibh 's an àird-an-ear. Bha fàisneachd Bhalàim, an Àràbianaich, aithnichte, "Thig réul a mach á Jacob agus slat rioghlaidh á Israel."

Tha gach nì uime 'còmhdach dhòibh-san aig am bheil sùilean gu faicinn leò gu 'm b' E-san am Mesiah. Mar fhuair na daoine glìce rabhadh gun tilleadh an rathad a thàinig iad, 's mar fhuair Ioseph rabhadh o aingeal téicheadh leis 's an oidhche mu'n caisgreadh an droch rìgh Hérod e measg naoidheana na tìre,—bha na séudan luachmhor a thug draoidhean na h-airde-'near thuige 'toirt comais do Ioseph trial do'n Eiphit 's fuireach

* Luc. ii. 10.

an sin gus an rachadh an geur-leanmhuinn a bh'air Mac Dhé seachad, agus an coillionadh na labhradh uime. “ Mach as an Eiphid ghairm mi mo Mhac.” 'S mar an ceudna fàisneachd Jeremiah, “ An Rama bha caoidh agus gul agus bròn mòr, Rachel a' caoidh air son a cloinne.” B'ise, tha fios, ceile Iacoib, bha fada roimhe sin marbh, a tha air a h-ainmeachadh an so, mar gu b'ann, a' toirt gu riochdail a làthair caoidh a gineil.

Tha seanachas a' toirt sgeil dhuinn gu'n do theich Elisabet le mac féin do'n fhàsach ; no, do thìr nam beann ; gu shàbhaladh o fheirg an droch rìgh, far an robh i ga thogail suas gu cur-amach. Gu robh e bliadhna gu leth dh' aois 'nuair theich a mhàthair leis ; agus da fhicheadlà 'na dheigh gu'n do chaochail i féin. 'S an ath uair a bha athair a' frithealadh 's an teampull, ghlac Herod e, agus chuir e gu bàs e chionn nach innseadh e 'n t-àite an robh a mhac am falach.

Mar sin chaill an teachdaire thàinig roimhe 'n Fhear-Shaoraidh iadsan air an robh a chùram ; ach chuir Athair nèamhaidh aingeal a ghabhail cùraim deth, 'sga thogail suas gus am biodh e air son aire thoirt da féin. Bha e 's an fhàsach gus an do thòisich e ri labhairt agus iompuidh chur air daoine aithreachas a dheanadh. Bha e na eide 's na lòn coltach ris an fhaidh Elijah.*

An deigh bàis Heroid fhuair Ioseph rabhadh o aingeal pill-eadh le theaghlach do Chanaan. Rinn e sin ; ach, thaobh buirbe agus an-ìochd Archelaus, cha d'fhan e'n Iudea, chaidh iad ni b'fhaide mu thuath, air an stiùradh le Dia, 's ghabh iad còmhnuidh ann an Nasaret, chum 's gu biodh an fhàisneachd o shean air a coilionadh, “ gu goirte Iosa o Nasaret deth !”†

Thug Iosa còmhdach soilleir dhoibh an tùs òige nach bu duine a mhàin a bh'ann. 'Nuair bha e dà bhliadhna dheug a dh' aois, chaidh e le Ioseph agus a mhathair gu h-Ierusalem aig àm na càisge, agus dh' fhuirich e 'nan deigh,—phill iad air a shon, agus fhuair iad e 's an teampull, ag eisdeachd ris na daoine foghluinte, rabbi, 's a' cur cheist orra.

'Nuair a thuir Muire ris, c'arson a chuir e urrad a dhragh

* Luc. iii. 10. † Mat. ii.

a's thrioblaid air a phàrantan? fhreagair e, gu b'è chrìoch mu 'n robh e-san seirbheis Athar anns an neamh a dheanamh. Chaidh e leo, agus phill iad dhachaigh, far an do chaith e roinn mhòr de bheatha—mu'n earrann so cha'n 'eil ach beag seanachais againn. Tha cuid eur an céill gu do shaothairich e maille ri Ioseph a bha na shaor. Bha ghiùlan nmhal agus iomchuidh, fàs suas an ceudfaidh agus buaidhean inntinn gus an d'rainig e foirfeachd gliocais neamhaidh. Cha'n 'eil na h-uile sgrìobha uime airidh air creideas. Tha na tha feumail dhuinne fhiosrachadh air a chur sìos anns an t-soisgeul.

CAIBIDIL II.

Criosd a' searmonachadh. Eoin a' Baisteadh. Sàtan a' toirt oidhirp air Criosd a bhuaireadh. A cheud mhiorbhuil, Nicodemus. Guth as na neamhan. Luchd-leanmhuin, no deisciobuil. Criosd maitheadh pheacannan. Buntain cruaidh ris-san bha deanamh gach math thaobh a chuirp agus an anma.

BHA Criosd fo'n lagh 'na thimcheall-ghearra; agus bha e deich bliadhna fichead mu'n do thòisich e ri searmonachadh. Bha sin freagairt do'n àm 's an robh na sagairt a' faotainn dreuchd, 's a' tòiseachadh ri frithealadh 's an teampull. Thoisich Eoin Baiste dà bhliadhna roimhe sin, 'g innse gu robh am Mesiah a' teachd; a' sparradh air a phobull aithreachas a dhcanamh, oir gu robh rìoghachd Dhé, no soisgeul nan gràs, am fagus. Chuir e'n ceill doibh an cunnart mar grad philleadh iad, agus bha e baisteadh le uisge iadsan a bha creidsinn.

Cha b' ann gun uidheamachadh mu chomhair a thòisich am Fear-saoraidh air an obair mhòr a ghabh e os làimh: chum sin threòiricheadh e leis an Spiorad do'n fhàsach. Bha e'n sin da fhichead là 'na thrasg an àite creagach, uaigneach. Bha Maois agus Elias an ùine cheudna, gun bhiadh gun deoch, an ionada fàsail: ach bha'm barrachd aige-san ri fhulang. Thug an diabhol féin oidhirp air a bhuaireadh. C'arson a leig Athair a tha air neamh le aon Mhac a ghràidh bhi air fheuchain leis an àibhceistear; ach gu biodh e air a dhearbhadh; 's gu biodh e 'na Ard-sagairt againne, 's 'n a cìsempleir air

gach deuchain agus cruaidh-chuis, chum 's gu leanadhmaid a cheuman.

Feuch cia innleachdach agus carach am buaireadair—a thug ionnsuidh air Mac Dhé na glòire, 'nuair bha acras air, an deigh trasg fada—"Ma's tu am Mesiah, dean aran de na clachan."* "Tha e sgriobhta," ars' e-san d'am b'aithne na h-uile ni, "nach ann le aran a mhàin a bheathaichear an duine, ach le uile fhocal Dé." Bu ghnà le Criosd ughdaras agus a chòmhdach tharruing o'n t-Seann-Tiomna, nach b'urra na h-Iudhaich aicheadh. An deigh ionsuidhean eile, mar chithear am Mata, dh'aithn' Criosd dha imeachd air falbh, "Oir tha e sgriobhta,"—"Bheir thu aoradh do'n Tighearna do Dhia, agus dhasan a mhàin ni thu seirbhis." "Feuch," thuirt Eoin Baiste, 'nuair chunnaic e Iosa tighinn as an fhàsach, "Uan Dé bheir air falbh peacaidh an t-saoghail." Agus thog e fianuis ag radh, "Chunna mi 'n Spiorad tighinn a nuas o neamh mar choluman, agus bha e gabhail comhnuidh air." Dh'innis e dhoibh-san a chuir an luchd-riaghlaidh a dh'fheoraich, "Co e'n Tì ainmeil mu'm bheil sinn a' cluinntinn," "Nach b' e-san am Mesiah, ni mò b'e Elias e."

Bha na fianuisean sin a thug aingle agus daoine mu theachd a Mhesiah gu leoir dhoibh-san a chreideadh firinn; agus iad-san nach creideadh, ciod am feum bhi taisbeanadh dhoibh na nithe bu shoilleire agus bu riochdaile?

Labhair am fear-teagaisg neamhaidh le h-ughdaras; agus dh'aidich a luchd-eisdeachd nach do labhair aon duine riamh mar a labhair e-san. Ach rinn e tuille—dh'oibrich e miorbhuilean, agus chunnaic agus dh'aidich a nàimhdean na h-oibre mòr' agus cumhachdach. Bha iad thar comus dhaoine. B'e cheud mhiorbhuilfion a dhcanamh de dh'uisge air banais an Galecc. 'S ann an sin a shearmonaich e'n soisgeul an toiseach. Bha e taisbeanadh a dhiadhachd co riochdail 's nach b'urra do pheacaich aicheadh, mar cuiradh iad rompa nach creideadh iad. "Mar creid sibh," thuirt e riu, "air son nam briathra labhair mi, creidibh air son nan oibre a rinn mi." Bha e leigheas gach

* Luc. iv, 3, 4, &c. † Deut. viii. 3.

euslaint, 's a' tabhairt furtachd dhoibh-san bha fuaidh dhoilghios inntinn, toirt sgeil a mhòr aoibhneis do na bochdan ; 'g ath-leasachadh modhanna 's giulan dhaoine. Bha mòran, uime sin, a' creidsinn, ged nach robh iad uile chinnteach, gu b'e 'm Mesiah ; oir cha d'fhoillsich se e féin uile fathasd. Bha iadsan bu chòir am barrachd fiosrachaidh bhì aca aineolach mu nithe spioradail. Thàinig Nicodemus ga ionnsuidh 's 'an òidhche, mar nach bu mhath leis fios a bhì aig a chomhairle de'm buineadh e air, 'g radh ris, " Rabbi, tha fios againn gur fear-teagaisg thu thàinig o Dhia ; oir cha'n urra duine air bhith na mior-bhuilean so dheanamh mar bhì Dia maille ris."*—'F'hreagair Criosd agus thuir e ris, " Gu deimhin, deimhin, tha mi 'g radh riut, mar beirear duine ris nach feud e rioghachd Dhé fhaicinn." Tha'n obair so spioradail. Leig e'n so ris mearachdan nan Iudhach, bha'n duil gur iad féin a mhain a bhitheadh sabhailte. B'ann de na Phairisich Nicodemus, agus bha e cleith a bheachd inntinn uatha gus an do chreid e. Bha e 'na fhear-teagaisg an Israel agus tha so feuchainn cia aineolach bha e gus an d'fhuair e eolas spioradail.

Bha tuille cur an ceill an Tì naomha, ghabh nadur an duine, 's a bha fulang 's an fheoil. 'Nuair chuir e urnuigh suas am folluis thàinig guth ga fhreagairt as na neamha. Chaidh chruth athrachadh am fianuis Pheadair, Sheumais, agus Eoin. Thàinig Maois agus Elias a nuas o neamh a' còmhradh ris mu bhàs agus fhulangas. Ghabhadh suas a ris iad an neul soillseach. Chual na deisciobuil guth Dhé ag radh '*se so mo mhac gradhach, 's am bheil mo mhòr thlachd, eisdeibh ris.*†

Bha luchd-leanmhuin aig gach fear-teagaisg, bha dol mu'n cuairt leis, 's a' foghlum uaith. Roghnaich am fear-teagaisg neamhaidh dhà-dheug a bha ghnà maille ris, 's air an teagasg leis daonan. Bha iad faicinn gach ni bha e deanamh ; chum gu togadh iad fianuis air a chumhachd, a naomhachd, agus uile chaithe-beatha diadhaidh, daonachdail, subhailceach, caranach, gradhach, macanta, iochdar, truacantach, 'leigheas gach eucail cuirp agus anma.

* Eoin iii. 2, 3. † Mat. xvii.

Bha Crìosd tabhairt maithcanais do pheacaich. Bha e thar Maois agus uile bha teagasg. Leig e ris ann féin feartan diadhaidh nach 'eil an aon neach nach 'eil ach na dhuine a mhain. Chronaich e na Phairisich agus iadsan thàinig ga eisdeachd chum cuis-dhìte fhaotainn 'n a aghaidh; ga'n cur gu h-amh luadh le smaointen an cridhe innse dhoibh.

Ged bha iomradh 's a chliu sgaoileadh an cein, cha robh “Mac an duine” 'g iarraidh cliu no urraim o dhaoine. Cha b'ann idir air son sin thug dha fheoruich de dheisciobuil, “Co tha daoine 'g radh is mise?” 's ann a bha e 'g an dearbhadh. B'iadsan bha ri Eaglais a shuidheachadh. 'Nuair thuirt e ri Peadar gu togadh e eaglais air a charruig,—b' e charruig an aidmheil.

Bha Crìosd searmonachadh air gach doigh a b'fhearr foghnadh. Faic a shearmoin air a bheinn.* Bha e ri comhluadar, a' labhairt an cosamhlachd—a' teagasg laghna Dhé gu h-uile tha tabhairt smaointe agus rùnaibh an duine gu breitheanas co math ri bhriathra 's a ghnìomha; feuchainn gu soilleir do dhaoine anstaid chiontaich, 's am feum air fear-saoraidh;—'s a' leigeadh ris cia faoin bhi creidsinn an deas-ghnathacha.

'Na theagasg bha Crìosd gnathacha na doighibh bha measg dhaoine bh'air am foghlum roimh àn-san nach robh coireach, no gun fhoghnadh—agus tha shamhluidh-san sonraichte thar na h-uile bh'air an gnathacha roimhe.

Ach, ni h-e a mhain, gu robh gach ni a labhair 's a theagaisg o taisbeanadh am fhir-theagaisg neamhaidh—Leige ris gu soilleir a chumhachd mar Dhia 'nuair rinn e oibre tha thar comas duine, agus os ceann cùrsa naduir. Bhitheadh e neo fheumail labhairt orra an so—mar tha iad air an cur sìos 's an Tiomna-Nuadh a tha aig na h-uile a leughas. Cha lughadh na dha-dheug thar fhichead a th'ann, a rinn e am fianuis mhòran, a bha uile chum crìoch eigin agus mhath; a bha soilleir, nach b'urra daoine oibreachadh; cuid le focal a labhairt; no mar nach smaointicheadh iadsan a bha làthair 's ga choimhead, a dheanadh feum. A bha mar an ceudna réir gach fàisneachd

* Mat. v., &c.

a bha mu' u Mhesiah ; 's a bha iomchuidh gus na teagasgan, 's na riaghailtean a thug e seachad a dhaighneachadh. Bha na h-uile a labhair 's a rinn e co fiosrach, mathasach, riochdail, 's nach bu lughadh na mòr dhòrchadas agus aineolas nach gabhadh ris an t-solus a thàinig chum an t-saoghail.

Thug Criosd cuideachd eiseimpleirean seachad 'na chaithe beatha 's 'na ghiulan chum 's gu leanadhmaid a cheuma. Cha b' ann mar bha iadsan bha cur uallach air a phobull bha e-san. Cha'n 'eil feum an teagasg, no'n eiseimpleir, mar urra sinn an gabhail 's an leanailt. Bha e éudmhor 'na sheirbhis d'a Athair anns na neamhan, a' tabhairt glòir dha 's gach nì. Bha e deanamh maith do dhaoine 'na uile ghiulan, bha naomh, stuama, agus mathasach. Bha e mar a bhiadh 's a dheoch bhi coilionadh lagh Dhé. Co nach urra cheuma leanailt, ma ghluaiseas iad an eagal an Tighearna ?

Ach an coinneadh gach math bha'n Tighearna Iosa Criosda a' deanamh do dhaoine bu chruaidh bha iad buntain ris. Dol tre Shamaria, air a shlighe gu h-Ierusalem, chuir e dheisciobuil roimhe air-son àite 's an gabhadh iad tàmh ; ach bha fios aig na Samaritanich gu b' ann air son aoraidh bha e dol suas, agus, uime sin, dhiult iad a ghabhail a steach. Se sin thug air a radh, “ Gu robh brochdluin aig na sionnaich, agus nid aig eunlaith an adhair ; ach Mac au duine nach robh ionad aige 's an cuireadh e cheann.” E-san a chruthaich neamh agus talamh, nach b' ainniseach a chor.—Thug air àm eile droch mhuinntir a bhaile 's an robh e fada tàmh ionnsuidh air a bheatha.

Cha b'e mhain gu do chuir a mhuinntir féin cùl ris, ach bha iad neimhdeil da gun chionfà. Bha iad cur as a leth gu b'ann trìd cumhachd an droch Spioraid bha e tilgeadh mach dheamh-au :—ni chuir e gu h-amhluadh. Bha'n ganlas 's am mì-rùn ro-mhor,—feuchain air gach doigh cia mar mhilleadh iad a dheadh ainm 's a bheireadh iad a bheatha dheth. Bha tàir agus tailceas ga dheanamh air. 'S craiteach ri smaointeach olcas an eridhe dhasan bha deanamh a mhath bu mhò dhoibh. Bha'm firean a' fulang air-son an neo-fhìrean. Bha nis an t-

àm a tarring dlu anns an robh Uan Dé ri fulang. Ged bha geur-leanmhuin ga dheanamh air o thoiseach, chaidh e as o gach cunnart agus caol-thearna; agus dh'fheadadh e innleachdan dhaoin' aingidh sheachnadh, no'n cur gu neo-brìghiodhain an deidh a ghlacadh; mar tha sinn a' faicinn gu do thuit iadsan bha deanamh greim air airan ais le cumhachd an fhocail a labhair e. Ach 's ann chum na crìche so thàinig E-san, agus dh'innis e da dheisciobuil na bha ri tachairt. Dh'innis e cuideachd gu brathadh aon do dheisciobuil e. Agus cia mar? Air an doigh tha innleachd dhaoin' aingidh agus dheamhan a' dealbh; cur failte air le poig! Nach meudaicheadh so féin doilghios inntinn; gu'n eireadh e-san a bha 'g itheadh arain na aghaidh. Ach, feuch còr 'anma 's an lios, 'nuair ghuidh e air Athair, na'm be thoil e, an cupan searbh chur seachad air—Ach, thoir aire do na briathran a lean, “Ni h-e mo thoil-sa, ach do thoil-sa gu robh deanta.”

Ged dh'innis e foill Iudais, 's a chunnaic e gu treigeadh a luchd-leanmhuin e an àm a dheuchain, bha e-san cuimhneachail orrasan, agus air uile dhaoine; agus shuidhich e 'san oidhche sin 's an do bhrathadh e Sacramaid na suipeireach, an deigh na caisg, agus beagan roimh' a bhàs.*

'S e bharrail choitcheann gu b'ann an àite na caisge no'n Uain chaisge, bha sacramaid na Suipeireach air a suidheachadh, mar tha na sochairean agus beannachdan ceudna air an cumail a mach ann. Tha e mar chuimhneachan air a bhàs agus fhulangas gus an tig e ris: seadh, gus an tig e thoirt breith air an t-saoghal. Oir *Cia minic a dh'itheas sibh an t-aran so, agus a dh'òlas sibh an cupan so, deir an t-abstol Paul, tha sibh a' foillseachadh bàis an Tighearna gus an tig e.*†

An deigh na Suipeireach dh'aithn' Crìosd da dheisciobuil iad ghradhachadh aon a cheile. Dh'innis e dhoibh gu treigeadh iad e, 's gu'n aicheanadh Peadar e tri uairean 'san oidhche sin fein; gu robh feum mòr ac' air comhnadh spioradail. Labhair e mòran, toirt co-fhurtachd 's misneach dhoibh, ag innse gu robh e dol a dh'ullachadh ionaid air an son an tigh Athar.—

* Matt. xxvi.; I Cor. xi. 24. † I Cor. xi. 29.

Labhair e mu mheud a ghraidh dhoibh; 's gu cuireadh e'n co-fhurtair ga'n ionnsuidh; gu biodh iad air an co-cheangal ris agus ri sheirbhis. Cho-dhuin e le h-urnuigh sholuinte air an son agus air-son a phobuill, agus an deigh laoidh a sheinn dh'fhàg e'n tigh 'n tra bha e dlù air meadhon oidhche. Faic na soisgeulan anns am bheil na h-uile ni tha feumail duinne fhiosrachadh air a chur sìos.

CAIBIDL III.

Dòrain Chrìosd 'san lios. Bhrathadh agus dhìte Chrìosd—Cheusadh e—Comharain—Adhlacadh—Faire air uaigh—Aiseirgh—Dà fhichead là air thalamh—Mar thaisbean se e féin—A dhol suas do neamh.

Chaidh Chrìosd 's an oidhche dhoilgheasach sin do shliabh nan crann ola,—do lios Gethsemene, 's an d' fhuiling e mòran air-son peacaidh a chinne-daona. Bha anam ro-bhrònach, eadhon gu bàs. Bha chràdh co'mòr 's gu robhfhalas, mar bhraona trom fala, tuiteam o chorp air an làr; ged bha'n oidhche fuar, 's ged luidh e sìos air an talamh. Cha b'ann air-son na b'urra daoine a dheanamh ga chlaoidh bha leithid sin a dheuchain chruaidh. Bha daoine eile fulang bàs maslach agus cràiteach gun fhiamh, no mòr ghearan. 'S ann o fhearg Dhé, air-son peacana an t-saoghail, a bha e fui'n trom chràdh so gun teagamh.*

Tha'n nadur daona anfhann—'s tha'n neo-thoilinneach faireachdain fulangais ni 's mò. Bha Uan Dé uile neo-chiontach, agus, air an aobhar sin, bha fhulangas ni bu doilghiosaiche. Chuir e athchuinge suas tri uairean; ach bha e umhal do thoil Athair. Bha cumhachdan an dorchadais mar an ceudna 'na aghaidh. Bu mhòr fheum air furtachd. Thàinig aingeal as na neamha thoirt misneach agus neart dha.†

'San àm dhòraineach so dh'imich an traoitear uatha gu samhach. Ghabh e deich piosa fichead airgid air-son a thabhairt thairis do lamhan a naimhdean. Thàinig e le sluagh mòr

* Isa. liii. 6—18.

† Mar. xiv.

o na h-ard Shagartan agus na sgriobhaichean, mar a dh'innis Criosd ro-laimh.

Cia 'n taobhar bh'aca dhasan a bha ghna deanamh math ?

1. Chionn e chur an ceill gu be féin am Mesiah, na staid iosal, 's mar bha dùil gu bu mhac e do Ioseph, an àite rìgh ris an robh am fiuthair—a shaoradh iad o chuing nan Romhanach.
2. Chionn e bhi leigeadh ris mearachdan nan sagartan, 's an luchd-teagaisg, agus riaghalairan nan Iudhach a bha truailleadh a' chreideimh.
3. Chionn e chur an ceill 'na chosamhlachdan gu tuiteadh fearg Dhé orra, 's air an duthaich air son an cionta 's nach gabhadh iad ris a Mhesiah.
4. Chionn gu robh a chliu dol an céin, agus mòran a' creidsinn ann.

An aineolas tharuing Peadar a chlaidheamh 's ghearr e chluas deth Mhalchus, aon de sheirbhisich an Ard-shagairt. Ach chronaich Iosa e, shlanaich e chluas le beantuinn ris:—dh'innis e dhoibh, na'n iarradh e, gu faigheadh e mòran sluaigh de aingle ga dhion; ach gu robh e ri fulang mar bu toileach le Athair.

Chaidh Mac siorruidh an Dé bheo a dhìte le fianuisean breige a fhuair iad. Ged chaidh a naimhdean am fad so—mar bha iad fo chuing nan Romhanach—bha iad gun chumhachd thar beatha duine, uime sin, chaidh iad le Iosa gu Pontius Pilate, bu riaghalair air Iudea; duine ghabh duais-bhratha,—a bha dian 'na an-toil, 's ged nach d'fhuair e coire ann—air nigheadh a làmh, thug e thairis e dhoibh-san air an robh ciocras air son fhala, agus leig e musgaoil duine a thoill am bàs. Cha b'urra crìoch ni b'fhearr tachairt do Philat, bha 'na bhreitheamh claon; chuir e làmh ann féin mu dheire.

Tha na h-uile fiosrach mu chrìoch Iudais. Bha e coimhead na bha tachairt; 's nuair chunnaic e gu robh a mhaighistir air a dhìte, ghabh e aithreachas; thug e'n t-airgiod a fhuair e mar dhuais-bhratha chum nan Ard-shagart agus nan riaghalairean, —ag innse dhoibh gu do bhrath e fuil neo-chiontach. 'Na dheigh sin chaidh e agus chroch se e féin an àite co uaigneach 's gu robh e'n crocha co fada, 's gu do thuit e mu dheire, agus sgain e as a cheile, agus thuit a mhionnach uile a mach.* Sin mar tha

* Matt. xxvii.; Gníomh 1.

sannt a chridhe a' mealladh 's a milleadh an duine, ged nach 'eil feum anns na tha e faotainn gu h-eucoireach. Ciod iad na piosan airgid do'n traoitear 'nuair dhuisg mothuch ciontach 'san anam !

'Nuair thug na h-Iudaich a mach binn an Tì naomha, bha saor o chionta, ghreas na h-Iudhaich e suas gu sliabh a bhroin ! Bha iad deanamh tailceas agus fanoid air—a' toirt air a chrannceusaidh ghiulan gus an robh e failneachadh fui uallach,—an sin cho-eignich iad Simon, a bhuineadh do Cherene, a chrannceusaidh ghiulan. Ge bu mhòr bha e féin a' fulang bha cho-mothuch rò-mhor air-son pheacach. Thuirt e ri mnathan cràbhach, a bha caoidh air a shon, iad a ghul air an son féin, 's air son an cloinne, thaobh an dioghaltais bha ri tighinn air an duthaich a bha toilltinneach air a bhinn bu mhò. Air a chrannceusaidh am eadhon a chraidh anma agus chuirp, chuir e suas urnuigh air son a luchd-casgairt, “ Oir cha'n 'eil fhios aca,” ars' esan, “ Ciod tha iad a' deanamh.” Ach, nach bu chruaidh a chor—'Nuair a dheigh e, “ Mo Dhia, mo Dhia, Ciod mu'n do threig thu mi.” Sin, ag radh, “ tha e criochnuichte,” 's ag iobradh anma do Dhia, Athair, lùb e cheann, agus thug e suas an deo.

Be sin an iobairt reite, eadar Dia agus daoine, air an robh gach iobairt o thoiseach an t-saoghail nan samhladh. Bu mhòr a mhath a bha saor o gach coire agus cionta ; ged bu bheag a thaing. Bu chruaidh-chridheach daoine, ach ged bha gin-eal olc gun truas, gun tiomachadh ; bha nadur a' faireachdain a' mhaslaidh thugadh dha. Sgoilt brat an teampuill o mhullach gu lar ; feuchainn an athrachaidh a thug linn nan gràs a steach, cur seachad an roinn bha cur dealachadh eadar Iudhaich agus einnich ; 's bha na h-ionada beannuichte air am fosgladh do na h-uile a chreideadh. Chrith an talamh ; bhris na creagan ; dh' fhosgail na h-uaignean ; agus ghabh an solus dealrach 's an adhar sgaile oirre, mar gu biodh i falach a gnuis. Dh' eirich aircamh do na naoimh a thaisbean iad féin do iomada an Ierusalem. Ghabh iadsan a bha lathair uamhas. Thuirt an ceannard a bh' air na saighidearan ann an guth ard,

'*Gu deimhin is firean an duine so*, seadh, 'se *Mac Dhé a th'ann*. Bha na saighideara féin air am bualadh le crith eagail, 's bha na mnathan cràbhach a lean Iosa o Ghalale ro-bhrònach.

Ach an druigheadh sin uile orra-san a bha co fuileach, aingidb. Ni h-cadh, bhà'n ganlas 's an naimhdeas 'g a leanailt an deigh a bhàis. Chuir iad faire air 'uaigh chum 's gu breugaichcadh iad e; ach dh'èirich e le buaidh o'n uaigh air an treas là mar dh'innis e. Theich am freichidean le geilt, agus nochd aingil iad féin do na mnathan thàinig a choimhead na h-uaigh, agus dh'innis aon diubh gu d'èirich an Slanui-ear mar chuir e'n ceill roi-laimh. Ruith na mnathan thoirt fios do na deisciobuil. Thainig Peadar agus Eoin 'nan ruith, agus fhuair iad an eideidh mhairbh, a dh'fhag Iosa 'na dheigh, mar chomhar nach luidh e 's an uaigh tuille. Chreid iad agus chaidh iad thoirt fios do chach.*

'Nuair theich na saighideara le h-uamhan chaidh iad gus an luchd-riaghlaidh a dh'innse ciod a thachair. Ach an creideadh iad sin? 'S ann a thug iad duais dhoibh air son aithris gu tainig a dheisciobuil 's an oidhche 's gu do ghoid iad e 'nuair bha iadsan nan cadal. Leth-sgeul faoin. 'Nan tuiteadh iad 'nan cadal, cia mar chitheadh iad na deisciobuil tighinn gu thoirt leo? Agus an aidicheadh iad ni dhìteadh iad féin, 's a dh' fhagadh iad buailteach do pheanas?

'S an là 's an d'èirich Crìosd o'n uaigh thaisbean se e féin an toiseach do Mhuire Magdalene, nach d'aithnich e gus an do labhair e rithe. Choinnich e na deisciobuil bha dol gu h-Emaus, labhair e riu mu fhulangas 's a ghloir. Nochd e e féin a rìs do Phèadar, agus do dheichnear eile dhiubh 'san oidhche, 'nuair a bha iad còladh an seomar, agus dh'iarr e orra a làiniseachadh gu faiceadh iad nach bu spiorad a bh'ann. Cha robh Tomas leo 's cha chreideadh e am focal. Chunnaic an aon deug Crìosd a rìs air feasgar là na sàbaid, agus thairg Iosa an còmhach soilleir do Thomas. Chreid e, agus thuirt, *Mo*

* Eoin xx.

Thighearna, agus mo Dhia. Thuirt Iosa, ris gu biodh e ni b' airidh air urram nan creideadh e gun fhaicinn.

Bha'n Tighearna—am fear-teagaisg neamhaidh—mar sin 'g a thaisbeanadh féin da luchd-leanmhuin air amaibh, agus an àitean eigin, gun fhìos cia as a bha e, 's 'g am fagail, gun fhios c'ait a bha e dol. Cha b'ann mar aingeal, oir bha e 'sa cholluinn dhaona 's an d'fhuiling e, le fail nan tairngean 'na làmhan agus 'na chasan, agus lot 'na thaobh geal mar shathadh sléagh ann. Labhair e riu mu na teagasgan bha e nis a' sparradh orra. Bhris e aran—bheannuich e,—agus dh'ith e maille riu. Cha b'ann mar dhuine amhain; oir bha e tighinn 's a falbh, mar nach b' urra aon aca féin; bha e 'na Dhia agus 'na dhuine, gun eadar-dhealachadh, mar tha 's mar bhitheas e am feasd.

Mar sin bha'm fear-saoraidh da fhichead la air thalamh an deigh aiseirigh, ag ùrachadh a theagasgan d'a dheisciobuil, 's a tabhairt am barraehd dhoibh 's a bha iad an toiseach comasach air a ghabhail. Bha mòran aca ri dheanamh—bha eaglais ri shuidheachadh, agus teagasgan àrd agus cudthromach an t-soisgeil ri chraobh-sgaoileadh. 'S an deigh an deanamh deas air-son na saothair mhòir, agus a gheur-leanmhuin bha feitheadh orra, thaisbean se e féin do Sheumas air aon de bheanta Ghalalee, 's a sin do'n aon deug, 's do chòr 's cuig ceud luchd-leanmhuin.*

Da fhichead là an deigh aiseirigh thaisbean se fein d'a abstoil aig Ierusalem, tabhairt àithne dhoibh feitheadh gus am faigheadh iad cumhachdan am Spioraid naoimh; 's an sin dol a shearmonachadh an t-soisgeil do na h-uile neach agus cinneach, gam baisteadh ann an ainm an athar, a Mhic agus an Spioraid naoimh.

So an dara Sacramaid de'n Tiomadh Nuadh a dh'orduich agus a shuidhich ughdair ar creideimh. Feadh ùine searmonachaidh rioghachd Dhé, bha e teagasg 's ag aontach le baiste Eoin: ach cur cuideachd ri aithreachas creidsinn ann féin: ach 's ann mu'n deachaidh e suas do neamh a thug e'n dreuchd da abstoil.† Chuir e'n ceill dhoibh a chumhachd

* 1 Cor. xv.; Eoin, Gníomh.

† Matt. xxviii. 19.

mor, 's gu biodh a lathaireachd ghràs-mhor leo, agus leosan a thigeadh 'nan deigh, gu'n coimhead agus gu'n stiuradh. Am feadh bha e labhairt riu thrcoirich e iad gu sliabh nan crann ola agus bheannuich e iad. Chaidh e suas do neamh am fianuis mhòran 's a measg math shluagh nam flaitheas faraon shuidh e aig deas laimh Dhé 's am bheil e riaghladh eaglais, deanamh eadar-ghuidhe air-son a phobuill, 's ag ullachadh ionada neamh-aidh air an son: am feadh tha e' gan uidheamachadh le fhocal agus spiorad air thalamh agus trid a fhreasdail chum 's gu mealladh iad sonas siorruidh. Cha b'è mhain gu robh sealladh an sul aig na h-abstoil, agus na deisciobuil, oir bha deich agus trì fichead a roghnaich e thuilleadh orrasan a ghluais a ghnà maille ris;—am feadh bha iad uile sealltuinn suas gu neamh le geur bheachd, sheas dà aingeal 'nam fradharc dearbhadh dhoibh gu'm faiceadh iad e tighinn a rìs air a mhodh ghlormhor sin 's an deachaidh e suas.*

'Nuair a chuirear gach faisneachd o shean; 's na samhluidhean uile mu'n Mhesiah, ris na thachair 'na bhreith, 'na bheatha, 'na bhàs, agus aiseirigh—tha iad uile cordadh co soilleir, 's gur iongantach mi-chreideamh a mhuinntir féin, no cinne, no daoine sam bith. Bha naimhdean co math ri chaoimh togail fianuis air a theagasg, a mhiorbhuilean, agus aiseirigh. 'S bha gach nì tachairt mar a dh'innis e mu na h-Iudhaich—leir-sgrios Ierusalem, agus faidhean breige, co riochdail 's ged b' ann sa cheart àm a chuireadh an ceill sin a thàinig iad.

'Nuair bheirear fainear mar bha'n Tì naomh, tha 'na Dhia 's 'na dhuine 'g oibreachadh, 's mar bha e cur a dhreuchdan an gnìomh, araon 'na irisleachd agus 'na ardachadh; mar tha e-san ann an Dia, agus Dia ann-san—mar oirdhearcais air fhoillseachadh, agus fhirinn air a dearbha 'na ghiulan, 's 'na chaithe-beatha féin. 'Nuair bheirear fainear a rùn, 'na chumhnant, 'na fhocal, agus orduighean diadhaidh d'a Eaglais, agus sochaircan dleasnais, agus aoradh nan naomh—Nach aobhneach an sealladh glormhor a nis agus gu siorruidh do gach creideach—Crìosd na h-uile, agus anns na h-uile.†

* Gnìomh 1.

† Col. iii. 11.

CAIBIDIL IV.

Dà aingeal toirt rabhaidh do na deisciobuil pilleadh gu Ierusalem—Matthias au àite Iudais.—An Co-fhurtair—Mu thimchioll trì mìle creidsinn an aon là.—Shuidhicheadh a cheud Eaglais an Ierusalem.—Miorbhuilean.—Iompacha Shaul—Ghairm Aingeal e agus Barnabas.—Eaglais an Ierusalem, an Antioch, an Corintus.

AM feadh a bha na h-abstoil 'nan seasamh ag amharc gu nèamh, thug dà aingcal rabhadh dhoibh pilleadh gu h-Ierusalem mar dh' àithneadh dhoibh. “ Fheara Ghalile, c'arson a ta sibh 'n'ur seasamh ag amharc gu nèamh? an t-Iosa so thogadhsuas uaibh gu nèamh, is amhuil sin a thig e mar a chunn-
aic sibh e dol gu neamh.”* Tha cumhachdan 'san taobh stigh, tha co-àraid, no laidir, 's gu bheil iad, 'san àm tha iad g' oibreachadh 'san duine, cur gach ni eile as a chuimhne. Dhì-chuimhnich na deisciobuil na thuirte Crìosd riu 'nuair bha prìosan agus bàs a' bagradh orra. Bha'n sealladh mòr so toirt orrasan bha coimhead Slanuighear nam buadh dol suas do neamh, 's ag amharc le geur-bheachd, seasamh, mar nach robh nì sam bith air iarruidh orra, no aca ri dheanamh, gus an d'fhuair iad achmhasan o na h-aingil. 'N sin phill iad gu Ierusalem, bha mu astar là sàbaid o shliabh nan crann ola, agus chaidh iad suas do sheomar uachdrach far an robh na h-Abstoil, th'air an ainmeachadh 's an treas rann deug, agus “ Bhunaich iad uile dh'aon inntinn ann an urnuigh maille ris na mnai, agus Muire màthair Iosa, agus maille r'a bhràth-airibh.”

Bha iad an Ierusalem dà fhichead là tighinn còladh, mu thimchioll sea fichead dhiubh, toirt cliu agus molaidh, aoraidh agus urraim do'n Dia is ro airde;—na h-Abstoil agus na deisciobuil 'tional gu h-àraid air an là 's an d'éirich Crìosd o'n uaigh. 'S ann o'n eiseimpleir-san a leantuinn, bha na Crìosduidhean a' cruinneachadh gu aoradh, 's a dh'athraicheadh là an Tighearna, o'n t-seachdamh gus a' cheud là do'n t-seachduin;—creidsinn, mar a dh'éirich am Fear-saoraidh o'n uaigh, gu'n éirich a luchd-aoraidh o uaigh a' bhàis spioradail. 'S ann an so bha ceud chomhairle na h-Eaglaise.

* Gniomh. i. 11.

Be cheud ni sònraichte rinn iad an Ierusalem aon eile roghnachadh an àite Iudais, an traoitear. Air iarrtus Pheadair dh'ainmich iad dithis do'n aireamh, agus ghairm iad air an Tighearn an ùrnuigh, agus thilg iad croinn. Thuit an crann air Matthias, a bha 'na dheisciobul aig Criosd o'n thòisich e ri searmonachadh, agus chaidh àireamh a measg an aon abstol deug.

Tha ùine eigin feumail gu uidheamachadh no deasachadh, mu bheil sinn gabhail saothair mhòr, no gnìomh àraid, oirnn féin. Bha Criosd féin dà fhichead là 's an fhàsach; bha e'n ùine cheudna air thalamh an deigh aiseirigh; agus chunnaic e iomchuidh gu biodh iadsan bha ri dol a mach a shuidheachadh Eaglais, a measg gach uile chinneach a chreideadh, air laithean àraid a' tighinn còladh, 's a' dlu-cheangal an cridheachan 's an spiorada ri cheile, mar gu b'ann, an aoradh 's an cràbhadh. Dh'àithn' e dhoibh, uime sin, fantuinn an Ierusalem, gun innis dhoibh a cheart àm 's an cuireadh e'n Co-fhurtair g'an ionnsuidh. Nach còir ma ta do na h-uile feitheadh air an Tighearna le foighidin, làn chinnteach 'na ghealladh. “Oir thig an Tighearna na dheadh àm féin.”

Dh'fhuirich na h-àbstoil mar dh'aithne dhoibh am baile mòr nan Iudhach gu là na cuingis. “Bha iad uile dh' aon inntinn an aon àite.” Be sin là feisd àraid a bh'aig na h-Iudhaich, 's an robh iad tabhairt taing air-son an fhoghairidh, agus am fuasglaidh o chuibhreach na h-Eiphid:—trìd an robh iad a nis a' mealtuinn toraidh an saothair. B'ann air an là so thug an t-Uilechumhachdach an lagh do Mhaois air Beinn Shinai. 'S mar tha sinn ri thabhairt fainear a nis gu h-àraid, “Agus thàinig gu h-obann toirm, mar sheideadh gaoith ro threun, agus lion an tigh uile far an robh iad air suidhe, agus dh'fhoillsicheadh dhoibh teangana sgoilte, mar do theine, agus shuidh e air gach aon diubh fa leth, agus lionadh iad leis an Spiorad Naomh, agus thòisich iad ri labhairt le teanganan eile, réir mar thug an Spiorad comas labhairt doibh. Agus bha gabhail comhnuidh an Ierusalem, Iudhaich, daoine crabhach do gach uile chinneach fo neamh. A nis, 'nuair a sgaoileadh an t-ìomradh so, thàinig an slugh an ceann a chèile, agus bha iad fo amhladh, do bhàigh gu cuala gach aon iad a' labhairt 'na'n Cannain

féin.”* Bha'm foghnadh lean mòr agus miorbhuileach, urramach do'n chreideamh agus d'an ughdair neamhaidh.

Fhuair na h-abstoil solus ùr co math 's a fhuair iad an Spiorad Naomh. Chuireadh gach aineolas, teagamh, agus geilt air chùl. Bha iad a nis deònach, éudmhor agus seasmhach, a chur an gnìomh le misneach an obair mhòr 's an robh iad a saoth-air eachadh. Agus 's an là sin féin chuireadh riu mu thimchioll trì mìle anama,†—aireamh ro-mhòr;—ach 'nuair bheirear fainear co thug an cumhachd, no comas labhairt an teangana coimheach, nì bha ro fheumail dhoibh-san bha dol a mach a theagasg uile chinneach ann an Cannain féin, air nach robh na deisciobuil eolach, aidichear mòrachd an Uile-chumhachdaich. Bha e ro fheumail labhairt an cainnt a thuigeadh daoine, co math agus cumhachd a thaisbeanadh a chuireadh iompaidh air sluagh borb, aineolach. Tha gach nì comasach dhasan a chruthaich nèamh agus talamh, agus tha 'g òrduchadh uile nithe air-son crìch cigin agus mhaith. Bha mhiorbhuilean ro mhòr agus follaiseach; gidheadh, bha iad ann a chual nach do chreid, agus a labhair gu toibheumach. Ach, an ioghnadh! Nach robh iomada ann nach creideadh gu d'éirich Criosd o'n uaigh? Agus tha agus bithidh iad ann nach creid an solus a mheadhon latha 's am bheil soisgeul nan gràs sgaoileadh soillse dealrach air feadh na Criosduidheachd.

'Nuair thuirt luchd-fanoid gur h-ann a bha na h-abstoil air mhisg, sheas iad suas, agus chuir Peadar an ceill, nach b'e féin, ach an Spiorad Naomh a thàinig rra, réir nan geallana o shean, a thug comas dhoibh labhairt an teangaibh eile; 's gu robh dòrtadh an Spioraid Naomh orra 'na dhearbha soilleir gu d'éirich Criosda o na mairbh, 's gu deachaidh e suas air deas làimh Athar, far an d'rinneadh 'na Uachdaran agus 'na Fhear-saoraidh e do chlann nan daoine.

Bha mothachadh air an cionta a' dusgadh an taobh a stigh do mhòran, agus ghuidh iad sin air na h-abstoil fios a thoirt doibh cia mar bhiodh iad air an sàbhaladh. Labhair Peadar riu, a' sparradh orra creidsinn an gcalladh a' chumhnaint

* Gnìomh. ii. 1, 6.

† Gnìomh. ii. 40.

nuaidh : iad féin agus an sliochd aithreachas a dheanamh 's a bhi air am baisteadh air-son maitheanais am peacana, tríd fuil Iosa, 's am bheil feartan tha comasach air sal gach cionta nigheadh o'n anam agus o'n choguis.

Fhuair na h-abstoil cumhachd mar an ceudna gu iomadh mìorbhuil oibreachadh—ni bha ro fheumail dhoibh.—Bha iad gun chultaic, gun chomhnadh, o dhaoine cumhachdach na talmhainn ;—gun fhòghlum no fiosrachadh mu ghliocas an t-saoghail so,—gun earbsa sam bith as a phobull a bha aon uair leantuinn Chrìosd 's ga eisdeachd ; 's air àm eile deanamh fanoid agus tair air. Ach fhuair iad an Spiorad, agus bha an earbsa ris a chomhnadh neamhaidh bhi air a choilionadh, 'nuair thòisich na h-abstoil ri soisgeul nan gràs a shearmonachadh réir àithn' an Tighearn—an tùs do na h-Iudhaich. Bha mìltean air an iompachadh an ath-ghoirid. O na h-Iudhaich chaidh iad chum nan Samaritanach, agus chreid mòran dhiubh sin a chual iad. Mar sin thòisich iad ri togail air an steidh shuidhichte,—seadh Eaglais fhaicsinneach an Tighearna Iosa Chrìosd air thalamh. Shuidhicheadh i an teaghlachibh, am bailtibh, an duthchanaibh, far an do ghairmeadh iadsan a chreid gu bhi air an naomhachadh. “ Cuiribh failte air na bràthairean tha an Laodicea, agus air Nimphas, agus air an Eaglais a tha 'na thigh,”* “ Chum Eaglais Dé a tha'n Corintus, † chum an dream a tha air an naomhachadh ann an Iosa Chrìosd, air an gairm gu bhi 'n an naoimh ; maille rìusan uile tha gairm air ainm an Tighearn Iosa Chrìosd anns gach àite, an Tighearna-san, agus ar Tighearna-ne ! Uaith sin tuigibh mar tha Eaglais Chrìosd coitchionn, 's e sin, do na h-uile tha gairm air ainm. Cha'n 'eil tlachd aig Dia do phearsa dhaoine ;—tha e sealltuinn a steach do'n chridhe, 's ag iarraidh fìrinn 's an taobh a stigh ; oir is iadsan aig am bheil fìor chreideamh tha air an naomhachadh.

Tha e soilleir o na dcisciobuil, a roghnaich am Fear-teagaisg neamhaidh, nach b'e ni sam bith bha'n eolas agus foghlum an t-saoghail so 's an robh foghnadh, no cifeachd. Tha Dia

* Col. iv. 15.

† 1 Cor. i. 2.

deanamh feum do mheadhonan air nach smaointicheadh daoine—mar tha e comasach air na h-uile nithe ; agus, uime sin, cur an ceill a chumhachd, 's ga fhoillseachadh féin. Roghnaich ughdair an creideimh a luchd-leanmhuinn o dhaoine 's an inbhe a b'isle. Ach feuch a nis iad 's a' bhaile mhòr a' labhairt le cumhachd 's ag oibreachadh mhiorbhuilean:—'S ann an Ierusalem a shuidhich na h-abstoil a cheud Eaglais,—agus chaidh gach Eaglais a shuidhicheadh 's a cheud linn a réir sin. Bha iad a' riaghaladh annta,—agus bha na foirfich, 's gach aon eile bha ri frithealadh, f'an stiuradh. Bh'am pobull, ged nach do thuig iad comhradh nan Iudhach, a' tional do'n Eaglais, 's air an teagasg leis na h-abstoil, agus na foirfich. Bha iad ri urnuigh, a' gabhail na suipeireach ; toirt seachad deirce, 's 'ag itheadh le cheile gu stuama. Bha iad 's an linn so ro chaomh, charanach, agus chaoineil. Bha iadsan bha saobhbir 'pairteachadh do na bochdan : agus, mar tha'n Naomh Lucas ag radh, bha'm Maoin 's an saobhbreas coitchionn. Ach, b'ann o'n saor thoil féin bha iadsan aig an robh pailteas toirt dhoibhsan a bha'n dith ; no tilgeadh na bha'ca aig cosan nan abstol.*

'Nuair chrìochnaich na h-abstoil an saothair an Ierusalem, chaidh iad an sin chum nan cinneach, ag imeachd an céin a shuidheachadh Eaglaisean,—'s b'ann an Antioch a ghairmeadh Crìosduidhean an tùs do na deisciobuil.

Bha e-san, ris an do ghairmeadh Abstol nan cinneach, 'na dhuine fòghluimte—labhair e ro eudmhor 's gach ni a chuir e roimhe. O gheur-leanmhuinn luchd-aidmheil a' chreideimh, dh'iompaich Crìosd e air a shlighe gu Damascus. 'Na dheigh sin cha robh a h-aon ni bu deònaiche 's a chùis na e-san. Chaidh Saul a neartachadh, agus chuir e gu h-amhluadh na h-Iudhaich a bha'n Damascus—a' dearbha gu b'e so an Crìosd. Rinneadh comhairle ri cheile chum a mharbhadh ; ach leig na deisciobuil as a bhail' e agus phill e gu Ierusalem. Chuireadh a sin e gu Caesarea, agus a sin gu Tarsus. Bha'n sin fois aig an Eaglais, agus mheudaicheadh gu mòr iad. Chaidh Barnabas do Tharsus a dh'iarraidh Shaul. Thug e do Antioch e far

* Gníomh ii. 44 ; iv. 34.

an robh iad rè bliadhna iomlan ag cruinneachadh maille ris an Eaglais, 's an do theagaisg iad sluagh mòr.

Bha faidhean, agus luchd-teagaisg 's an Eaglais aig Antioch. 'Nuair a bha iad a' ministrealachd 's a' trasgadh, thubhairt an Spiorad Naomh, “Cuiribh air leth dhomhsa Barnabas agus Saul chum na h-oibre gus an gairm mi iad.” Chaidh Paul an sin chum nan cinneach.

Chaidh an scribedeach dileas deonach air tùs gu Corintus, baile mòr Achaia. 'Nuair chunnaic e mì-bheusan agus ain-diadhachd an luchd-aiteachaidh bha e falbh gun dòchas uapa. Sin thaisbean Criosd e féin da ris, agus dh'innis e dha—gu robh iomada roghnaichte aige 's a bhaile sin. An deigh sin dh'fhuirich e maille riu dlù air dà bhliadhna.

Bha iomad aobhar a bha lionsgaradh an t-soisgeil, mar tha E-san tha riaghladh na h-uile nithe faicinn iomchuidh, no feumail. Cha b'e mhain gu robh na h-abstoil ag oibreachadh miorbhuilean iad féin, ach bha comas ac' an cumhachd ceudna phairteachadh riusan bha air an iompachadh 's air am baisteadh. Chunnaic E-san a thug an cumhachd dhoibh sin freagarach, gu faiceadh na cinnich, aig nach robh eolas air an Dia bheo fhior, 's gu creideadh iad soisgeul nan gràs.

Mar bha saothair agus fulangais nan abstol mòr, mar chithear an dheigh so, bha'm foghnadh mòr trid an Spioraid a fhuair iad; 's bha sin soilleir do na h-uile 'n am ministrealachd. Fhuair iad eolas agus misneach nach b'urra 'n saoghal so thoirt doibh. C'àite 'n robh 'n an linn duthaich, no daoine, nach robh cur an ceill gu d'fhuair iad an solus uatha? Chaidh iad gu gach roinn agus cearna fad as a bh' air an cur a mach dhoibh fa leth: ach cha'n'eil sinn ris gach ni chuireadh as an leth a chreidsinn.

Tha cumhachd Dhé air a leigeadh ris ro shoilleir 's na linn-ibh sin do'n chreideamh Chriosduidh. Bha'n Spiorad Naomh toirt comhnaidh, furtachd agus comais dhoibh-san a chuireadh a shaothaireachadh 's an fhoghar mhòr. 'Nuair nach robh miorbhuilean feumail 's na h'amaibh a lean, bha meadhonan coit-chionn, no cumanta 'g an gnathuchadh; ged nach 'eil sinn idir cur an ceill nach robh, 's nach 'eil, an Tighearna maille ri mhuinntir féin anns gach linn agus aimsir.

CAIBIDIL V.

An creideamh Criosdaidh — Apollos — na h-Abstoil — Peadar — Andreas — Seumas bu mhò — Eoin — Seumas bu lugha — Simon Peadar — Philip — Mata — Tomas — Marcus — Lucas — Barnabas — Stephen — Paul — an diadhair Eoin.

BHA'N creideamh a shearmonaich na h-abstoil fìor agus spioradail — mar chual iad o'n Fhear-theagaisg Neamhaidh — 's a dhaingnich an Spiorad Naomh gu soilleir. Tha e air a dheanamh suas deth dhà phuinc, diomhaireachd, no firinu, agus diadhachd, no naomhachd beatha. An aon a' teagasg na nithe tha sinn ri chreidsinn, 's an aon eile na nithe tha sinn ri dheanamh le riaghailtean agus reachdan mu'r giulan 's arcaithe-beatha. Bha ughdair ar creideimh o bhith-bhuantachd 's bha fios aige air nah-uile ni. Bha'n Spiorad Naomh aig na h-abstoil, agus shuidhich iad Eaglais air an steidh cheart, ach thòisich daoine eile, eadhon 'n an linn-san air sin atharrachadh, agus aimhreit a dheanamh 's an Eaglais; mar bha e-san a thainig an deigh Phoil do Chorintus. Thionndaidh am fear-teagaisg foilleil so leis an Abstol Peadar. Bha meas mòr aig air féin, agus thòisich eri coire fhaotainn do Phol, — curan ceillnach robh e'n coimeas do Pheadar, 's nach tug e teagasg iomlan doibh. Bha e féin a' gnathachadh an doigh theagaisg a bha taitneach leis a phobull. An àite mi-bheusan a thoirmeasg leig e stigh do'n Eaglais daoine aig an robh giulan mi-iomchuidh agus coireach, gu h-àraid, iadsan a bha ciontach ann an neo-ghloine, agus cuid eile do'n dream do'n robh e féin, a bha 'g aicheadh aiseirigh nam marbh. Uaith sin uile dh'eirich comh-stri agus thòisich atharrachadh beachd.

Chuir daoine teachdairean le litrichean chum Phoil, thoirt fios mar bha 'n Eaglais an Corintus. 'S ann an sin a sgrìobh e cheud litir dh'ionnsuidh nan Corintianach 's am bheil e cur an ceill dhoibh nach ann le foghlum dhaoine tha Dia ga thaisbeanadh féin ann an oibre a Fhreasdail, no an sgaoileadh an t-soisgeil, — a bha do na h-Iudhaich 'na charraig oilbheim, agus do na Greugaich 'na amaideachd: — agus leig e ris gu soilleir am mearachd, ag innse dhoibh gu b'ann do Chrìosd a mhain a bha

iad 'nan luchd-aoraidh aig Dia, 's gu faigheadh gach aon a réir an duais; co dhiubh a shuidhicheadh no dh'uisgicheadh iad; 's a' cur an ceill mar rachadh am feuchainn 's an dearbha. “Oir bunait eile cha'n urra do dhuine 's am bith a leagadh, ach a bhunait a leagadh cheana, eadhon an Tighearna Iosa Crìosd.” Nis ma thogas neach air a bhunait so òr, airgiod, clachan luachmhor, fiodh, feur, connlach; nithear obair gach aon duine follaiseach, oir nochdaidh an là i, do bhrìgh gu foillsichear i le teine; agus dearbhaidh an teine obair gach aon cìod air bith i. Ma dh'fhanas obair neach 's am bith a thogar air, gheibh e a dhuais. Ma loisgear obair neach sam bith, fuiligidh e call: ach saorar e féin; gidheadh mar tre theine.”*

Bha na h-Abstoil 'nan luchd-teagaisg firinneach, dileas, togail air a bhunait, no steidh shuidhichte,—bha iad air an coimeas ris na seudan luachmhor, tha' mar shamhladh air nithe fìorghlan spioradail, nach urra briathra dhaoine chur an ceill. Leaghar an t-òr agus ruithidh e ni's fìor-ghloine. Mar sin tha teagasgan spioradail, diadhaidh, air am feuchainn 's an duine th'air iompacha;—a' fàs foirfe, 's a deanamh suas na h-Eaglais choitchionn. Mar dhaoine cha robh na h-Abstoil foirfe, ni's mò na bha na deisciobuil foghlumte; ach bha'n teagasg tre'n Spiorad fìor agus spioradail, agus tha iad 'n an eiseimpleir aig an Eaglais anns gach linn 'n an deigh. Bha'n saothair mòr mar bha'n creideamh,—bha iad a' searmonachadh tilgeadh bunos-ceann gach saobh-chreideamh air thalamh; agus, a thaobh an t-saoghail so, bha iad uile faoin agus falamh. Dh'innis E-san a dh'fhuiling air-son pheacach na deuchaineann cruaidh tre'n robh iad ri dol. A nis thòisich iad agus fhuair iad comhnadh an Uile-chumhachdaich;—bha iad deonach, misneachail, neogathach;—'s fadheoidh sheulaich iad le'm fuil na teagasgan slàinteil bha iad sparradh air na h-uile.

Mar tha duil againn gu bi an leughadair deonach air cunntas ni's mionaidiche fhaotainn air daoine Naomh, àraid, bheir sinn cail-eigin faincar mu gach aon do na h-Abstoil, agus cuid do na deisciobuil. Chaidh iad a mach o Ierusalem do gach àit

* Cor. iii. 11, 14.

agus roinn mhòr mar a fhuair iad gairm, fa leth, a shaothair-eachadh tre chumhachd an Spioraid. Feudaidd sinn tòiseachadh le Peadar. Ged bha'n t-abstol so air ainmeachadh roimh chach, cha robh ceannas, no uachdranachd, aige thairis orra. Bha e deas gu labhairt agus ullamh gu gnìomh, agus b'è sin a chomharaich e seach na deiseiobuil eile, 'n tra bha iad maille ri 'm Maighistir naomh. Mar dhuine bha e meith-inntinneach ann an gàbhadh, neo-fhiosrach mu na bha e cur roimh. B'è sin a ghnè no nadur; ach an tra fhuair e'n Spiorad, bha e seasmhach, eudmhor, treibh-dhircach, agus buadhar 'na labhairt agus 'na ciseimpleir. Chaidh a cheusadh 's a cheann a lùbadh sìos.

Chaidh Andreas a cheusadh mar an ceudna.

B'iasgair a bha'n Seumas bu mhò,—amhuil Peadar;—tha ni ro àraid ri thoirt fainear uime-san. An àm a ghlacaidh, chaidh an ceannard a bha 'g a thabhairt air falbh iompachadh, nuair a labhair an t-abstol, ag radh “Sith, a mhic, agus maith-eanas air-son a' choire tha thu 'g aideachadh.” Sin dh'aidich e gu robh e 'na chriosduidh, agus chuireadh gu bàs iad le cheile.

Bha e air a radh, gu robh Eoin an toiseach 'na dheiseiobul aig Eoin Baiste. 'San roinn a rinneadh leis na h-Abstoil thuit Asia air-san, ach dh'fhuirich e'n Ierusalem gus an do chaochail an oighe Muire, mu'n cuairt do chuig bliadhna deng. 'Nuair bha e saor o'n churam sin, mar dh'earb Iosa a mhàthair ris, chaidh e do Asia. Bha e ceithir fichead agus naoidh bliadhna dh'aois 'nuair chuireadh gu bàs e. Mn'n do thòisich e air an t-soisgeul a sgrìobhadh thug e fainear trasg a chumail feadh nìle Eaglaisean Asia.

Cha 'n 'eil fiosrach ro mhion againn mu chuid dhiubh. Bha Seumas bu lugha, bràthair an Tighearna, ris an canadh iad Ionraic air-son a shubhailecan, daonan an Ierusalem, 's a' searmonachachadh an sin an deigh do Phaul fhagail. Bha fearg air na h-Iudhaich a chunnaic Paul a' dol as uatha, agus thraogh iad am fearg air-san. Thug na sgrìobhaichean 's na Phairisich e gu foilleil gu binnein an teampuill air-son labhairt ris a phobull mar a b'aill leo féin; ach labhair e-san mar bha

e creidsinn, 's a' searmonachadh, agus dheigh am pobull, "Hosanah do Mhac Dhaibhidh," bha corruich mhòr orra nach d'fhuair an sluagh iompachadh mar bha iad ag iarraidh. Thilg iad sìos e, dh'eirich e air a ghluine, agus thòisich e air urnuigh a chur suas as an leth 'nuair mharbh luadhaidair e le buille de chuaille.* Bu mhac e do Ioseph o cheud mhnaoi. 'S ann uaith sin a ghairmeadh bràthair Iosa dheth; 's ann air an amhuil cheudna theirte bràthairean agus peathraichean Iosa ri cloinn Ioseph o'n cheud phòsadh. Tha Paul ag innse gu fac se e an deigh eirigh o na mairbh. Bha e 'na Easbuig an Ierusalem. Chuireadh gu bàs e na shean aois—'nuair bha e sea bliadhna deug thar ceithir fichead, sin ceithir bliadhna fichead an deigh fulangais an t-Slanuighir.

Chaidh Simon ris an canadh iad eudmhor—a thaobh a ghnè—a cheusadh, ach cha 'n 'eil fhios air a cheart ionad. B'e Philip a cheud aon a ghairm Crìosd gu bhì 'na dheisciobul da. Fhuair e-san Asia Ard. Dh'iompaich e Mòran le shearmonachadh agus mhiorbhuilean. Thainig e gu Hierapolis. Chuir e iompaidh orra sin cur as do 'n nathair mhor d'an robh iad deanamh aoraidh, a' dearbhadh dhoibh gu b' e 'n Tighearn Iosa Crìosd a mhain a bha comasach air an Sàbhailadh. Chaidh e-san mar an ceudna a Sgiursadh 's a chur gu bàs.

Bha Bartholomeu, no Nathaniel, á Cana Ghalele; chaidh e do na crìochaibh a thuit air féin, a' searmonachadh Iosa chaidh cheusadh, 's a' dìte iodhail-aoraidh gus an do chuireadh gu bàs e.

Bha Mata, da'm bu cho-ainm Lebhi, searmonachadh an Iudea. Sgriobh e an soisgeul 's a' chainnt Eabhraich air iarrtas nan Iudhach a chaidh iompachadh, 'nuair bha e am Palestine—'s chaidh eadar-theangachadh a rìs gu Greugais.

Chaidh Tomas, nach creideadh aiseirigh Chrìosd air focal nan deisciobul eile, do Phersia—no Ethiopia. Lean Sagartan an aite sin e (Bramins) a dh'aite uaighneach 's an robh e ri aoradh. Bha iad caitheadh shaighidean air, agus shàth aon diubh a shleagh troimhe.

* Euseb.

Sgrìobh Marcus an soisgeul air iarrtas nan creidmheach, 'san Roimh-Sheulaich e-san cuideachd aidmheil le fhuil.

Rugadh Lucas an Antioch, baile mòr Shiria. B' Iudhach a fhuair fòghlum math agus fiosrach mòr e. Bha e maille ri Paul ;—'S e chuir sios gnìomhara nan abstol. Bha e 'na sgrìobhaiche fòghluimte.

Bha Barnabas, d'am b'ainm Ioses, gus an do mhugh e a chreideamh, 'na dhuine beartach. Thug e na bh'aige do'n Eaglais. Chlach na h-Iudhaich gu bàs e an Salamis, far an robh e searmonachadh le foghnadh mòr.

Chlachadh Stephen gu bàs am feadh bha e cur urnuigh suas air-son a luchd-casgairt, mar rinn an Slanuighear beannuichte air-son a naimhdean fuileachdach. Cha robh e 'na dheisciobul aige, ged chual e 's a chreid e ann le uile chridhe.

Chaidh an ceann a thabhairt do Phaul anns an Roimh, am feadh a bha an droch dhuine Nero 'na uachdaran air an iompaireachd fharsuing. Chithear a shaothair agus fhulangas 'na sgrìobhadh,—cha ruigear leas an cur sios an so.

Chuireadh an diadhair Eoin air fògradh dh'eilean Patmos 's a' bhliadhna ceithir deug thar ceithir fichead ;—S' an àm bha Domitian a' deanamh geur-leanmhuinn air na Crìosduidhean. Phill e 'n tra lasaicheadh an geur-leanmhuinn sin gu Ephesus, agus chaidh e choimhead nan Eaglaisean 's an duthaich sin. Bha e aosmhor agus neo-chomasach an sin air searmonachadh, “ Mo chlànn bheag ” theireadh e ris a' phobull, “ gràdhaichibh a cheile.”

Do na h-abstoil, 's e-san a mhain a fhuair bàs nadura, oir chaochail agus dh' adhlaicheadh e an Ephesus.

Ged is ann le foillseachadh an Spioraid agus mìorbhuilcan sònraichte bha na h-abstoil cur mòran ris an Eaglais, (mu thimchioll trì mìle an aon là, agus cuig mìle air àm eile,) bha'n eud 's an saothair, am beatha agus am fulangais ri foghnadh mòr. Bha iad a' gluasad 's ag oibreachadh ann an Spiorad a' chreideimh Chrìosduidh—agus bha cinnich toirt sin fainear, ged nach robh iad leantuinn an ceuma. 'S bhia sin cur iompuidh air daoine, bha fosgladh an inntinn, air-son dearbhadh soilleir air an fhirinn a ghabhail. Gabhadh an leughadair

beachd air so agus cuireadh e 'n coimeas e ris na linnibh 'na dheigh.

CAIBIDIL VI.

Leir-sgrìos Ierusalem—Chaidh luchd-aidmheil Chrìosd gu Pella—Geur-leanmhuinn air Crìosduidhean le Nero—Trajan—Decius—Gallus—Dio-cletian—agus Gallerius Cæsar—Cailleigin do mhath o'n gheur-leanmhuinn —Na Crìosduidhean a theich o'n teine mhilleach a' pàrteachadh an Eolais—an Albainn, agus an Eirinn—Na Culdaich, 85

BHA fuath agus ganlas nan Iudhach ro-mhòr an aghaidh Chrìosd agus nan abstol;—bha 'n dùil ri FEAR-saoraidh an cinne o chuing nan Romhanach;—ri ceannard a thogadh suas am baile mòr gu bhi 'na rìgh-chathair na talmhainn;—sin mar thuig iad faisneachd, a roimh-innis buaidh an Fhìr-shaoraidh, an seadh mearachdach. Chuir iad, uime sin, cul ris a Mhesiah. Rinn iad dìmeas air-san a thàinig an staid iosal. Bha'n doille co mòr 's nach b' urrainn iad au solus a thàinig chum an t-saoghail a leirsinn. Ged bha suilean aca cha'n fhac iad leo. Chuir iad gu bàs Uan Dé bha gun bhreug, gun ghò, agus am foghnadh sin! Chuireadh iad as d'a chreideamh 's d'a luchd-leanmhuinn mar an ceudna nam biodh e 'nan comas.

Mar bha'n pobull siu air call am foighidin, fo chuing nan Romhanach, rinn iad ar-amach 'nuair dh'eirich cogadh 's an airde 'n ear. Thriall feachd fo riaghladh Thituis do dhuthaich nan Iudhach. Bhuail iad air a' bhaile mhòr Ierusalem, agus dh' fhuiling an luchd-àiteachaidh rè shea mìosan o armailt laidir chruaidh-chridheach. Bha breitheanas an Uile-chumhachdaich tighinn orra. Bha na Romhanaich toirt ionnsuidh orra o'n leth muigh, am feadh a bha gort agus aimhreit, leis gach trioblaid tha 'n lorg sin, 'g an sàrachadh stigh. Mu dheireadh, 's an deich agus tri fichead bliadhna, ghlacadh Ierusalem, agus loisgeadh an teampull 'na luathre. Sin choilìonadh faisneachd Iosa gu soilleir, “Nach biodh clach air muin cloiche do'n togail sgiamhach sin.” Thuit aon mhìle deug do na h-Iudhach mu'n do strìochd iad,—chaidh mòran diubh a ghiulan air falbh 's a reic nan traillean, gus mu dheireadh nach

faighto ceannuichean thilgeadh sìos agus bhriseadh altair Dhé, ehaidh crìoch air iobairtean, agus “dh’imich a’ ghlòir air falbh.”

Am meadhon an amhghair 's an cruaidh-chais, dh' fhàg luchd-aidmheil a' chreideimh Chrìosduidh, bha fas lionmhor fuidh mhinistrealachd Pheadair agus Eoin, am baile mor; 'n tra bha na naimhdean a' bualadh air:—mar thug Crìosd rabhadh dhoibh. Chaidh iad do bhaile beag, ris an canadh iad Pella, an taobh eile do abhainn Iordain, far an do ghabh iad tàmh sìochail rè tamnil.

A bharrachd air saothair chleachdta, agus éud luchd-teagaisg a' chreideimh Chrìosduidh, bha ginlan math, subhailceach, au luchd-aidmheil 'na fhoghnadh mòr an coimeas ri mì-bheusan agus truailleachd dhaoine eile; agus bha geur-leanmhuinn 's gach ainneart a bha iad a' fulang 'g an ceangal ni bu dluite ri cheile. Bha iad làn chinnteach mu'n fhirinn aun an Crìosd. Bha iad faotainn buaidh agus neart o 'n aon inntinn a bh' aca. Bha ua eomharan agus na samhluidhean a dh'innse, mu nithe bha tighinn gu crìch, soilleir ged nach cuireadh sin iompuidh air na h-Iudhaich.

Bha 'n creideamh Chrìosduidh lion-sgaoileadh measg nan cinneach ni bu luaithe ua smaointicheadh daoine thaobh nam meadhona bha 'g au gnathachadh. Ged bha na h-abstoil leigeadh ris, gu misneachail, soilleir, amaideachd an doigh aoraidh;* Gidheadh, cha 'n 'eil cunntas air reachdan an aghaidh a' chreideimh Chrìosduidh gus a bhliadhna trì fichead is ceithir, fuidh riaghladh Nero—an deigh dhoibh bhi air an sgaoileadh agus air am freumhachadh. Cha do thuig iad an toiseach cìod a ghnè creideimh a bh'ann. Bha na h-uachdarain an dùil nach robh 's na ceud Chrìosduidhean ach dream eigin do na h-Iudhaich, o na b'ann do'n chinneach sin bha chuid bu mhò dhuibh an toiseach. B'ann an deigh dhoibh thoirt fairear gu do threig iad deas-ghnathachadh nan sinagog, no Eaglais nan Iudhach, bha iad toirt unhail do'n sgainneil bha na h-Indhaich deònach a chur as an leth. Ach, mar

* Gniomh. xix. 16.

bha'n creideamh fìor-ghlan, spioradail, an aghaidh gach iodhal-aoraidh agus saobh-chreideimh — bha'n luchd-teagaisg air an aobhar sin tilgeadh bun-os-ceann doigh aoraidh nan cinn-each, 's a' togail air an steidh neo-ghluasadach anns gach àite anns an robh iad searmonachadh soisgeil nan gràs. Air son sin bha na h-uile nach robh air an iompachadh an corruich riu, 's 'g am meas airidh air fulang! Cha tuigeadh iad na nithe àrd agus urramach a bha na Criosduidhean a' cur an ceill mu'n Bhith neo-fhaicsinneach; no mu'n aoradh bha iad a' tabhairt da, co eu-coltach air gach doigh ris na nithe bha iad féin a' cleachdadh. B' iad na nithe bha'n sealladh an sùl bu mhò chum drùghadh air an cridheachan. Bha'n dee breig air an nochdadh, no air an cur làthair mar dhaoine, ach an inbhe b'airde, no b'urramaiche. Bha daoine fiosrach agus foghlumte làn chinnteach gu robh na bh'air a chur an ceill umpa faoin agus mealltach; ach bha iad toirt fainear gu robh creideamh eigin feumail chum sluagh a riaghladh, agus, uime sin, bha iad 'g an cliathachadh; 's'g a mheas ro-choireach bhi cur an aghaidh saobh-chreideimh, no aoraidh sam bith bh' air a chleachda; bha gach riaghailear a' toirmeasg 's a' cronuchadh a leithid. Thaobh am barail uime bha daoine ionsuichte na Greige, agus na Roimhe ni bu mhò an aghaidh a' chreideimh Chriosduidh na pobull air bith eile. O nach tuigeadh daoine mòr agus iomraiteach na cruinne na bha air fhoillseachadh—an gabhadh iad-san bha sealltuinn suas riu sin ri creideamh bha cronuchadh uile ana-mhianna, no thograidhean na feola? Chaidh ughdair a' chreideimh a dhìte 's a chur gu bàs maslach, agus bha a luchd-leanmhuinn ainniseach, gun chultaic, no ionad tàimh.

Ach bha na Criosduidhean a' fàs lìonmhor. Bha daoine toirt am beusan 's an teagasg fainear. Bha na Romhanaich ro-eudmhor mu'n cumhachd, 's mu'n riaghladh féin. Be'n gliocas ar-amach a chur fo chois, 's gach comunn bha togail an cinn a chumail sìos. Thòisich iad air aire thoirt do gach tuailleas a bha 'g a labhairt umpa; agus bha mì-rùn agus fuath cur iomadh ni mearachdach à leth luchd-aidmheil a' chreideimh, a bha'n aghaidh gach iodhail-aoraidh.

Bha na cinnich deanamh dimeas air na Criosduidhean, 's a' buntuinn riu gu h-an-iochdmhor; 's a' creidsinn gach droch-sgeul, foilleil, breugach,—Sin mar bha iad 'n tra chuir an droch iompaire, Nero, baile mòr na Roimh ri theine, 's a loisg e mòran deth. Bha fearg air a' phobull, agus baill le Nero chuis-dhite iomchur dheth féin; 's a' choire chur air an dream a bha fo dhroch rùn uile luchd-aoraidh saobhach.

Ged bha na h-Iudaich tigheach agus fuileach an aghaidh nan Criosduidhean, cha robh mòran 'nan comas a dheanamh. B' iad na Romhanaich bu mhiosa. Bha na h-iompairean a' cur amach reachdan ùr 'nan aghaidh; 's a' deanamh gach ainneart agus eucoir orra; agus cuid dhiubh buntuinn riu gu ro-sgreitidh. Feudar fharaid an so, c' arson a bha iad ceadachadh gach seorsa creideimh eile; 's a' cur an aghaidh a' chreideimh fhior? A chionn gu robh, 's gu bheil, gach saobhchreideamh ceadachadh chaich. Cha 'n ann mar sin tha'n creideamh Criosduidh, a tha mar an fhirinn an aghaidh nam breug. Bha'n luchd-aidmheil a' faicinn mearachdan agus foill 's a' gabhail gràin do'n olc; bha'n luchd-teagaisg eudmhor agus deònach air an fhirinn a chur air chois, agus uile dhaoine thionndadh o shlighe an aimhleis; 's air son sin bha iad air am meas dana, ladurna.

Bha mar an ceudna, sgrìobhaichean ainmeil, fòghluimte, nan Romhanach, Tacitus agus Suetonius, a' gairm a' chreideimh naomh, spioradail “saobh agus cronail,”—a bha gun iobairtean, gun tabhartas, gun teampull, gun iomhagh, no orduidhean gnàth-aichte air an robhiad eolach anns gach creideamh eile;—'s bha'n sluagh aineolach an dùil nach b' urra creideamh bhi coimh-lionta as an aonais. Bha na Criosduidhean uar sin fo bhinn laghan eigin na h-iompaireachd; ach bha'm barrachd, na sagartan lunnach, leasg, a' cur sgleo air suilean dhaoine, 'g eirigh mar an ceudna 'nan aghaidh, air eagal 's gu'n cailleadh iad féin an dreuchd; agus a' bhuanachd a bh'aca o'n chreideamh fhoilleil bha iad teagasg do sluagh aineolach; 's cha b'e luchd-deanamh dhealbh agus iomhaighean a b' fhearr.

Uaith sin uile, bha gach peanas 'g a dheanamh air na Criosduidhean. Bha sin air uairibh ciurail agus fuileach, air

amaibh eile oillteil agus mi-chneasda. Bha iad faotainn fois corr uair, réir nan iompairean a bha thar na duthchan farsuing, no an cogadh, no'n gnìomh, bha iad cur air aghaidh.

Bha na Crìosduidhean dileas, seasmhach, fulang gach cruaidh-chas, seadh agus bàs, mu'n aicheadhadh iad am Fear-saoraidh. Chan iad riu sin bh'air an cur gu bàs, na *martaraich*, no fianuisean, mar bha iad togail fianuis leis an fhirinn,—agus iad-san bha co misneachail agus Crìosd a' dèanamh an aghaidh gach bagraidh agus peanais, theireadh iad aidmhilichean riu. Bha iad 'g a mheas 'na urram a bhi fulang air son an aidmheil.

Bha cuid do sgrìobhaichean a' cur an ceill gu d'fhuiling mòran anns na ceud linnibh air-son a' chreideimh Chrìosduidh, am feadh a bha dream eile cumail mach nach robh an aireamh idir mòr. Cha 'n 'eil teagamh nach robh iad lionmhor bha togail fianuis leis an fhirinn—air an robh geur-leanmhuinn 'g a dheanamh 's a bha seulachadh le'm fuil na bha iad aig aidmheil 's a' teagasg. Bha iad sin air an neartachadh leis an spiorad. B'iad na daoine b'ainmeile thaobh an searmonachaidh 's an eud chràbhaidh, a b'fhearr giulan, 's bu shubhailiche, a bha fulang chum casg chur orra-san a bha deas gu labhairt, agus cur as, mar bha fiuthair aca, d'an creideamh. Ach bha E-san, a tha riaghladh na h-uile feadh na cruinne, toirt math as an olc bha daoine aingidh a' deanamh. Bha geur-leanmhuinn a' sgaòileadh a' chreideimh fhìor ni b'fhaide, 's ni b'fharsuinge; mar bha iad so air an sgapadh, no teicheadh o dhìoltas cràit-each, mu'n labhair sinn ni's fhaide an deireadh a chaibidil so.

Am b'ìoghnadh mar bha iad air an claidh gu goirt. Bha 'n geur-leanmhuinn, a mhair ceithir bliadhna, ro-sgreataidh. Chum an fhoill bha Nero cur as an leth chur am fiach, thòisich e ris an dìoghaltas bu mhò dheanamh orrasan a bha neo-chiontach. Bha e 'g an comhdachadh le nitho ghabhadh teine, 's 'g an losgadh mar choinnle, an dorchadas na h-oidhche. Bha cuid air an ceusadh, agus cuid air an tilgeadh gu beathaichean fiadhaich. Chaidh stad air an dòrainn mu dheireadh, 'nuair chuireadh an t-iompaire fuileachdach, eucoireach, gràineil, sin gu bàs, (B. T. 64-68) tha cuid an teagamh co dhiu b'ann 's an Roimh amhain a bha 'n geur-leanmhuinn so air na

Criosduidhean; ach 's e bharail is deirbhete gu robh iad a' fulang feadh na h-iompaireachd uile.

Cha robh na h-iompairean buntuinn co ole ris na Criosduidhean 's an dara linn, ged bha cuid bu mhiosa dhoibh na cheile. Bha'n t-iompaire Trashan, a bha air a ghairm ciuin agus finealta, ri geur-leanmhuinn air an Eaglais. Bha e gun ag, seimh, suairce, an coimeas riusan a chaidh roimh; gidheadh, bha 'na bheachd, a réir gach coltais, an t-ainm Criosduidh a dhubhadh mach uile. Ach bha'n cumhachd a bh' aig *Plini*, agus a chomhàirlean math, deanamh mòran g'a iompachadh gus a reachdan atharrachadh, no gun an cur an gnìomh. Bha litrichean eutorra tha tilgeadh soluis thar eachdraidh an àm sin, 's a' feuchainn mar bha na Criosduidhean fo bhreitheamh claon, agus an ionracas 's am foighidinn fo gheur-leanmhuinn. Bha *Plini* foghlumte agus suairce; Gidheadh, bha 'bhreith cruaidh, ma thuigear sin, gu ceart, o sgrìobhaibh féin chum an iompaire. Tha e mar an ceudna togail fianuis urramach leosan bha fo bhinn, ged bha iad neo-chiontach. Fianuis a tha 'na dhearbhadh co laidir 's is urra bhi, mar is nàmh a tha 'g a thogail, 's a' cur an ceill gu soilleir, riochdail, an gnathachadh, an deadh-bheusan, an subhailcean, 's an diadhachd. Ged nach robh dian thòir 'g a dheanamh air na Criosduidhean an deigh sin, cha deachaidh geur-leanmhuinn a thoirmeasg. "Cha 'n 'eil," ars 'an t-iompaire 'na fhreagradh do'n riaghalair, "na Criosduidhean ri 'n sireadh mach, ach ma bheirear cuid dhiubh a' d' làthair, agus gu'n ditear iad, fuiligidh iad." Bha gu cinnteach dòrainn nan ceud Chriosduidhean co mòr 's gu cuireadh am faileas crith air feoil neach 's am bheil caomhalachd. Bha iad air an sgiursadh gus an robh an cnamhan 's am feithean air an leigeadh ris. Bha'm feoil air a spionadh dhiubh le greimeichean. Bha iad 'g an losgadh le seorsa teine a ghabhadh ùine mhòr mu'n cuireadh e as doibh, bha iad 'g an cur an creathallaichean iarunn air an teasachadh dearg. Chaidh Policarp urramach a chur gu bàs 'na shean aois. Dh'fhuiling Iustin oirdheirc, ionnsaichte, mar fhianuis air an fhirinn. Sheulaich Irenæus, easbuig Lions, aidmheil le fhuil. Dhite Pontamiæna, boirionnach ro-mhais-

each, stuama, agus geamnuidh air-son a' chreideimh. Chaidh i féin 's a' màthair, Marsella, chuir gu bàs cràiteach le pie leaghta dhortadh orra ruisgte gus an do loisgeadh iad. Chaidh gach ni bu mhiosa na cheile bhragradh oirre, gus a h-iompachadh o'n chreideamh Chrìosduidh; ach thearunn Basilides, an saighidear a bha 'g a coimhead i, o'n ghraisg. Air son a churaim d'i, 's a ghiulain shuairce, gheall i dha gu deanadh i eadar-ghuidhe air son a shàbhaladh. 'Na dheigh sin ghlacadh an saighidear, Basilides, a chionn e dhiultadh nam mionnan a bha'n t-arm a' gabhail, ach a bha na Crìosduidhean a' meas 'na iodhal-aoraidh, agus cheasnuicheadh e mu iompachadh gus a' chreideamh Chrìosduidh. Fhreagair e gu fac e Pontamizena ann am brудар, gu d' rinn i cinnteach e gu d'fhuir i a' h-athchuinge air-son a shàbhalaidh, agus nach b'fhad gus an gairmear e gu sonas a mhealtuinn.

Bha geur-leanmhuinn nam Paganach anmhor 's an Eiphid; ach bha sealladh bu mhaslaiche agus bu chràitiche an àitean eile an Africa. Chaidh ceathrar òig-fhearann agus dà bhoirionnach a ghlacadh, air amharus gu robh iad nan Crìosduidhean, 's an dìte gu bàs. Bha leanabh air cìch a h-aon diubh, d'am b'ainm Ubea Perpetua, bantrach òg, do theaghlach uasal. Dh' aisideadh an te eile, d'am b'ainm Felicitas, ann am prìosan, trì laithean mu'n do chuireadh gu bàs i. Thilgeadh iad, mar bu ghnà, gu beathaichean allta:—reub agus mhill mart-fiadhaich na boirionnaich gu deisneach, 's am bainne sruthadh sìos o'm broillichean.

Cha leigeadh ùine leam faileas gach dòrainn chràiteach agus peanas mi-chneas, a chuireadh an gnìomh air luchd-aidmheil a' chreideimh Chrìosduidh, chur an ceill. Bha iad a' fulang do gach aois agus inbhe. Bha làmh laidir ànneirt air a togail suas, agus gach innleachd a b'urra daoine fuileach a dhealbhadh:—feuch, ma ta, có a dh' fhuiligeadh iad! Nach robh e coltach gu faigheadh nàmh a mhiann, 's gu rachadh ainm Chrìosd agus a chreideamh dhubhadh mach gu buileach á cuimhne? Cha b'ann idir mar sin a thachair, oir bha na Crìosduidhean a' fàs lionmhor thar aireamh. Lion iad an Seanadh, no 'n tigh comhairle, agus am feachd, agus bha iad

anns gach àite 's an robh gnìomh agus dreuchd. Rinn geur-leanmhuinn iad, mar aon duine, éudmhor, deònach, agus seasmhach 's gach cruadal.

Bha sìth aig na Crìosduidhean rè uine, eadar riaghladh Shebherus agus Mhacsimin. Bha iad an luchairt agus anteaghlach an rìgh sheirceil Alasdair, fo dhìdinn a mhatia Mammea. Bha Mhacsimin cruaidh; cha b'ann air son a' chreideimh co mòr, ach air-son a bhaigh bh'aca ris-san a chaidh roimhe. Bha na Crìosduidhean an deigh Mhacsimin, gus an do thòisich Desius ri riaghladh, mealtuinn sìth agus sàmhechair nach d'fhiosraich iad roimhe sin. Chaidh an t-Iompaire, Philip, ni b'fhaide na Alasdair, oir bha e tabhairt urraim diadhaidh do Chrìosd. Chuir e dhealbh 'na chaisteal maille ri iomhaigh Abraham agus Orpheus. Bha rùn co mòr dhoibh 's gu robh daoine an dùil gu robh e féin air iompachadh, 's gu d' aontaich e gu pheacan aideachadh agus maitheanas iarruidh;— ach bha na barailean sin gun chòmhdach. Bha ghiulan cothromach deanamh math mòr do na Crìosduidhean bha fuidh. Bha iomadh aig an robh inntinn lag gabhail a' chreideimh cheirt nach leigeadh eagal leo dheanamh an àm dòrainn.

Ach 'n tra thàinig Desius 'na aite thuit doinion gharbh air an àm shìochail sin. Bha e air a radh, agus tha e réir coltach fìor, gu robh na Crìosduidhean a' fulang corruich an Iompaire so thaobh an deadh rùn do Philip. Dh'fhuing mòran bàs folaiseach;—bha iomadh g'an sàbhaladh féin le duais a dhioladh, no teicheadh as an rathad; agus thuit mòran o'n chreideamh, ag aontachadh iobairt deadh-bholtrach a losgadh air altair nan dée breige. Feadh bha Desius a' riaghladh bha mòran air an cur gu bàs. Thòisich iad an cuid do'n iompaireachd mhòr air mortadh nan Crìosduidhean mu'n do dhaingnicheadh no ghairmeadh reachdan air son am milleadh. Fhuair Easbuig oirdheire Ierusalem agus Antioch bàs am prìosan. Bha gach innceal craiteach air an gnathachadh, agus, a réir gach cunntais, chuireadh mòran gu bàs. Chum Gallus, a thainig an deigh Desius, roimhe na ceuma ceudna, gun lasachadh, rè na h-uino ghearr bha e riaghladh. Cha deachaidh stad air geur-leanmhuinn nan Crìosduidhean le bàs nan

Iompaircan a dh'ainnich sinn, ged nach robh iad daonan a' fulang. Bha sìth agus soirbheachadh, mar bu bhitheanta, 'nam measg agus bha mòran dol ri'n aireamh. Chul-sleamhnaich iomadh o'n chreideamh rè àm a' gheur-leanmhuinn mhoir a chaidh aithris; ach bha na fìor Chrìosduidhean seasmhach, dìleas. Bha'n giulan 's an caithe-beatha mar bu chubhaidh d'an aidmheil;—nochdadh leo eiseimpleirean matha, oir dh'fulaing iad gun fhiamh, no gearan, air-son an fhocail. Bha iad air an comharachadh an àm trioblaid agus amhghair, cogaidh, gainne, agus anshocair,—bha mòr an àm Ghalienuis, mar na daoine b'fhearr air gach doigh. Bha iad ris gach math bha 'nan comas, gun sgà, gun eagal, 'sa chaidh iad dheanamh cobhair orra-san a bha euslan. Bha iad iochdmhor, caranach, gradhach. Bha'n deadh bheusan ro-shoilleir an coimeas ri gnathachadh agus cleachda nan cinneach. Thug iad air na daoine allmharach, na Gothaich, a ghlachd cuid dhiubh, tionndadh leo 's an doighean fiadhaich a leigeadh dhiubh ann an tomhas nach bu bheag. Sin foghnadh mòr tha sruthadh o shoisgeul nan gràs, mar thoradh an t-sil mhaith a chuireadh an deadh fhearann.

Bha'n sin sìth aig an Eaglais fad ochd bliadhna deug. Bha na Crìosduidhean 'g aidcachadh an creideimh gu folaiseach; 's bha na bh'air an iompachadh leo co mòr 's gu robh feum air tuille thighean-aoraidh. Bha Crìosduidhean an lùchairt an rìgh, 's bha suim 'g a ghabhail d'am beachd 's d'am barailcan. Cha robh e air iarruidh orra so bhi làthair aig tabhartais nam Paganach, mar bha iad air tùs co-eigneachadh na h-uile aig an robh dreuchd, no inbhe, mar chomhar deuchainn bha fiach orra. Ach fhuair iad dusgadh garbh 'n tra phill Galerius Caesar le buaidh o chogadh Phersia, 's a thug e air an iompaire le foill agus innleachd tionndadh an aghaidh an aireamh chomharaichte so d'a iochdarain. Nochd e naimhdeas do na Crìosduidhean roimhe sin, a bha nis 'na chomas a thaisbeanadh ni bu mhò. Bha e rè geamhraidh an Nicodemia maille ri Dioclesian, cur an comhairle ri cheile cia mar b' urrainn iad cur as do na Crìosduidhean gu h-iomlan. Fhuair e reachd gus na h-Eaglaisean 's an sgrìobhan a mhill-eadh;—gach dreuchd agus sochair a bh'aca thoirt uatha, agus

nach dìonadh inbhe no earras iad o dhioghaltas. An là mu'n do chuireadh a mach an reachd thòisich geur-leanmhuinn—thilgeadh sìos gu làr an Eaglais bu mhò bh'aca. Spion Criosduidh nuas an reachd o'n àite bu shoilleire 's a' bhaile, agus dhiol e air-son a ghniomh sin a rinn e ann an cabhaig—no gun thoirt fainear cìod a choire bh'ann. Chaidh a losgadh beò. Chuir Galerius roimh cur as do na Criosduidhean gu buileach. Gu sin a dheanamh gu h-ìomlan, thug e oidheirp air doighibh eile. Lasadh teine mòr an tigh lùchairt an iompaire, agus chuireadh an t-olc so a leth nan Criosduidhean. Chum an co-eigneathadh gus an droch-bheirt aideachadh, chaidh mòran dhiubh chur gu bàs air gach doigh bu deisniche ! Bha cuid air an ròsdadh air branndairean ; cuid air an sgiursadh gu geur, 's air an nigheadh le picel ;—bha cuid air an tilgeadh gu beathaiche fiadhaich, agus feadhainn eile 'g an cur gu bàs le acras. Ach bha gach oidheirp, iomadh agus olc mar bha iad, neo-chomasach air cur as do na Criosduidhean, a bha gun choire do na chuireadh as an leth. B'e Galerius fein, a réir gach coslais, a chuir teine ris an tigh, no'n lùchairt, chum aobhair dìtidh fhaotainn an aghaidh nan Criosduidhean. 'S ann mar sin bha naimhdean na h-Eaglaise tigheach air cur as d'i air doigh sam bith, 's a bha na fìor Chrìosduidhean air am feuchainn, air an dearbhadh, 's a' seulach an creidimh. “Cò iad sin tha air an sgeudachadh le trusgain fhada gheala? Agus cia as a thàinig iad?—Is iad so iadsan a thàinig á h-amhghar mòr ; agus nìgh iad an trusgain, agus rinn iad geal iad ann am fuil an Uain.” Taisb. vii. 13, 14.

Ach cha b' iadsan amhain bha mar òr a thilgeadh 's an teine, 's a bha tighinn amach ni bu ghloine, bha 'nan aobhar air a' chreideamh fhìor a sgaoileadh, bha cuid a teicheadh o'n gheur-leanmhuinn, 's a' dol fad agus cian as an iompaireachd fharsuing. Bha iad ann nach fuilgeadh 's an teine mhillteach, thaobh laigse an càile, ach a bha dileas agus dlu-cheangailte ri Criosda—air an stiuradh, gun teagamh, le Freasdal Dé. Bha Dia, uime sin, toirt math as an olc mhòr bha nàmh a' dealbh. Bha na Criosduidhean bh'air an sgapadh gu cearnan iomallach faotainn fois agus sìth am measg dhaoine bha ain-

eolach. Ged bha iad fad as o'n duthaich, o'n cinne agus o'n cairdean, cha robh iad fad as o'n Dia bha 'g an tearnadh;—bha iad dlu-cheangailte ri'n Slanuighear, agus deonach, seasmhach 'na sheirbhis. Bha'n Spiorad Naomh aca, agus bha iad cumail suas aoraidh an Dé is ro airde 'nan teaghlachibh, 's 'nan co-thionalaibh, 'nuair a dh'fheudadh iad dol an ceann a cheile, air gach àm, agus anns gach doigh, bha nan comas. Cha b'e sin uile na bha iad a' deanamh. Tha spiorad a' chreideimh Chriosduidh mar nach 'eil saobh-chreideamh 'sam bith. Tha caranachd agus gradh ann a bheir air na creidmheich oidheirp a thoirt, agus ionnsuidh fheuchainn, air ciontaich iompachadh; tha soilleireachd agus fiosrach ann, tha toirt comais dhoibh an solus a thogail an dorchadas agus eolas a sgaoileadh, far an robh duibhre aineolais ro dhoilleir. Bha na Criosduidhean faicinn an t-solnis ni bu dealraiche an coimeas ris an dorchadas dhomhail bha's na tìribh bha iad a ruighcachd; agus bha iad a' teagasg na firinn do luchd iodhail-aoraidh, bha borb agus allamharach, le éud agus iochd, a chionn iad bhi fo dhubhar agus fo sgàile bhàis spioradail. Agus bha foghnadh mòr, trid gràsan an Tighearna, 'g a oibreachadh air daoine fiadhaich, fuileachdach.

Cha 'n 'eil fìor chinnt air a cheart àm 's an deachaidh an creideamh Chriosduidh a shearmonachadh an Albainn. Tha seanachas nan linnibh sin iomada, agus cuid deth gun dearbhadh. Tha Tertullian ag radh gu robh cearnan iomallach do dh'Albainn far nach do strìochd an luchd àiteachaidh do na Romhanaich, 's gu bu Chriosduidhean iad. Cha 'n 'eil, uime sin, teagamh nach cual iad an soisgeul feadh bheantaibh garbha na h-Alba, an deire an dara linn, no'n dara ceud bliadhna. Chuir dòrainn geur-leanmhuinn na Roimh sgapadh an iomadh teaghlach agus co-thional, gu h-àraid, 's an treas linn do'n Eaglais; agus fhuair cuid dhiubh sin samhchar an eileana na h-Alba agus an Eirinn.

Bhiodh e diomhain a nis fheòrach, no oidheirp thoirt air fhiosrachadh, cia mar bha iad sin tional no bha iad air an riaghladh. Ni bheil teagamh nach robh iad ro churamach air gach deadh riaghailt a chunnaic iad 's na h-Eaglaisean, a shuidhich na h-abstoil agus na ceud athraichean, a thabhairt

fainear,—agus na deadh bheusan bh'aca leanailt,—na teagasgan a sparradh orra féin agus air na h-uile a dh'éisdeadh riu, agus a bhiodh deonach air gabhail ris a chreideamh bha iad ag aidmheil. Cha'n 'eil seanachas mion orra sin; gidheadh, tha nithe eigin, o gach sean nòs agus chleachd, a tha cur an ceill mar bha iad. Tha iad sin dearbhta, cia mar bith tha sgrìobhaichean fa leth 'g am mìneachadh, no 'g an cur an ceill. Tha e feumail sgrudadh geur a dheanamh, agus gabhail amhain ri nithe coltach, tha faotainn am barrachd neirt o chòmhdach eile, saor o leth-bhreith,—agus gun cho dhunadh sam bith a dheanadh o aineolas, no o bhreith chlaon.

Cha'n urra sinn a chreidsinn gu rachadh riaghailtean agus laghan ar n-Eaglaise dheanamh leosan bha teicheadh o chunnart, 's a' tàmh far am faigheadh iad fois, ach feudar bhi cinnteach gu leanadh iad gu dileas ris na doighibh a chunnaic iad, 's gu taisgeadh iad gu curamach na teagasgan a chual iad nan cridheachan.

Bha rìghrean b'eaga, no cinnfheadhna, 's na h-amaibh sin, an Albainn agus an Eirinn, bha gu bitheanta ri cogadh agus strì, nach tugadh mòran aire do nithe spioradail, am feadh a bha iad aineolach, borb, cogach, dioltach; ach tha'n creideamh naomh, neamhaidh, mar nach 'eil, 's nach bi, creideamh eile, a' drughadh air an spiorad; agus tha'n cridheachan an uaigneas fo fhoghnadh math. 'San mar sin bha'n creideamh Crìosduidh sgaoileadh feadh eileana Bhreatainn, mu'n deachaidh Eaglais a shuidheachadh, no steidheachadh, le riaghailtean an leth muigh. Ged bha na Crìosduidhean, mu bheil sinn a nis a' labhairt, air an sgaoileadh o'n Eaglais, 's air an co-eigheachadh gu bhi tamh an uaigneas; bha iad aithnichte d'a cheile anns gach àite 's an robh iad a tuineachadh 's air an ainmeachadh "Cuiltich," (Culdees) ainm a thuigeas gach Gael gun dol gu laidionn, no gu fiosrachadh domhain g'a mhineachadh.

Bheir an leughadair fainear aideachadh agus sgaoileadh a' chreideimh Chrìosduidh,—na meadhona bh'air an gnath achadh air nach smaointicheadh daoine. Mar an so, bha'n soisgent 'g a shearmonachadh gu soilleir gus 'na las e 'na sholus dealrach an iomallaibh dorcha, 's a fhreumhaich an siol math an Albainn,

*Culdees,
Fugitives
from the
Secular
the Church
their own
times —*

's gu h-àraid, an I-Challuim Chille;—mu'n labhair sin 'na dheigh so.

CAIBIDIL VII.

Teagasgan na h-Eaglaise. Na sgrioptuirean air an cur ri cheile. Air an leughadh, 's air am mhineachadh 's a cho-thional. Na ceud Chriosduidhean a' fòghlum an cloinne anns na sgrioptuirean. Riaghailtean agus doighean aoraidh.—Saobh chreideamh nan Gnostics.—Luchd-leanmhuinn Phlato. Am barailean air an coimeasg leis a' chreideamh Chriosduidh.

Tha teagasgan na h-Eaglaise soilleir dcarbhta 's an Tiomnadh Nuadh,—“ An creideamh a thugadh aon uair do na naoimh.”* Bha na leabhraichean 's na litrichean an sin air an gabhail leis na ceud Chriosduidhean 'nan co-thionalaibh, 's air an creidsinn leis a phobull uile. Bha iad air an leughadh gu folaiseach, 's air an gleidheadh gu cùramach. Bha iad air an cur ri cheile an deire a' cheud linn, mar riaghailt chreideimh do uile luchd-leanmhuinn an Tighearn Iosa Criosd air feadh an t-saoghail,—mar an aon riaghailt giulain a bh'aig na fireana. Tha'n Eaglais choitchionn, a shuidhicheadh air a' charraig neoghluasadach, creidsinn 's an aon Dia bheo fhior amhain, a tha neo-chruthaichte, neo-chrìochnaichte; creidsinn gu d'rinn-eadh am focal, a bha o thoiseach maille ri Dia, agus b'è Dia,—'na chnaimh do'r cnamhan; agus 'na fheoil d'ar feoil. Gu do ghabh e comhnuidh air thalamh. Gu tug e suas e féin air ar son 'na “ thabhartas,” 's 'na iobairt, agus gu bheil sinne trìd creideamh annsan air ar firinneachadh, 's a' faotainn sìth o Dhia; gu bheil ar cor 's a' bheatha so truailidh, fo bhinn agus fo dheuchainn,—le eas-umhlachd ar ceud sinnsir; gu tainig peacadh steach do'n t-saoghal, agus am bàs tre pheacadh; 's gu bheil uile fheoil bàsmhor, mar a pheacaich na h-uile; gu bi anam an duine 's a' bheatha mhaireannach sona, no truagh gu sìorruidh. Gu bheil ar tuigse air a soilleireachadh trìd an Spioraid Naoimh, 's air cridheachan air an glanadh o gach neo-ghloine;—gu d'eirich Criosd o'n uaigh; 's gu tig e ris, an deire na h-aimsir, thoirt breith air an t-saoghal uile; 's gu toir e luigheachd do gach aon an là mòr 'a bhreitheanais,

* Litir Iudais, r. 3.

réir mar rinn iad anns a' cholluinn, gu gabh e mhuiinntir féin a steach do ionada beannaichte, far am bì iad am feasd a' faicinn a ghlòir bha maille ri Athair mu'n do chruthaicheadh an saoghal."

Sin suim a' chreideimh a bha iadsan bha dh'aon inntinn ag aidmheil. Tha'n creideamh Criosduidh co-sheasamh uile 's an dà phuine àraid so, eadhon creidsinn agus deadh chaithe-beatha chleachda; no 'm briathraibh eile, tha'n soisgeul cur an ceill dhuinn cuspair ar creideimh agus riaghailtean beatha.

'S iad sin ughdarras deirbhte ceud chreidimh na h-Eaglais Criosduidh, agus a fianuis 's na linnibh a nuas uaith ri'm meas réir 's mar tha iad co-sheasamh leo. Mar tha laghan agus reachdan neamhaidh air am foillseachadh le Dia 's an t-Seann Tiomnadh agus 's an Tiomnadh Nuadh.

Bha na h-Abstoil agus na deisciobuil ro chùramach o thoiseach gu biodh na sgrioptuirean air an toirt do na Criosduidhean:—gu biodh iad air an leughadh 's air am Mineachadh an co-thional nan creidmheach, a dhusgadh 's a dhaingneachadh na firinn annta, 's gu'n deanamh deònach, toileach, imeachd ann an slighe na fireantachd. Thug iadsan a bha teagasg 's a' mineachadh oidheirp air sin a dheanamh 's an doigh bu shoilleire a thuigeadh uile dhaoine. Cha robh iad a' leanailt na doigh bu mhò meas, a bha dorch agus domhain, cur ioghnadh far nach tuigte, 's a' cur dragh orra-san bha 'g éisdeachd, gun bhuannachd, bhrìgh, no suim; 's ann bha'n soisgeul ri solus dealrach, maiseach, a sgaoileadh—feuchainn slighe na beatha do gach uile bha gabhail ri tairgse nan gràs. Tha na teagasgan is airde air an cur ri cheile, 's air an gairmeadh, "le eud nan abstol," ach bha iadsan, a ransaich gu geur mu na h-amaibh sin, a' smaointeachdh gu b'ann 's na linnibh 'na dheigh a chuireadh na nithe so ri cheile, réir 's mar bha iad faicinn feum orra. Bha iomadh ni mar sin 'g an atharrachadh 's an Eaglais. Air tùs bha na h-uile bha creidsinn air am baisteadh; ach an deigh Eaglaisean bhi suidhichte, agus aoradh an Dé bheò chur suas annta bha iadsan bha gabhail ris a' chreideamh an toiseach air an teagasg, agus a rithist air am baisteadh. Bha sin freagarach agus feumail, agus bha

iad air an gabhail a steach do'n Eaglais leis an eadar-dhealachadh sin.

Bha na Criosduidhean toirt aire shonraichte gu biodh an clann mar an ceudna air am fòghlum 's na Sgrioptuirean; agus bha sgoilean air an suidheachadh chum na criche sin mar bha Eaglaisean. Bha Oil-thighean aca 's an robh iadsan bha gu frithealadh an nithe naomha air an teagasg. Bha iad an toiseach toirt fòghluim do dhaoine, 's do chloinn, 's na nithe b'usa thuigsinn. Thug sin air na paganaich a smaointeachadh gu robh teagasgan diòmhair aig na Criosduidhean.

Bha caithe-beatha agus cleachdadh nan ceud Chriosduidhean subhailceach agus diadhaidh. Bha iad cur dhaoine bha ciontachadh gu h-andana agus folaiseach as an comunn. Seadh, mar biodh iad air an cronachadh, mar gabhadh iad aithreachas, 's mar deanadh iad leasachadh beatha. Fhuair an Eaglais an comas so o na h-abstoil féin, agus bha e air a cheangal ris a cho-thional.

Ach mar dh'fhaidte smaointeachadh nach freagradh iad so daonan, mar bha Iudhaich agus cinnich anns an Eaglais,—a bha ghnà 'n aghaidh a cheile, bha cuid innte nach robh dealachadh ris na mearachdan 's an robh iad air an togail suas.

Thòisich deasboireachd 's an Eaglais mu lagh Mhaois, 's dh'éirich mòran aimhreite 'na lorg. Bha na h-abstoil a ghnà ro fhaicilleach a chur an ceill an teagaisg a bha dearbhadh gu b'ann trid na rinn an Slanuighear beannuichte tha sinn ri bhi air ar sabhaladh; nach robh eifeachd ann an aon ni b'urra daoine féin a dheanamh mar tha'n t-abstol Paul gu soilleir a' dearbhadh, 's nam bitheadh eifeachd an gleidheadh an lagh, ciod am feum a bhitheadh ann am Fear-saoraidh.

Cha robh ach fìor bheagan riaghailtean agus dhoighean aoraidh an Eaglais Chriosd an tùs. Bha cuid eigin feumail an staid dhaoine 's a' bheatha so. Cha do shuidhich Criosd féin ach dà òrdugh agus bha iad sin ri chumail suas anns an Eaglais gun atharrachadh;—Seadh, baisteadh agus Suipeir an Tighearna, òrduighean solaimnte tha ri foghnadh eifeachdach air a' chridhe, agus uile dheadh rùnaibh. Bha riaghailtean agus gnàthachadh na h-Eaglaise an earbsadh ris na h-

abstoil agus na deisciobuil;—seadh, ri ministeirean agus luchd-riaghlaidh na h-Eaglaise mar chithear feum orra. Cha tug iad, gidheadh, ughdarras dhoibh-san a lean iad. Tha fios gu robh riaghailtean agus gnathan eugsamhuil an iomadh aite, mar bha iad so feumail agus iomchuidh. Bha cuid do ghnathan nan Iudhach air an ceadachadh, co fad 's a bha iad ceart: ach bha laghan eile, a bha na h-uile Chrìosduidhean ri thoirt fainear, anns gach àm agus àite. Bha iad ris a cheud là do'n t-seachduin a choimhead. Chuireadh air leth an là 's an d'éirich Slanuirghear nam buadh o na mairbh air-son aoraidh folaiseach mar thug na h-abstoil eiseimpleir sonraichte seachad ann an Eaglais Ierusalem. Bha'n seachdamh là air a chumail leis na h-Iudhaich 's an Eaglais aca féin. Cha robh na Chrìosduidhean faotainn coire dhoibh air-son sin; ach bha na h-uile Chrìosduidhean gleidheadh dà là eile mar chuimhn' air aiseirigh ghlòirmhoir Chrìosd, agus an Spiorad Naomh a thàinig air na h-abstoil,—'s 'na dheigh sin bha iad cumail laithean eile mar chuimhn' air fulangais dhaoine matha, diadhaidh, bha 'n am fiannisean air an fhìrinn, *Martaraich*, bha aoradh folaiseach 's an Eaglais le earrann do na sgrioptuirean a leughadh, labhairt o cheann teagaisg, agus urnuighean leo-san bha faotainn an spioraid.*

Mar thug sinn fainear bha òrduighean, o'n leth muigh, mar bha feum orra an linnibh 's an àitean fa leth, agus atharrachadh, mar bha feumail, air an deanamh o àm gu h-àm. Ach thòisich atharrachadh bheachdan agus bharailean mu nithe cudthromach a' chreideimh Chrìosduidh ro thrathail 's an Eaglais.

Bheir sinn a nis fainear an saobh-chreideamh bha fàs suas innte d'am bheil fuigheal fathasd anns na h-Eaglaisean 's mò chaidh ath-leasachadh. Bha 'n t-saobh-chreideimh mu'm bheil sinn a' labhairt ag eirigh suas o bhi measgadh feallsanachd le teagasg Eaglais Chrìosd. Bha dream ann bha toirt fainear nach robh am foillseachadh fhuaire na h-Iudhaich iomlan. Cho-dhuin iad uaith sin, gun gheur thiosrachadh,

* Phil. 1 Cor. xiv. 6.

nach b' ann o'n Bhith is airde bha'm foillseachadh. Bha iad air an gairmeadh glic no fiosrach (*Gnostics*) mar gu b' iad féin bha comasach an t-eolas sin a chailleadh mu'n Bhith ghloirmhor a thabhairt air ais a ris. Choimheasg iad leis a chreideamh Chriosduidh iomadh beachd inntinn bha àrd, ach dorch agus do-thuigsinn—a fhuair iad o fheallsanachd na h-airde 'n ear. Bha fiughair nan daoine gllice 's an airde sin ri teachdairean neamhaidh aig am bitheadh cumhachd a bheireadh saorsa dhoibh o chuing na truailleachd a bha 'na mhàthair-aobhair do gach ole. Thug miorbhuilean Chriosd agus Abstoil orra gabhail ris mar an teachdaire neamhaidh sin ris an robh an dùil, agus mhìnich iad reachdan a' chreid-eimh spioradail réir nam barailean mearachdach bh'aca féin. Bha iad cur sìos sgeula faoin mu ghniomharan agus reachdan Chriosd, agus mu chruthachadh an t-saoghail tre bhithibh a b'isle; agus bha iad 'g an teagasg sin d'an luchd-leanmhuinn. Bha na barailean bh'aca co mòr an aghaidh iomadh àite 's an t-Seann Tiomnadh agus an Tiomnadh Nuadh 's gu robh iad cur cùl ri mòran do na leabhraichean, ged bha iad gabhail ri cuid eile dhiubh. Mar bha iad creidsinn gu bheil gach ni Corporra ole, bha iad 'g aicheadh gu do ghabh Chriosd fuil agus feoil duine air féin, agus gu d'fhuiling e air son a' chinne-daoine. Bha iad a' creidsinn gu b'e Mac Dhé is ro airde; ach bha iad 'g a mheas an inbhe a b'isle, agus gu tainig e chum an t-saoghail a thearnadh an anam shubhailceich o ainneart dhroch-sporada,—a sgrios an rioghachd, 's a leigeadh ris do dhaoine mar bha iad ri 'n inntinnean thogail o thruailleachd na colla gus an Dia beannuichte is ro àirde. Am b'ioghnadh, mar bha, ged bhiodh mòran mhearachdan 'n an teagasg. Bha'n saobh-chreideamh, mar dh'fhaodair a smaointeachadh, 'na mhàthair-aobhair air iomadh eile a thruaill an teagasg fìor a bha 's an Eaglais, a thogadh leis na h-abstoil.

Bha dà steidh shònraichte air an suidheachadh leo so air-son saobh-chreideimh,—o aon diubh sin bha gach math tighinn, réir mar bha iad a' teagasg; o'n aon eile bha gach ole a sruthadh. Do'n cheud aon thug na daoine glic fiosrach,

mar bha iad 'g an gairm féin gu dòchasach, ann an ainm urramach a' Bhith dhiadhaidh 's ro airde, agus an Athar Shiorruidh: am feadh bha iad 'a cumail mach nithe corporra 'na steidh uile o'n robh gach droch ni 'g eirigh, a bha ri strì, 's air amaibh a' buadhachadh an aghaidh a' Bhith mhaith. So mar bha na daoine fiosrach sin a' teagasg mar chruthaicheadh an saoghal so, 's mar shuidhicheadh riaghailtean am measg an luchd-aiteachaidh. Bha iad teagasg mar an ceudna gu robh an t-anam, a bha iad an dùil a bha spioradail neamhaidh, air a chumail sìos leis a' cholluinn, gu robh a chumhachd féin air a lughdachadh, 's air a ghrabadh gu mòr air a thurus gu sonas neamhaidh. Bha iad cur a mach gu robh teachdaire Mòr agus Fear-saoraidh ri tighinn o nèamh a chuireadh crìoch air na h-uile ni bha cumail an anam gun eirigh suas, a bheireadh an Spiorad a mach à prìosan agus ceanglaichean, 's a dh' fhuasgladh an inntinn agus an tuigse o chùing an steidh a bha olc. Bha iad a' creidsinn an Iosa Crìosd gu b'è an teachdaire 's am Fear-Saoraidh bha ris na nithe mòra sin a dheanamh. Chan iad ris Mac a' Bhith dhiadhaidh is ro-àirde, a chuireadh o 'n Athair shiorruidh a cho-lionadh a ghnìomhara. Bha iad 'g a mheas cruthaichte;—nach robh buill chorporra aige, nach d'fhuiling e, 's nach d' éirich e, seadh, bha iad 'g aicheadh aiseirigh. Bha sin co-sheasamh ri'm barailean uime, gu robh e neo-chorporra. Bha iad, mar an ceudna, creidsinn ann an lànachd (*Pleroma*) no àite os ceann nan neamhan faicsinneach; bha iad air uairibh cur an ceill gu robh am Bith diadhaidh gabhail còmhnuidh an sin; air amaibh eile gu robh an t-àite sin air a lionadh le bithibh a b'isle, ris an canadh iad (*aeons*,) réir sin bha gnè bhithian eile bha deònach an t-olc a dheanamh, no sonas a' chinne-daoine a mhilleadh. Maille ris gach ni baoghalta bha iad 'g aicheadh ùghdarras an t-Seann Tiomnaidh. Bha meas mòr ac'air an nathair mar ughdair a' pheacaidh—amaid-eachd tha 'n aghaidh reuson agus tuigse.

Dh' atharraich an saobh-ehrcideamh so steidh inntinn na muinntireach bha 'g aidmheil a' chreideimh Chriosduidh. Bha e toirt air na (*Gnostics*) bhi ghnà feuchainn fiosrachaidh nithe domhain ghiosrag agus dhruidheachd chum foghnadh

math, no gnè bhithcan inbheach a lughdachadh. 'S an dara àite, bha saobh-chreideamh a' teagasg dhoibh bhi saruchadh an aighean, 's a' diultadh gach sòlais dhoibh féin, o'n 's ann o'n chorp thruaillidh bha gach ole a' tighinn, bha e ri bhi air a chlaoidh gu goirt, mu'n cumadh e an t-anam spioradail, neamhaidh, fuidh ni bu mhò an truailleachd. Bha iadsan bha 'g an claoidh ni bu mhò fuireach o na sòlais neo-chiontach. Chuir iad cul ri posadh, agus comunn, no comhludair bhan;— bha iad caithe an ùine mar nach buineadh iad d'an t-saoghal, an aithreachas—doilghios inntinn—trasg agus urnuigh. Nach 'eil e soilleir gu b'ann o na Gnostics thug Eaglais na Roimh na gnathuchaidh sin; seadh, fuireach o phosadh, agus aithreachas tha i ceangal air a luchd-aidmheil, agus gu h-àraid a chuid sin a bhuaireas a' cholluinn pheacach! 'S an uatha thug na mànaich an orduidhean. Mar bha *Sim Stiletos* gun teagamh dhiubh, agus feadhain eile, maille ri uile Shiol nan eilthireach, a bha 'gan sgiursa fein feuchainn amaideachd 's 'a bhuaidh bha feallsanachd fhoilleil faotainn thar creideamh spioradail ann an iompuidh chuir air daoine le seallan mealltach agus doighibh claon. Bha cuid do'n dream so deanamh foghnadh ole do baraillean àraid mu mhilleadh nithe corporra, truaillidh;—bha iad cur an ceill gu robh an t-anam caoin-shuarach mu ghnìomhara a' chuirp;—gu robh e iomchuidh agus ceaduichte nithe nadurra dheanamh, agus bha iadsan 'gan toirt féin suas do gach dubhaile. Cha robh an roinn so do na *Gnostics* gabhail mòran suim do na h-aitheantan, no ughdarras Mhaois;—'s ni bheil teagamh nach iad so aig an robh meas mòr air an nathair.

Bha iadsan bha leanailt feallsanachd Phlato co coireach 'n am barailean ris na *Gnostics* féin. Dh'innis Criosd gu robh anma dhaoine math dol do neamh, agus anma nan aingidh ri dol do dh' Iurann, agus bu leir sin leis na ceud Chriosduidhean. Bha'n fhirinn a dh'fhoillsich e-san da'm b'aithne na h-uile nithe gu leir dhoibh-san gun bhi sireadh fiosrachaidh mu nithe diomhair tha os ceann tuigse agus breithneachadh dhaoine. Ach 'nuair ghabh Criosduidhean ri teagasgan Phlato, seadh, gu be anma nan gaisgeach, nan saoidh, agus feallsanaich, no daoine glic, rachadh suas an deigh bhàis gu ionada sòlais agus sonais; am feadh a thuiteadh anma uile dhaoine eile, le'n

tograidhean 's le'm miannan dh' ionadan iochdrach, as nach tigeadh iad, gus an rachadh an glanadh o'n uile shal agus thruaill-eachd. Ghabh na Criosduidhean bha creidsinn 'na theagasg ris a' chuid so dheth gu toileach, air-son tuilleadh fiosrachaidh air na d'fhoillsich Criosd. Uaith sin bha duil aca gu b' iad na daoine chuireadh gu bàs air-son na firinn a' rachadh a mhàin do dh' ionada sona dìreach an deigh a' bhàis; 's gu biodh each an aitean uldaidh, iomallach, am prìosan gus an tigeadh Criosd a ris, no gus am bithidh iad air an glanadh o shal an cionta. Tha fios cìod a bhuil a rinn Eaglais na Roimh do'n teagasg so, aig nach 'eil steidh eile ach barail mhearachdach dhaoine tha 'g iarruidh colais fhaotainn air nithé fada thar am fiosrach, no'n comas.

Ach ged bha teagasgan an t-soisgeil, mar sin, air am measgadh le teagasgan foilleil, faoin, le mìneachadh agus barailean dhaoine fòghluimte; gidheadh bha na Criosduidhean uile sealltuinn ris na sgrioptuirean mar an riaghailt shònruichte bh' aca air son creideimh agus deadh chaithe-béatha; agus uime sin, bha eud orra umpa, agus aire aca dhoibh—'g an roghnachadh os ceann uile theagasgan. Bha'm feum orra ro mhòr, mar bha sgriobhaichean nan linnean sin ri cur an aghaidh nan Iudhach, nam paganach, agus nan Criosduidhean bha truailleadh nan teagasgan fìor-ghlan, spioradail. Ach an deigh na rinneadh an aghaidh gach barail mhealltach, agus eu-creideimh bha cuid dhiubh sin fantuinn 's an eaglais. Bha cuid do luchd-leanmhuinn Phlato agus Phithagorais teagasg gu robh e cliuiteach iompuidh chur air daoine air dhoigh sam bith; seadh, le foill, agus eadhoin le breig air-son na firinn.*

Rinneadh atharrachadh air cuid do fheallsanachd Phlato 'nuair dh'éirich comunn ùr eile le Ammonius Saccas a bha fo chliu mòr an sgoil Alecsandria. Thug e-san oidheirp air gach creideamh agus fòghlum, no eolas a cho-measgadh le cheile, no'n cur réidh; mar bha e cur an ceill gu robh iad uile air aon steidh, 's gu b'ann 's an doigh labhairt agus theagaisg a bha'n t-eadar-dealachadh; ach bha'n oidheirp ni bu deacaire no shaoileadh, 's a' deanamh coire ni bu mhò do'n chreideamh Chriosduidh no bha e smaointeachadh, mu'n d'fheuch e ris.

* Pious frauds.

Bha daoine fòghluimte nis ni bu lionmhoire anns gach eaglais ; ach 's ann bha iad sin meudachadh mhearachdan, no cur dusgadh fuidh'n aimhreit, an àite bhi soilleireachadh 's a' mìneachadh nan sgrìoptuirean. Bha iad a' reusanachadh 's ri deasboireachd mu nithe is urra mhain bhi air am foillseachadh leis an spiorad. Do na daoine bu mhò fòghlum agus fiosrach, b'è Origen an duine b'urramaiche, bu diadhaidh, agus b'iomraitiche, ach their sinn tuilleadh uime an dheigh so.

CAIBIDIL VIII.

Fòghlum agus daoine fòghluimte nan linnibh so—Clemens—Papias—Ignashius—Philo—Iosephus—Justin Martir—Policarp—Irenæus—Tertullian—Origin Ciprian—Longinus—Dion Cassius—Montanus—Manes agus feadhain eile.

CHA robh fòghlum no aireamh nan daoine fòghluimte mòr an ceud linnibh na h-Eaglaise. Mach o na dh'fhàg na h-abstoil cha'n airidh mòran a radh mu'n sgrìobha. B'iad an teagasgan math 's an giulan stuama a bha drughadh air a chridhe, 's a cur an ceill na firinn. 'S e Clemens, a bha saothaireachadh maille ri Paul, 's mu'n dubhairt e gu robh ainm air a sgrìobhadh an leabhar na beatha, a cheud aon th' air ainmeachadh. Tha aon do litrichean a chum nan Corintianach cinnteach gu leoir. Tha Irenæus 'g a ghairm treas easbuig na Roimhe. Cha'n 'eil aire ri thabhairt do sgrìobha sam bith eile chuireadh as a leth. Bha litrichean agus sgrìobhan 'g an cuir amach an ainm dhaoine eile mar an ceudna a bha diadhaidh urramach—nach ruig sinn leas thabhairt fainear. Do sgrìobha Paphias, deisciobul Eoin an diadhair, a thòisich air an teagasg mu thighinn Chrìosd, am mìle bliadhna, millenium, cha 'n 'eil ach fuigheal d'a eachdraidh lathair. 'S e 'n Naomh Ignashius, dara easbuig Antioch, am fear-teagaisg is mò airidh air iomradh agus cliu. Chuireadh gu bàs e air-son a chreideamh 's a' bhliadhna 107. Thilgeadh e gu fiadh bheathaichean réir a' bhinn a thug Trajan amach. Chual e a bhinn gun fhiamh, no eagal, agus chaidh e gu bàs le sòlas. Sgrìobh e iomad litir chum nan Eaglaisean. Thugadh à Siria e gu fulang 's an

Roimh; 's cha do thuit a mhisneach no Spiorad fad a thurnis.

Tha dithis do dhaoine ainmeil agus fòghluimte d'an còir aire thoirt an so, thaobh na sgrìobh iad, ged nach robh iad do'n aidmheil Chrìosduidh—b'iad sin Philo agus Iosephus. Bha mòran tuille dhaoine fòghluimte 's an eaglais 's an *dara* linn, a sheas gu treun air son firinn an t-soisgeil. Bha iomadh linn 'na dheigh ag aideachadh Iustin Martair bhi na sgoileir, spioradail, ionraic, deas-bhriathrach, soilleir. Rugadh an duine oirdhearc so am Palestine. Rannsuich e gach feallsanachd agus doigh theagaisg gus mu dheireadh an do ròghnaich e'n creideamh Chrìosduidh, a bha e 'g aideachadh, anns an Roimh féin far an do ghabh e comhnuidh 's a' teagasg réir cleachd nan amaibh sin. Sgrìobh an duine oirdhearc urramach Policarp litir chum nam Philipianach sparradh orra dleasnais stuama—am barailean nan *Gnostics*.

Dh' fhuiling Irenæus, deisciobul Pholiceairp, 's a' bhliadhna 202. Sgrìobh an t-Easbuig urramach so mòran leabhraichean a chailleadh co math ri feadhainn eile nach ruig sinn leas ainmeachadh.

Chaidh an Seann Tiomnadh eadar-theangachadh o'n Eubhradh gus a' Ghreugais 's an linn so.

B'e Tertullian an sgrìobhaiche bu mhò 's an dara linn do'n Eaglais. Air dha fearg a ghabhail ri cleir na Roimhe, dh'aontaich e le Montanus, agus sgrìobh e gu nimheil an aghaidh a naimhdean. Bha e fòghluimte, geur-chuiseach agus fiosrach; ach doirbh, deothasach, agus ullamh gu nithe faoin a chreidsinn.

Dh' ainmich sinn Origen cheana. Bha oilean, a cheud-faithean agus an inbhe chum an tug a chailean e ro-mhòr, agus bha'm feum a rinn e d'a uine, agus d' a chothrom, 'g a dheanamh airidh air a' cheud àite measg dhaoine fòghluimte na treas linn. Bha aire gu sònraichte o oige air na sgrìoptuirean, ged nach do leig e fòghlum eile air dearmad. Bha e ionnsuichte ann am feallsanachd, 's gach oilean finealta. Sgrìobh e mòran air modhanna agus teagasg, agus bha e buadhach an deasboireachd. Da shaothair uile, bha mòr agus iomadh, 's e

ciosnachadh a naduir thruailte bu mhò. Bha e subhailceach iriosal, carannach, baigheil—gidheadh, bha fuath agus mi-run aig a cho-aoisean ris, thaobh a cheud faithibh agus iomradh cliùtach. Cha'n 'eil ni am beatha dhaoine ainmeil nach 'eil airidh air iomradh. Bha féin-aicheadh Origen ro àraid 'na oige. Dh' fhuiling Athair air-son na firinn fuidh Shebherus, agus 's gann a chum a mhàthair, le guidh' agus ughdarras, e-san o'n bhàs cheudna, 'na sheachd bliadhna deug. 'N tra bha e air a ghrabadh sgrìobh e gu athair 'g a bhrosnuchadh gu buanachadh;—gu'n fheart thoirt air na theireadh a naimhdean, ged bha e fàgail bean agus seachdnar chloinne faondrach.

Bha eud a ghnà seasmhach air-son na firinn, agus bha bheatha uile air-son math dhaoine. Bha e ainniseach rè mòran d'a bheatha; 's ged bha màthair an iompaire cliuthachadh a shubhailcean fhuair e bàs ann an gainne. Bha e 'na fhear-teagaisg-an Oil-thigh Alecsandria, ni a thug e gu meas agus cliu mòr. Bha eud air Demetrius, Easbuig a' bhaile mhòir, a thaobh a chliu iomraiteich;—bha chorruich ris co àrd 's gu do chuir e mach as an Eaglais e, trid an do chaill e inbhe 's a' chleir. Bha Origen eudmhor air-son a' chreideimh, agus thoill e mi-ghean nam paganach. Chuireadh e 'm prìosan 's an geimhlibh 's a' gheur-leanmhuinn. Chaidh a chiùrradh gu goirt, ach shaoradh e mu dheireadh agus chaochail e fodh riaghladh Ghalluis. Ged bu mhòr ainm Origen, thaobh gach buaidh a bh'air, cha robh e saor o fhailinnean. Bha e measgadh feallsanachd fìncalta Phlato leis an Sgrìobtuir. Bha e cur an ceill gu bu chòir an soisgeul a mhìneachadh trid shamhluidhean. Bha ughdarras leigeadh leosan a bha leanmhuinn a dhoigh mìneachaidh dol tuille 's fada. Feadh bha e caomhail, seirceil, ri daoin' eile, bha e ro dheuchaineach air féin, agus thug sin briseadh air a shlàinte. Bha aon ni 'na bheatha féin ro iongantach nach robh co-sheasamh le dhoigh teagaisg tre shamhluidhean. Ghabh e cuid do'n Sgrìobtuir an seadh riochdail, agus b'e sin a b'aobhar dha cailleanach a dheanamh dheth féin.

Fhuair Ciprian, a rinneadh 'na Easbuig air Carthage, 's a'

bhliadhna 248, mòran cliu ;—bha e fuidh alladh math ri linn féin, agus bha e iomraiteach feadh iomadh linn 'na dheigh. Bha e ciùin, iriosal, agus carannach 'na chaithe-beatha 's 'na ghiulan,—oidheirpeach an gnìomh, seirceil ri cairdean, neo-eisìomalach ri naimhdean. Rainig e aois duine, agus bha e car ùine teagasg mu'n do ghabh e ris a' chreideamh Chrìosduidh. Bha e'n cunnart an àm a gheur-leanmhuinn, thaobh iompachaidh agus eud air son a' chreideimh, agus b'eigin da cheann thoirt fuidh. 'N a dhèidean uaigneach bha e socrachadh uile ghnòthuichean na h-Eaglaise, agus phill e g'a h-ionnsuidh co luath 's a lasaich a geur-leanmhuinn. Thòisich an sin consachadh dian ri Stephen, Easbuig na Roimhe, mu bhaisteadh shaobh-chreidmheach a ris. Bha Stephen cur an ceill gu robh baisteadh leosan a dh' fhag an Eaglais math gu leoir, ach bha e uaibhreach agus àrdanach 'na bheachd. Bha Ciprian co daingean ris féin, ag aicheadh foghnadh sam bitli bhi 's a' bhaisteadh rachadh fhrithealadh lesaobh-chreidmheach. Bha giulan Stephein ro straicèil, tharcuiseach, réir rè na h-ùine bha iad a' deasboireachd. Chuireadh Ciprian air fògradh le geur-leanmhuinn Bhalerien. An sin ghairmeadh air ais e agus chaidh a dhruideadh suas 'n a lios féin an Carthage. Bha e seasmhach anns a' chreideamh fhior. Chaidh a dhìte 's a dhicheadh o nach tairgeadh e ìobairt do na dée breige. Dh' fheith e le foighidinn diadhaidh ris a' chrìch. Bha bròn air na Crìosduidhean 's na paganaich, d'am b'aithne e, air son a shubhailcean 's a bheusan rùnach. Bha mòran do na h-oibre chuir e mach mu'n Eaglais air an sgrìobhadh le spiorad cràbhach. Ged bha iomadh eile ainmeil 'n a àm féin, o na chaidh iad á cuimhne, ni bheil feum bhi 'g an luadh. Ach tha dithis do na cinnich a bha ro chlàiteach, 's a bhios am feasd iomraiteach, nach bu chòir a leigeadh air dhì-chuimhn' an eachdraidh dhaoine fòghluimte nan linne so—seadh, Longinus oirdhearc agus an seanachaidh, Dion Cassias.

Bha daoine eile ann bha ainmeil, thaobh am barailean 's an teagasgan 's na linnibh sin, mu'm feud sinn caileigin thoirt fainear 's a' chaibidil so.

Feudar sealltuinn air inntinn luaineach an duine air-son gach atharrachadh beachd tha cuir dealach eadar aidmheil 'dhaoine 's a' chreideamh spioradail, tha seasmhach, mar tha e suidhichte, air steidh neo-ghluasadach. Bha mòran bha dealachadh o cheile 'n am barailean 's 'n an teagasgan a bhuineadh do'n dream bha 'g an gairm féin glic agus fiosrach, (Gnostics.) O'n bha chuid bu mhò do'n teagasg o'n eolas bha iad cur an ceill gu sònraichte, cha teid sinn a leudachadh orra, no dh'ainm-eachadh an luchd-teagaisg fa leth. Feudar Carpocrates a thoirt fainear o nach robh e creidsinn ann an aiseirigh na colla, 's a bha e cur an ceill nach robh ann an Crìosd ach duine a' mhain; aig an robh subhaile ni bu mho, agus a bha ni b'oidheirce no daoine eile. Bha e'n ceud linn na h-Eaglaise. 'S e, math dh' fhaoidte, cheud aon a dh'aicheadh diadhachd an Fhir-Shaoraidh.

Bha saobh-chreideamh Bhalentine fada tharpa uile. Air dha fearg a ghabhail, chionn inbhe Easbuig a dhiultadh dha, threig e'n creideamh fìor agus theagaisg e bharailean fein anns an Roimh;—sgaoil iad sin air feadh na Roinn Eorpa, Africa, agus Asia. Bha mòran 'g an leanmhuinn agus bha iad 'g atharrachadh am beachd co-bitheanta 's a bha barailean ùr 'g an cur an ceill: mar tha'n sluagh ullamh gu aon sam bith a chreidsinn a theagaisgeas, no chuircas nithe ùr an ceill, ma tha iad sin sònruichte, no gabhaidh. Bheir sinn ni, no dha, fainear mu neach d'am b'ainm Montanus, am Maesia, a bha 'g a ghairm féin am Paraclete, no'n Comhfhurtair. Bha e ro-aineolach agus bha fuath aige air gach fòghlum, no oilean finealta. Bha e gabhail comhnuidh ann am baile do Phrìgia an inbh' iosal. Bha e co faoin 's gu do ghabh e na cheann gu b'e féin an Comhfhurtair, a gheall an Slanuighear beannuichto chur a dh'ionnsuidh a dheisciobuil, gus an treòrachadh ann an solus na firinn. Cha do theann e ri atharrachadh dheanamh air na teagasgan sònraichte a theagaisg Crìosd; ach chuir e'n ceill, gu tainig e féin a cho-dhunadh nan reachdan 's na modhanna thug Crìosd agus a dheisciobuil seachad ann an staid fhoirfe. Chuir e mòran ri riaghailtean na h-eaglaise, 's e sin, laithean féill agus traisg. Dhìt e inbhe

bha daoine meas taitneach agus iomchuidh, mallachadh gach oilean finealta agus giulan suairce. Bha e cronuchadh posaidh an dara uair;—diultadh mathanais dhoibh-san a chuir peacadh mòr an gnìomh, no'n gabhail tuille steach do'n Eaglaise;—bha e faotainn coire mu chùram do'n cholluinn agus eaidh riomhach bhoirionnach. Bha'n baath-chreideach so cruaidh mu gach reachd faoin bha e cur mach. Cha robh e air-son na hinntinn bhi 'g a togail le fòghlum, no eolas 's am bith, ni bu mhò no'n corp o'n leth muigh le dreach no measarachd sgiamhach. Bha e toirmeasg do dhaoine oidheirpean sam bith thoirt gu iad féin a shàbhaladh o gheur-leanmhuinn. Cha robh e coltach gu rachadh fear-teagaisg bha 'g a chur féin os ceann Chrìosd fhulang. Bha e labhairt mu mhòran nithe bha ri tachairt a chuireadh buaireadh agus aimhreite 's an iompaireachd. Chuireadh e, uime sin, á aireamh nan creidmheach; gidheadh, dh'aontaich feadh-ainneis do inbhe b'airde na e féin, mar bha Priscilla agus Maccsimilla, mnathan uasal bha saoi bhir, ach nach robh faiceallach 'n an giulan 's 'n am beusan. Le'n comhnadh-san chuir e suas Eaglais am Pepuga 's an robh e tàmh. B'e Tertullian an duine b'fhòghluimte agus a' b'iomraitiche d'a luchd-leanmhuinn. Sgrìobh e mòran tha còmhachadh a' mhi-bhuil tha daoine deanamh do na ceud fathaibh a's fearr.

Bha mòran 'g altrum bharailean mu nithe cudthromach bha thar tuigse agus eolas daonta. Cha teid sinn a dh'ainmeachadh daoine fa leth a chaidh á cuimhne. Bha aon ann, mar thugar fainear, bha cur an ceill nach robh an Chrìosd ach duine, aon eile bha teagasg gu d'fhuiling an t-Athair maille ris a mhac, am feadh bha mòran 'g aicheadh gu d'fhuiling Chrìosd idir 's a' chorp.

'N tra sgrios Titus Ierusalem 's a chaidh na h-Iudhaich a ghabh ris a' chreideamh Chrìosduidh, mar dh'aithriseadh cheana, gu Pella, bha iad air an co-eigneachadh fanachd an sin leis an reachd chuireadh mach an aghaidh nan Iudhach, toirmeasg dhoibh dol do'n bhaile naomh. Bha iad am Pella rè trì fichead bliadhna. Bha iad a' call am foighidinn 's a' fàs sgìth do'n bhaile bheag sin,—an geall air Ierusalem a

choimhead a rìs. Roghnaich iad Marcus 'na Easbuig o na cinnich agus chuir iad cul ri lagh Mhaois. Fhuair iad uaith sin cead dol do'n bhaile naomh, agus chuir iad suas a rìs an creideamh fìor ann an Ierusalem. Bha cuid diubh nach deal-aicheadh ri lagh agus nòis an athraichean a dh'fhuirich am Pella. Ghairmeadh dhiubh sin Nasarenes agus Ebionites, o na bailtean 's an robh an athraichean. Bha iad sin araon fuidh dhìmeas nan Iudhach agus nan Criosduidhean, 's a' fulang tàir agus ainneirt. Bha feadhainn dhiubh a làthair 's a' cheathramh linn do'n Eaglais.

Cha robh iad co lìonmhor 's an linn so bha 'g an comhar-achadh féin le beachd inntinn agus eu-bharailean, no teagasgan agus gnathaibh àraid, riusan a chaidh rompa, ach bha'n teagasgan ni bu ghàbhadh. Bha'n giulan cruaidh agus doirbh. Bha iad cur cùl ris gach ni bheireadh sòlas do'n inntinn, no fois do'n cholluinn. B'e Manes duine b'ainmeile do na bha dol mach o'n Eaglais choitcheann. Bha e iomraiteach thaobh fòghluim, ceudfaibh, agus fiosrachaidh. Thugadh steach do'n Eaglais e 'nuair bha e ro òg. Choimeasg e feallsanachd le teagasgan a' chreideimh Chriosduidh, an duil gu gabhadh na Persianaich 's na Criosduidhean riu, ach bha e air a mhealladh an tùs oidheirp-ean. Chuir na Criosduidhean e mach as an Eaglais, agus bha fearg air na Magi, no sagairtean na h-airde 'n ear ris, air son an ionnsuidh thug e air teagasg Soroaster atharrachadh. Ach, ged bha iad sin 'na aghaidh, bha mòran am Persia, Siria, 's a' Ghreige, Africa, agus 's an Spainte bha gabhail ri bharailean. Chuir e theagasgan sìos le innleachd agus seoltachd;—leis na briathran bha e gnathachadh 's an doigh oilean a bh'aige, air chor 's nach robh e soilleir ri fhaicinn ciod a bha e sparradh. Bha mòran, mar sin, air am mealladh 's a' gabhail leis, mar chomunn a bha'n aghaidh a cheile, 'n an teagasgan 's 'n an gnàthan; saoil sinn gu robh iad a' faicinn anns na bha e-san cur sìos caileigin do dh'aidmheil an Dé is ro airde, a Mhic agus an Spioraid Naoimh, a bha do'n aon ghnè, ach a b'isle. Gu do chuir Dia aingle agus faidhean math a theagasg dhaoine, agus ma dheireadh a Mhac féin, an riochd duine, o'n leth muigh, ged nach robh e an nàdur an duine. Gu do theagaisg e do dhaoine

an ceud staid, leigeadh ris dhoibh 'na aiseirigh dhiomhair, 's 'na dhol suas do nèamh, mar theid anma chiontach a shaoradh, agus an aisig a ris do'n duthaich neamhaidh. Gu bheil anam aig àm a bhàis dol do chuirp eile gus am bi iad air an ionnlad gu dol do'n ghealaich, 's an deigh an glanadh ni's mò, gu teid iad do'n ghrein : no gu faigh deamhain a tha 's an adhar iad ri'n claidh, 's ri 'n cur chum bith thoirt do chuirp eile. 'Nuair theid dealach eadar nithe spioradail agus corporra gu seidcar suas teine millteach ;—gu tilgear an talamh do dhubh-aigean far an gabh deamhain còmhnuidh gu siorruidh, maille ri anma dhaoine leig nach deachaidh ionnlad. Bha luchd-leanmhuinn Mhanes deanamh gach Peanas bha 'n an comas air a' chorp pheacach. Cuid dhiubh fuireach o phosadh, 's o gach nì bheireadh sòlas do'n chridhe, no do'n inntinn. An deigh iomadh car agus caochladh chaidh e féin, réir an t-seanachais tha uime, chur gu bàs maslach le àithne rìgh Phersia.

Ged nach robh luchd-leanmhuinn Phaul á Samosata lìonmhor, o na bha e 'na àrd Easbuig an Antioch, agus mar chuir e'n aghaidh nan comhairlean chuir as a dhreuchd e, bha e ainmeil ;—bha e teagasg nach robh an Criosd ach duine amhain, ach gu tainig gliocas Spioraid an Athar air, tabhairt comais dha mìorbhuilean oibreachadh agus an cinne-daoin' a theagasg. Bha'm pears Eaglais so mar phrionnsa, 'na inbhe mì-gheamnuidh, 's cha robh meas air a theagasg. Bha bànrìgh Antioch 'g a dhìonadh, ged chaill e dhreuchd lean e ri theachd a steach fad eheithir bliadhna. Ghairmeadh iadsan a lean e, 's a threig an Eaglais 'na dheigh, no 'na ainm. Mar nach robh Nobhatus dealachadh o theagasgan gnathuichte bha 'luchd-leanmhuinn air an comharachadh thaobh an giulain o'n leth muigh.

AN DARA EARRAINN.

O'AM CHONSTANTINE, AM BHLIADHNA AR TIGHEARNA 325—GUS A BHLIADHNA 755, 'S AN ROBH ARD-UACHDRANACHD A' PHAPA AIR AIDEACHADH, 'S A CHUMHACHD SAOGHALTA AIR A DHAINGNEACHADH; AGUS AN DO THOISICH CHARLEMAGNE RI RIAGHLADH.

CAIBIDIL I.

Mar bha'n Eaglais rè 'n earrann so do'n eachdraidh, Thogadh Constantine do'n chathair 'na aonar 's a' hhlìadhna 325—A Chrois-shoillseach—Ghabhadh an creideamh Crìosduidh 's au iompaireachd—Chan iad ris an iompaire Constantine Mòr air son a ghniomha — Ghabh e'n comamachadh — Chaochail e 's a' chreideamh fhior—A Mhic-Constantius gabhail barailean Ariuis—Julian—a naimhdeas do'n chreideamh—Persaich ri geur-leanmhuinn air na Crìosduidhean—Thòisich iad sin ri geur-leanmhuinn air-son saobh-chreideamh, no mearachdan 'n am harailean, mu theagasgan an airde 'n ear, Odoacer—Alaric—Crith-thalmhaiun—Palladius—Eirinn—Padruic — Clohhis — Diogratias — Acacius — Silhherus — Bhigilius — Pelagius — Augustus—Mahomet—A bheatha—a theagasg—cìosnuchadh rioghachdan —Sgaoileadh a' chreideamh trìd cogadh agus losgadh—Dubhailcean na cleir — naimhdean hu mhò— Justinian II.— Phillipicus — Am pàpa — Constantin —Dealhha —Aoradh dhoihh—Leo—Ar-a-mach—dorta fola—Aimhreit agus ùpraid mhòr—Irene 'na naomh—Caliph—Crith-thalmhainn —dorchadas—Ard-cheannas pàpa na Roimh—Pepiu.

'NUAIR sheallas neach air na bha naimhdean a' chreideimh Chriosduidh deanamh leis gach cumhachd a bh'aca, agus gach innleachd bha 'n an comas a dhealbh chum cur as do'n luchd-aidmheil, nach saoilleadh neach gu rachadh gu buileach as do'n ainm? ach ni h-ann mar sin idir a thachair. Bha'n geur-leanmhuinn cràiteach, fuileach, a' feuchainn am foighidinn, a' fiosrachadh an gnè—a' leigeadh ris an steidh chreideimh—a' dlu-cheangal nan Crìosduidhean ri cheile,—'g an deanamh eudmhor agus deònach. Mar bha iad fàs lionmhor bha'm pobull 's an tomhas bu mhò geilleachduinn do'm barailean, gus mu dheireadh, 's a' bhliadhna 325, an robh Constantine Mòr 'na iompaire, agus an do ghabhadh an creideamh Crìosduidh 's an iompaireachd. Bha sìth aig an Eaglais an toiseach na

linn so (IV. Cent.); ach thug na sagairtean paganach fainear mar bha na creidmhich a' buadhachadh, 's mar bha iad féin a' call,—uime sin, chuidich iad Déoclesian, gu geur-leanmh-uinn a dheanamh orra. Chreid iad, mar bha naimhdean cur am fiach, gu b' iad na Criosduidhean a chuir teine ri thigh Mòr, 's a dhuiscg ar amach ann an Arminia agus an Siria. Chuireadh mòran dhiubh gu bàs. Rinneadh reachdan anabar cruaidh 'n an aghaidh. Thugadh orra an leabhraichean thoirt seachad. Bha iad air an co-eigneachadh gu luibhean cùbhraidh losgadh air-son deadh fhaile chur suas d'an dée breige, agus gach ni bu dobheartaiche na cheile.

Ach bha'm Freasdal toirt mu'n cuairt nithe àraid air-son sìth agus soirbheas na h-Eaglaise. 'N tra bha'n teine millteach bha cur as do mhòran do luchd-aidmheil sgaoileadh feadh na h-iompaireachd, bha Constantius, Athair Chonstantine, a' dìonadh nan criosduidhean an Gaul, ged a cheaduih e 'n Eaglaisean a thilgeadh sìos. Thogadh Constantino le aon ghuth na saighidearan an aite Athair a chaochail am Breatun, agus thug iad air dol air an ceann. Choisinn e cliu agus ainm "Mòr" le ghniomha 'na dheigh sin. Thug Dioclesian agus Macsimian thairis an dreuchd 's an iompaireachd. Lean ochd bliadhna deug aimhreit agus mì-riaghailt;—bha sea iompairean aon uair air na Romhanaich 's na tìribh cein a bh'aca. Chuir Constantine agus Lisinius ri cheile, agus strìochd each fuidh 'n laimh làidir. Thionndaidh Constantino an sin an aghaidh Licinius—agus b'eigin da strìochdadh; b'e am fear mu dheireadh a ghiulain e'm braighdeanas.

Tha e air aithris gu facadh Constantine *Crois* shoilleir anns an athar 'nuair bha e 'g imeachd chum na Roimh gu comhrag chur ri Macsentius. Bha e roimhe sin air son gach creideamh, 's a' fulang do dhaoine an doighibh fein a leantuinn; ach 'na dheigh sin ghabh e ris a' chreideamh Chriosduidh, mar an creideamh fìor le laghan agus reachdan, 's a bhliadhna, 324—agus an deireadh a laithean thug e àithne teampuill nan dée breige thilgeadh sìos.*

* Eusib. i. id.

Cha 'n 'eil fìor chinnt air a' cheart àm 's an d' iompaich-eadh e, agus bha teagamh aig cuid mu'n t-sealladh bha mar fhoghnadh mur chuireadh an ceill air iompachadh. Bha e, co math ri Athair, coimhail ris na Crìosduidhean o thoiseach. An tùs a riaghlaidh leig e leis gach seorsa an doigh chreideimh féin a leantuinn, agus dh' àithn e'n dlighe féin do na Crìosduidhean; ach air an àm cheudna bha e cur ionmhas do theampuill nan deé breige, 's a' fridhealadh, air an aoradh. B'i *chrois* shoillseach a chunnaic e féin agus armailt 's an adhar, air an robh sgriobta—*trìd so bheir thu buaidh*, agus aisling 's am fac e ughdair ar creideimh togail fianuis air an t-sealladh adhmhor, a thug air, mar bha daoine creidsinn, gabhail ris a' chreideamh fhìor; ach 'na aghaidh sin chaidh thoirt fainear gu robh e 'na dheigh sin toirt dìon do shaobh-chreidmich. Bha iomadh ni 's an àm bheireadh air Constantine e féin iomchar mar bha e feumail, 'n tra bha e 'g eiridh gus an inbhe bu mhò thar slòighibh an t-saoghail Romhanaich. Bha e soilleir mar bhuin e o thoiseach ris na Crìosduidhean. Bha ghné caomhail, seirceil, 'n aghaidh dorainn a dheanamh air luchd-aidmheil 's am bith; ach bha bhàigh bha e cumail ris na saobh—chreidmich a' cur an amharus nach robh Spiorad a' chreideimh Chrìosduidh aige.

Feudar a thoirt fainear gu b'ann am feadh bha Lisinius a' riaghladh maille ris a thugadh cead do na h-uile aoradh dheanamh 'nan doigh féin gu do chuir e litrichean amach 'n uair bha e 'na aonar sparradh air iochdarain eiseimpleir a leantuinn, mar a ghabh e ri frinn diadhaidh an t-soisgeil. Dh'iomchuir e lùchairt gu Bisanshium a thog e suas gu h-òrdhearc, 's a dh'ainmich e 'na dheigh féin, Constantinople, 's e sin baile Chonstantine,—agus chuir e reachd chruaidh amach an aghaidh gach deas-ghnathachadh paganach. Bha eud air-son a' chreideimh dol am meud mar bha e fàs sean, agus 'nuair bha e tarruing dlu ri crìch a bheatha chuir e laghan agus reachdan amach an aghaidh frithealaidh air teampuill nam paganach; agus thaisbein e a steidh chreideimh féin le feithcamh air òrduighean an teampuill dhiadhaidh no chreideamh Chrìosduidh. Air leaba 'bhàis chuir e fios air easbuigean 'ga

lùchairt an Nicomedia. Dh'iarr e gu dùrachdach suipear an Tighearna fhrithealadh dha cur an ceill gu caitheadh e na bha roimhe d'a bheatha 'na dheisciobul do Chrìosd. Fhritheil Eusebius, easbuig a' bhaile sin an t-sacramaind dha, agus chaochail Constantine air an dara la fichead do cheud mhios an t-samhraidh, 's a bhliadhna 337, aig aois 64. Roinn agus riaghail a thrì mic an iompaireachd. Bha iad fada an deigh laimh air-san an cailean 's an comuis. Bha iad a' dion 's a' cumail suas na h-Eaglaise. Bha Constantius gabhail ri barailean Ariuis mu'n chreideamh, agus dhuisgeadh mòran buaireas 's an Eaglais. Bha Constantine agus Constans bha riaghladh 's an airde 'n iar eudmhor 's an steidh shuidhichte. An deigh mòran coimh-stri measg nam brathairean dh' fhàgadh an riaghladh a ris aig Constantius, agus bha e-san cairdeil ris na Crìosduidhean. Ach chuir gach deasboireachd a bhaca mu phearsa Chrìosd siol aimhreit am measg luchd-aidmheil a chreideimh fhior. Fhuair luchd-leanmhuinn Ariuis comhnadh mòr o'n iompaire, agus bha bagradh cruaidh 'g a dheanamh air muinntir na h-Eaglaise, bha dlu-leanailt na steidh shuidhichte, chum an aomadh gu barailean an iompaire agus a lùchairt a leantuinn.

Ach theab cur as do'n chreideamh fhior 'nuair thàinig Iulian chum na h-iompaireachd. B'e Mac brathar Chonstantine, a fhuair a chathair an deigh bàis Chonstanshius. Ged chaidh thogail suas 's a' chreideamh Chrìosduidh chul-shleamhnaich e, 's cha robh nàmhaid bu mhò aig a' chreideamh 's an luchd-aidmheil no e-féin. Bha'n doigh ghabh e ni b'innlichdiche, 's ni bu chuillbheartaiche;—bha mòran 'na chomus mar iompaire 's mar dhuine fòghluimte, eignidh, seolta; bha e cur roimhe mòran a dheanamh orra, 'nuair chaidh e chogadh do Phersia, 's a thuit e 's a chogadh sin. Cha d'rinn e geur-leanmhuinn fòlaiseach air na Crìosduidhean, ach thoirmeasg e dhoibh bhi teagasg feallsanachd agus gnìomhara fìnealta. Bha e deanamh tair orra, 's a' cur suas saobh-chreideamh. Bha na h-iompairean a lean e 'g aidmheil a' chreideimh Chrìosduidh, 's a' dion na h-Eaglais. Bha'n creideamh paganach call a chumachd mu'n tainig crìoch na linn so: Gidheadh,

bha teampuill agus deas-ghnathachadh an iomad àite uaigneach. Ged bha na h-iompairean a nis eudmhor agus dileas 'n an aidmheil bha iad ann bha fuathach mu'n chreideamh fhior; ged bha iad 'g a fhulang, 's a' frithealadh 's na dreuchdan b'airde mar tha daoine fiosrach agus ionnsaichte a' toirt cunntais orra. Ach cha b'ann a mhain a measg nan Romhanach, ach fad na h-iompaireachd an cein bha'n creideamh fìor a' lion-sgaradh, le comhnadh agus dìdinn nam iompairean a bha creidsinn. Bha e craobh-sgaoileadh 's an airde 'n ear agus an iar;—am measg chinne agus dhaoine bha ro-aineolach—mu thuath agus mu dheas. Cha'n 'eil teagamh nach tug euchdan agus buaidh Chonstantine mhòir air cuid gabhail ris a chreideamh, ach bha saothair agus eud nan easbuigean matha, 's nan daoine naomh, fòghluimte, an sgrìobhan 's an sgrìoptuir bh' air eadar-theangachadh, air a chur amach 's a' chaint a thuigeadh an luchd-eisdeachd, agus oir-dhearcas fìor-ghlan a' chreideimh spioradail, toirt air mòran tuilleadh gabhail ris a' chreideamh fhior, seadh ri soisgeul nan gràs.

Bha rìghrean eile air uairibh ri geur-leanmhuinn air na Criosduidhean. B'iad na Persianaich bu mhiosa dhiubh sin uile. Bhrosnuich na druidhean (*Magi*) agus na h-Iudhaich iad an aghaidh nan Criosduidhean, cur am fiach orra gu robh iad gabhail leis na Romhanaich chum iadsan a chiosnachadh. Cha b'ann, uime sin, air son an creideamh a mhain a bha iad co olc dhoibh, ach thaobh an lionmhoireachd agus an comais nan eireadh iad 'n an aghaidh. Chuir iad as do mhòran do na Criosduidhean a bha neo-choireach, eadhon ann an smaoin do'n taobh-san feadh na h-ùine fhada dhòraineach, a mhair dà fhichead bliadhna.

An coigeamh linn. Bha'n creideamh Criosduidh a' sgaoileadh 's an linn so agus iodhail-aoraidh dol as an iomadh earrann do'n domhan. Ach ged bha geur-leanmhuinn le naimhdean a' chreideimh a' sgar feadh na Criosduidheachd, 's e sin, 's gach duthaich agus àite 's an robh an creideamh air aidmheil, thòisich geur-leanmhuinn nach b'fhearr. Bha so g' eiridh o atharrachadh bharailean am measg nan Criosduidhean féin, bha cur aimhreit' am measg dhaoine, 's a' dusgadh naimhdeis eadar chairdean agus luchd-eolais, ni a bha 'na

dhoilghios nach bu lugha do iomad neach bha cràbhach ciuin, na'n teine millteach bha ri mòran dòrainn, 's na linntean a dh'fhalbh.

Bha deasboireachd agus coimh-stri mu nithe nach robh iad comasach air a thuigsinn, no idir a mhìneachadh. Bha iadsan aig an robh dreuchd, no cumhachd, cur an luchd-consuchaidh nan tosd—cha b'ann thaobh an eolais a bheireadh soilleireachd ni bu mhò, ach 's na doighibh bu fhreagaraiche leo féin. Fhuair ceithir easbuigean, anns a' bhliadhna 410, reachd a dhìteadh gu bàs aon sam bith a labhradh an aghaidh a' chreideamh a bha iad a nis ag aidmheil, agus bha eagal peanais cumail iomadh Criosduidh cràbhach, ach neo-mhisneachail, o labhairt idir mu chreideamh. Bha eud air son sgaoileadh a' chreideamh fhior toirt air cuid a shaoilsinn gu bu choir gach meadhon bha 'n an comas a ghnathachadh. Dh'aidich Augustin gu do shaoil e aon uair gu b'ann trid iompuidh seamh, agus mìneachadh soilleir, agus giulan suairce bu chòir buntainn riusan bha dol mearachd 'n an creideamh; ach gu d' atharraich e bharrail, gu robh e faicinn gu robh na reachdan bha na h-iompairean cur a ma'ch toirt air saobh-chreidmheich am mearachdan a threig-sinn. Bha cuid co-mòr 's a' bheachd so 's gu d'òrduich Theodosius, anns a' bhliadhna 443, gu rachadh na leabhraichean nach robh réir teagasgan nan comhairlean aig *Nice* agus *Ephesus*, agus breth Siril, easbuig Alecsandria, a' losgadh, agus iadsan a chleithheadh iad a chur gu bàs.

Mhair samhchair am feadh bha mic Theodosius a' riaghladh. 'Nuair thàinig naimhdean fiadhaich o thuath, 's a sgaoil iad air feadh na Feadailt theich an t-iompaire maoth-chridheach bha riaghladh 's an taobh an ear gu Rabhenna. Cha b'fhada gus an d'rainig Alaric an Rìgh Gothuch an Roimh, 's a bhuail e air a' bhaile mhòr, a mhill 's a Spuin e. Bha'n Fheadailt uile fuidh iochd an namh. Bha gach ionad àrd agus gnìomh finealt air an tilgeadh sìos, gidheadh, shàbhail an curaidh treun so, a ghabh ri barailean Ariuis, Eaglaisean nan Criosduidhean do gach seorsa; 's bha saorsa agus beatha 'g a thabhairt araon do na paganaich 's do na Criosduidhean bha gabhail dìon annta, no bha teicheadh gu uaignean nam martarach. Chuir iad air

an ais na saothaichean coisrigte bha'n Eaglais an Naoimh Pheadair.

Cha b'urra do Honorius, no mhac 'na dheigh 'seasamh an aghaidh sgaothan eagalach bha taomadh o thuath. Chaidh as d'an ainm co math agus an iompaireachd. Ghabh Odo-aser, ceannfeadhna nan Horuli, an t-ainm rìgh.

Ged nach, robh iad 's an àirde 'n ear co buailteach do leir-sgrios nan sloigh lionmhor bha tighinn o thuath, cha robh iad saor o ionnsuidh naimhdean bha losgadh 's a' spuineadh am bailtean agus an duthaich. Sgrios Alaric, rìgh nan Unns, Illiria, agus Thrace, 's 'na dheigh sin bailtean saoi-bhir Acuileia, Parma, agus Milan. Ach 's an bha amhghairean bu mhò 'g eiridh o na barailean gàbhaidh bha iad cur an ceill mu theagasgan a' chreideimh; bha iadsan bha buadhachadh cur gach nì dìmeasach á leth chaich, air an robh iad deanamh gach eucoir bha 'n an comas. Thuilleadh, bha deuchainean cruaidh eile tighinn orra. Chuir crith-thalmhainn mhòr ach beag as do Antioch, agus do dh'uthaich Thrace. Bha daoine eile fulang iomadh trioblaid agus amhghar eile mar sin co math ris na Crìosduidhean, mar bha iad a chòmhnuidh am bailtean no 'g aiteachadh na duthcha; ach bha barrachd orrasan thaobh an creideimh, mar bha luchd-riaghlaidh no ughdarrais réir am beachd, no'n aineolais.

Cha b'iad idir na daoine allmharach aineolach as gach àirde bu mhiosa dhoibh oir bha'n soisgeul air a shearmonachadh an iomad àit aca mu'n tainig iad le'm feachdan do'n iompaireachd. Cha robh ùin' acasan gu smaointeachadh, no beachd a ghabhail air teagasgan ùr, no eolas fhaotainn mu bharailean dhaoine fa leth; bha iad ri dian chasadh agus strì, agus ged bha iad ceadachadh a' chreideimh Chrìosduidh, 's a' gabhail ris, bha iad cuideachd ri saobh-chreideamh.

Bha, gidheadh, an creideamh fìor a' sgaileadh fad agus farsuing. Chuireadh Eirinn, 's an linn so, ris na rioghachdan 's an robh an soisgeul air a shearmonachadh. B'e Palladius a cheud aon thàinig as an Roimh a dh' iompachadh a' phobuill a bha doirbh aineolach;—cha d' aontaich mòran leis-san ach reitich e'n rathad roimh an ath-fhear, 's a' bhliadhna 432—

Seadh, Succothus, no mar theirte ris—"Padruic a chanadh na sailm," Albanach, bha dh' inbhe àrd, 's aig an robh càilean math. Shaothairich e dà fhichead bliadhna 's an rioghachd so, a's shuidhich e uachdranachd ann an Armagh.

Tha e soilleir nach robh ordugh easbuig an Eirinn, no an Albainn mu'n do chuireadh Palladius o'n Roimh;—agus gu b'e Padruic a' cheud aon a shuidhich na h-orduighean bha nis a' fàs bitheanta 's an Eaglais,—'s tha cuid a' sgrìobhadh gu d'ìomp-uich e'n t-eilean uile;—gu do shuidhich e còrr is trì chiud gu leth Eaglais,—urrad eile dh'easbuigan;—trì mìle foirfidheach; ach, mar bha aon easbuig air son gach Eaglais, tha e coltach-nach b'ann reir riaghailt coitcheann na Roimh bha iadach, gur h-ann a chaidh Padruic dh'Albainn a dhuthaich féin, agus a shuidhich e na h-òrduighean sin, mar bha na Culthaich, no ceud Chriosduidhean na rioghachd sin,—'s mar tha na sgiorachdan aig an àm.

Ach b'e iompachadh Chlobhis, rìgh nam Francs bu ro àraide 's an linn so. Tha e air aithris gu do bhòidich e gu gabhadh e ris a' chreideamh Chriosduidh, 's gu tugadh e aoradh do Chriosd, mar a Dhia, nam faigheadh e buaidh ann am blàr mòr bha e ri chur an aghaidh nan Alemanni. Thionndaidh iochdarain uile leis. Bha iad ag aithris gu robh mòran mhìorbhuilean aig àm iompachaidh a ghaisgich so a steidhich rioghachd nam Francs ann an Gaul. Tha e air innse gu do lionadh an Eaglais aig Rheims aig àm a bhaistidh le solus dealrach, 's gu cualas guth ag radh, *Sith leibh, is mise e; na biodh eagal oirbh; buanaichibh ann am ghradh.* Bha nithe eile air an aithris bha'n sluagh aineolach gabhail mar mhìorbhuilean. B' e 'n rìgh so a cheud aon do na feachdan sgaothach o thuath a ghabh ri comhairle Nice, d'an gaoireamaid rìgh Chriosduidh, agus am Mac bu shine do'n Eaglais do cheud uachdarain na Frainge.

Mar bha chleir a' fàs saobhir fo iompairean agus rìghrean Chriosduidh bha iad fàs mòr-chuiseach, 's a' dealachadh o shubhailcean, deadh-bheusan, agus giulan iomchuidh nan ceud Chriosduidhean;—bha iad gnathachadh innleachdan agus oidheirpean chum cumhachd fhaotainn agus nithe aimsireil a

mhealtuinn. Bha na h-easbuigean urramach a' fàgail an dreuchd an earbsadh ri feadhainn eile feadh bha'n t-ainm agus an teachd a stigh aca féin, 's a bha iad leantuinn gnathan saoghalta, 's a' caitheadh an ionmhais mar nach bu chubhaidh d'an dreuchd urramach. Bha iadsan bha comasach, agus an inbhe àrd, cumail suas ri prionnsan agus rìghrean ;—'s bha cuid dhiubh cur an ceill gu robh urram na cleir ni b' airde no urram nan rìghrean, mar bha nithe spioradail ni b' airde na nithe aimsireil.

Bha chleir uile dh'aon bheachd air son còir a phobuill thoirt uatha, agus gu meud mhòr agus oirdhearcas sagartachd chur suas. Ach b'iad cleir na Roimhe bu deine air gach cumhachd agus urram fhaotainn doibh féin, gun umhail ciod an doigh air am faigheadh iad sin. Cha'n urrainn sinn chur sìos 's an eachdraidh so gach ionnsuidh thug a' chleir an ionada eile 'n an aghaidh sin ; 's gach carrachd, seoltachd, agus foill bha 'g an gnàthachadh chum an t-easbuig a bha 's a' bhaile mhòr àrdachadh.

Ach, ged bha truailleachd agus mi-bheusan soilleir 'nam measg bha daoine ann bha subhailceach, measora, truacantach agus mathasach. Tha e taitneach iomradh air Diogratias fial, easbuig Charthage, a reic obair airgid na h-Eaglaise a dh'fhuasgladh orrasan bha'm braighdeanas aig Geisericus, rìgh nan Bhandals an corsaibh Africa far an robh iad air an sgaradh o gach caomh agus caraid. Nach b'ionmhuinn fhaicinn maille riu dol gu Eaglais 's a' leagadh sìos leabaichean comhlaich dhoibhsan a bha co feumach air cobhair ! Nach bu charannach e 'na shean aois, toirt furtachd do'n easlan, lòn do'n acrach, agus cungaidh leigheis dhoibh air-son an eucail cràiteach. Shaor Acasius, easbuig Amida, seachd mìle cinneach Persianach a bha dol a mughadh chion lòn. Tha e ro thaitneach a measg gach seanachas mu dho-bheirt agus anneart uachdarain, mistuama agus nam daoine bu chòir bhi iriosal, cràbhach aillis air gnìomha nan saoidh, agus carannachd, agus diadhachd nam fireanach ; — tha mar shoillse an adhar an dorchadas agus aineolas an t-saoghail.

Seathadh linn. Mar dh'ainmich e roimhe so, bha na breith-

eanais a thugadh an comhairle Chalcedoin, cur aimhreite na cleir am meud, 's a' togail buaireis air feadh na Criosduidheachd 's an linn so. Bha iad an aghaidh a cheile, 's bha'n t-iompaire 's an airde 'n ear cur iadsan bha'n aghaidh na taobh air an robh e féin as an dreuchd. Cha ghabhadh na h-ìochdarain ri nithe ùr a bha easbuig Chonstantinople a' teagasg. Lionadh iad le feirg—agus dh'èirich tuasaid 'n am measg anns an deachaidh fuil a dhortadh agus mòran a mharbhadh. Cha robh iad ni bu fh. eagainiche an Antioch a ghabhail iomadh breth thugadh mach an Calcedon. Ghabh Bhitellianus, aon do chinn-fheadhna an iompaire, leo. Bha iad triall gu baile an iompaire. Bha'n aireamh mòr, agus uime sin eagalach, gu sònraichte mar bha curaidh mòr air an ceann. Mhaoidh Bhitellianus gu tilgeadh e an t-iompaire far na cathrach nam biodh chridhe aige na bha e 'g iarraidh dhiultadh; seadh, na h-easbuigean chur 'n an àite féin, comhairle eile ghairm, agus gach breth chaidh thabhairt amach a chnuasachadh a ris. B'èigin do Anastasius geilleachduin a dh'aindeoin; ach tha beag earbsadh ri chur, a gealladh dhaoine a ghabharan teinn. Dh'aontaich an ceann feadhna an sluagh aimhreiteach a leigeadh mu sgaoil, agus dol gu fhrithealadh an Thrace, 's cha bu luaithe a fhuair an t-iompaire Bhitellianus air falbh na bhrìst e gach gealladh agus ghabh e air aghaidh mar bha e'n toiseach. Bha iadsan a thàinig an deigh Anastasius dol a réir 's mar bha'm beachd, no'n steidh chreideimh. Ach e'uin' a chuireamaid crìoch air seanachas mu na h-iompairean, easbuigean, agus mànaich, nan cuireamaid sìos gu mion gach uile ni bha air aithris mu'n linn so.

Gidheadh tha e ri thoirt fainear gu robh a chòir bha easbuigean na Roimh 'g iarraidh roimhe so a nis 'g a h-agairt air gach doigh b'innleachdaiche, agus bu chuilbheartaiche. Bha iad cur an ceill an uachdranachd mar choir dhligheach bha o neamh, a thugadh do'n Eaglais a steidhich an t-abstol, ged nach 'eil dearbhadh gu robh Peadar riamh 's an Roimh. Ach ged bha'n cumhachd mòr bha easbuigean a' bhaile fathast fuidh riaghladh nan rìghrean Gothach, agus, an deigh am baile a ghlacadh, a ris fuidh na h-iompairean Greugach, a bha

leantuinn còir air an dlighe bh'acasan a chaidh rompa. Gidheadh bha cuilbheartan na cleir mhor-chuiseach co iomadh agus carach, 's gu robh a chuid mhor do chumhachdaich na h-airde 'n iar fuidh'n 's smaig-san 's an linn mu dheireadh.

Bha aimhreit agus comh-strì trì uairean 's an linn so a measg àrd-shagairtean na Roimh féin. Thogadh Simmachus, fear frithealaidh an Eaglais na Roimh féin, agus Laurentius, air do Anastasius siubhal, gus a' chathair le'n luchd-seasaidh fa leth, agus bha iad bliadhna gach aon diubh 'g agairt còir air an àit urramach. Thug cairdean Simmachus buaidh mu dheireadh. Rinn Ennodius, casbuig Pabhia, cuideachadh mòr leo, trid a sgrìobhan bha làn brosguil, bha 'g a thogail suas, cha b'e mhain gu inbhe rìgh, ach, cur an ceill gu b'e 'm *breitheamh an àite Dhé féin, agus fear ionaid an Tì is airde*. Bha strì ris eadar Boniface agus Dioscorus—'s bha'n Eaglais gun samhchair gus an do chaochail Dioscorus. Fhuair Bhigilius le eucoir agus mealltaireachd, trid a' bhan-ionpaire Theodora, thoirt air Belisarius-Silbherus a chur á àite agus e féin a thogail do'n chathair. Chaill Silbherus mi-fhortanach àite agus urram, agus uile mhaoin agus chuireadh air fògradh e. Ghabh Iustinian a leith-sgeul phill e an duil gu faigheadh e àite agus urram. Bha Bhigilius tuille is domhain carraid-each,—fhuair e ris 'na lamhan 's chuir e dh'eilean fad as e anns an do chaochail e an ainnis agus an trioblaid. Chuireadh as leth Phelagius gu robh làmh aige ann am bàs Bhigilius—a bha uaibhreach, carach, seolta. Thoill e'n eucòir rinn e féin air-san a bha roimhe; shuidh 'na bhreitheamh air cùis Phelagius, a shaor e o'n sgainneal—co dhiubh bha sin ceart no nach robh. Ged bha'n àite urramach agus an sauibhreas mòr bha iomadh trioblaid, àmhghar, cunnart, agus cogadh dean-amh an cupain sòlais air amaibh gle shearbh. Bha easbuigean na h-airde 'n ear co deigheil air urram agus sauibhreas riu féin; cha leigeadh iad leo d'an deoin làn uachdranachd. Bha iad, uime sin, a ghnà 'n aghaidh a cheile. Cha do lughdaich idir giùlan aon do'n chleir, ris an canadh iad Iain na tràisg, an comh-strì—bha e doirbh, gabhaidh. Ghabh e, ann an comhairle bh'aig Constantinople, ann 's a' bhliadhna 588—an t-ainm àrd-

easbuig thar uile easbuigean. Cha robh sin réir gnè easbuigean na h-àirde 'n iar, agus chuir iad 'na aghaidh—gach aon diubh mar bha iad tighinn an deigh a cheile.

Ghabh, mar chaidh thoirt fainear cheana, cinn-fheadhna nan daoine fiadhaich o thuath, a chiosnuich an àirde 'n ear, ri barailean mearachdach Ariuis, agus bha iad cur an aghaidh aidmheil Eaglais na Roimh. Bha Thrasimund, rìgh nam Bhandals, ged bha fhòghlum thar mòran, cruaidh orra;—dhruid e an eaglaisean an Africa, agus chuir e sè fìthead casbuig air fogradh do Shardinia far an robh iad claonadh gun fheum fad chuig bliadhna deug. 'Nuair shaor Uilderic, a thàinig 'na àite iad, dh'aisig e gu'n inbh' agus an àite féin iad. Thòisich iad sin a ris air fòirneart a dheanamh air luchd-leanmhuinn Ariuis,—mar an dì-chuimhnicheadh iad na rinn-eadh orra féin, no ciod a' ghnè spioraid a bha 's a' chreideamh bha iad ag aidmheil.

Cha 'n urrainn sinn gach aobhar, agus meadhon ainm-eachadh a bha air an gnàthachadh measg sloigh agus chinne aig nach robh eolas, no umhail mu'n aidmheil; no spiorad sìochail an t-soisgeil aca-san bha 'g iarruidh uachdranachd agus ceannas thar na h-uile. Cha robh iad ag iarraidh an urraim a b'airde an ainm no 'n inbhe, chur orra-san a ghabhadh leo. Chiosnuich na Sacsons an earrainn mu dheas dh' eilean Bhreathuinn 's an linn so, agus rinn iad geur-leanmhuinn air luchd-aidmheil a' chreideimh Chrìosduidh gus an do chuir Bertha iompuidh air Ethelbert, aon do na firinnibh bu mhò dhiubh bhi caoimhneil dhoibh-san a bha d'a h-aidmheil féin, agus chuir Augustin a thainig do Bhreatunn an 596, leatha. Dh' iompuich am Mánach so, 's an dà fhìthead chuir Grigor Mòr, àrd-casbuig na Roimh, coladh ris Ethelbert féin, 's bha'm fòghnadh co mòr, 's gu do thilgeadh sìos paganachd. Chaidh eaglaisean dheanamh do 'n teampuill agus thogadh Augustin, le Grigor, gu bhi 'na àrd-casbuig Chanterburro. 'Nuair thàinig Augustin do Bhreatunn fhuair e na Crìosduidhean an sin do dhòigh theagaisg na h-àirde 'n ear. Fhuair e coirc dhoibh agus dhìt e iad thaobh frithealaidh a bhàisteadh. Cha b'aill leis a' chleir umhlachadh dha,—cha ghabhadh iad ris mar an àrd-

easbuig—'s cha treigeadh iad an gnathaibh féin. B'iad so na cùiltich mu'n do labhair sinn beagan 's a' cheud earrann, 's mu bheil sinn ri tuille ràdh 'na dheigh so. Sheas iad sè ceud bliadhna an aghaidh cumhachd na Roimh. Bha Augustin ro uaibhreach. Bha e air-son an còir dhligheach a thoirt o mhuintir a' bhaile, agus bha gnìomh bu mhiosa g' a chur as a leth;—seadh, gu b'è bu choireach ris na Sacsons, 'gam brosnuchadh, gu tuiteam air na Breatunnaich, agus dà cheud deug mànach a mhortadh ann am Bangor.

Bha iadsan a chaidh iompachadh 's an linn so lìonmhor, fada mu dheas, co math 's mu thuath. Ach is fhèudar aideachadh nach b'ann air son eifeachd slainteil a' chreideimh bha iad a' tionndadh;—gu robh mòran tuille do spiorad an t-saoghail so aca; gu robh an deigh air inbh' agus cuid, agus cairdean cur iompuidh orra, ni bu mhò na spiorad a' chreideimh fhior, neamhaidh. Bha Heraclius, iompaire na h-airde 'n ear, eudmhor air-son a' chreideimh; agus thaisbean am pubull agus a' chleir dha an taing le ionmhas a chur cruinn as na h-eaglaisean, a thug iad dha gu cogadh Phersia. 'Nuair phill e le buaidh thug e fainear le beachd dhùrachdach na barailean bha cur na cleir féin an aghaidh a cheile, agus thug e oidheirp air an cur reidh. Chuir e reachd amach chum an aonachadh gu chreidsinn nach robh aig Crìosd ach an aon toil, an deigh dha nadur an duine ghabhail.

Ach an àite an cur reidh 's ann a thog e tuilleadh brìonglaid. Thug Heraclius an sin oidheirp eile. Chuire sgrìobha le Sergius, easbuig Chonstantinople, gu stad chur air uile dheasboireachd mu'n chùis. Bha iad samhach car greis. Chuir Ogha, 'n tra thoisich e ri riaghladh a leithid eile mach,—ach ged chuireadh reachdan iompaire stad air deasboireachd, cha tugadh iad daoine as am beachd féin. Bhreis cuid amach an àitean eile a dhìt na reachdan sin, feadh bha iadsan bha dlu do laimh 'g aontachadh leo. Chaidh easbuig na Roimh chur air fògradh, agus mànach bha ro dhàn agus labhar; ach bha e ni b'usa dh' iompaire, no cheannard, buaidh thoirt air sluagh, no duthaich a chiosnachadh, na bha e daoine thoirt as am beachd féin—no'm barailean atharrachadh. Shuidhicheadh, mu

dheireadh, comhairle 's an do choird iad gu robh dà chorp aige, eadar-dhealaichte an aon phearsa. Bha aon Polichronius 's an t-Seana sin, a thairg a chomhdachadh, le miorbhuil, nach robh ach aon toil aig Criosd,—seadh, le duine marbh a thoirt beo. Chaidh aire thoirt gu robh an duine marbh gun teagamh. Thòisich Polichronius ri thoirt beo, ach dh' fhartlaich air, agus chuireadh mach as a' chleir e.

Bha nis easbuig na Roimhe gabhail ainm pàpa mar chòir dhligeach, leis gach urram agus buanachd, mar tha e cur an ceill bhi thar uile eaglaisean. Thoisich, uime sin, comhstri eadar Eaglais na h-àird 'n ear agus Eaglais na h-àird e 'n iar. Bha easbuig Charthage 'na phapa e féin aon uair; ach bha'n ard-chleir 's an linn so air-son a mhòr urram bhi aig easbuig na Roimh amhain. Thagair Agatho còir air ni nach robh, 's nach b' urra neach 'na chiall iarruidh. Chuir e'n ceill gu robh Eaglais na Roimh neo-mhearachdach;—seadh, gu feumadh i bhi ceart anns gach ni, 's gu robh na h-uile ri gabhail ris na dh'aithn an Eaglais co math 's ged labhradh an naomh Peadar.* Chuir iomadh prionnsa, agus easbuigean na h-àirde 'n ear, an aghaidh sin. Bha rìgh na spàinte diultadh àrd-cheannas bhi aig easbuig na Roimh, no'n Eaglais sin bhi thar chach. Bha e féin gabhail coir air sin mar bha Eanraig IV., rìgh Shasuinn, 'na dheigh. Bha 'm mòran comh-stri agus deasboireachd a bha'n Eaglais na h-àirde 'n ear air sgaoileadh feadh na h-àirde 'n iar, agus bha feadhainn innte bha 'g aontachadh le teagasgan Ariuis. Bha teagasgan Philaguis sgaoileadh feadh Ghaul agus Bhreatunn agus bha brionglaid, deasboireachd, agus comh-stri dol tuilleadh 's fada.

Bha eud agus fuath nan Iudhach do na Criosduidhean dol am meud mar bha iad a' faicinn gu robh iad sin soirbheachadh 's a' lion-sgaradh. Thug sin orra éiridh le Chosroes 's a' chogadh bha eadar e agus na Romhanaich; chaidh e thoirt amach Ierusalem le armait ro-mhòr,—bha 36,000 Iudhach leis a ghlacadh a' bhaile mhoir. Chunnaic iad le gairdeachas na h-eaglaisean ri theine agus uaigh Chriosd (sepulchre), agus

* History of Popery, vol. ii., p. 3.

nithe luachmhor sòluimnte air an giùlan air falbh do Phersia. Chaidh 90,000 Criosduidh a marbhadh, no ghiùlan air falbh nan traillean, agus cuid a reic ris na h-Iudhaich, a bhuin riu mòran ni bu mhiosa na na paganaich. Thug Heraclius buaidh, agus dhiol e gach do-bheirt rinn iad g'an cur gu'n dulan,—ged thug e'n saorsa do leth cheud mìle Persianach.

Bha'n sluagh truagh so (na h-Iudhaich) fulang anns gach àite. Cuid dhiubh air am baisteadh dh'aindeoin agus maoin, no earras, na'n daoine nach aontaicheadh 'g a thoirt uatha. Ach bha cleir na Spainte an aghaidh a leithid sin a cho-eigneathadh. Bha iad toirt fainear nach robh e réir soisgeul nan gràs a bha iad 'g aidmheil. Ach bha iad cumail na bha air am baisteadh ri aidmheil. B'e sin breth na comhairle 's an duthaich sin.

Bha Isidore, easbuig Sabhille, 'g an iompachadh gu gnathachadh cneasda, agus bha e co dàna mhisneachail 's gu do dhìt e doighibh eucòrach nan uachdaran allmharrach. Ach bha comhairle Toledo, 's a bhliadhna 633, gàbhaidh. Chuireadh reachd cruaidh amach toirt comais an clann thoirt o na h-Iudhaich air-son an oilean 's an togail suas 's a' chreideamh Chriosduidh. Chuireadh as an leth gu robh iad ri ar a mach an aghaidh riaghlaidh na duthcha. Bha iad, uime sin, toirt uatha gach ni bh'aca, 's 'g an reiceadh féin ris na Criosduidhean.

Bha'n creideamh Criosduidh dol am meud. Bha luchd-frith-ealaidh agus mìneachaidh an fhocail 'g an cur o thighibh manach am Breatunn, Albainn, agus Eirinn, air feadh na Gearmailt, agus mòran ionadan 's an robh daoine fiadhaich, agus Ceannardan uaibhreach, air an iompachadh, 's air am baisteadh.

Dh'eirich aon an toiseach an linn so (612) do'n Eaglais a bha mòr agus ainmeil thaobh teagasgan eile, agus da' bhuaidh a dh'fhàs leis. Bha e do threubh mhòr do na h-Arabaich agus thàinig e as an teaghlach a b'uaisle dhiubh sin. B'e so Mahomet, no Mahomed, mealtair mòr na h-airde 'n ear. Chaochail athair 'nuair bha ro og agus thuit e am bochduinn. Cha robh aig ach cuig càmhail agus cailleag shearbhanta.

Chaidh e, 'nuair bha e cuig bliadhna fichead, gu seirbhis Cadigah, bantrach shaoibhir am Mecca. Bha e ri malairt air a son feadh Shiria—fhuair e mòran eolais 's an Eiphid agus am Palestine, a rinn e comasach air iompuidh chur air daoine agus 'na dheigh sin an ciosnachadh. Phòs e bhantrach, agus fhuair e na bh'aise.

Réir a' chuntais tha uime, bha e deas, dìreach, maiseach. Mu'n do labhair e bha luchd-eisdeachd air an aontachadh gu chreidsinn. Bha iad cliuthachadh aghaidh fhathail, a ghnuis aobhach, a dhreach sgiamhach,—agus a chruth 'nuair bha e labhairt. Bha e stuama, stolda, anns gach ni réir nóis a dhuthcha:—deas gu freagrach do iartus dhaoine mòra; iriosal agus caomhail dhoibh-san an staid iosal. Bha innleachd 's a sheoltachd air fholach le ghiulan taitneach; 's bha chleachda mar gu biodh e sruthadh o chairdeas agus deadh run. Bha chuimhne math,—fhearas-chuideachd so-shireadh, inntinn ard, a ghnìomh ullamh agus deanta air ball. Bha smaoin agus a bheachd, co math ris na bha e deanamh ùr, fàs suas 'na cheann fein. Fhuair e thogail suas am measg an dream a b'uaisle 's labhair e chainnt Arabach gu finealta. Bha e deas bhriathrach, agus bu mhath b'eol da 'nuair bu chòir dha labhairt agus a bhi 'na thosd,—'s 'na dheigh sin uile bha Mahomet gun fhòghlum. Cha d'fhuair e cothrom 'na oige, cha b'urrainn e leughadh, na sgrìobhadh. Cha do leig a chothrom leis a' buannachd a fhuair e o shinnsir;—ach bha nàdur fosgailte dha, agus bha e fòghlum gnè dhaoine air a thurus. Ghabh e beachd geur air cleachdan, agus aidmheil dhaoine,—air staid Phersia agus na Roimhe, mar bha'n rioghachd agus an sluagh air an truilleadh, 's a' tuiteam o 'n inbhe 's an robh an athraichean. Chunnaic e sin le diomb, agus chuir e roimhe spiorad do chiosnuichte agus subhailcean nan Arabach a chur fo thearmunn aon Dia agus aon rìgh. Cha b'ann an lùchairt rìghrean, no am feachd, no an teampuill an airde 'n ear a dh'eirich a leithid sin do smaointe. Chaidh Mahomet air a thurus do Shiria le camhail gu faoirichean Bhosrai agus Dhamascuis. Bha e gabhail geur bheachd air gach ni; ach, mar bha e aineolach mu chainnt nan Sirianach, bha gach solus

agus fiosrachadh a fhuair e an crìochaidh Arabia fein. Bha oilthirich tighinn gach bliadhna gu Mecca as gach àite gu cràbhadh, agus malairt. Bha cothrom aig aon a bha geur-chuiseach iomadh ni iunnsachadh. Gheibheadh e cuideachadh agus seola o Iudhaich, agus o mhanaich, a Siria no Persia, ris an buineadh e gu cairdeil, a chuidicheadh leis an leabhar Coran chur ri cheile. Bha naimhdean cur an ceill gu d' fhuair e sin. Tha comhludair a' tighinn o thuigse, ach tha cumhachd na h-inntinn fàs an uaigneas; agus tha obair fìor eolais soilleir; mar tha aon làmh 'g a chur ri cheile. Bha Mahomet, o laithean oige, geur-bhèachdachadh air nithe cràbhach. Bha e gach bliadhna fad mìos Rahadam fàgail gnothuichean an t-saoghail, agus a mhnà Cadegah, agus a' dol do uaimh Hera, trì mìle o Mhecca, far an robh e cnuasachadh an aidmheil sin a rinn e sgaoileadh co farsuing le neart airm. Tha fìrinn bith-bhuan agus foill anns a' chreideamh *Islam*, a shearmonaich Mahomet d'a theaghlach, agus d'a dhuthaich, seadh, “*'Nach 'eil ann ach an aon Dia, agus gur h-e Mahomet Abstol.*”

Bha theagasgan ro shònraichte air-son claon-bhreth nan Iudhach saobh-chreidmheach, eaglais na h-airde 'n ear, agus deas ghnathachadh nam paganach Arabach a mhilleadh. Bha mòran do'n t-sluagh toilichte leo mar bha 'n t-ughdair ceadachadh miannan a shàsachadh, cha 'n e mhain 's a' bheatha so, ach, ann an tomhas bu mhò, feadh choilltibh agus shruthaibh seimh arois, far am biodh trì fichead agus dhà—dheug do na mnai òga (houris), a b'ailleadh dreach aig gach fìor chreidmheach, cia 's am bith suarach inbhe.

Chum a chomhdachadh nach robh an Iosa Crìosd ach faidh, bha ni bu mhò na Maois, bha 'm mealltair so cuir an ceill nach robh gach aite 's am bheil air a ghairm Mac Dhé fìor,—agus bha e creidsinn a chuid eile do na sgrioptuirean. Bha Mahomet cur an ceill gu robh comhludair aige ris an aingeal Gabreil ann an uaigneas an uaimh Hera. Gu d'fhollsieh e dhana nithe chuir e sìos 'n a leabhar mu'n Tì is airde. Bha na chuir e ri cheile o àm gu h-àm, 's a chuir e mach uigh air uigh,—an toiseach ag eiridh o shaobh-chreideamh; 's an sin 'g a

dheanamh suas le seoltachd bha fìor innleachdach. Cha robh ach ceathrar a chreid an toiseach 'na aidmheil, a bhean Cadigah, agus triuir eile 'na theaghlach. Cha do sgaoil a' chreideamh amach as a' bhaile fein, Mecca, rè dheich bliadhna. Bha naimhdean aige bha tigheach air a thòir, lan eud air-son na cumhachd a bh' aig a theaghlach, agus am fearg air-son a bha e cur an ceill, 's mar teicheadh e 's an oidheche chuireadh prionnsan a' bhaile gu bàs e, ach rainig e Medina, far an do ghabh iad ris a chreideimh *Islam*.

Chaidh alladh roimh agus bha iad ag aidmheil a' chreideamh. Ghabh euig ceud am faidh 's a' bhaile sin gu toileach, toirt da gach urraim. Ghabh e air féin o'n àm sin dreuchdan sagairt agus rìgh, agus fhuair e comas sìth a ghairm agus cogadh eigheach. Chuir e'n ceill gu robh àithn' aige o nèamh air a' chreideamh sgaoileadh air gach doigh bha 'na chomas; thàinig miltean fuidh bhrataich bha toilichte le'n cuid do'n fhaobhe—bha e 'g aithne faobhe roinn;—bha e cur seachad an cuigeamh cuid air-son deirce agus carannachd, 's bha chuid eile dol chum nan saighidearan fa leth. Bha 'n duais a bhos agus thall,—agus mar bha iad a' creidsinn nach robh dol as aca o'n bha's an dàn doibh bha so 'g an deanamh deònach an aghaidh gach cunnart. 'N tra chiosnuich am faidh buadhar a dhuthaich féin, ghabh e misneach agus shìn e as le armait an aghaidh nan Romhanach. 'N a shè 's 'na thrì fichead bliadhna, bha luchd-leanmhuinn dileas air tuiteam fuidh dhoilghios air a shon. Bhris air a shlàinte, 's bha e féin a' creidsinn gu tug ban Iudhach nimh dha mar dhioghaltas air-son 'eud, no eucoir, 's an deigh fulang greis, chaochail e 's a' bhliadhna 632.

Tha'n Seanachaidh mòr Gibbon an teagamh co dhiubh bu mhò còir an fhaidh air an ainm saobh-chreidmheach, no mealt-air. Tha e 'g a ghabhail ann an trì riochdan rè a bhcattha, agus annta sin uile eu-coltach. Ann a òige, 'n uair bha e an ainnis, bha e toilichte leis na chumadh suas e. 'Nuair ghabh Cadigah e g' a seirbheis 's a thug i cumhachd dha, dh'èirich a bheachd agus aigne 's an tomhas cheudna;—an cunnart a bheatha chall am Mecca, thog e a ghluasad gu Medina gu

riaghladh na muinntir a ghabh ri aidmheil, agus an steidh air an do shuidhich e chreideimh, air cogadh, agus ainneart, agus dortadh fola ghnathachadh. Dheanadh abstol Dé gach nì bu traileile 'na thigh féin; chuireadh e air teine; leigeadh e na caoraich, agus chaireadh e bhrògan agus aodach. Bha e fial air amaibh àraid,—ach 's minic bha e seachduin gun teine air a thealach. Tha e comharaichte gu robh foill agus dortadh fola mu chathair rioghail o thoiseach. Phairtich e fein agus iadsan bha riaghladh 'na dheigh dheth sin.

Bha dà bhean dheug aige, agus do na bha chlann aige uatha uile, cha bu mhairean ach Fortuna, bean Ali. Chuireadh an t-slat rioghail bh'aig Mahomet an làmhan Abubecir—a ghairm ainm féin, Caliph, tha ciallachadh rioghalair spioradail co math agus aimsireil. Bha iadsan a lean am faidh a' sgaoileadh a chreideimh, 's ag imeachd 'na cheumaibh;— bha bhuaidh bh'aig eiridh leo co grad, 's gu do gheill, ann an ciud bliadhna, Persia, Siria, an Eiphid, Africa, agus an Spainte, do na h-Arabaich fhuileach, chasgarach.

Cha b'ìoghnadh ged gheibheadh iad buaidh air na Crìosduidhean le'n airm, oir bha iad cogach, conspaideach, agus làidir; ach gun gabhadh iadsan aidmheil Mhahomet, an àite soisgeul nan gràs tha sìochail agus fìor-ghlan, tha e ro-iogantach, gus an toirear fainear gu d'atharraicheadh iomad nì 's a' chreideamh Chrìosduidh o linn nan abstol, gus nach robh an luchd-aidmheil idir mar bha iad 's na ceud linnibh. Cha robh aig iomadh a nis ach an t-ainm. Bha iad fein an aghaidh a cheile le deasboireachd agus atharrachadh bharailean nì bha toirt orra bhi ri geur-leanmhuinn air a cheile. Mar nach robh iad féin idir réir spioraid a' chreideimh bha iad ag aidmheil; bha iad deas gu aontachadh le cleachdan fuileach mìchneasda bha 'm faidh Arabach ag àithneadh, am feadh, bhaana-mianna agus tògradhean mar an ceudna air an ceadachadh. Bha'm faidh cealgach gabhail rìusan bha dealachadh ris an Eaglais, no bh'air am fogradh, 's ri comhnadh leo bha tighinn fuidh bhrataich chum lamh 'n uachdar fhaotainn air an luchd-foirneirt. Bha na Mahometanich buntainn gu goirt ris na Crìosduidhean nach geilleadh do'n chreideamh *Islam*. Bha

teine agus fuil dol 'nan lorg;—loisg iad nithe ro luachmhor, mar bha leabhraichean Alecsandria, a bha gun aireamh, 's a bha ro phriosail.

Ach bha naimhdean bu mhiosa aig a' chreideamh fhior-spioradail; seadh, mi-bheusan agus dubhailcean a' chleir. An robh do-bheirt, no ceannairc nach fhaoidte chur as an leth. 'S an treas comhairle choitcheann aig Constantinople thugadh tuilleadh aire do bharailean saobh-chreideach, no do ghiulan geamnuidh cliuiteach; ach an comhairle Phrague, ann an 675, fhuaras coire do ghnathachadh na cleir a b' airde air-son bhi sgiursadh na cleir bha fuaidh mar thraillean, 's a bha toirt air luchd-frithealaidh 's an Eaglais an giulan air an guaillean. Bha'n ard chleir gabhail ughdarrais thar uachdarain aig eomhairle Toledo, 's a' bhliadhna 681 ghabh iad do dhànadas na mionnan dligheach bh'air iochdarain Uamba fhuasgladh. Chuir an t-uachdaran an ceill gu b'ann foidh bhreith-aithreachain bha eide mànaich air; ach thuirt iadsan nach robh neach air an robh an eide sin ri bhi na rìgh, agus ghairm iad Erige 'na rìgh dligheach.

Bha inbhe a' phàpa nis co ard agus a shaibhreas co mòr 's gu robh eimh-stri mu àite an aoin a chaochail agus mòran aimhreit a' tachairt mu'n rachadh ionad a lionadh. Gach comunn ag ainmeachadh an caraaid féin gus am biodh dithis no triuir air an gairm nam pàpa 's an Roimh anns an aon àm.

VIII. Linn. Cha bu lughadh trioblaidean na h-Eaglaise iompaire na Roimh bhi 'na uachdaran oirre. Bha'n cùram 's an dragh bha Constantine, a shuidh 'na ard-shagairt e fein, gabhail uimpe, agus iadsan a thàinig 'na dheigh, a bha mar bu bhitheanta deonach air a mhath 'na dhragh 's na aimhreit; ach 's an bha Iustinian II. gun umhail d'a teagasgan. Bha chaithe-beatha ro choireach. Bha'n t-iompaire a lean e tabh-airt barrachd aire do ghnòthniche na h-Eaglaise. Ghairm e comhairle, no Seana, agus ghabh e pairt leosan bha cur an ceill aon toil, mu aon nàdur Chrìosd;—dhit e anns a' chomhairle a bhreth chaidh thabhairt mu'n bharrail so, agus dh'aithn' e gu biodh na dealbhan air an spionadh nuas, bha mar chuimhne air an t-seathanh comhairle. Chaidh an srachdadh à Eaglais an

naoimh Sophia. Cha tugadh am pàpa uaibhreach feart air, oir chuir e suas an dealbh 's an Eaglais cheudna, agus ann an Seana a shuidhich e leis chuir eadh Philippicus féin fuidh as-caoin Eaglais mar shaobh-chreideach. Chuir am pàpa an ceill nach b' airidh e air bhi 'na iompaire; 's gu bu choir da iochdarain eiridh 'na aghaidh. Bha aobhar aca féin—ni b'e suim do'n chreideamh, no do'n giùlau. Rinn iad mòran aimhreit 's an Eaglais fad na linn so; a' deanamh dioghaltais air a' phàpa nam biodh laithean aige.

Chaidh Leo bha na shaighdear am feachd Iustinian thogail uigh air 'n uigh gus an robh e 'na iompaire, 's a' bhliadhna 716. Mhionnaich e gu solaimnte 'n tra chaidh an coron air a cheann gu dìonadh e an creideamh fìor. Ann an 721 bha Sirianach a' mealladh nan Iudhach le bhi cur am fiach gu be féin am Mesiah ris an robh duil, agus thog e mòran aimhreit. Rinn Leo, mar bha e saoil sinn air-son math nan Iudhach, lagh 'g an co-eigneachadh bhi air am baisteadh ann an creideamh na h-iompaireachd. Thòisich a ri deasboireachd mu aoradh dhealbhan. Bha chleir a' cruinneachadh an Seana,—'s bha mòran connsachaidh 'n am measg. Bha iadsan bha air-son aoraidh dhealbhan feuchaiun miorbhuilean agus comharan bha iad cur an ceill bha na dealbhan deanamh.

Bha amharus aca gu robh an t-iompaire 'g iompachadh leis na Mahometanich a bha cur nan dealbhan gu neo-brìgh. Thug Iudhach air Caliph Segid gach dealbh bha'n eaglaisean a dhuthcha mhilleadh. Chuir Leo, am bliadhna 726, reachd cruaidh amach toirmeasg aoraidh sam bith a thoirt doibh, 's ag aithne an cur amach as an eaglaisean. Gidheadh, bha saobh-chreideamh a phobuill ni bu duilghe chur sìos. Thrus na miltean mu dhealbha nan naomh a threig, agus uu Ghermanicus a shearmonaich agus a sgrìobh as an leth. Uaith sin bha caochladh pàpa, ar-a-mach agus dorta fola.

Ged fhuair an t-iompaire buaidh 's a' bhaile mhòr, bha'm pobull ri buaireas 's an Asia, 's an Fheadailt, agus an àitean eile, agus sheas iad le pàpa Grigoir II., a dh'orduiche, agus a chuir e do Chonstantinople. Dh'fhuasgail Grigoir an sin iad o'm mionnan do'n iompaire. Mharbh iad an cinu-fheadhna

bh'air an arm;—dhiult iad umhlachd thoirt do laghan, no riaghailtean. Smachdaich Leo a rìs a' chleir an cearnan eile, toirt a chàin, no'n deachamh uatha 's g'an cur fodh ughdarras Bhisanshium. Bha mar sin, an t-iompaire, am pàpa, 's a' chleir an aghaidh a cheile; 's an sluagh aineolach ri aoradh, air an treorachadh mar tha daill leis an dall.

Bha Irene, a' bhan iompaire, mi stuama, ana-cneasda, agus fuileach, air a cur an aireamh nan naomh, a chionn gu robh i air-son aoradh nan dealbh.

Bha mòran aimhreit, trioblaid, agus truaigh 's an linn so,—cha b'ann a mhain 's an Eaglais, ach, mar an ceudna, feadh na h-iompaireachd anns gach duthaich. Bha atharrachadh bith-eanta mi riaghailt agus aineolas;—cha robh mìadh air oilean, no foghlum. Bha gach droch-bheirt 'g a chur an gnìomh fuidh sgaile creideimh. Bha mòran bhailtean air an sgrios an Siria, 's am Palestin le crith-thalmhain. Bha dorchadas ann a mhair rè mìos do'n fhoghar, air mhodh 's nach robh dealachadh mar eadar an là 's an oidhche 's na tiribh sin, 's thàinig plaighean 'na dheigh a sgaoil fad agus cein 's an àirde 'n ear, 's a mhair trì bliadhna cur as do mhiltean.

Bha luchd-aidmheil Mahomeit cur as do na Criosduidhean anns gach àite bha fo'n cumhachd. Thàinig na Saracens, 's a' bhliadhna 714, do'n Spainte, 's do chrìochaibh na h-àirde 'n ear. Bha cor na h-Eorpa truagh eutorra uile; ach bha cumhachd a' phàpa dol am meud 'n am measg gu leir. Bha saobh-chreideamh agus ceannaire dol le cheile, 's 'g an togail suas gu bhì 'n an sgiurs fad iomadh linn 'na dheigh sin.

Chi iadsan a leughas eachdraidh nan amaibh sin mar bha gach eucoir 'g a chaitheadh, gach innleachd 'g a dhealbh, gach ceilg ga chur an gnìomh leo san-bha riaghladh; a bha ri cogadh, 's a bha frithealadh 's an Eaglais;—gach aon air son a ghnothuich féin, cumail amach aobhair dhlìgheach, no creideamh mar a b'fhearr a fhreagaradh.

Bha cumhachd a phàpa nis co mor 's nach deanadh rìgh-rean agus iompairean, bha'n aghaidh a cheile, ni sam bith gun a chomhairle;—agus bi bhreth bha e-san toirt a dh'fheumadh iad a leantuinn, co dhiubh bi chòir no eucoir i. 'N a thuras do'n

Fhraing dh'fhuasgail e Pepin o mhionnan d'a uachdaran dligheach, agus chuir e'n coron air a cheann,—ach bha barrachd sin a ghnothuch aige ris. Dh'iarr e comhnadh an aghaidh nam *Lombardaich* a' gealltuinn sonais agus saobhreis da nis agus a rìs na'n cuireadh e leis, agus a' bagradh gu cruaidh mar deanadh e mar bha e-san a' sireadh. Chaidh Pepin an aghaidh a rìgh dligheach,—bha buaidh leis, agus thug e air na h-ionada sin strìochdadh do àrd-shagairt na Roimhe, a thog e gu uachdaranachd mòr fearainn agus dà bhaile mhòr thar fhichead.

Bha'n ceangal eadar Pàpa na Roimh agus Pepin air a dhaingneachadh leis an fheum a bh'aca air comhnadh o cheile.

CAIBIDIL II.

MU RIAGHLADH NA H-EAGLAISE, TEAGASGAN, AGUS DEAS-GHNATHAIBH.

Riaghailtean ùr 's an Eaglais.—Na Criosduidhean fàs liònmhor.—Am pobull cumail suas an luchd-teagaisg agus frithealaidh; agus, uime sin, 'g an ròghnachadh.—Easbuigan.

BHA riaghailtean na h-Eaglaise annamh air tùs ach soilleir agus so-thuigsinn. Mar bha na Criosduidhean fàs liònmhor bha feum air tuilleadh, agus, uime sin, bha feadhainn ùr 'g an cur riu sin, o àm gu h-àm. Bha'm pobull a nis a' tional á dh'ionadan eigin; bha easbuig, no fear-coimhead tharpa, aig an robh luchd-cuideachaidh, réir 's mar bha feum orra. Bha'm ministèir, a bha frithealadh dhoibh an nithe naomha, ri bhi thairis orra rè a bheatha, mar tachradh do àite no dhreuchd thoirt uaith, air-son a theagasg, no chaithe-beatha; agus chainte ris mar an taisbeanadh Eoin aingeal na h-Eaglaise. 'S na linnibh sin bha iadsan bha frithealadh ri 'n cumail suas leis a' cho-thional, agus bha iad uile air an ceangal coladh le gràdh. Bha iad gu leir air an comharachadh le aon inntinn agus ionracas diadhaidh; ach cha do mhair an co-cheangal sin daonan. Bha barailean agus atharrachadh dhoighibh aig daoine anns gach liun bha leantuinn. B'i chrìoch mhòr

agus àraid a chuir Crìosd chum an t-saoghail gu Eaglais choitcheann a shuidheachadh air thalamh, a bha ri bhi faicsinn-each 's gach aimsir 's air a deanamh suas do gach dream agus cinne a chreideadh. Bha e uime sin feumail gu biodh Eaglais-ean air an suidheachadh air feadh an t-saoghail, measg Iudhach agus chinneach,—gu biodh frithealadh annta gu mìneachadh an fhocail,—gu biodh teagasgan falain air an sparradh air an luchd-eisdeachd, chum 's gu biodh an sluagh air an cumail 's a' chreideamh, 's air am foghlum le dcadh oilean, subhail-each, diadhaidh. Bha sin uile feumail, mar chunnaic 's a dh'òrduich e-san d'an aithne, 's d'an leir na h-uile nithe, chum 's gu biodh an creideamh fìor 'g a choimhead gun truailleadh.

B'iad na deisciobuil a bha ghnàth maille ri ughdair an creid-eimh, rè a mhinistrealachd ris an robh suidheachadh agus sgaoileadh na h-Eaglais, air tus an earbsadh, 's na soisgeulaiche chuir na h-abstoil a mach a theagasg nan cinneach; no chaidh o'n saor-thoil féin, cur cul ri nithe an t-saoghail so, g'an toirt féin suas do'n dreuchd a ròghnuich iad; b' iad so a fhuair an cumhachd labhairt an teanganna nach d'ionnsaich iad, bha na chomhar cinnteach gu robh iad air an ròghnachadh chum na crìche sin.

Fhuair na h-abstoil ughdarras mòr thar a' phobull an nithe spioradail, dheanamh laghan agus riaghailtean ùr;—cur iompuidh air an aingidh, 'g oibreachadh mhiorbhuilean, réir 's mar bha feum orra. Chuireadh iad a theagasg foillseachadh Chrìosd air toil athar, tha riaghladh an glòir neo-fhaicsinneach.

Cha 'n 'eil mòran fiosrachaidh mu'n deich 's an trì fichead deisciobul, mar nach 'eil ach iomradh aon uair orra 's an Tiomnadh Nuadh.

Cha'n 'eil àithne shònraichte againn o Chrìosd, no o na h-abstoil mu riaghladh na h-eaglaise o'n leth muigh. Uaith sin feudaidh sinn a tharruinn gu robh i ri riaghladh 's ri stiuradh, air amaibh fuidh leth, réir gliocais agus fiosrachaidh an luchd-riaghlaidh. Ach mar bha na h-abstoil, a fhuair an spiorad naomh, a' riaghladh a' cheud Eaglais, a shuidhicheadh an Ierusalem, bha i sin 'na h-eiseimpleir aig gach caglais eile, ged bha iomad ni nach robh innte sin feumail 'na dheigh sin.

Bha'n sluagh an toiseach a ròghnachadh ceannardan agus uachdarain an nithe aimsireil. An àm cogaidh agus strì, bha e-san bu treise, b'airde misneach, 's bu tùraile, dol sìos air ceann feachd,—suidhe 's a' chomhairle, 's a' toirt breth. Bha daoine leantuinn an doigh cheudna an nithe spioradail. Bha iomadh atharrachadh feumail an aimsirean caochlaideach;—nithe dh'fhoghnadh aon uair, cha'n fhoghnadh air àm eile;—bha uime sin, nithe bha caochlaideach annta féin an earbsadh ri luchd-frithealaidh bhiodh eagnuidh glie.

Bha'm pobull, ni h-eadh, anhain a' cumail suas an luchd-teagaisg, ach a comhnadh leis an luchd-frithealaidh; agus, air an aobhar sin, bha focal aca 'n àm an ròghnachaidh. Bha'n co-thional uile dh'aon inbhe, air an aonachadh ri chile le seirc agus gràdh bratharail. Bha iad carannach, caomhail, mar thigeadh do na h-uile Chrìosduidhean a bhi tha deanamh suas na h-Eaglais' naoimh, a ghairmear as gach àite, cinne, agus teaghlach. Bha iadsan bha creidsinn air am baisteadh 's air an gabhail a steach do'n Eaglais. Mar bha iad fàs lionmhor bha e feumail eadar-dhealachadh a dheanamh, agus riaghailtean ùr mar an ceudna;—gu bitheadh cuid air am feuchainn, 's air an leasachadh ni b'fhaide, mu'n rachadh an gabhail 'n am buill do'n Eaglais fhaicsinnich;—'s mu'n co-pairticheadh iad do na sochairean soluimnte.

Bha na foirfich 'n an luchd-coimhead. Bha iad air an ròghnachadh, cha b'ann uile réir an aois, an eolais, am fiosrachaidh, an deadh ghiulan, agus an diadhachd. Bha dleasanas fa leth aca ri choilionadh; bha'n saothair réir 's mar bha feum orra. Bha cuid a' teagasg, agus cuid a sealltuinn thar an Eaglais, ach bha iad uile deas gu frithealadh. Do'n luchd-teagaisg bha iad an annamh aig an robh fòghlum, no fiosrachadh cia mar chuireadh iad iompuidh air sluagh borb, ain-eolach. Chunnaic Dia, uime sin, iomchuidh daoine àraid a thogail suas, no chomharachadh mach bha labhairt na firinn ris a cho-thional, 's a' cur iompuidh orra le cumhachd an spioraid, mar bha faidhean an Tiomnadh Nuadh, a fhuair ughdarras iadsan a chronuchadh bha coireach am mi-riaghailtean folaiseach. Bha daoine eigin labhairt anns gach cruinneach-

adh bha comasach air faidhean breige aithneachadh ach 'nuair bha daoine faotainn ionnsachaidh, no fòghluim agus fiosrachaidh, cha robh tuilleadh feum air faidhean.

Bha iad fuidh chleir bha feumail chum frithealaidh anns gach comunn. Bha iad ro fheumail do na ceud Chrìosduidhean, 's ni bheil teagamh nach b'ann diubh iadsan a ghiùlain amach Ananias agus Sapphira.

'S ann mar sin bha'n Eaglais an toiseach, bha dhà no trì dhaoine diadhaidh a ghna sealltuinn thairis oirre. Ach, mar bha iad iomada, chunnacas iomchuidh aon àraid bhi os ceann na comhairle chum an dreuchd féin thoirt do gach aon. Tha e coltach gu deachaidh a cheud aon diubh, a ghairm an toiseach " aingeal," 's 'na dheigh sin easbuig, a chaidh ròghnachadh ann an eaglais Ierusalem an deigh do na h-abstoil dol amach a theagasg nan cinneach, agus lean eaglaisean eile an eiseimpleir.

Cha robh, 's cha 'n 'eil, easbuigean nan linnibh a lean coimeas rìusan a bha 's a' cheud Eaglais a shuidhicheadh leosan aig an robh an spiorad naomh 'g an stiùradh 's a' tabhairt cumhachd dhoibh. Ged bha iad do'n aon ainm agus dhreuchd bha dealachadh mòr eutorra. An linn nan abstol bha easbuig a' coimhead thar a cho-thional, ged nach robh an aireamh ach beag. Bha e 'na sheirbhiseach, eudmhor, dileas, 'n am measg, a' teagasg a' phobuill, a' frithealadh an nithe naomha, 'g amharc air an tinn, 's a' tabhairt fainear ùireasbhuidh nam bochd. Bha dhragh, a chùram, 's a shaothair mòr, agus gle bheagan air a luathasachadh dha. Mar bha na Crìosduidhean a' fàs lìonmhor, bha eaglaisean 'g an togail am bailtean, 's an duthchanan air an son. Bha'n t-easbuig sealltuinn tharpa, 's mar b' fharsuinge bha chumhachd air a meudachadh, bha e fàs uaibhreach.

Tha daoine innleachdach eugnaidh gabhail cothroim air gach atharrachadh tha tachairt; agus, ni tha ro choireach, tha cuid ri sin fuidh sgaile creideimh. Bha dealachadh o thoiseach eadar easbuig 's a luchd-cuideachaidh. Bha daoine am barail gu b'ann uaith bha gach dreuchd agus ughdarras. Bha umhlachd 'g a thabhairt da; agus bha gach ni bha daoine cràbhach, aig

an robh cothrom, a' tabhairt do'n eaglais, fuidh riaghailt, mar gu buineadh iad da féin. Dh'éirich e, mar sin, gu meas agus urram mòr. B'e ionmhas na h-Eaglaise, bha fuidh chùram an easbuig, aon uair am fearann, uair eile an airgiod, an cupain, an earras; 's mar bha iad sin air an toirt do'n Eaglais lean iad rithe. Bha'n luchd-frithealaidh gabhail na bha iad faotainn gun bheag idir thoirt uatha.

Bha chleir a' cruinneachadh 's na bailtean mòra. Bha'n aon bha chomhnuidh 's a' bhaile daonan a làthair, 's air a ròghnachadh gu frithealadh os an ceann. Mar bu ghnà, bha e-san bha tharpa 'g a mheas mar a chòir. 'S ann mar sin a thogadh an t-easbuig bha co-ionan ri cach, gu toiseach suidhe agus ughdarras thar an duthaich 's an robh e. Bha'n cumhachd a fhuair e air a dhaingneachadh, agus bha e 'g iarraidh 's a' faotainn tuilleadh. Bha sin co-sheasamh le rùn riaghlaidh Chonstantine, 's bha, mar sin, laghan na h-Eaglaise cosmhuil ri laghan na rioghachd. Ged nach robh an drenchd cosmhuil, bha'n dealbh riaghlaidh air an aon doigh. Bha'n t-easbuig bha 's a' bhaile mhòr 'na uachdaran spioradail, seadh 'na phàpa. Sin thòisich aimhreite agus comh-strì 's an Eaglais, 'nuair bha pàpa ri ròghnachadh. Bha mòran strì uime, agus barailean fuidh leth aig daoine nach robh a' còrdadh mu nithe cùdthromach, bha reubadh na h-Eaglais as a cheile. Bha bhuidheann bu laige dol gu àrd-chomhairle na rioghachd air-son didinn; 's bha sin toirt comais do uachdarain agus iompairean laghan ùra a dheanamh réir an toile féin. Thòisich atharrachadh riaghailtean 's na h-eaglaisean saoi bhir. Bha doighean ùr 'g an gnathachadh gus mu dheire bu ghan bha ni 's am bith cosmhuil ri riaghailtean na ceud Eaglais.

Thòisich deasboireachd mu bharailean eug-samhuil, mu dhoighibh aoraidh agus dreuchd sagairt. Bha na sgrioptuir-ean 'g an leughadh do'n cho-thional; no gu sonruichte chuid bu mhò do'n Tiomnadh Nuadh, mu cheud gu leth bliadhna an deigh an creideamh spioradail fhoillseachadh. Cha 'n 'eil eunntas air a' cheart àm 's an deachaidh na sgriobhan naomh' a chur ri cheile; ach tha e dearbhta gu deachaidh an cruinn-

eachadh gu cùramach, 's gu robh iad air an gleidheadh, le aire shònruichte, air leth o sgrìobhan dhaoine, le cuid do na h-abstoil, agus iadsan a thàinig 'n an deigh, a bha sgaoileadh fad agus farsuing ameasg nan cinneach. Tha fios gu deachaidh na soisgeulan a chruinneachadh am feadh a bha 'n Naouh Eoin beo, 's gu do chliuthaich e'n tri eile; 's ni bheil ag nach deachaidh na leabhraichean uile chur coladh aig an àm cheudna. 'S bha e ceart agus feumail, mar chaidh mòran a sgrìobhadh mu bheatha agus theagasgan Chrìosd an deigh dha dol suas do nèamh, a bha làn do shaobh-chreideamh, agus cuid air a sgrìobhadh an ainm nan abstol. 'S mar biodh na Sgrìoptuir-ean air an cur sìos, mar bha fios cinnteach aca, bhiodh aimhreit' agus mearachdan anns an Eaglais.

Tha Eaglais na Roimh' agus feadhainn eile cur nan leabhraichean nach do dheachdadh leis an Spiorad (Apocripha) amach leis an t-Seann Tiomnadh 's an Tiomnadh Nuadh, mar gu biodh an aon ughdarras aca, ni bhitheadh ro choireach 's an Eaglais mar deanadh iadsan bha riaghladh innte na soisgeulan agus litrichean nan abstol, agus na gnìomharan chumail gu cùramach agus tearuinte air leth o sgrìobhan bha cur an ceill nithe dh' fhaodadh tachairt, mar eachdraidh, ach nach do dheachdadh leis an spiorad naomh.

Mar bha chleir uile còmhnaidh leis an easbuig,—'s a bha iad dol coladh gu comhairle, ghairmeadh *Seana* do'n coinneamh; agus reachdan na h-Eaglaise do na riaghailtean a bha iad a' deanamh. Thòisich sin an toiseach am measg nan Greugach far an robh an rioghachd air a deanamh suas do staidean, 's a' co-aontachadh. Thugadh fainear gu biodh iad sin ro fhreagarach agus feumail, 's bha iad an ùine bheag cruinneachadh mar sin 's gach àit' eile. Bha comas aig an t-Seanadh iomadh atharrachadh agus riaghailt ùr a dhcanamh. Bha sochairean a' phobuill dol an lughaid mar bha ughdarras an easbuig dol am meud. Bha e-san bha tàml 's a' bhaile mhòr suidhe nis air ceann a' chomuinn mar a dhlighe, no chòir, agus bha e 'g iarraidh barrachd cumhachd. Bha ùrram agus a' bhuanachd mòr, ni bha feadhainn eile tabhairt fainear 's a' sanntachadh. Bha e riaghladh na h-Eaglaise araon o'n leth muigh agus o'n

leth stigh. A h-aon mu gach doigh stiuraidh, deasboireachd, agus coimh-strì, an aon eile nan atharrachadh bharailean, mu chreideamh, agus doigh aoraidh. Bha'n t-easbuig a bha 's an Roimh thar chach uile. Bha inbhe agus a shaoibhreas 'g a thogail suas, am fianuis dhaoine mòra, ni bu mhò na bha chàilean, a bhuidhean, a ghràsan, nosubhailcean,—a tha nochdadh beatha nam fireanna, 's nan Criosduidhean. Bha lùchairt mhòr aig easbuig na Roimhe, 's bha, mar nach b'ìoghnadh, strì mòr mu'n àite lìonadh 'n tra thuit dha bhi falamh. Bha ainneart agus eucòir 'g an gnàthachadh. 'S a' bhliadhna 366 'nuair chaochail Siberius 's a bha aon ri chur 'na àite dh'fheuchadh gach cuilbheart agus foirneart. Ròghnaich cuid Demasus, agus cuid eile Ursicimus. Bha sin na mhathair-aobhair air mòran trioblaid. Thòisich cogadh casgarach, sgrèamhail, 's a' bhaile mhòr. Thug cairdean Dhemasus buaidh; ach, co b'urrainn a radh, co aige bha'n ceartas? Cha robh a h-aon diubh comharaichte le gràsan agus subhailcean Criosduidh, nithe bu chòir bhi folaiseach 'n am beathanasan bha frithealadh 's an Eaglais fhaicsinnich.

'Nuair dh'atharraich Constantine a' chomhairle o'n Roimh gu Constantinople, am baile ùr a thog e 's an airde 'n ear, bha'n t-easbuig 's a' bhaile sin an inbhe co àrd ri easbuig na Roimhe féin. Bha gach còir agus sochair a bha 'n toiseach 's an t-Seana Bhaile a nis 's a' Bhaile ùr, agus gach dreuchd agus urram, mar an ceudna, aig an easbuig a bh'ann; agus thug Theodosius, 's a' bhliadhna 381 ughdarras da bhi 's a' cheud inbhe, 'nuair nach bitheadh easbuig Alecsandria làthair. Bha sochairean an easbuig air an mendachadh na dheigh sin. Bha Thrace, Asia, agus Pontus fuidh fhrithealadh, ach bha easbuig na Roimhe 'g iarruidh àrd-uachdranachd. Bha nithe eile, co math ris na dh'ainmich sinn, co-chordadh le sin. B'e bharrail-san agus iadsan uile bha geilleachduinn da, gu b'e 'n t-abstol Peadar, thaobh nan cumhachdan, 's nan dreuchdan, thug Criosd dha, a' charraig air an deachaidh Eaglais a thogail—bunait agus steidh nan uile. Sin a' cheud mhearachd mor 's an do thuit Eaglais na Roimhe. Ach thugadh uile Chriosduidhean fainear gur e Criosd féin am bunait, mar bha

sinn leigeadh ris cheana, air am bheil an Eaglais air a togail. Tha Paul ag innse dhuinn, nach 'eil, 's nach urradh steidh eile, no bunait a bhi ann. 'S e is seadh do'n fhocal Peadar, carraig. Thuirt Criosd, " 's tusa Peadar,"* ach cha dubhairt e, 's tusa steidh na h-Eaglaise. 'S ann bha e ciallachadh gu robh Eaglais mar charraig neo-ghluasadach—samhluidh sònraichte air an Eaglais choitcheann. Ach ged tha so uile soilleir, bhunaich Eaglais na Roimh anns a mhearachd; agus bha buannachd mhòr aca uaith thaobh aineolais agus saobhchreideamh a' phobuill. Bha chleir an toir air saobhbheas agus uachdaranachd. Le 'n cud air-son mòrachd cha tug iad an aire gu b'ann mu na h-abstoil uile bha Criosd a' labhairt;—trìd an saothair 's am ministrealachd bha'n creideamh ri sgaoileadh gu folaiseach. B'e Peadar féin a shearmonaich an toiseach do na h-Indhaich aiseirigh an fhir-shaoraidh mar steidh an creideimh, 's a dh'innis do na cinnich gu robh iad ri co-pairteachadh do chumhnant Abraham, 's gu robh còir aca air na sochairean 's na gràsan bha 'sruthadh uaith. Ged nach 'eil dearbhadh gu robh Peadar riamh 's an Roimh chuireadh an ceill leis an luchd-teagaisg gu robh, agus steidhich an roinn mhòr sin an creideamh air-san, agus air easbuig na Roimhe 'na dheigh, cumail amach gu robh e 'na àite, 's gu robh gach urram agus sochair a thug an Slanuighcar do Pheadar aige-san. Ach ciod an dearbhadh 's urrainn dhoibh a thabhairt gu robh Peadar riamh 's an Roimh, no gu do shuidhich e'n Eaglais sin, no gu tug e gach cumhachd a fhuair e do'n Phàpa? Chaidh aithris, agus bu leoir sin, Gidheadh nach iomadh ni th'air aithris air nach fhiach tighinn thairis a rìs? Ach ciod nach creid an sluagh aineolach? 'S ann acasan tha 'g am mealladh aig am bheil ri freagairt! Bha iad a' creidsinn na bh'air aithris, seadh, 'gu b'e 'm pàpa fear-ionaid Pheadair,—a charraig air an robh an Eaglais ri seasamh. Sheas na beachdan so, mar sin, uine fhada', agus 's eigin aideachadh, nan deanadh uine ni a chòmhdachadh gu biodh aobhair aig daoine creideas a thoirt do nithe co-mearachdach.

Ach chuireadh teagamh 's an àm air a' chòir a bh'aig pàpa

* Matt. xvi. 18.

na Roimh air an t-sochair mhòr sin. Cha robh uachdaran na h-Eaglais aig Constantinople toilichte, agus dhearbh e gu do shuidhich Peadar eaglaisean eile—gu h-araid aon ann an Antioch, agus bha e cur an ceill gu robh e féin co àrd ris-san 's an Roimh. Mar sin bha easbuig na h-àirde 'n ear, agus easbuig na h-àirde 'n iar an aghaidh a cheile. Ghairm an dara fear comhairle a dhìte am fear eile. Bha iad feuchainn gach doigh air uachdranachd fhaotainn. Bha na sgrìobhan naomh air am mìneachadh 's air an tionndadh mar bhitheadh e freagarach dhoibh féin. Mar ann am Mata* “ Gu deimhin, tha mi 'g ràdh ribh, ge b'e air bith nithe a cheanglas sibhse air thalamh, bithidh e ceangailte air nèamh; agus ge b'e air bith nithe a d'fhuasglas sibhse air thalamh, bithidh e fuasgailte air nèamh.” 'Nam biodh e fìor 's an t-seadh 's am bheil am pàpa 's a luchd-aidmheil gabhail an earrainn so, cìod an comas bu mhò b'urrainn e fhaotainn. Ach an sluagh bochd tha creidsinn gu bheil comas aig a' phàpa, 's aig sagairtean, maithenas a thoirt doibh! cha'n ann aca-san tha choire 's iadsan tha mìneachadh 's a' tionndadh nan sgrìoptuirean mar is aill leo féin, a tha seolta, cealgach agus carach, agus bithidh freagradh aca ri thabhairt air-son na tha iad fìradh air cheann am là mhòir.

5. Century
An cuigeamh linn.—Ged bha easbuigean na Roimhe 'g agairt uachdranachd na h-Eaglaise roimhe so 's a' feuchainn gach doigh bha 'nan comas air sin thoirt amach, cha deach-aidh an t-urram mòr a chuir orra gus an do choinnich a' chomhairle aig Chalcedon an 451. Chaidh an t-urram ceudna dhligheadh do na h-easbuigean bha'n Antioch, an Alecsandria, agus an Ierusalem, ged nach robh an inbhe ri bhi co àrd riusan 's an Roimh agus an Constantinople.

Cha robh mòran atharrachaidh am measg na cleir 's an linn so, mach o na mànaich a bha fàs ni bu mhòr-chuisich agus ni bu shaoibhre. Bha iad tilgeadh dhiubh nachdaranachd an easbuig 's a' ròghnachadh aon diubh féin gu bhi os an ceann; agus an uine ghearr cha robh iad ni bu mhò fuidh riaghladh an easbuig. 'Nuair bha cumhachd aig a' phàpa an

* Mata xviii. 18.

dlighe sin thoirt doibh, bha e 'g a reiceadh riu, agus bha chumhachd-san a' dol am meud mar bha e féin. Bha na mànaich, 's an linn so, leigeadh dhiubh gach deadh riaghailt, 's a' leantuinn am mianna féin. Thug Theodosius, mànach, 's a' bhliadhna 452—air na mànaich am Palestine éiridh, airson a' chreideimh cheirt, mar bha e cur an ceill;—chuir e Ierusalem tre cheile, loisgeadh mòran aitreach, bhris agus dh'fhosgail iad priosain;—mharbh e easbuig, agus thug e orra e féin a roghnachadh 'na easbuig an Ierusalem.*

Mar bha aireamh nam mànach dol 'am meud—'s an cumhachd mar an ceudna, bha'n amaideachd 'g eiridh 's a' cheart tomhas. Shuidhich aon diubh comunn an toiseach an linn so. B'e Alastair a b'ainm dasan bh'air an ceann agus theirte ri chomunn Freiceadan, mar bha iad ri aoradh gun chlos gun chadal! Bha iad 'nan trì buidhinnean—agus bha buidheann mu seach cumail suas aoraidh. Bha ionadan an luchd-aoraidh diamhair,—gabhail còmhnuidh le fiadh-bheathaichean, 's a' leantuinn an seol. Bha iad siubhal aitean dorcha, 'g itheadh feur agus luibhean, 's a' tàmh uine mhòr fuidh ghrein theinntich an latha, agus ann an doinnion agus fuachd na h-oidhche. Bha iad seachainn comhludair agus cairdeas dhaoine, call an ciall, 's a' crìochnachadh am beatha muldach, brònach, cionail, an uaigneas. Mu'n bhliadhna 427, thòisich, Simeon, Sirianach, ri e féin a chlaoidh air dhoigh ùr le bhi seasamh air cuig carragh ceithir chearnach an deigh a cheile—aon diubh sè, aon dhà-dheug, aon dhà-thar-fhichead, aon sè deug 'air fhichead, agus aon dà fhichead lamh-choille air àirde. Bha e 's an staid through sin rè sheachd bliadhna deug 'ar fhichead d'a bheatha; agus lean mànach, d'am b'ainm Daniel, eiseimpleir, seasamh air mullach carragh, air an do chaochail e, 'na cheithir fhichead bliadhna. Bha iomradh air Simeon fad agus farsuing, agus bha iad dol g' a amharc as an Spainte, Gaul, agus Breatunn. B'o-san agus a luchd-leanmhuinn a ghairm na Greugaich Stilitae; agus thug iad greis,—no mhair an cliù gus an dara linn deug.

Ged bha 'n doighean sin faoin agus amaideach—bha daoine

* Iort. vol. iv.

eigin eile feuchainn doighean ni b'amaidiche feadh 's a bheir-eadh an sluagh aire dhoibh. Lean a ris feadhainn iad bha cur am fiach nithe bha'm pobull aineolach a' meas cràbhach, agus bha cuid do'n chleir a b'ainmeile 'g an ainmeachadh 'nan sgrìobhaibh agus 'g an cliuthachadh. Thòisich a nis deasb-oireachd agus connsachadh 's an Eaglais. Bha teagasgan 'g an deanamh dorch. B'e Plato an duine fòghluimte bu mhiann leo leantuinn. Ach mar bha mòran cur cul ri Origen, a labhair as a leth, thòisich iad ri Aristotle a leantuinn, agus a theag-asgan a cho-mheasgadh leis na Sgrioptuirean. Mur bu lugha thuigeadh iad do na teagasgan domhain, dall sin, 's ann bu deigheile bha iad fàs orra;—far an robh briathran cruaidh agus neo-shoillear 'g an sparradh air daoine air bheag eolais.

Thoisich iad air mòr mheas no urram diadhaidh thoirt do'n oigh Muire 's an linn mu dheireadh mu'n do labhair sinn,— agus an toiseach an linn so chuireadh an ceill gu do thaisbein sì i féin do iomadh, 's gu d'oibrich i miorbhuilean as an leth-san bha creidsinn co-bhith 'na pearsa diadhaidh. Bha h-iomh-aigh leis a Naoidhean Iosa 'na làmhan air a chur 's an àite b' àirde 's an Eaglais 's air an robh iad a' gairm ann an aoradh, 's a' creidsinn gu'n eisdeadh an Oigh Muire co-màth ri Naoimh eile ri'n athchuinge.

Bha na daoine bu tuigsiche 's a' chleir an aghaidh dhealbh-an chur suas, am feadh bha feadhainn eile dhiubh 'g an cliuthachadh mar oirdhearcas nan eaglaisean, agus cuid air-son aire an luchd-éisdeachd a tharuing g'an ionnsuidh. Am feadh bha daoine aineolach sealltuinn riu le urram, no tabh-airt aoraidh dhoibh, mar dhée, no aingle. Bha iad sealltuinn air an aran chaidh choisrige air son na sacramaid mar chungaidh 's an robh leigheas;—bha iad 'g athabhairt dhoibh-san a bha tinn, agus bha na sagairtean cur mu seach cuid dheth, an àm a bheannachaidh, air-son a' phobuill, a bha càr-amh pairt deth leis a' mharbh anns an uaigh.

Bha peacaich gus a so 'g aideachadh an ciontan 's a' cho-thional—ach rinn Leo Mòr atharrachadh 's na h-eaglaisean bha fuidh riaghladh. Bha iad nis deanamh eisdeachd, no aosaid ris an t-sagairt. Bha'n Eaglais 'na didinn air gach

àn a gheibheadh dol a steach innte, ciod 's am bith a' choire, — agus bha miorbhuilean 'g an oibreachadh a chòmhdachadh a' chumhachd bh'aig an Eaglais chum dìonaidh.

Aon urram bha air a thabhairt do na naoimh a chaochail bha deigh mhòr air fuigheall do nithe air bith a bh'aca. Bha daoine sireadh an leithide sin 's a' faotainn mòran diubh, nam b'fhior, — air-son an robh iad faighinn luach gu leoir. Fhuair Pulchria fhaoin piuthair an iompaire Theodosius amach far an robh dà-fhichead naomh, no *martarach*, air an tiolacadh, — 's 'nuairrainig i féin 'sa' luchd-coimheadachd an t-àite 's an d'fhoillsicheadh iad bhi 'nan luidhe 's a d'fhosgail iad an talamh; thàinig faile cùbhraidh mach, agus fhuair iad mòran do sheudan cùbhraidh luachmhor 's na h-uaighibh. Bhiodh e diomhain faileas na bha daoine cur am fiach, agus an aireamh bha creidsinn mar sin. Bha Crìosduidhean nis gabhail a steach deas-ghnathaibh nan cinneach d'an aoradh. Dh'fhuilingeadh an athraichean am bàs ni bu luaithe na dh'ìobradh iad suas nithe cùbhraidh air altairean nan deé breige. Bha iad a nis cur an leithide suas air altair an De bheò, 's a' deanamh, 's a' leantuinn, nan doighean bh'aig na cinnich. Bha e air a chur an ceill gu d'èirich seachdnar, a theich o gheurleanmhuinn Dheciuis, a uaimh aig Ephesus far an do luidh iad dà cheud bliadhna ach cuig, co ògail, ùrail, 's 'nuair thuit iad 'u an suain.

Bha miorbhuil eile 's an linn so a dhuisg mòran deasboir-eachd agus seanachais. Thug Hemneric àithne an teanganna ghearradh asdasan bha cur an ceill an aidmheil an aghaidh luchd-leanmhuinn Ariuis; agus bha iad uile, ach dithis, comasach air an fhirinn bha iad ag aidmheil a labhairt gu h-àrd. Bha còmhdhaichean soilleir, ladair, 'g a thabhairt air a' mhiorbhuil so: — ach an deigh sin uile, nach feudadh cuid do'n teangannan bhi air am fagail annta? Bha e air aideachadh gu robh dithis nach b'urrainn bheag idir labhairt.

Cha bu nair leis na daoine b'ainmeile do'n chleir nithe chur amach a bha chum math na h-eaglaise. Bha iad ceadachadh 's a' cur an ceill mhearachdan, 's a' coi-mheasgadh deas-ghnàthan nam paganach, 's an doighean aoraidh, leis a' chreid-

eamh spioradail—bu choir dhoibh a theagasg ann an spiorad agus am firinn. Bha na Criosduidhean dol ni b'fhaide:—bha iad sealltuinn gu siorruidheachd, 's a' breitheanachadh nithe do-thuigsinn tha'm folach uainn. Mar bha na Romhanaich deanamh feum do Bhirgil—sa'n ceud roinn, mar a dh' fhosgladh iad an leabhar, bha iadsan gnàthachadh a Bhiobuil; 's bha feadhainn do'n chleir féin faotainn buannachd mhòr uaith: ach bha iadsan b'fhearr fiosrachaidh cur an-aghaidh a leithid do chleachdan, agus, am bliadhna 465, chaidh reachd a mach an comhairle Bhannes gu cuirte ascaoin Eaglais' air aon sam bith bhiodh gnàthachadh leithid.

Thòisich iomhaighean ri bhi air an cur suas air amaibh sònraichte 's an linn so. Bha iad eug-samhuil, mar bha na h-easbuigean fa leth 'g an cur an ceill no 'g an teagasg, agus bha iad a' seinn laoidh Frisagium, focal greugais, a chual giullan, mar bha e an fhailis, a thogadh suas do neamh, ann an criththalmhainn aig Constantinople, 's a dh'innis e da easbuig, 'nuair a phill e, mar a chual e na h-aingle a' seinn.

Mu dheireadh an linn so thòisich easbuig na Roimhe ri eididh àraid chaitheadh bha cur dealach eadar e 's a' chleir eile. Chuir e seorsa bonaid air a cheann ni b'airde, bha cosmhuil ris a' chòmhdach cinn a bh'air sagairtean ban-dé Cibeles. Ach chuir Clobhis coran òir dh'ionnsuidh Naomh Eoin Latorain, a thug Anastasius, iompaire na h-airde 'n ear dha, 's a chuir pàpa Hormisdas air a bhonaid. Bha'n coran so air a mheudachadh 's na linnibh 'na dheigh sin mar bharrachd oirdhearceis dhoibh-san bha cor-stùireadh ri rìghrean agus prionnsan an domhain. *Seathamh linn.* Thug laghan Iustinian o'n iochdaran an cumhachd a fhuair e ann an ròghnachadh na cleir. Cha robh an t-ughdarras sin riamh aig a phobull gu h-iomlan, 's cha robh an comas an aon àite co mòr 's an àit eile; agus far an robh iad 'g a fhaotainn cha b'e 'm feum a b'fhearr a bha iad deanamh dheth. Bha iad 's an Fhraing a' reiceadh àitean. Ann an comhairle Bharcelona, 's a' bhliadhna 599, dh'orduich iad, 'nuair bhiodh àite easbuig falamh, gu sealladh a chleir agus am pobull a mach air-son dhà no trì,—'s gu tugadh iad iad sin chum àrd-easbuig a' bhaile

a thaghadh aon diubh. Bha chomhairle so tràsg, an sin tilgeadh chroinn, 's a' fhàgail an ròghainn aig Criosd.* Cha robh an ròghainn no an doighean idir freagairt na crìch ris am bu chòir dhoibh amharc. Bha na ceannardan deònach orrasan a b'fhearr fòghluim a ròghnachadh, ach bha iad féin gun eòlas.

Bha saobh-chreideamh a' freumhachadh agus a' chleir fàs saoi bhir. Bha'n sluagh air an teagasg gu b' iadsan bu mhò bheireadh do'n Eaglais b'fhaigse do neamh. Bha Eaglais na Roimhe ro-shoghail dealachadh ris gach ni air son luach, agus bha tri roinnean 'g a dheanamh do'n airgid; —bha aon earrann gu feum na h-caglaise, an dara earrann dol chum an easbuig, agus a chuid eile 'g a roinn air a chleir, 's bha sin togail an easbuig fad thar chach. Bha mòran dilip 'g a fhàgail aig an Eaglais. Réir àithne Chonstantine bha gach ni bh'aca-san air an robh geur-leanmhuinn 'g a dheanamh, 's na *martaraich* 'g a fhàgail aig a chleir. 'Nuair thilgeadh sios teampuill nan cinneach bha gach seud luachmhor a bh'annta 'g a fhàgail air uairibh aig an Eaglais, no aig a' chleir; agus thug Iustinian dhoibh mar an ceudna gach seud a bh'aig daoine chaidh mach as an Eaglais.

Cha d'rinneadh mòran atharrachaidh air teagasgan 's an linn so. Bha Griogair, ris an canadh iad 's an Roimh “Mòr,” sparradh fulangais àit eadar-mheadhon air a' phobull aineolach. Tha cuid am barail gu b'e'm pàpa saobh-chreideach so steidh-ich an creideamh mu phurgadoir, 's am bheil daoine ri fulang an deigh an saoghal so fhàgail, 's mu'n teid an t-anam d'a àite féin. Bha Augustin, 's an linn roimh teagasg an ni ceudna. Bha mòran bharailean mu phurgadoir. Ciod e'n t-aite bh'ann, no cia 'n àite 's an robh o! An ann far am bheil teine mòr briseadh mach, no 's a' chuan, no'n ionada dèrainneach iurainn, no an dèrainn uamhunn an anma fein? Bha cuid a' cur an ceill gu b'iad aingle bha ri'n claidh, cuid eile, gu b'iad deamhain. Bha na h-uile creidsinn gu robh éifeachd mòr an dealbhan agus fuigheal nan naomh—'s gu h-àraid 's an òigh Muirc, d'an robh an t-urram bu mhò 'g a

* Bingham.

thabhairt. Ann àm Iustiniain bha iad 'g a h-ainmeachadh coladh ris na h-àrd aingle Michael agus Gabriel ann am mionnan. Bha iad fàs ni bu deònaiche air a chleir fhuir-each o phosadh, 's a' cur a mach reachdan air-son iadsan aig an robh mnai chomuin chur uatha; agus a bhacadh dhoibhsan bha'n caoineas thaobh aoide agus dalta, co math 's an cairdeas thaobh fola.

Bha'n creideamh féin ach beag air a chall, no air a choimeasgadh le saobh-creideamh air mhodh 's gu robh iomadh a' creidsinn gu gabhadh Dia riu air-son an ainm amhain. 'Nam biodh iad do'n àireamh bhà cur ri nithe an t-saoghail air-son beatha eile, no gu deanadh claidh agus eibeanachd d'an corp dioladh air-son nan droch ghnìomha bu mhò, 's bu mhiosa; no gu deanadh iad deas-ghnathaibh chur suas, no urram thabhairt do thighibh mànach gu biodh iad uile-chinnt-each á sàbhaladh. Thug a mhathair air Sigismund, rìgh Bhurgandi, a mhac féin a mharbhadh, agus bha e toirt oidheirp air fearg an Uile-chumhachdaich, air-son a ghnìomh oilteil, a chasgadh le duais mhòr a thoirt do thigh mànach a Naomh Ghille Moire ann an Bhallais. Thog Bacarius, easbuig Arleis, 's a' bhliadhna 507, tigh do na cailleachan dubha, agus rinn se e féin ainmeil, leis na riaghailtean a rinn e air-son beatha manaich. Aon diubh sin—an te nach gabhadh cronachadh air dhoigh bha i ri sgursadh le dà fhichead buille ach a h-aon.

Shuidhich Benedict comunn eile a ghabh ainm 's a sheas feadh gach linn gus an là 'n diugh. Thog e dà thigh dheug 's an fhàsach agus bha dà mhànach dheug anns gach aon diubh. Thogadh aon diubh sin co àrd 's gu robh an tigh so os ceann cumhachd easbuig, 's bha ceithir bailtean deug fuidh na riaghailtean a bh'ann. Cha robh na riaghailtean bh'aig Benedict co chruaidh, ach mheudaich a chomunn an Sublacam a dh' àitich iad. Chaidh e a sin do Bheinn Cassin, far an do chaochail e, mu'n bhliadhna 545.

Cha bhiodh ach call ùine tighinn air na mànaich uile bha g'an deanamh féin ainmeil air iomadh doigh anns nach robh éifeachd, no feum. Thòisich iad ri seasamh air carragh 's an airde 'n ear. Bha iad a' call an céill, 's an tùr, 's a' siubha

an ionadan uaigneach, udlaidh,—mheud dhiubh nach robh cuilbheartach gu iompuidh chur air daoine bha deònach nithe iongantach sam bith a chreidsinn mar mhiorbhuilean.

Bha comhairlean àraid aca gu bitheanta chum riaghailtean a b'fhearr a dheanamh, no chur am measg na cleir uilo. Tha na reachdan ris an robh iad a' feuchainn duinn naeh robh cron, no còire, nach robh air fhàgail air a chleir. Bha reachd ann an comhairle bh'aig Maccon, 's a' bhliadhna 585, toirmeasg do easbuigean coin mhòr a ghléidheadh a dheanadh beud air luchd-siubhail. Bha urnuigh eigin aca an àitean fa leth, mar bha'n easbuig 'g a chur ri cheile, no 'g a àithne. Bha an sin creud Nicene—mar bha 'g ainmeachadh o àite na comhairle 'g a ghnàthachadh mar iarrtus. Chuir Griogair Mòr an Aifroinn ri cheile, a dh' ainmicheadh air; bha saobh-chreideamh faighinn buaidh, agus dh' àithn' Bhigilius an aghaidh bhi ris an airde 'n ear an àm na h-Aifroinn.

Cha robh iad gabhail sacramaid na suipearach a nis ro bith-eanta. Bha eagal air a chleir gu cailleadh daoine an suim uile do'n t-sacramaid sholuimnte, chaidh, uime sin, òrduchadh gu gabhadh am pobull comanachadh tri uairean 's a' bhliadhna,—agus mar bha tuilleadh arain gu choisrigedh na dh' fheumta 's an àm, chum cuibhrionn bhi feitheadh air an tinn, agus, an aite bhi air a thasgaidh, bha e air fhàgail air an altair gu biodh barrachd urraim dha. 'S ann an 538, tha cheud iomradh air an aran choisrigte ann an reachd chuir Bhigilius a mach, ged bha iad 'g a ghnathachadh roimh an àm sin. 'Sann o na paganaich a thug iad an cleachdadh so, a bha na ceud athraichean a' dìte, agus a bha Iulian ag àithne chrathadh air an fheoil anns a mhargadh, chum amhluadh chur air na Crìosd-uidhean, no nan itheadh iad deth, gu robh iad dol an aghaidh an aidmheil, agus nam fanadh iad dìleas 'n an creideamh, gu biodh iad a dhith lòn. An ruig sinn leas innse do'n leughad-air nach 'eil ann ach uisge agus salan tha air a chrathadh orra-san tha dol a steach 's a' tighinn a-mach as an tigh phobuill; 's gu bheil iomad feum eile 'g a dheanamh dheth air àmaibh eigin,—mar tha iad 'g a thilgeadh air tigh dol ri theine an duil gu bheil éifeachd mhòr ann o'n bheannach,



mar choisrig an sagairt e. Thòiseach mòran deasboireachd 's an linn so mu bhearradh falt nan sagairt. Bha so air a mheas feumail mar chuid do'm foghlum air son an dreuchd. B'i cheisd, co dhiubh bhearrta am falt air an aghaidh, no air mullach an cinn, mar shamhludh air a chorán sgithich chuireadh air Iosa Crìosd? Bha gach sagairt agus mànach ri bhearradh air an dara doigh. Bha cuid a' gabhail an aon doigh, agus cuid an doigh eile. Ged nach 'eil fhios c'ùin' a thòisich an gnathachadh, tha cinnt gu b'ann o shagairtean dée breige thug iad an cleachdadh,—gu do dhìt athraichean na h-Eaglais e, agus b'ann o shagairtan dée breige na h-Eiphid a fhuair àrd-shagairtean eaglais na Roimh e. Bha Griogair Mòr air-son gach saobh-chreideamh;—cumail suas iomhaigh-ean 's na h-eaglaisean,—'s a' cur an ceill gu robh eifeachd mòr am fuigheal nan naomh. Gidheadh cha leigeadh e bheag sam bith do chorp an abstol Phaul thoirt do Chonstantinople;—'g innse gu tacharadh ni eagalach do h-aon sam bith bhiodh co dàn is beanachd dha. Bha doigh ro innleachdach aca air an eifeachd a sgaoileadh gun bheag do chorp naomh a thoirt leo,—bu leor mìr eudaich, ris 'an abradh iad *Brandeum* a shuathadh no bheanachd ri a chorp, agus bheireadh sin eifeachd co mòr do neach tinn 's gu'n aisigeadh e gu slàinte e. Bha tuilleadh air fheuchainn do dhaoine chuir ag ann gu robh so uile fìor,—Ghearr Leo, easbuig na Roimh, mìr eudaich, bha air a mheas naomh, agus bha e air aithris gu do shruth braona fola uaith.

Bha na h-Eaglaisean 'g an deanamh ro òirdhearc. Bha altair ro shònraichte air a cur an eaglais an naoimh Sophia, le Iustinian agus Theodora. Bha òr, airgiod, clacha luachmhor agus fìodh riomhach 'g a dheanamh suas, 's bha e sgrìobhta air gu robh e 'na thabhartas uatha-san do Chrìosd, agus bha iad guidhe gu gleidheadh se iad féin agus an iompaireachd anns a' chreideamh cheart. Bha mòran do laithean feill air an gleidheadh, b'e 'n aon a b'àraide dhiubh feill ionlaid na h-òighe Muire. 'S ann o na paganaich a thug iad so mar an ceudna. Bha e aca sin mar urram do'n Dia Pan 's an robh

lochrain laiste,—uaith sin theirear latha coinnle ris an fheill so, chionn iad bhi lasadh choinnlean.*

Ann an comhairle ghairmeadh air-son giulan na cleir, thugadh breith gu robh e 'n aghaidh àithne Chrìosd dealachadh chur eadar na sagairtean bha cheana posda agus am mnathan. Rinn iad iomadh ni eile òrdachadh do nach tugadh eaglais na h-àirde 'n iar geill. Bha mòran saobh-chreideamh 'n an aoradh, agus, mar an ceudna, am frithealadh sacramaid suipeir an Tighearna. Bha aon chomhairle toirmeasg an t-suiper a gabhail mu'm blaiseadh iad ni sam bith,—agus aon eile 'g àithne gabhail le'n làmhan sinte mach mar chrois. Bha saobh-chreideamh togail na cleir gu urram 's a' lionadh na h-eaglais le ionmhas. Bha gach buaidh 'g a 'chur as leth Aifrionn. Bha turus crabhaidh 'g a chliuthachadh 's bha na h-eilthirich bha dol gu h-uaignean nan naomh toirt mòrain d'an pailteas dhoibh-san bha feitheadh orra an sin. Bha sochairean mòr a nis aig na mànaich. Thug Griogair mòr comas dhoibh aon diubh féin a thaghadh gu bhi tharpa, agus thugadh an comas o'n easbuig aon diubh thoirt o thigh manaich, gus a chur 's a' chleir gun chad an aoin a b'airde, no beanachd do'n ionmhas. Bha'n cumhachd air a dhaingeachadh gu h-iomlan, 's a' bhliadhna 606 le Boniface IV.—a rinn tigh mhànach d'a theach féin 's an Roimh. Thug e ughdarras do na mànaich searmonachadh, baisteadh, aosaid, agus maith-eanas a thabhairt, 's gach dreuchd eile bh'aig a' chleir. Bha sin uile meudachadh cumhachd agus saobhbheas na h-eaglaise. Thuilleadh air sochairean Bhoniface doibh, bha iomadh eile aca. Bha ughdarras aca thar daoine anns gach inbhe agus staid. Bha gach saobh-chreideamh dol leo, agus bha'n pobull 'g am meas fòghluimte agus naomh.

Bha athraichean cur an cloinn fuidh 'n cùram—'s bha chlann nach robh dol do'n tighibh uaigneach d'an deoin rè ùine deònach air frithealadh agus fantuinn annta. Bha tigh-ean mhànach agus chailleacha dubha gun àireamh 's an linn so. B'e 'n aon a b'ainmeile dhiubh a shuidhich an naomh

* La coinnle nis ris an abair sinn la na bliadhna ùr.—'s an la eile—Feill-Bride.

Beggha, 's ris an canar Begguins d'a luchd-tighe, no lean-mhuinn.

Bha na daoine bu labhair ann an ceathramh comhairle Tholedo, 's a' bhliadhna 633, cur an ceill gu b'ann o'n Athair agus o'n mhac a thàinig an Spiorad Naomh. Bha bharrail so aca fada 's an eaglais Ghreugach, agus anns an linn so a' sgaoileadh 's an àirde 'n iar.

B'e call na croise bu mhò chur a dhoilghios air na Crìosd-uidhean do na rinn na Persianaich orra. 'N tra thug Heraclius buaidh, 's a thug e air ais a' chrois—dh'ìobair agus thug e taing do Dhia;—ghiulain e chrois gu h-Ierusalem agus thaisg e 's an Eaglais mhòir i. Bha na mìorbhuilean uime còmhdachadh gu b'e chrois fhior a bh'ann. Uaith so tha là feill air òrdachadh air-son na croise Naoimh.

Do na naoimh uile, b'e Muire an Oigh air am bu mhò bha dh'urram 'g a chur, le laithean feille, agus leis gach cuimhneachan. Chum nach leigte aon sam bith air di-chuimhne fhuaire Boniface IV. tigh nan dée breige 's an Roimh, agus choisrig e sòlaimnte e do na naoimh uile, agus bha là feill 'na chois 's an linn 'na dheigh.

Bha iompairean agus rìghrean cur a mach reachdan an aghaidh luchd-ceannaire a bha gabhail didinn an eaglaisean; ach chuir Boniface V. reachd chruaidh a mach thoirmeasg aon sam bith a bheantuinn dhoibh-san a ghabhadh dìon foirdh sgàil-san. Am feadh bha sin ceadachadh ceannairean, bha e meudachadh mòr shaoibhreas na h-Eaglaise.

Bha aideachadh an ciontan am folais a nis dol á cleachdadh. Bha cuid dh' athraichean na h-eaglaise cliuthachadh aosaid, no, aideachadh an diomhaireachd, agus gu h-àraid Theodore, àrd-easbuig Chanterburi, a steidhich a leithid 'na eaglais féin, rinn e iomadh atharrachadh uime, agus sgrìobh e leabhar bha cur dealach eadar peacan uamhor agus peacan nach robh air am meas co ole, agus dh'ainmich e'm peanas réir an gnè. Chaidh iomadh leabhar a tharruing o'n leabhar so chuireadh a mach an Sasunn.

Ochdamh linn. Bha oidheirpean, mar thug sinn fainear, 's na linnibh roimhe so, air giulan agus caithe-beatha na cleir

8. Century

bhi réir an dreuchd; ach bha coimh-strì agus deasboireachd mu iomhaighean 's an airde 'n ear; gnothuichean rioghachdan an aird eile, co mòr 's nach robh ùine, no aire, 'g a thabhairt do nithe co feumail. Ged bha reachdan an comhairle *Nicene* agus am feadhainn eile, nach robh co ainmeil, chum beusan agus riaghailtean a b'fhearr a stiùradh bha na h-iompairean am bitheantas a' riaghladh mar a b'aill leo féin. 'S an Fhraing bha ionmhas na h-eaglaise 'g a chur am feum air-son math na rioghachd. 'S an roinn mhòr eile 's an ear—bha prionnsan cumail sios cumhachd easbuig na Roimhe. Cha robh easbuigean na duthcha dol leis daonau; no 'm briathraibh eile, bha iad air uairibh cur 'n a aghaidh, bha'n t-iompaire gabhail còir dhligheach air comhairlean a ghairm—sealltuinn thairis air gnothuichean na h-Eaglaise,—agus riaghailtean stiùraidh dheanamh air-son a' chleir, agus na mànach, agus bha e buannachadh uatha réir an teachd a stigh agus am pailteis.

Ann na comhairlean bha chleir a b'airde toirt am barail agus am breth mu na nithe bu chudthromaiche bhuineadh do'n eaglais, anns nach robh guth no ughdarras aig a phobull. Bha iompairean agus prionnsan toirt aire do leas na rioghachd, agus an sin bha'n co-thional ag aontachadh leo anns na bha iad a' deanamh gun ainmeachadh chaibidilean.

Cha b'ann an Eaglais na Roimhe a mhain a bha ionmhas mòr 'g a charnadh suas,—bha mòran an Eaglaisean eile agus an tigh mhànach a bha tighinn a stigh o gach doigh bh'aca air earras no stòras a thrusadh. Bha daoine gabhail na barail fhaoin, gu maitheadh Dia am peacan air-son an duais do'n Eaglais. Bha uachdarain deònach air a chleir a thoileachadh—agus bha duthcha, bailtean, agus daingnichean, 'g a thabhairt doibh air mhodh 's gu robh a' chleir a b'airde ann an inbhe rioghail.

Bha aobhair eile aig uachdarain bhi co dileas doibh; bha fios aca air a chumhachd bh'aig a' chleir thar a' phobull—agus bha'n ughdarras ro fheumail gu sluagh borb, feargach, a chumail fuidh chois. Bha iadsan nach strìochdadh do cheart, 's nach gabhadh ceannsachadh le neart, criothnachadh roimh bhagrath a' phàpa agus easbuigean. Bha eagal co

mòr roimh ascaoin eaglaise agus peanais eile 's gu'n umhlaicheadh iad do uachdarain spioradail 'nuair nach tugadh iad toirt do na b'urrainn breitheamh aimsireil a dheanamh : oir bha e'n comas a' chleir an druideadh mach o gach sochair, araon aimsireil agus spioradail. Bha cuid a chuireadh do'n Ghearmailt ri foghnadh mòr a measg nan cinne allmharach,—agus 's an uatha fhuair Eaglais na h-àirde 'n iar urrad do cumhachd agus do ionmhas thar eaglais na h-airde 'n ear. Bha sagairtean nam paganach frithealadh an nithe aimsireil co math agus spioradail, agus, 'nuair dh'iompaicheadh na sloigh sin gus a' chreideamh Chrìosduidh, bha'n t-ughdarras ceudna 's an dreuchd aig sagairtean agus ministeirean a' chreideimh ùir. Bha daoine colgarra fiadhaich tuiteam sìos le ùmhlachd dhoibh-san bh'air am meas naomh : agus bha chleir deas gus na nòis bu ghnath leo ghabhail leis a' chreideamh fhior chum an deanamh ni bu deònaiche aontachadh leo. Bha'm papa tagradh còir air gach dlighe agus ughdarras a bh'aig na druidhean, 's a' toirt sgrioptuir air a shon. Bha'm barrachd urrainn 'g a thoirt da, na bha air a thoirt do rìgh, no iompaire. Bha e nis 'na chleachd gnathaichte 's an linn so ordag coise a' phàpa a phogadh 'nuair bha e 'g a chur 's a' chathair, agus 's ann uaith sin ambain bha iad ris car linnibh 'na dheigh so. 'S an o na paganaich, mar thug iad iomadh cleachd eile, a thug iad so. B'e Caligula a thoisich air an urram so fhaotainn le bhi cur an ceill a mhòrachd, agus a' nochdadh a mhòrchuis le leige ris a' cuarain òir a bha mu chois, 's an robh clacha luachmhor agus soillseach.

Cha robh foghnadh math do shubhaile no dhiadhachd ag éiridh o'n chleir bhi faotainn dreuchd 's an arm. Bha Iain, àrd fhoirbheach Eaglais mhoir Chonstantinople, air ceann loingeas an iompaire an cogadh nan Saracens ;—bha e co chruaidh an aghaidh nam maraichean, 's gu d'eirich iad 'na aghaidh féin agus chuir iad gu bàs e. Bha easbuig Mhents, da'm b'ainm Gobhilib, air ceann airm. Chuir e chum easbuig cogach eile gu coireamh ghleidheadh ris 'g a fhògradh gu coimheach, air son athar a mharbh e, a' t-airgse fheuchainn agus fhuil a dhorta.

Bha riaghailtean air an deanamh an dara comhairle Nice, air son tuille fiosrachaidh agus fòghluim bhi aig na h-easbuigean,—gus an ceasnachadh air son àite, agus an eolas mu urnuighean, mu na soisgeulaichean, litrichean nan abstol, agus reachdan chomhairlean. Bha iad cuideachd a' toirmeasg dhoibh bhi reiceadh nithe bhuineadh do'n Eaglais; no thighean mhànach.

Tha dubhaile ag éiridh o aineolas, agus, anns an linn a bha gun eolas no fiosrachadh soilleir, bha chleir air an truailleadh. Bha sògh agus pailteas aca co mor, 's gu robh e feumail srian a chur air am miannaibh. Bha easbuigean fuidh dhoilghios mòr air son mi-bheusan na cleir bha fodhpa. Bha iad toirmeasg aig an comhairlean peanas cruaidh agus graineil bhi 'g a dheanamh orrasan bha fuidh 'n comas, ciod sam bith an coire, seadh, an suilean a chur asda, no làmh, no cas, a ghearradh dhiubh, no ciuram a dheanamh orra bhiodh deireasach uile laithean am beatha. Air-son an fàgail ni b'fhèarr shuidhich Chrodegandus, easbuig Mhents, comunn do phearsa eaglaise, nach robh a' caitheadh eididh manaich, no foidh na riaghailtean giulain aca, a bha coladh 's ag itheadh aig an aon bhòrb; agus a bha tional aig an aon àm air son aoraidh. Bha iad sin air-son eiseimpleir a b'fhèarr a thoirt do'n chleir, 's g' an cumail o nithe suarach, diblidh; ach cha robh iad, mar na mànaich, fuireach an aon tigh;—bha iad frithealadh anns na h-eaglaisean bha fodh'n curam. Ghabh iad riu 's an airde 'n iar agus thogadh tighean doibh 's an Fheadailt, 's an Fhraing, agus anns a' Ghearmailt. B'e aoradh do iomhaighean agus tabhartais do'n Eaglais 's an robh creideamh na linn so co sheasamh. Bha mearachdan agus firinn air an cur tre cheile co mòr 's gu robh e duilich a ràdh ciod a bha ceart agus ciod a bha mearachdach. Mar bha aoradh nis 'g a thabhairt do'n aran agus d'an fhion am frithealadh Suipeir an Tighearna—agus mòran nach robh air a ghabhail—bha iad tabhairt amhain air so a' bhcanachaidh cheudna.

Bha iadsan a thuit am peacadh, deigh dhoibh bhi air am baisteadh 's air an ionlad, air an cur an dòchas gu biodh iad a ris air an glanadh le beatha manaich a' r'ghnachadh, gu robh

foghnadh dara baistidh ann. Air an aobhar sin, 's mar bha urram mòr do'n chomunn, thionndaidh iomadh rìgh gu bhì 'na mhànaich, agus am beagan thar dà cheud bliadhna, dh'fhàg deich-thar-fhichead rìgh agus ban-rìgh bha'n Sasun an lùch-airt—dol do chill mhanach, agus thigh chailleacha-dubha. Bha daoine fàgail curaim an anma an earbsadh ri sagairtean agus mànaich bha cur am fiach gu saoradh iad o phurgadoir iad le urnuighean; 's gu biodh iad sona réir 's mar bheir-eadh iad do'n Eaglaise;—seadh, no dhoibh féin. Mar bha na Criosduidhean a nis leantuinn doighibh nan cinneach anns gach saobh-chreideamh—thoisich iad air riaghailtean a dheanamh mu ghearradh folt an cloinne. Bhiodh e faoin luadh thoirt orra an so mar biodh iad co cudthromach 'n an suilean 's gu robh iad air an cur sìos ann an cuid d'an urnuighean. B'e ceann an Naoimh Seorus am fuigheal bu mhò, 's a b'ainm-eile, a fhuaradh 's an linn so. 'S e' ghaisge mhor a rinn e gleachdadh ri—agus buaidh thoirt air Beithir no uamhbheist. Bha'm pàpa Sachari co subhach leis an dearbhadh sgrìobhaidh Ghreugais gu b'e fìor cheann an armuinn a bh'ann, 's gu d'iomchair e féin 's a' chleir e gu h-urramach do'n eaglais air an tug iad 'ainm, agus bha miorbhuilean 'g an deanamh gach là leis.

CATIBIDH III.

MU DHAOINE ARAID BHA DEALACHADH ON EAGLAIS CHOITCHEANN.

Arius—Miletus—Photinus—Apollinaris—Priscillian—Pelagius agus Celestius—Augustin—Semi-Pelagians—Seumas—Baradeus—Aon toill Chriosd—Urnuigh a damhsa—Dream bha ainmichte air Paul.

BHA Arius aon do'n chleir a bha geur-chuiseach, labhar cur an ceill, ann an coineamh bh'aig a chleir, an aghaidh easbuig Alecsandria, “gu robh eadar-dhealachadh soilleir eadar am Mac agus an t-athair, gu d'rinneadh e o neo-ni leis an Athair, gu d'rugadh e roimh gach saoghal; ach gu robh àm anns nach robh e,—gu do chuir an t-Athair air dealradh a ghloire;—'s

gu do chuir e spiorad naomh air, gu'n d'rinn e an saoghal, 's gu robh e riaghladh na cruinne, reir toil Athar agus a Mhorachd."

Ghabh mòran ri bharaìl—a bha seasamh leis—agus bha dà easbuig do'n àireamh. Bha'n t-easbuig Alastair, agus a' chleir bha foidh an Alecsandria 'g a chomhairleachadh pill-eadh o mhearachd, ach o nach deanadh sin feum—ghairm e comhairle 's an robh ceud easbuig, a dhìt Arius o nach aidich-eadh e bharaìl mhearachdach. Cha do chuir sin athadh air Arius, thàr e as do Phalestine, far an do ghabhadh e do chomunn nan Criosduidhean, ged bha e féin 's na bha 'g a leanmhuinn fodh ascaoin eaglaise. Bha mòran deasboireachd mu'n bharaìl so, agus na daoine b'fhearr 's a' chleir an aghaidh a cheile uimpe, 's a' gnathachadh cainnt mhì-iomchuidh do'n aidmheil—air mhodh 's gu tug Constantine oidheirp air an cur nan tàmh le sgriobhadh 'g an ionnsuidh le cheile ach 's an a dhuig e a' chomh-stri. Ach an deanadh iarrtas an iompaire sìth a measg leithid do bhuaireas! Ghairm e, air an aobhar sin, comhairle aig Nice, ann am Bithinia, mu'n robh sinn cheana labhairt. Thainig Arius a làthair, agus chuir e'n ceill a bharailean, agus chaidh e féin, 's iadsan bha 'g aontachadh leis a dhìte, o nach cuireadh iad an ainm ri creud Nicene. Chuireadh Arius air fògradh, 's chaidh a leabhraichean a losgadh, agus am binn-san aig am faighte' aon diubh a thoirt a mach. Bha didinn 'g a thabhairt doibh os-iosal. Ghairmeadh Arius an ceann thrì bliadhna air ais agus chaidh e féin 's a luchd-leanmhuinn a ghabhail an comunn Eaglais Ierusalem. Chuir an t-iompaire g'a shireadh gus a thoirt a stigh do'n Eaglais aig Constantinople, ach thàinig crìoch air a bheatha mu'n b'urrainn e tighinn. Bha naimhdean cur an ceill gu b'e breitheanas a thainig air air-son mi-dhiadhachd,—ach bha aobhar bu mhò aig a chairdean a chreidsinn nach robh a bhàs an ain-fhios doibh-san.

Bha Constantius a' dìonadh a luchd-aidmheil, bha iompairean 'na dheigh, co math ri easbuigean, agus eaglaisean, cuid leo agus cuid 'n an aghaidh. Thòisich an sin deasboireachd 'n am measg féin—cuid cur an ceill gu robh e co ionan ri athair 'na bhith agus cuid nach robh e an inbhe co àrd. Bha iomadh

diubh araon an caochladh beachd, gidheadh, bhunaich an seorsa aidmheil so os-ceann tri cheud bliadhna. Mar bha Miletus agaideachadh a mhain barailean Ariuis—bhiodh e neo-fheumail seanachas uime.

Chuir Photinus, easbuig Surmiuim, an ceill, gu d'rugadh Iosa Criosd o'n spiorad naomh agus o'n oighe Muire,—gu tainig dearsadh neamhaidh air, ris an do chan e'm Focal agus mar bha'm focal diadhaidh agus air aonachadh ri nadur dhaonta bha e air a ghairm Mac Dé, agus Dia féin. Bha e 'g aicheadh gu bu phearsa an Spiorad Naomh—nach robh ann ach subhaile neamhaidh bha o'n diadhachd. Cha bu leoir dite chomhairlean agus fògradh thoirt air an duine chum na mearachdan a threigsinn a chuir e roimhe fad sheachd bliadhna, gu na chaochail e'n tir aineolach.

Bha luchd-leanmhuinn Apollinaris, ag ràdh, gu robh diadhachd agus daonachd Iosa Criosd air an aonachadh air dhoigh 's nach robh aige ach aon nadur. Bha cuid diubh dearbhadh, mar a b'urrainn iad, gu tug Criosd a phearsa o neamh; nach b'urrainn e fulang, no bhi bàsmhor uime sin, nach robh 'na bhreth, fhulangas, bhàs, agus aiseirigh ach samhail. Dhìte na barailean sin an comhairle aig Constantinople. Bheir sinn amhain fainear an so mu iomadh aon nach robh co-ainmeile, Priscillian, a bha saoi bhir agus an inbhe àrd 's an Spainte, 's na easbuig Abila. Bha e comheasgadh barailean agus teagasgan dhaoine ainmeil a bha roimhe. Bha luchd-leanmhuinn an duil gu b'ann o aimhreit agus dorchadas a thainig an donas, nach b'e Dia chruthaich e; ach gu b' e-san a rinn pearsa dhaoine, bha iad an aghaidh posaidh, 's ag aicheadh aiseirigh na colla; gu robh an t-anam diadhaidh, ach gu do chuireadh as na neamhaidh e air-son eusaontais, agus iomadh ni faoin eile. Dhìte Priscillian, agus chuireadh gu bàs e aig Trebhes, 's a' bhliadhna 384, ach mhair a luchd-aidmheil fada na dheigh.

An cuigeamh linn. Cha robh na h-urrad 's an linn so dealachadh o'n Eaglais choitcheann le atharrachadh bharailean. A cheud, 's an aon a b'ainmeile dhiubh, Pelagius, manach Breatunnach, a bha'n inbhe, agus am meas,—chaidh e do'n

Roimh le charaid Celestius, mu thoiseach an linn so, far an robh iad cur an aghaidh peacadh gin, 's an robh iad 'g aicheadh feum air saor ghràsan Dé.

Cha'n 'eil fhios cia mar ghabh iad ri teagasgan 's an Roimh, ach bha iad reir iomradh cliùtach air-son an diadhachd 's an subhailcean. 'Nuair thàinig na Gothaich an sin chaidh iad-san do Africa,—far an d'fhuirich Celestius an duil gu faigheadh e steach do'n chleir an Carthage. Chaidh Pelagius gu Palestine agus fhuair e didinn agus caoimhneas o Iain, easbuig Ierusalem. Cha b'ionan sin mar fhuair Celestius Augustin, easbuig iomraiteach Hippo.

Bha iad sin sgaoileadh an teagasgan fèin anns gach àite 's an robh iad a' tàrladh, agus bha deasboireachd agus conn-suchadh dol 'n an lorg. Bha iad 's a' chomh-stri dol ni b'fhaide na bha 'n am beachd an toiseach. Bha iad cumail a mach, “Nach do chaill an cinne-daonna dad o pheacadh; gu bheil sinn co comasach air umhlachd thoirt do thoil Dhé 's a bha e-san: mar am bitheadh, gu robh e faoin agus neo-cheart, iarraidh air daoine dlcasnais a choilionadh, agus duais a chuir mu'n comhair, no peanas a bhagradh orra, 's gu bheil iad air am breith as aogais cionta, no dubhaile.” Tha e air a chur as leth Phelagius, a thuillcadh air sin, “Gu feud daoine, ma ni iad fenn ceart do'n càilean 's do'n ceud faithibh, bhi saor o chiontaibh.” Tha e air aithris gu robh e 'g aicheadh foghnadh an spioraid Naoimh agus gràsan Dhé o'n leth stigh,—“ged bha e gabhail ri teagasgan an t-soisgeil. Bha e 'g aideachadh “gur h-ann o Dhia tha cumhachd againn umhlachd a thabh-airt da; ach gu bheil sinn féin ris a chumhachd sin a stiùradh; nach b'ann thaobh eas-umhlachd a fhuair Adhamh bàs, ach thaobh a ghnè dhaonta, gu faigheadh e bàs aimsireil, ged nach peacaicheadh e.” Chuir Isidore, Chrisostom, agus Augustin an aghaidh nam barailean sin, agus dhìtheadh iad ann an Seana bh'aig Carthage, an 412. Ach ghabh iad ris san Roimh, agus bha Pàpa Sosinius air ceann nan daoine bha creidsinn le Pelagius. Cha tugadh na h-easbuigean bha 'n aghaidh Phelagius suim do breth a' phàpa uime, ach thug iad mu dheireadh air a dhìtheadh—Dhìt comhairle chaidh ghleidheadh

aig Ephesus barailean an dithis dhaoine sin, agus chuir am pàpa Honorius reachd amach, 's a' bhliadhna 418—chum luchd-leanmhuinn Phelagiuìs fhògradh as an Roimh. Bha cuid dhiubh teagasg nach robh an Crìosd ach duine amhain,—gu feudadh daoine bhì saor o chionta co math ris-san,—gu robh Iosa 'na Chrìosd an deigh a bhaisteadh, 's 'na Dhia an deigh aiseirigh. Thoisich an consachadh so mu ghràsan agus peacan gin, 's 'na dheigh sin mu ro-thaghadh Dhé. Rinn e mòran aimhreite 's an Eaglais.

Bha Augustin co dian thògrach a chur sìos am barailean 's gu robh cuid do luchd-leanmhuinn Phelagiuìs 'g aontachadh leis am pairt agus, bha mar sin Comunn eile air éiridh suas 's an Eaglais bha gabhail cuid do'n teagasg sin 's a' cur cul ri cuid eile. Bha iad sin cur an ceill gu robh ro-thaghadh Dhé o eolas air oibre math bha ri dheanamh; agus steidhich iad an teagasg air na pungan so. Nach tug Dia ghràsan do aon duine nì bu mhò no dhuin' eile 'na ro-thaghadh, ach gu bheil e toileach na h-uile shabhaladh, ma ghabhas iad ri tairgse nan gràs mar tha e air ainmeachadh 's an t-soisgeul; gu do bhàsaich Crìosd air son na h-uile,—gu robh na gràsan a cheannuich e-san, 's a tha feumail air son slàinte, air a thairgse do na h-uile, gu robh an duine, mu'n d'fhuair e gràsan comasach air creideimh agus tògraidhean naomha, mar rugadh an duine saor, gu robh e 'na chomas seasamh, no aontachadh le gràs*

Bha mòran gabhail ris a' chomunn so, agus bha Augustin agus iomadh eile, bha 'nan aghaidh air an dìte an comhairlean, air an cliuthachadh 's an airde 'n ear agus bha iad gabhail riu 's an airde 'n iar gus mu mheadhon an naothamh linn. Bha deasboireachd mu shaorsa agus dàn daonan togail buaireis anns an Eaglais. Tuigidh duine cìod a th' air a chiallachadh gu tachair nì do bhrìgh gu bheil e 'n dàn da tachairt mar sin, gun idir an teagasg sònraichte nach urrainn d'ar càilean laga ruigheachd. Cha chuir sin sìos an so am barailean mu'n oighe Muire agus dà nadur Chrìosd, a dhuìsg mòran deasboireachd mu'n do ghairmeadh Seanaidh—'s mu'n do shuidh comhairl-

* Mosheim.

ean, 's an robh easbuigean faotainn aon a cheile chur amach as an eaglais 's 'g am mallachadh. Chaidh iad sin seachad o cheann fhada leis an eud 's an fharmaid a bh' aca ri cheile. Cha bhi truas co mòr ris a' chuid dhiubh bha fulang 'nuair tha'n eachdraidh cur an ceill an ganlas 's an geur-leanmhuinn 'nuair bha'n làmh uachdair aca féin. Bha'n luchd-aidmheil fa leth a' fulang o na reachdan bha 'g an cur amach 's na Seanaidh 's an robh binn agus breth 'g a thabhairt, 's bha iad sin dol an lionmhoireachd, no claonadh réir nan aimsirean 's na bha tachairt annta. Gus an cur reidh chuir an t-iompaire Seno mach reachd, an 482, ris an abaireadh iad Uenoticon-ach, an àite thoirt orra bhi dh'aon inntinn no bharail, cha robh aon taobh no buidhean air an toileachadh, agus bha gach dream dhiubh air an ainmeachadh an deigh nan daoine b'iomraitiche 'n am measg.

Seathamh linn. Bha fìor bheagan 'g an comharachadh féin 's an linn so le barailean ùr, agus bha feadhainn do na linnibh roimhe dol a cuimhne, agus luchd-leanmhuinn feadhainn eile fàs annamh. B'e Seumas Baradaeus, a bha ullamh, deas-fhoclach, a chum suas an Comunn d'am buincadh e féin le misnich, agus aigne gun mheathadh;—bha iad so lionmhor agus bha'n ughdarras mòr feadh na h-Eiphid, Abissinia, Mhesopotamia, agus Armenia. Uaith 'n àm so bha iad air an ainmeachadh air-san, agus tha 'n aireamh mòr 's an airde 'n ear gus an là 'n diugh.

Bhiodh e mi fheumail bheag a ràdh umpasan bhia cur dealachaidh eadar dà phearsa Chrìosd, agus an Trionaid naomh;—do bhrìgh nach do chuir iad an ceill barailean ùr, agus nach robh iad ach a' measgadh 's a' dearbhadh, mar b'fhearr a b'urrainn iad, beachdan agus teagasgan nan daoine chaidh air thoiseach orra.

An Seachdamh linn. Tha nis cuibhrionn againn ri ràdh mu dhaoine aig an robh caochladh beachd 's an linn so. Iadsan bha do'n bharail a bh'aig cuid do dh' easbuigean mu thoil an Tighearna Iosa Chrìosd, ghairmeadh o'n teagasg, no o'n chreid-eamh bh'aca uime. Bha'n t-iompaire 'g an dìonadh, 's a' chomhairle 'g an dìteadh—ach theich iad o gheur-leanmhuinn gu

6. Century

7. Century

Sliabh Libanus. Bha iad féin ri geur-leanmhuinn mar bha comas aca, 's am b'ìoghnadh ged bhuinte riu air an amhuil cheudna. Dh'iomadh seorsa air nach dean sinn iomradh bha aon dream cur an ceill gu b'ann san damhsa b'ìomchuidh' urnuigh chur suas. Ach tha e ìomchuidh aon dream a bha sònraichte thaobh an deigh air bhi saor o gach saobh agus am fulangais a chur sìos. Bha sgrìobhaiche geur-chuiseach am barail gu robh iad air an ainmeachadh air an abstol Paul. Bha'n luchd-teagaisg taisbeanadh nan ceithir deisciobuil bh'aig abstol nan cinneach; bha'n co-thionail air an ainmeachadh air eaglaisean nan abstol; bha iad a' ransachadh gu mion litrichean Phauil agus na soisgeulan, a bha dearbhadh gach pong do'n creideimh' mar a shearmonaicheadh so air tùs. Chuir iad an neo-bhrìgh an Seann Tiomnadh, agus litrichean an abstoil Pheadair;—chuir iad cùl ri aislingean a bha gach dream 's an aird an ear a foillseachadh;—dhìt iad teagasgan Mhaneis, agus bha iad gabhail gu h-òle an ainmeachadh 'n an dheisciobuil da. Bha fuath aca air cuspair saobhach air an robh iad deanamh dimeas,—agus fathasd, bha iad féin tuiteam am barailean faoin;—bha iad a' saòilsinn gu bu cholluinn neamhaidh, an aite pearsa dhaonta, bh'aig Criosd, nach b'urrainn e fulang, a chaidh tre'n oighe, mar uisge tre fheadan; agus gu robh a cheusadh mar shealladh, no coslas a mheall na h-Iudhaich aingidh. Bha 'n creideamh mu'n chruinne air an doigh cheudna.

Bha luchd-teagaisg a' chomuinn so gabhail ainmean o'n sgrioptuir;—bha 'n eud 's am fiosrach ni bu mhò na bha bith-eanta 'n an àm,—'s bha iad geamnuidh, cruaidh, 'n am beatha. Bha iad a lion-sgaradh 's a' fulang geur-leanmhuinn, agus dh' fhuiling iad mòran le foighidinn fad ceud gu leth bliadhna. Bha Micheil I. agus Leo á Armenia ro-dhian air an tèir; ach thug a' bhan-iompaire Theodora barrachd orra,—'s i chuir suas a ris iomhaighean an eaglaisean na h-airde 'n ear. Chaidh ceud mìle do'n luchd-aidmheil so chur gu bàs fa riaghladh. Sheas iad cuideachd leis na Saracens an airm an agbaidh iompairean uaibhreach na h-airde 'n ear; agus ghabh Mac Theodora an ruaig rompa-san a bha mhàthair a' losgadh mar

shaobh-chreidmhih. Rinn iad ar-a-mach an Asia, 's mimic a chuir iad armailtean an iompaire air theicheadh, agus sheas iad air son an creidimh 's an saorsa corr is ceud bliadhna.

Seasmhach 'n am beachd féin, agus do-chiosnuichte le feachd, no deasboireachd—bha 'n comunn so, a ghairmeadh air Paul, an aghaidh eaglais nan Greugach agus nan Romhanach. An toiseach an treas linn deug, bha'n àrd-cheannard aca mu chriochaibh Bhulgaria, Chroatia, agus Dhalmatia, 's bha e stiuradh gach dream bha tighinn uatha trid iadsan bha 'na ionad 's an Fheadailt agus 's an Fhraing. An deire na seachdamh linn deug bha iad a' tuineachadh an Glinn Sliabh Uaemus, fulang o chleir na h-Eaglais Ghreugaich;—'s air an truailleadh 'n ma barailean 's ma's iad so a sgaoil gus an àirde'n ear fhuair iad sìth o'n aimhreite bha 's an eaglais féin; agus tha e coltach ^{gu}ug robh iad air an ceann a thòisich air athleasachadh an taobh deas na Frainge. *An t-ochdamh linn.* Bha chomh-stri na iomhaighean co mòr 's an linn so 's nach tugadh iad aire do ni eile. Bha an dream air an ainmeachadh air an àite as an robh an ceannard; ach mar nach robh teagasg ùr no barail shònraichte aca sin, bhiodh e mi-fheumail labhairt umpa.

Bha dream eile gnàthachadh nan doighibh bh'aig na pagan-aich, agus ag aideachadh a' chreideimh Chriosduidh; cleachdadh agus aidmheil bha calg-dhireach an aghaidh a cheile. Bha iad ri gisreagan agus gnàthachadh nithe faon gun scadh.

CAIBIDIL IV.

MU FHÒGHLUM AGUS DAOINE FÒGHLUIMTE NAN LINNIBH SO.

Eusebius—Athanasius—Basil Mòr—Nasiansen—Griogair a Nissa—Ambrose—Lactansius—Ierom—Rufinus—Augustin Chrisostom Ciril—Theophilus—Isidore—Theodorus—Leo Mòr—Socrates—Soiomen—Theodoret—Philostorgius—Talmud—Beothius—Agathius—Cassiadorus—Griogair Mòr—Iustinian—Code—Pandicts—Timotheus—Pheloponus—Iulian—Pomerius—Leontius—Ildefonsus.

Am feadh bha comh-stri dol air a h-aghaidh a measg luchd-aidmheil a' chreideimh, bha iad a' mi-chordadh—air atharrachadh beachd—'s a' dusgadh aimhreite cha'n urrainn sinn a smaoiteachadh gu biodh aire mhath 'g a thabhairt a dh'fhòghlum

agus a dheagh oilean. Ged bha'n t-iompaire Constantine cur sios iodhail-aoraidh 's a' toirt didinn do'n eaglais—bha e gun am fòghlum sin e féin a bheireadh misneach dhoibh-san bha'n deigh air oilean finealta—'s nuair bha sin air fhàgail gun taice cha bu dù do chleir aineolach—no do mhànaich lundach, ceud fhàs ùrach 'n an càilean, 's na h-inntinn chaidreach, air mhodh seimh no iomchuidh. Bha, gidheadh, feadhainn 's an linn tha airidh air luadh air-son am fòghluim 's am finealtachd. Tha Eusebius, easbuig Charthage, air thoiseach orra, air son a chàilean agus a shubhailcean. 'S ann do Phalestine a bhuineadh e; agus fhuair e bhi 'na easbuig, 's a' bhliadhna 314; ach, bha e air chur as a leth o thoiseach, gu robh taobh aige riusan bha leanmhuinn teagasg Ariuis; agus ni bheil teagamh nach robh cuid do uirgill cur sin chuige. Ach tha e ni's coltaiche gu robh e thaobh a ghné sheimh—gabhail am pairt an cuid nithe—gun bhi idir a' dealachadh ris a' chreideamh cheart. Ann an comhairle Nicene, dh' fhàg e'n comunn ged a chuir e leo an nithe bha e faicinn ceart.

Chuir e sios seanachas na h-Eaglaise o thoiseach gu comhairle Nice. Seanachas na nithe cudthromach a thachair o thoiseach an t-saoghail gu àm Chonstantine,—sgriobh e ceithir leabhraichean molaidh air an iompaire sin;—sgriobh e mu'n t-soisgeul, an aghaidh Hierocles, a bha samhladh Apolloniuis ri Iosa Criosd; sgriobh e cuig leabhraichean an aghaidh Mharcelluis á Ancira;—sgriobh e air na Saim, agus cuig leabhraichean as leth Origen—an cuideachd le charaid Pamphilius, am *Martair* agus iomad leabhar eile. Bha e seamh, farasda, ciuin, macauta, gun eud no ganlas. Cha d' rinn e casaid air aon neach, 's ni mò dh'iarr e o'n iompaire ni air a shon féin. Bha, gidheadh, air a chur as a leth, gu do sheachainn e geur-leanmhuinn 's gu d' fhuair e mach á priosunn le doighibh nach robh cliutach, no iomchuidh, d'a fhòghlum agus d'a thuigse. Bha chairdeas ri Pamphilius airidh air cliu. Ghabh e ainm Eusebius Phamphiliuis agus sgriobh e eachdraidh. Thog Pamphilius sgoil aig Cæsarca far am robh e teagasg, 's an deigh geur-leanmhuinn fhulang fodh riaghladh Dheoclesian, chuireadh gu bàs piantach e mar fhianuis air an fhirinn.

Eusebius
314 AD
Bishop.

Bha Athanasius 'na fhoirfeach ann an eaglais Alecsandria, ach, 'nuair thoisich deasboireachd mu theagasgan Ariuis, dh'aontaich e-san le easbuig, agus chaidh e leis gu comhairle Nice. Thogadh e 's a' chleir, ach cha b' fhad a mheal e sìth anns an dreuchd ùr do'n chreideamh cheart,—seasmhach 'na bharailean, gun char, gun lùb, b' fhuathach le luchd-leanmhuinn Ariuis e air-son mur chuir e 'n an aghaidh. Chuir iad casaid air gu robh e togail càin ùr o'n phobull air-son na h-eaglaise. Cha'n eisdeadh an t-iompaire ri sin, agus chuir iad an sin as a leth gu do thilg e sìos, 's gu do bhrìst e copan comunachaidh,—gu do thilg e uaith samhladh na sàcramaid sholuimte,—gu do leag e eaglais aig Mareotis, 's gu do mharbh e Arsenius, easbuig Hifisile. Fhreagair e nach robh eaglais, altair, no cupan 's an àite sin, agus thug e làthair an t-easbuig a threig an eaglais 's a dh' fholaidh e féin. Ach chuir a naimhdean rompa gu maslaicheadh siad e, agus, aig comhairle an Tìre, fhuair iad an rùn, chaill e àite agus chuireadh as an tìr e. Chaidh e air ball do Chonstantinople, agus thagair e chuis gu follais-each mu chomhair an iompaire, ach gun fhoghnadh dh' fhòghradh e gu Tebhes.

Thug an ath iompaire, bha do'n chreideamh cheart, cead do na h-easbuigean, chuireadh as na tìribh, pilleadh agus thugadh Athanasius do Alecsandria. Ach chuireadh á sin e ris le claon chomhairle 's chaidh Griogair chur 'na àite agus dh'imich e-san do'n Roimh. Shuidh leth-cheud easbuig ann an comhairle air a chùis, agus fhuair iad uile neo-chiontach e. Tri bliadhna 'na dheigh sin, ghairmeadh e gu Milan le àithne an iompaire Constans gus a chuis a thoirt gu crìch. Fhuaradh ris Neo-chiontach e an deigh mòran bruithinn agus consachaidh; chaochail Griogair 's an àm, agus thugadh Athanasius a ris air ais gu Constantinople. Cha b' fhada bha e samhach, oir chaochail an t-iompaire a sheas a' chnis. Thòisich a' naimhdean air mì-run agus ganlas a dhusgadh 'na aghaidh, oir gach easbuig nach aontaicheadh leo chuireadh air fogradh, chum an t-iompaire a bhrosnuchadh 'na aghaidh, 's thàinig arm an iompaire air am feadh;—bha o ri aoradh an eaglais an Naoimh Theonais. Lean e air teagasg a phobuill gus na bhrìst iad na

*Athanasius
died
373. A.D.*

dorsan, agus an sin cha ghluaisleadh e gus am fac e a luchd-eisdeachd air falbh sabhailte. Bha e misneachail dana 's a' cheartas. Bha e fad shè bliadhna measg nam mànach am fàsaichean Thebais, 's ged bha iad air a thòir cha d' fhuaradh mach ionad folaich fad na h-uine sin. Bha e air a cheadachadh dha pilleadh d'a chathair le easbuig Iulian, a chur a rìs air fogradh e. Mar sin bha Athanasius 'g a fheuchainn 's a' seasamh còir na h-eaglaise gus na chaochail e, 's a' bhliadhna 373. Sgrìobh Athanasius mòran an aghaidh saobh-chreideimh Ariuis agus Apollinaris;—sgrìobh e as a leth féin, agus beatha an Naoimh Anthoni,—a' cliuthachadh beatha nam mànach.

B'e Basil mòr easbuig Cæsarea aon do na daoine bu shèimhe agus a b'fhòghluimte 's an linn so. Bha e labhar, eagnuidh, agus ionnsaichte thar mhòran. Thogadh leis-san oil-thighean Cæsarea agus Chonstantinople, agus chaidh e chriochnachadh ionnsachaidh do Athens mhòr. An sin fhuair e eolas air, agus rinn e cairdeas dlu-cheangailte ri Griogair, Nasiansen mor, easbuig a' bhaile sin. An deigh frithealaidh le athair 'na dhreuchd, car greis, lean Griogair a charaid a chaidh le aireamh thaghta gu ionada uaigneach am Pontus, far an robh iad ùine gu sàmhach, cairdeil, cràbhach. Phill Griogair a ris chum comhnadh le athair, agus an deigh iomadh car a chur dheth thug Theodosius e gu cathair easbuig Chonstantinople, a dh'fhag e an ùine bheag, mar bha'm pobull an aghaidh coigreach bhì ann; 's an deigh frithealaidh 'na bhaile féin chaochail e air an duthaich. Dh'aontaich Basil, an deigh beatha mànaich a chur e suas am Pontus, agus an Capadocia—dol do chathair easbuig Cæsarea. Sheas e dileas anns a chreideamh cheart an aghaidh cleir agus iompaire. Bha'n sgrìobhan iomadhair gach cuspair,—Phòs brathair Bhasil do'm b'ainm Griogair. Cha b'ann da dheoin a chaidh e do'n chleir. Bha e 'na easbuig an Nissa sgrìobh e-san, mar an ceudna, mòran air creideimh agus modhannan.

Tha seanachas air beatha Ambrose, easbuig Mhilan, is mò ioghnadh 's a tha ainmic a' tachairt an eachdraidh beatha aoin do'n chleir. Bha e 'na cheann-riaghlaidh Liguria agus Emilia, chaidh e do'n eaglais am Milan, mar cheannard, chuir

e stad air aimhreit' a dh'eirich eadar luchd-leanmhuinn Ariuis agus iad-san a bhuineadh do'n eaglais choitcheann, mu ròghainn a dheanamh do easbuig,—'nuair a cho-eignicheadh, le aon ghuth a' phobuill, e féin a ghabhail,—agus thogadh e o'n staid a b'isle 's an eaglais dh'aon uair gu cathair an easbuig;—sheas e gu daingean leis an eaglais an aghaidh na dream a d'fhag i, agus bha'n t-iompaire Iustinian, agus an iompaire Theodosius, a chum e o thigh aoraidh thogail do na h-Iudhaich am Milan, agus altair a chur suas do Bhuidh. Cha b'e sin uile e, fhuair e coire do'n iompaire air-son àr an Thessalonica, agus thug e air breth-air eachd a dheanamh. Bha Ambrose fada air taobh nam mànach, agus an-ìochdmhar rìusan bha 'n aghaidh a bharrail féin mu chreideamh. Bha e co faoin 's gu robh e creidsinn, no cur am fiach orrasan bha leantuinn Ariuis, gu robh cumhachd aig fuigheal naoimh dh'fheuchainn gu robh comhairle Nicene ceart, agus Ariuis an-diadhaidh. Sgrìobh Ambrose air iomadh cuspair, mu'n robh mòran deasboireachd 's na linnibh sin.

Bha Lactansius fada thar gach ùghdair 's a' cheathramh linn, thaobh ùr-labhairt fhileanta ghrinn, bha ga chur an coimeas ris na sgrìobhaichean a b' ainmeile bha riamh 's an Ròimhe. B'e aoide ionnsachaidh Chrispius a chuir Constantine, athair, gu bàs a measg lùchairt agus mòran pailteis bha e-san air a chomharachadh le shubhaile agus a bhochduinn. 'S e obair mhor chuir beul sìos air aoradh nam paganach, a bha gu h-eugnaidh feuchainn ris a chreideamh chriosduidh. Bha e maslach do'n linn, am feadh bha cleir agus mànaich aineolach saobhach faotainn duais agus àite, gu robh e-san a' caithe a laithean gun aon diubh sin. Bha iadsan bha seasmhach, deònach, le aon taobh, no taobh eile faotainn na dh'iarradh iad, 'n tra bha Lactansius, deas-bhriathrach, finealta làn eolais agus fiosrachaidh;—aig an robh tuigse agus ceud fathaibh thar na daoine b'ainmeile 'na àm, gun luigheachd no iomradh mar thoill e.

B'iad Ierom, mànach, á Palestine, agus Augustin eugnaidh, easbuig Hippo, 'na daoine b' ionnsaichte 's an linn so. Bha Ierom, ro-fhiosrach anns gach fòghlum sgrìoptuireil. Cha

ghabhadh e dreuchd sagairt, mar gealladh iad da nach ruigeadh e leas frithealadh. Bha e air amaibh dol air leth gu smaoin-teachadh diomhair, 's air amaibh eile deanadach. An deigh bàis a charaid Damasus, chaidh e chill aig Betlehem, 's bha luadh co mòr air fhòghlum 's a' naomhachd 's gu deachaidh na mnai uasal, chràbhach, Paula, Eustochian, agus Melania g' a choimhead,—'s an ùine bheag lean aireamh mhòr iad bha deonach air beatha mànaich a ghabhail. Air an son sin, agus teagasgan Ierom,—thog Paula eaglais agus Ceithir tighean mànach 's a' cheart àite, aon air son nam fear, 's a' cheithir air-son bhoirionnach. Cha robh Ierom gun fhailingean,—bha e doirbh, gruamach, 'na aigne, baoth agus saobhach 'na chreideamh, deanamh tàir agus dimeas air na h-uile nach aontaicheadh leis. Sgrìobh e mòran mu fhòghlum agus chreideamh, agus dh'eadar-theangaich e am Biobul gu laduinn. Bha deasboireachd agus comh-stri eadar e agus Rufinus, sagairt a bha'n Aquileia, mu sgrìobhan Origen. Cha robh e co foghlumte ri Ierom; ach sgrìobh e mòran mar an ceudna, a bha cliuthachadh baoth-chreideamh amaideach Phaula, a dh'fhàg a thecaghlach agus a dhuthaich air-son mànaich agus pearsa eaglais an duthcha ciàn,—chaidh am fear eile maille ri Melania, a' bhean nasal eile, bha dol fad air astar, a choimhead aonaranaich am fasaichean na Eiphid,—'s a' dh' fhuirich cuig bliadhna fichead 'na tigh an Ierusalem, sgrìobh e dà leabhar air eachdraidh na h-eaglaise an deigh Eusebiuis.

Sgrìobh Augustin iomraiteach, easbuig Hippo, mu'n do labhair sinn cheana, tuille leabhraichean, no aon eile do'n linn so, 's am bheil càilean agus ceud faithean gun aireamh ga leige ris. Thogadh gu cathair easbuig e, an 395, 'nuair bha e cuig deug agus trì fichead bliadhna.

Bha Iain, easbuig Chonstantinople, do na sgrìobhaichean bu mhò 's an linn so. Rugadh e an Antioch, 's bha ùr-labhairt co ainmeile, 's gu tug iad Chrisostom* mar ainm air. Bha na h-easbuigean, ann an coinneamh bh'aca, air son e bhi do'n aireamh, ach thàr e air falbh gu mulach beinne le seann duine; 's 'na dheigh sin dhruid se e féin an uaimh dhorch far nach faic-

* Beul-òir.

*Chrisostom
Bish of Lon-
Stanople
Died
A.D. 407.*

eadh e duine. Dh' fhuirich e bliadhnachan an sin,—phill ris e gu Antioch far an robh e 'na shearmonaich co ainmeil 's gu do thaghadh e le aon ghuth an uachdarain spioradail an Constantinople. Cha robh e ceaduichte do luchd-leanmhuinn Ariuis aoradh folaiseach 's a' bhaile mhòr; ach bha iad dol amach as, air oidhche di-sathuirne no moch air là na sàbaid, a' seinn laoidhean réir an doigh aoraidh. Bha fios aig Chrisostom gu cuireadh sin iompuidh air an t-sluagh, agus phill e'n airm féin 'n an aghaidh, 's chuir e mach luchd-ciuil le lochrain a bha giulan na croise air thoiseach orra. Chonnuich iad air an t-straid,—bhuail iad air a cheile, agus thòisich an iorghuill. Thug an t-iompaire an roghain do luchd-leanmhuinn Ariuis, an dara cuid aontachadh leis a' chreideamh cheart, no'm baile fhàgail. Ròghnaich iad falbh. Fhuair naimhdean Chrisostom, gu h-àraid an t-iompaire Eudoesia, d'an tug e achmhasan folaiseach air-son a' chaithe-beathia, agus Theophilus, uachdaran spioradail Alecsandria, a ghabh gu h-òle e ghabhail gnothuich ri brionglaid bha eadar e féin agus mànaich àraid, a chur as a dhreuchd, agus as a dhuthaich e, ach dh'eirich am pobull 'na aobhar agus b'eigin do'n iompaire a ghairm air ais. Cha robh e fada an sìth. Fhuair iad a ris a' chur air fogradh, agus an deigh a chur as an tìr dh'aithn' an t-iompaire e dbol ni b'fhaide air falbh—dh' ionad a bha mi-fhalain, ach chaochail e air an rathad, 'na thri fichead bliadhna, 's an 407. B'e Chrisostom a bu deas-bhriathairiche, chumhaehdaiche, 'na linn—'s bha ionnsachadh mòr. Sgriobh e mòran air modhanna, agus deasboir-eachd.

Bha iomad sgrìobhaich eile 's an linn so bha 'g an comharachadh fein 'n an àm, cuid dhiubh ni bu mhò na cheile, cuid dol á cuimhne, nach 'eil feumail iomradh. *An cuigeamh linn.* Bha fòghlum agus gach deadh oilean finealta claonadh, agus teagasgan fìor deanamh àite do shaobha, agus bhaoth-chreideamh. B'e Ciril, a chuireadh an cathair easbuig Alecsandria, 's a' bhliadhna 412, bh'air thus sgrìobhaichean an linn so. Mar bha thoiseach an strì, bha riaghladh comharaichte le spiorad comh-strì, òle, 's bha iomad ni rinn e eu-cordadh ri aidmheil

's a' dhreuchd. Chuir e feadhainn mach as an eaglais, agus dhiol e an anneart air na h-Iudhaich.

Ghabh Orestes an riaghalair fearg ris air-son a ghiulain, agus chuir e roimhe an t-àrd chleir so a smachdachadh; sheas cuig ceud manach leis agus chuir e air theicheadh e chum masladh thoirt da,—thoisich e ri aoradh do mhanach ceann-airceach a chuir Orestes gu bàs. Chuireadh as a leth mort Uipatia, oigh ro fhòghluimte, ach an ain-fhios da, 's ged bha sgrìobhaichean a' comhdachadh nach robh gnothuch aige ri gnìomh co olc, cha robh teagamh nach b'è t'hoil e thachairt,—ged bha e deas-bhriathrach gu deasboireachd, agus seasmhach 's a' chreideamh, cha robh fhòghlum mòr.

Cha'n fhiu beatha no sgrìobha Theophiluis chuir sìos. Tha Isidor' àiridh air iomradh, mar bha e cronuchadh modh-anna truailidh na cleir, 's a' sgrìobhadh gu foghlumte mu na beusan 's na subhailcean tha iomchuidh.

Bha Theodorus, easbuig Mepsuestia, co foghlumte 's a' bha 's an linn so. Bha e 'na sgrìobhaiche cliuiteach agus 'na dhuine math. Dhìte e fein agus oibre an deigh a bhàis, mar bha e air chur as a leth bhi gabhail le cuid a dhealaich ris an eaglais. Bha sgrìobhan air na sgrìoptuirean ro thuigseach, cheart, agus ionnsuichte, ach chaidh mòran do oibre a chall. Bha iomadh tabhairt oidheirp air na sgrìoptuircean a mhìneachadh 's an linn roimhe so,—o nach robh iad co comasach ris-san cha bhiodh e gu feum sam bith an ainmeachadh o nach 'cil bheag tuille sònraichte ri radh. Feudar thoirt fainear gu robh Sabhurian an Galala, co deas, fhileanta, 'na chainnt 's gu robh eud air Chrisostom mu ùr-labhairt. Bha leabhraichean 'g au cur amach 's an linn so ann an ainm athraichean na h-Eaglaise, air son iadsan bha cur an ceile am barailean féin a dhìte, no thoirt gu neo-bhrìgh.

Bha trì seanachaidh mòra na h-Eaglaise 's an aon àm,—Socrates, Sosomen, agus Theodoret; agus feudar Philostorgius, a sgrìobh eachdraidh na h-Eaglaise, chur 's an aireamh. Chaidh cheud fhear dhiubh fhòghlum 's an lagh, agus bha e 'na fhear-tagraidh, 's e sgrìobh an toiseach, agus tha seanachas Sosomen co coltach ris, 's gu bheil e gun teagamh nach d'rinn

e ach sgrìobhadh uaith. Bha cailean agus ionnsachadh an easbuig Theodoret thar mhòran, 's tha eachdraidh ni's iomlaine.—Sgrìobh e Searmona agus mìneachaidh mar an ceudna. Chaidh a thiomnadh le pharantan do'n Eaglaise mu'n d'rugadh e, agus a thogail suas an tigh mhànach air son na seirbheis sin. Thogadh e gu cathair easbuig Ciri an aghaidh a thoil, agus bha e ri uaill a bha cliùiteach 'na linn—nach robh comh-stri, no lagh bhi eadar e 's a' chleir ré uine?—do bhrìgh e, cur ionmhais na h-Eaglaise gu feum a' bhaile, agus thug e na dh'fhag athair aige do na bochdan. Ged bhagair an t-iompaire chuir as a dhreuchd air son cuid do na sgrìobh e, bha daoine cho gradhach uime 's gu robh an aire dha co mor 's nach do thagair a naimhdean e.

Chuireadh amach an deireadh na linn so an Talmud. Tha na h-Ollaimh Iudhach cur an ceill na bheil 's an leabhar, th'air a roinn 'na dha earrann a' coimhead nan laghan a labhair Dia ri Maois. Tha iad sin a rìs air an roinn 'n an leabhraichean ni's lugha. Tha 'n steidh air a chur sìos ann am Meshna, a cheud earrann agus am mìneachadh aun an Gemara, an dara earrann. Chaidh an lagh no'n aithris so a chur còladh leis an Ollamh, Iuah, an deigh an teampull bhi air a mhilleadh, 's a' bhliadhna 150, agus tha tuilleadh meas aig na h-Iudhaich air uo th'aca air na sgrìoptuirean. Tha iad an duil gu do labhair Maois e ri cloinn Israeil, o nach robh e ceaduichte a sgrìobhadh. Ach 'nuair mhilleadh Ierusalem bha e feumail chur sìos nach biodh e air a chall, ged sgrìobh iad e air doigh nach tuigeadh daoine eile. Chaidh, gidheadh, iomad earrann deth eadar-theangachadh. Tha cheud chuid dheth mu Ierusalem, an 230, agus an dara mu Bhabilon cuig ceud bliadhna an deigh Chrìosd. Tha iad araon a' còmhdachadh eachdraidh.

An seathamh linn. Bha doredadas agus aineolas an aite fòghluim agus oileana finealta 's na linnibh a th'againn a nis. Bha na sgoilean féin air an druideadh. Bha'n luchd-teagaisg neo-thuigseach cumail mach gu robh ionnsachadh deanamh tuilleadh coire no math.

Thug Boethius a bha'n dreuchd an comhairle na Roimh ionnsuidh air na sgrìobtuirean a mhineachadh trìd feallsanachd Aristotle. Bha chàilean mòr 'g a dheanamh comasach

air gach ni bha ainmeil chur an ceill. Cò chuireadh an aghaidh an neach bu mhò eolais agus foghlum 's a b'fhearr ùr-labhairt 'na linn? Bha e ainmeil a thaobh a mhi-fhortain co math 's a chailean. Rugadh e am pailteas, bha e do theaghlach co uasal 's a bha 's an Roimh. Bha Boethius socair, saibhir, fòghluimte, fiosrach, ccart agus carannach—seasamh leis an fhirinn, 's a' comhnadh nam bochd. Thog Theodorus, a thug fainear a luach, e gus na dreuchdan a b'airde, agus a dhà mhac an tùs an òige. Bha e nis sona, nam biodh sonas ionlan, no seasmhach, anns a bheatha so; ach chaochail sin, agus chaidh a dhìte gu h-eucoireach 's a bhinn a thabhairt amach. Na dhaigneach 's 'na cheanglaichean chuir e leabhar ri cheile "*Furtachd feallsanachd*," leabhar ro luachmhor, a chuireadh urram air daoine fòghluimte nan linnibh a threig. Cha b'è mhain a chùis dhitidh chuireadh an aghaidh an duine bu mhò fòghlum agus soilleireachd 'na àm féin,—gu robh e air son a dhuthaich a shaoradh o shluagh allmharrach, ach gu do sgriobh e mar an ceudna 'n aghaidh barailean dhaoine dheal- aich ris an eaglais cheart, no bha saobh-chreidmheach;—cuid d'an robh Theodorus féin tabhairt geill.

Bha mòran a sgriobh mu chuspairean bha toirt a steach deasboireachd agus connsachaidh do'n Eaglais—ged nach robh ni ùr no ro àraid 'g a thabhairt chuige leo, bhiodh e mi-fheumail bhi cur sìos ainmean mu nach ruig sinn leas tuilleadh a radh. Bha iadsan a sgriobh eachdraidh an duthcha,—no eachdraidh na h-Eaglaise, mar an ceudna, gun an t-oilean finealt a tha feumail chum eolas a sgaoileadh agus soilleireachd a thabhairt mu nithe bha dol á cuimhne, no'm folach an dorchadas nan linnibh aineolach sin. 'S iad na seanachaidh is ro airidh air iomradh, Procopius agus Agathias—chaidh a cheud aon diubh le Belisarius gu cogadh na Feudailt agus Africa;—choisinn e urrad do chliu 's gu do thogadh e gu h-inbhe agus dreuchdan urramach. Sgriobh e dà leabhar air cogadh Phersia, dithis air cogadh nam Bhandals, agus ceithir air cogadh nan Goth- ach. Bha e cliuthachadh Iustiniain agus Theodara, gu romhòr, air-son gach subhaile agus maitheas; ach an cunntas diomhair bh'air a chur a mach, 's a chaidh chur as a leth-san

—tha sgeula eile air innse umpa. Cha 'n 'eil iadsan th'ann an lùchairt rìghrean ri'n gabhail air am facal. Cha do lean Procopius air seanachas ni b'fhaide na sè bliadhna air fhichead do riaghladh Iustiniain,—'s an deigh sin sgrìobh Agathias an eachdraidh chuir e mach an 593. Bha taobh aca araon ri paganachd—gu h-àraid am fear mu dheireadh. Sgrìobh iad an Greugais. Bha cuid a' sgrìobhadh roinn no laoidhean Spioradail—cuid dhiubh mu bheatha nan naomh,—agus cuid dhiubh air-son sgrìoptuirean, no earrann deth a sheinn.

Bha mòran sgrìobhan air-son mìneachaidh earrannan, no leabhraichean do na sgrìobhan naomha. Cha ruigear leas duil bhi ri mòran soilleireachaidh 's an linn so,—uime sin, cha bhi sinn lionadh ar duilleagan le ainmean;—ach feudar Cassiodorius a luadh—'s an robh buaidhean agus càilean, subhailcean, agus fiosreachadh an litrichean, a bha toilltinn meas o rìghrean. 'S an deigh ionadan urramach a lionadh gu aois bha fada, chaochail e'n sìth ann an tigh mhànach, 'na cheud bliadhna.

Griogair, mu'n do leabhair sinn an caibidil eile, cha bhith-eadh e ceart gu'n ainmeachadh an so oir sgrìobh e tuilleadh leabhraichean no aon air bith 'na àm. Thainig e mach á teaghlach uasal agus fhuair e'n t-ainm mòr—ann an linn nach robh sònraichte air-son nithe mòr no math. Fhuair e dreuchd àrd 's an Roimh, réir mar bha bhreth, ach thug e sin seachad air son tuilleadh ùine agus cothroim bhi aig' air-son fòghluim ann an aon do na cillean manach a chuir e suas air a chosd féin. Cha d'fhagadh e fada an uaigneas,—thogadh e o aon dhreuchd gu dreuchd eile 's an eaglais gus an robh e 'na phàpa. Cha b'ann le thoil chaidh e'n chathair, mar is lugha 's am bith, chaidh e as uathasan bha 'g a chur innte do dhìomhoireachd fàsaich, far an d'fhuaradh e, 's an do cho-eignich iad e gus an dreuchd àrd a ghabhail. Bha e 's a' chathair trì bliadhna deug, a' deanamh na bha na chomas air-son a chreideimh agus eaglais na Roimhe àrdachadh. Bha e 'g a ghiulan fein air mhodh ro umhal, 's a' dìte uaibhreis uachdaran spioradail na h-airde 'n ear, bha 'g a ghairm na Easbuig Coitchionn do na h-uile. Bha e frithealadh gus an là mu dheireadh da

bheatha 's an dreuchd a b'isle 's an Eaglais. Bha e math do na h-Iudhaich, a bha 'na dhuthaich, ach dioghaltach an aghaidh saobh-chreidmhidh. Ged bha e-féin 'na sgrìobhadair mòr, bha e labhairt an aghaidh foghlum finealt nan cinneach, agus loisg o iomadh do'n leabhraichean—'s 'na'm measg bha eachdraidh *Libhi*. Agus mhill e cuid do na h-oibre b'oidheirce bh'aca, le meud eud air-son a' chreideimh cheirt. Bha e, gidheadh, faoin ann a chreideimh mu mhiorbhuilean, agus ghniomha nan naomh. Bha'n t-iompaire Iustinian tabhairt didinn do ionnsachadh an linn so, agus bha e féin air ainmeachadh 'na ughdair. An toiseach a riaghlaidh chur e roimh iomadh ni chur ceart an leabhar lagh nan Romhanach, agus, le naonar eile do dhaoine foghlumte 's an lagh, chrìochnaich Iustinian an obair mhor sin. Bha tuilleadh ri choilionadh—chaidh tuilleadh do dhaoine fòghlumte, agus Tribonian air an ceann, bh'air an ròghnachadh chum a chuid bu luachmhoire, no thaghta, tharruing amach—'s a chur sios—ris an do chan iad *Pandects*. B'ann an dheigh sin, an 529, a chuir an t-iompaire mach leabhar an lagh a ris, anns na chuir e féin laghan ùr, agus do'n tug e féin an t-ainm "*leabhar nuadh*."

An seachdamh linn, Bha aineolas a nis dol am meud, agus, air an aobhar sin, bha iadsan bha teagasg 's a' sgrìobhadh air bheag eolais agus fiosrachaidh. Cha robh iad lionmhor ni bu mhò, chionn nach robh ach fìor bheagan comasach air leabhraichean chur a mach. Bha tuilleadh dhiubh ri fhaotainn am easg nan Greugach no bha 's an airde 'n iar. Sgrìobh Timotheus an aghaidh nan saobh-chreidmheach, agus Philoponas an aghaidh nam paganach, agus feadhainn eile 'na aghaidh féin. Bha Iulian Pomerius air a chliùthachadh air-son na dhearb e 'n aghaidh nan Iudhach. 'S gann a thugadh aon oidheirp air na Sgrìobha Naomha mhìneachadh. Feudar, Isidore easbuig Shebhille, ainmeachadh mar an sgrìobhaiche bu mhò tuigse agus a b'fhearr foghlum 's an linn so. Cha bhi sinn cur sios saothair nan daoine bha tabhairt oidheirp air sgrìobhadh air modhannan, agus riaghailtean beatha o nach 'eil iad ach a' dearbhadh aineolais nan linnibh 's an robh dorchadas co domhail, 's nach faiceadh iad nithe a b'fhiu am measg nan nithe faoin

bha toileachadh an t-sluaigh. Chuir Leontius, easbuig Ciprus, sios cuimhneachain air Iain, easbuig Alecsandria, a bha subhailceach agus airidh air cliu gach linn air-son co math 's a bha e do na bochdan. Sgrìobh e-san a thainig 'na dheigh mu bheatha nan naomh, agus feadhainn eile, nithe co faoin, 's gur iongantach gu tugadh daoine aire dhoibh ann an linnibh dorcha féin:—mar bha iad a' deasboireachd ri droch spioraid, cur cath ri deamhain, 's a' toirt buaidh thar cumhachdan an dorchadais.

Dhiubhsan a sgrìobh mu chreideamh, no na sgrìoptuirean, no bha cur ri cheile na chuireadh sios roimh an àm so b'e Ilde-fonsus bu mhò foghlum, 's a b'fhcarr càilean.

Bha deasboireachd agus comh-stri dol air aghart mu theagasgan bh'aca 's na linnibh roimh so—agus bha cuid co daingean, agus feadhainn co dioghaltach, 's gu robh iad gearradh buill chorporra o'n co-chreutairean,—bhiodh e deisinneach bhi sean-achas, ni h-e bhi faicinn a leithid.

An t-ochdamh linn. Cha bhitheamaid ach 'g iomradh na thubhairt sinn mu'n linn roimh so nan rachadh sinn a luadh mu ain-eolas an ochdamh linn. 'S gann a ruigeas leas na sgrìobhaichean ainmeachadh. B'e Iain Damescenus a b'ainmeile do na Greugaich,—chuir e sios ann an Ceithir leabhraichean an creideamh fìor, no na teagasgan a b'araide bh'aca. Sgrìobh Bartholomeu, mànach an Siria, a' dìteadh a' Chorain—no creideamh Islaim, a chuir Mahomet mach 'na shoisgeul.

Ainmichidh sinn feadhainn eile bha airidh air cliu agus deadh luadh 's an treas earrann—gus am bheil sinn anis a' dol, 'nuair ruigeas sinn an ceathramh caibidil.

AN TREAS EARRANN.

O'AM CHARLEMAGNE, 'SAN ROBH ARD UACHDRANACHD AIG A PHAPA, 'S A' BHLIADHNA 755, GUS AN DO THÒISICH ATH-LEASACHADH NA H-EAGLAISE, AM BHLIADHNA AR TIGHEARNA, 1545.

CAIBIDIL I.

MAR BHA'N EAGLAIS RE AN EARRANN SO DO'N EACHDRAIDH.

Charlemagné 'na iompaire—na ceithir leabhraichean—Barailean Bhrigh-atharrachaidh. Comh-strì measg athraichean na h-Eaglaise—Anastashius—Na Lochlunaich—Na Rùsianaich—Saracens—Spainte—Godofrid—Aineolas a' chleir—Aimhreit—Atharrachadh an àm roghnachadh pàpa—Litrìchean foilleil—Iompairean deanamh atharrachadh mu iomhaighean, agus eas-buigean Chlaudiuis cur iomhaighean as an eaglais 's 'g an losgadh—Photius—Dealach eadar eaglais na h-airde 'n ear, agus eaglais na h-airde 'n iar—Teagasgan eaglaise nan Greugach, agus eaglais na Roimhe—Au soisgeul leu-sgarradh—Theophilact—Iain X. Iain XI. Iain XII.—Benedict V.—Leo—Odo—Ordu Chluigni—Eilean Sicilie—Ainmean uaibhreach nam pàpa—Comh-strì eutorra—Nicholas II.—Griogair VII. Ionraic—Urban II. Peadar an t-Aonaranach—Cogadh na croise—Buaidhnan daoine mòra—Rìgh Ierusalem—Na dh'eirich o'n Turus so—An creideamh Crìosduidh buadhachadh—An dara cogadh naomh—Mu cheithir cheud mìle dol le rìgh na Frainge agus iompaire na Germailt. An call—An treas turus—Frederic I. Philip Augustus—rìgh na Frainge—Richard I. rìgh Shasuinn—do'm bu cho-ainm Cœur de Lion—am pàpa agus Ionraic IV. — Ionraic V.—Alastair III.—Rìgh Shasuinn—Comhairle aig Clarendon—Tomas Becet—Reachdan ùr—Celestine III. an creideamh 's an airde 'n ear,—an ceathramh 's an cuigeamh turus—cìoch air cogadh na croise—Na Saracens call 's an iar—Cumhachd a phàpa—rìghrean na Frainge agus Shasuinn—Griogair IX.—au t-iompaire—Frederic—Cathair a phàpa trì bliadhna falamh—Griogair X.—Boniface VIII.—Am pàpa 's an Fhraing—Lughais—dà phàpa—Ferdinand—Geur-leamhuinn—Portuguese—America—An airde 'n iar—trì phàpa—Comhairle air son reite Iain Huss—Ierom—Toirmeasg an fhìon—Comhairle aig Basil—Pàpa eile—Comhairle Florence—Nicholas V.—Alastair VI.

CHÀIDH innse cheana mar cho-aontaich am pàpa, aig an robh ard-uachdranachd—a bha air aideachadh 's gach àite, agus Pepin ceannairceach le cheile—Mar theid neart thar ceart—

dh'eirich e-san an aghaidh an rìgh dhligheich; cha 'n fhoghladh dreuchd agus àit athar, ach a bhi na rìgh. Chuir am pàpa, aig an robh a nis làn chumhachd, leis, agus fhuair e comhnadh, agus mòran pailteis naith. An deigh Pepin thòisich na Lombardaich, nach b'urrainn bhi 'n an tàmh, agus bha iad air-son na duthcha thug e do'n phàpa thoirt uaith. Shìn Charlemagne, Mac Phepin, a mach ma'm b'urrainn iad sin bhi 'na'n làn uidheam, a dhearbhadh a chòir bh'aig a' phàpa ar an tìr, chaidh e le mòran àirm do'n Fheadailt, chiosnaich e na Lombardaich, agus ghabh e an t-urram bhi 'na rìgh dhoibh, agus chrunadh e 's an Roimh am bliadhna 774. Dhaingnich e do'n Phàpa na fhuair e o athair, agus thug e féin an tuilleadh fearainn agus saoihbreis dha, mar dhioladh air-son a pheacaidh. Bha miann Charlemagne air cumhachd agus ughdarras gun cheann, no crìoch. Bha e air a sheanachas gu do chuir e teachdaireachd gu Constantinople tairgse Irene a phòsadh, chum iompaireachd na h-airde 'n ear fhaotainn coladh ris an airde 'n iar. Cha do leig cailteanach a bh'aice agus uaislean an àite sin air aghaidh. Dhruid iad a bhan-phrionnsa mhi-chliuiteach, agus ana-miannach, an toiseach an tigh mànach, 's 'na dheigh sin chuireadh air fogradh i do eilean Lesbos, far nach robh i fada 'nuair chuir briseadh cridhe, no spioraid as d'i. Bha Charlemagne, ged chaill e iompaireachd na h-airde 'n ear, an deigh air bhi na iompaire 's an airde 'n iar, agus bha e deanamh gach ni chum am pàpa thoileachadh gu sin fhaotainn. Cha robh am pàpa mi-thaingeil air-son gach duais agus urram, agus air là 'n Ollaig 800 ghairm se e 'na iompaire, an eaglais an Naomh Pheadair, 's an Roimh.

Cha be'n creideamh a rinn e féin agus am pàpa co mòr aig a cheile. Bha e feumail dhoibh bhi mar sin thaobh an gnoth-uichean mòra, agus chum aon a cheile neartachadh gus iad sin chur air an aghaidh.

Chomharlaich ard chleir na Frainge do'n iompaire cur an aghaidh dara comhairle Nice—leis nach robh iad toilichte. Thug e airaon do'n chleir a bha fiosrach, tuigseach, sgriobhadh, agus chuir e mach ceithir leabhraichean mu iomhaighean, agus dh'ainmich e na leabhraichean air an iompaire. Chuir na sgriobhaichean reachdan na comhairle gu neo-bhrìgh. Chuir e

na leabhraichean, an 790, chum a' phàpa, Adrian, a thug ionnsuidh air an cur sìos. Ghairm an t-iompaire comhairle, an 794, aig Francfort, 's an robh trì cheud easbuig. Bha iad a' rannsachadh 's a' deasboireachd mu aoradh iomhaighean. Bha chomhairle gabhail leis na chuireadh sìos anns na leabhraichean, gu robh e dligheach agus feumail iomhaighean chur suas anns na h-eaglaisean air-son oirdhearcaas, agus cuimhne bhì air daoine naomh; ach a' toirmeasg aoraidh dhoibh, agus ghabh iad am Breatunn ris a chomhairle so.

Thòisich barailean mu bhrìgh-atharrachadh san linn so, 's a' bhliadhna 754. Thubhairt athraichean na h-eaglaise nach d'fhàg Crìosd iomhaigh sam bith dheth féin ach anns a chomunachadh, no Suipeir an Tighearna. Bha athraichean Nicene, am 787, ann cur an aghaidh so, 's a' cur an ceill gu b'è'n t-Suipeir feoil agus fuil Chrìosd. B'iadsan bha ri aoradh do iomhaighean a bha cumail mach na barailean bhaoth agus amaideach sin. Sin mar thòisich am brìgh-atharrachadh, a tha'n eaglais na Roimhe gus an là'n diugh.

Bha deasboireachd agus comh-stri nach bu lugha measg ath-airichean na h-eaglaise. Bha iadsan 's an airde 'n ear faighinn coire dhoibh-san 's an airde 'n iar, chionn iad chur an ceill gu robh an spiorad naomh o'n athair agus o'n mhac, am feadh bha iadsan a' teagasg gu b'ann o'n athair amhain a bha'n Spiorad Ghairmeadh comhairle 's an Fhraing, an 776, 's an robh teachd-airean o'n iompaire maille ris a chleir, agus an deigh mòran deasboireachd agus reusonachadh sgaoil iad—gach aon 'n am barail fein. Bha iomad aobhar eile bha 'n a chuspair deasboireachd agus connsuchadh aca, 's bha chleir gu minic dol le'n iompairean fa leth, a bha buileachadh orra saobhreis co-mòr. Bha chleir a nis comasach air gnìomh sam bith a dhealbh, no dheanamh. Chuir Anasthìus, athair spioradail Bhìganshìum, an ceill, agus mhionnaich e air a chrois a bha 'na laimh, gu robh an t-iompaire creidsinn nach robh an Crìosd ach duine amhain. Ghabh an t-iompaire fearg air-son a leithid do nì uamhann chur as a leth, agus thug e àithne an ard chleir so sgiursadh tre'n bhaile, air muin asail, agus aghaidh ri h-urbal.

Rinn Charlemagne mòran air-son na h-Eaglaise, agus bha e ro iomraiteach ann a h-eachdraidh. Ged bha e ri barrachd

deth so air-son a ghnòthuichean féin no chum math na h-Eaglaise;—chuir e as do iodhail-aoraidh nan Sacsons agus thug e orra gabhail ris a' chreideamh fhior ged a b'ann chum an ciosnuchadh bha e, agus ainm-san a ghabhail mun robh iad air bheag eolais.

Bha fuath sònruichte aig Charlemagne do shaobh-chreideamh, agus eud dileas do na sgrioptuirean. Bha e toileach air gach comhnadh thoirt doibh-san bha 'g am mìneachadh 's 'g an soilleireachadh, chum 's gu biodh an creideamh fìor, ceart, air a sgaoileadh 's air a theagasg. Bha e toirt riaghailtean a b'fhèarr seachad do thighean cràbhach, agus cur suas sgoilean air-son ionnsachaidh.

Naoidha linn. Ged bha'n t-iompaire ri mòran air-son cinneach almharrach, fiadhaich, iompachadh chum a chreideamh fhior, cha robh an t-àm 's an robh e riaghladh reir spioraid a' chreideimh Chriosduidh, agus bha e-san deanamh nithe ni bu mhò réir spioraid nan amaibh cogach sin, na réir a' chreideimh bha e 'g aidmheil. Far nach robh feum bhi sparradh orra an ni tha ceart, bha e feuchainn a neart. Bha Lughais, a mhac, ris an canadh iad "Ciuin," carrach, feargach. Thainig rìgh Lochlìnn, o'n tug aon bu treise a rioghachd, a dh'aslachadh a chomhnadh, 's a bhliadhna 826. Gheall Lughais sin da nam bitheadh e na Chriosduidh, 's nan ceaduicheadh e an creideamh theagasg 'na dhuthaich. Dh'aontaich Harold ri sin a dheanamh. Chaidh a bhaisteadh, chuireadh Ansgar agus Authbert, dà mhànach ainmeil, dheònach agus eudmhor maille ris. Shearmonaich iad so an soisgeul an Lochluinn agus dh'iompuich iad mòran an sin. An deigh bàis Ansgar phill Authbert do'n Ghearmailt far an d'fhuair e meas agus urram, agus rinneadh e'na easbuig na h-iompaireachd, 's a' bhliadhna 844.*

Chuireadh teachdairean á Sclabhonia agus á tìribh eile 's an airde 'n ear gu Constantinople dh'ionnsuidh rìgh Basilius, am Macedonianach, 's a' bhliadhna 867, chur an ceill gu robh muinntir nan tìribh sin deònach air gabhail ris a' chreideimh Chriosduidh, 's a bhi fodh riaghladh nan Greugach. Chual iad so le toileachas mòr, agus chuireadh luchd-teagaisg cràbhach

* Mosheim.

chuige a shearmonachadh an t-soisgeil, 's gu 'm baisteadh. Bha na Rùsianaich cuideachd gabhail luchd-teagaisg do'n ionnsuidh.

Bha Gibbon an seanachaidh alloill ag aideachadh gu robh iompachadh na h-airde tuath 'na bheannachadh mòr do na Crìosduidhean. Chuireadh stad air gach feachd fuileach bha tighinn do'n Eorp a thogail iorguill 's a dhorta fola; agus 'nuair thugadh an cinneach fiadhaich sin gu caileigin do dh'eolas air an Uile-chumhachdach, agus air ughdair ar creideimh, bha iad gabhail gu tuineachadh 's ag aiteachadh am fuinn fein.

Bha na Saracens air sgaoileadh fad agus farsuing air feadh na h-airde 'n ear,—oir bha iad nan sluagh cogach, ciosgarrach, nach gabhadh tàmh. Thairg Iulian, mor air mòr, 's an airde 'n iar, nach robh toilichte le uachdaran gu tugadh e steach do'n Spainnte iad. Chathaich an rioghachd so dà cheud bliadhna, agus sheas i 'n aghaidh na Roimh, ach chiosnaich luchd-leanmhuinn Mhahomeit e am beagan mhiosan, agus chuir iad mòran àitean eile rithe an uine ghearr. Chaidh iad a bhualadh air baile mòr na Roimh féin, agus nam biodh iad fein seasmhach le cheile bheireadh iad buaidh air baile mor uachdarach na h-airde 'n iar. Bha'm pàpa Leo. IV. 'na dhuine cumhachdach. Chuireadh na Saracens air theicheadh o amhain Tiber. Bha fuath mòr aca air na Crìosduidean,—'s gach àite 's an robh iad tighinn le buaidh bha iad cur sìos an creideimh. Bha mòran d'an luchd-àiteachaidh gabhail ri'n aidmheil air-son tàmh sìochail fhaotainn. Bha iad buntainn gu goirt riu-san nach robh,—gus ma dheireadh an robh iad tuiteam am bochduinn agus an aineolas, gun dad ri fhaicinn ach an t-ainm. Cha robh na Saracens co dioghaltach 's an airde n'iar, ged bha corr aon fulang an truaigh bu mho fodh cumraich.

Bha na Crìosduidhean 's an Roinn-Eorpa fulang moran o shloighibh ciocrach fuileach bha taomadh orra o thuath. Bha na Lochlunaich ni bu dàna 's an linn so na bha iad re beatha. Charlemagne a chuir casg orra-san bha ri Spuinneadh air corsaibh na Germailte—bha iad nis tighinn 'n an sgaothan do'n Ghermailte gu Gaul agus Breatunn a' losgadh, 's a' dortadh fola. Rinn iad mòran millidh 's an Spainnte agus anns an Fheadailt uilo. 'S a' bhliadhna 857 Spuinn agus loisg iad na

h-urrad a bhailtean an sin. Chuireadh an seanachas mu 'n gnìomha cruaidh oilt air cridhe eneadsa.

'S ann air-son spùinn thainig iad sin an tòiseach; ach, 'nuair thug iad fainear an duthaich phailt, 's am fonn ciatach, thoisich iad ri tuineachadh 's na duthcha tiorail bha iad a mill-eadh. Bha rìghrean agus cinn fheadhna fagail an ionadan fuar neo-thorach gun uighe ri pilleadh, agus bha rìghrean agus uachdarain an taobh deas neo-chomasach air cathachadh riu. B'eigin do Thearlach Maol, 's a bhliadhna 850, roinn mhòr d'a fhearann thabhairt doibh, agus beagan bhliadhnachan 'nadheigh, feadh bha Tearlach Garbh a' riaghladh, na iompaire, 's na rìgh, air an Fhraing, thainig an gaisgeach Mòr Godofrid do Fhreisland, agus cha chuireadh e chlàidheamh 'n a thruaill gus an geilleadh an duthaich sin da. 'Nuair ghabh iad tamh ameasg nan Crìosduidhean, agus a bha iad posadh cuid dhiubh, dh'atharraichidh iad gu mòr. Phòs Godofrid uaibhreach Gesela, nighean Lothaire, agus thionndaidh e 'n a Chrìosduidh. Bha chleir fàs 's an linn so suarach mu bheusan, no measarachd,—gu h-àraid, far an robh iad air an ròghnachadh leis a' phobull. Bha gach mi-riaghailt dol air aghart 's an airde 'n ear. Anns an airde 'n iar, bha na h-easbuigean 's a' chleir a b'airde sòghail, leisg. Bha iad co aineolach 's nach mòr dhiubh a b'urrainn sgriobhadh, agus b'annamh aon a b'urrainn nithe chur sìos air mhogh soilleir, no leigeadh ris an fhirinn. Ma bha gnothuch cudthromach aca dh'fheumadh iad daoine sònraichte fhaotainn, a bha comasach thaobh foghlum agus cailean bu mhò, air an sgriobhadh.

Bha, uime sin, gnothuichean na h-eaglaise dol air aimhreadh; —bha cogadh agus creach; bha comh-stri deasboireachd losgadh agus spùinneadh, agus nì bumhiosa saobhreas mòr na h-eaglaise 'g a truailleadh. Bha daoine mòr, aig an robh teaghlach, cur am mac, nach robh gaisgeil, no oidheirpeach, seadh, aig nach robh càilean, gu gnìomh do'n eaglais;—agus, thaobh 'na bha 'n an comas, bha iad faotainn a' bheathachaidh a b'fhearr dhoibh-san nach robh airidh air aite idir; agus bha'n t-eiseimpleir bha iad sin toirt do chach 'na ghalar gabhailteach. Bha iadsan, le mìghnàs, bha airidh air ascaoin eaglaise, deonach bhi fodh chleir nach robh scairteil, no subhailteach. Bha cinn-fheadhna

leigcadh le'm feachda briseadh mach agus sauibhreas mòr na h-eaglaise spùinneadh tra bha toil no feum aca air an rùn a shasuchadh, agus bha na sagairtean agus mànaich a' glacadh gach ni bha tighinn 'n an làmhan air an son féin.

Bha'm pàpa air a ròghnachadh leis an ard-chleir agus guth a' phobuill; ach an deigh bhi air a thaghadh, bha e ri toil an iompaire fhaotainn mu'n rachadh a choisrige, no shuidheachadh, le beannachadh;—ach thug Tearlach Maol, mar chainte ris, cead seachad am pàpa ròghnaichte chur's a' chathair gun fheith-eamh ri toil an iompaire fhaotainn. Rinn e chòir sin thoirt seachad a chionn na rinn easbuig na Roimhe gus e féin thogail gu bhi 'n a iompaire. Uaith sin, o'n bhliadhna 884, 's an robh Eugenius III. air a ròghnachadh 'na phàpa, bha mi-riaghailt, —'s cha robh aire do lagh, no reachd, no measarachd,—bha deasboireachd agus comh-stri mu thaghadh pàpa.

Cha robh doigh nach gabhadh iad a nis air-son mòrchuis, agus uachdranachd. Bha iad air-son ughdarras thoirt o righ na Frainge o'n robh mòran do'n cumhachd aimsireil,—gidheadh, bha gach papa 's an linn so gun chàilean no cumhachdan mòra iad féin. Tha e neo-fheumail ainm gach pàpa, mu nach 'eil nithe mòr no math ri luadh, chur sìos. Tha aon airidh air iomradh sònraichte,—thaobh an eaglais fein nach urrainn bhi mearachd—mar tha iadsan do h-aidmheil a' creidsinn; 's e sin,* bean bhi na papa, a shuidh 's a' chathair dà bhliadhna, agus cuig miosa, riaghladh thar an eaglais bu mhò bli'air thalamh. Bha i eadar an t-àm 's an robh Leo IV. agus Benedict III. (854—857.) Bha i co foghainteach, sheolta, agus innleachdach 's gu do chleith i gnè gus an d'rainig i'n inbhe a b'airde 's an eaglais, anns an do fhritheil i 'na h-uachdaran an ùine sin. B'e pàpa Ioan a theirte rithe am bitheantas; ach b'e Iain VIII. a thug-adh oirre an dreuchd na h-eaglaise. Tha e air a sheanachas gu bu bhan-Ghermailteach a bh'innte; gu robh i ro dheigheil air foghlum math; 's gu b'ann gu tuilleadh cothroim fhaotainn a chaidh i'n eide duine gu Athens. Phill i á sin do'n Roimh, far an do chuir i ioghnadh air na chual i labhairt co fileanta ghrinn. Bhiodh i mu fhlichead bliadhna ag eiridh tre gach ceum, o'n

* Faic Mosheim.

staid a b'isle, gus an do shuidhicheadh i'n cathair a' phàpa, 's a' bhliadhna 854, agus anns an do ghiulan si i fein an ùine thugar a cheana fainear. Tha e air aithris uimpe nach b'urrainn i fanachd o rathaide na feola—a thug i air seacharan, 's gu do thaisbeiu na bh'air a giulan a gineil air mhodh folaiseach, 's ro nàrach,—siubhal 's a' mhòr-chuideachd, gu do chaochail i air an t-sràid eadar an Coloseum agus eaglais an Naoimh Clement. Tha e air aithris gu bu aou do'n chleir a b'fhaigse dh'i fein, 's a bha frithealadh 'na teaghlach a b'athair d'a sliochd. Tha beatha sios an seanachas nan amaibh sin, 's cha robh ag 'g a chur uime 's 'na linnibh na dheigh;—ni tha dearbhadh na chaidh a radh, ged bha cuid 'g a chuir an teagamh, an deigh linnibh dol seachad. Tha e air a radh cuideachd gu do chuireadh suas a dealbh amearg nam pàpa an eaglais Sienna.* Tha sgriobhaichean fòghluimte air atharrachadh barail uimpe, agus cuid toirt oidheirp air uile chur an neo-brìgh.†

Bha guth aig na staidhean an àm ròghnachaidh iompaire; ach ghabh am pàpa agus prionnsan na Feadailt an ughdarras uile dhoibh fein. Dh'eigh am pàpa, Iain XIII, maille ri prionnsaibh na Feadailt, a thainig còladh aig Pabhia, Tearlach Maol san t-iompaire, an 876, agus thainig buannachd mhòr do'n eaglais uaith sin. Thoisich mòran buaireses air feadh nau rioghachdan thall. Bha'm pàpa toirt cumhachd annsgach ni aimsireil agus spioradail dhoibh-san a b'fhèarr a phraigheadh e. Chaill prionnsa na Roinn-Eorpa ceannas thar eaglais bha uile chumhachdach agus uaibhreach.

Chlaonadh comhairlean agus Seanaidh dhuthchan eile. Bu mhiann leis a' phàpa chur am fiach air uile dhaoine, agus bha iomada 'g a chreidsinn, gu do shuidhich agus gu d'orduich an Tighearna Iosa Crìosd e fein 'na ard fhear-lagh agus Bhritheamh air an eaglais uile. Gur an uaith, uime sin, bha easbuigean uile faotainn uile ughdarras, 's nach b'urrainn comhairle ni 'sam bith a dheanamh as aonais a thoil-san. Bha litrichean (Decretal Epistles) mu reachdan, mar gu rachadh an sgriobhadh le ceud athraicheanna h-Eaglaise nis, 'g an toirt am

* Mosheim.

† The History of M. d'Earde Beaumont was not less extraordinary. See Chambers's Journal, Vol. IV.

folais, chum ughdaras nam pàpa, 's nan easbuigean, a dhaigh-neachadh. Bha ainm orra sin 's an oehdamh linn, 's a nis air an creidsinn gu fìor,—ged nach cualas riamh mu chomhairle nan Seanadh anns an do sgrìobhadh iad. Chuir aon eigin amach iad a bha gun mheas, no ughdarras, agus chuir e ainm Isidore, easbuig Sabhille riu. Bha e air a mheas feumail gu biodh comhdachadh air dreuchdan mòra agus cumhachdach, bha'm pàpa, uime sin, 'g agairt mar a choir dhligheach reachdan a bha giulan ughdarras. Cha 'n 'eil feum air tuilleadh a radh mu na litrichean breugach;—bha e maslach dhoibh-san a thaisbein iad, agus a' nochdadh aineolais na bha tabhairt creideas do leithid do shlaoitearachd.

Bha na mànaich roimhe so am meas agus miadh 's an airde 'n ear, agus 's an linn so bha iad togail an cinn 's an airde 'n iar. Bha rìghrean, diucan, agus uachdarain leantuinn an doighibh beatha, gun umhail d'an inbhe no'n dleasanais. Bha atharrachadh 'g a dheanamh 's an linn so mu aoradh dhealbh, no iomhaighean, reir barail, no beachd, an iompaire bha riaghladh. Aon cur sìos a leithid do shaobh-chreideamh, agus aon eile 'g a cheadachadh; mar gu faodhadh nithe foilleil a chreidsinn air-son math na h-eaglaise. Mhair a chomh-strì ceud bliadhna 's a deich, gus an tug iodhail-aoraidh buaidh.

Cha robh Muinntir na h-airde 'n iar idir co umhal no fhreagarach, oir bha isd smaointeachadh, 's a' enuasachadh am barailean. Cha robh an inntinn co so-lubadh ris na Greugaich. Bha Criosduidhean na h-Eorpa 's a' mheadhon, 's bha iad ceadachadh dhealbhan chur suas chum foghnadh ni bu mhò—gu drughadh orrasan a bha ri aoradh, ach toirmeasg aoraidh dhoibh sin. Gidheadh, uigh air uigh, thòisich iad ri aoradh thoirt do na coslais a rinneadh le làmhan dhaoine, 's mu'n tainig erioch air an linn so, bha iad le ughdarras a' phàpa, agus cleachdan dhuthchan eile tuiteam anns a chionta mhòr so air feadh rìoghachdan na h-airde 'n iar. Bha 'n Spainnteach Claudius, easbuig Thurin, tilgeadh mach dhealbh agus na croise as an eaglais, 's 'g an losgadh, (823.) Sgrìobh e cuideachd 'n an aghaidh co math ri iomadh gnathachadh eile bh'aca nan aidmheil nach robh réir reusain agus an t-soisgail.

Ach b'è chomh-stri bu mhò bh'aca 's an linn so an dealachadh a chuireadh eadar eaglais nan Greugach agus nan Romhanach. Bha stri agus faorpais eadar na h-Eaglaisean sin ré ùine fhada, a bhris amach air mhodh gàbhaidh, 's a' bhliadhna 858. Bha'n t-iompaire cur aon as àite 's a' suidheachadh aon eile ann, 's bha sin ri tuilleadh aimhreite. Bha comhairle an Constantinople 's an robh mòran reachdan air an cur amach, agus bha iad dol o aon a cheile air-son comhnadh, agus didinn. Bha'n dara pàpa dite an fhir eile, 's 'ga chur fo ascaoin Eaglaise, 's an aon eile, gun umhlail da chumhachd, no feart da reachd, deanamh a ni ceudna air-san. Bha gach pàpa agus iompaire tabhairt aire d'am buannachd fein ni bu mhò na do cheartas. Feadh bha iad air bhoile le gach deasboireachd agus aimhreit, chuir Basilius, am Macedonianach, a mharbh an t-iompaire agus a shuidh 'na aite, casg air an comh-stri. Thug e Ignashius, chuireadh air fògradh air ais, agus chuir e Photius do chill mhànach. Chliuthaich e-san bha'n Constantinople, an 869, gnìomh an iompaire. Dh'aontaich na Romhanaich leis na rinn iad 's an t-Seanadh sin, agus chaidh stad air brionglaid bha eadar iad agus na Greugaich.

'Nuair chaochail Ignashius, 's a' bhliadhna 878, thugadh Photius air ais leis an-iompaire, agus thogadh e gus an inbhe as an do chuireadh e. Dh'aontaich an pàpa, Iain VIII., leis a' ghnìomh so, ach bha e 'g iarraidh Bhulgaria bhi fodh chumhachd fein. Bha Photius deonach air a sin, agus cha robh an t-iompaire na aghaidh; ach bha iad le cheile cur dail an sin a dheanamh; cha robh toil aca dealachadh ri'n duthaich.

Chuir pàpa na Roimh, air an aobhar sin, teachdaire do'n airde n'ear an aghaidh Photius, air-son a chur amach as an Eaglais. Chuir an t-iompaire an teachdaire am prìosunn, 's nuair a chaochail Iain VIII. leig e mach e agus chuir se e 'na aite. Ach ged fhuair e an t-urram ard sin, cha do leig e air dì-chuimhne na rinneadh air 's an airde n'ear, agus thug e binn amach an aghaidh Photius.

Cha do chuir Photius suim 's a' bhreth sin, ach sè bliadhna 'na dheigh chuir Leo Mac Bhasiliuis e a rìs do chill Mhànach, far an do chaochail e, 's a' bhliadhna 891. Sin mar bha'n

eaglais air a riaghladh eadar iompaire agus pàpa. Nam b'e ceartas agus maith a' phobuill a' bha'n rùn a' phàpa bhiodh sìth a nis eadar an dà eaglais. Ach dh'fheumadh e-san a thoil e fein fhaotainn, 's gach pearsa eaglaise a dh'orduich Photius chur a mach aisde.

Tha sinn meas nach biodh e neo-fheumail a thoirt fainear an so mar tha eaglais nan Greugach a' dealachadh o eaglais na Roimhe.

1. Cha 'n 'eil i gilleachduin do ughdarras a' phàpa, 's tha i 'g aicheadh gur h-i eaglais na Roimh an eaglais choitchionn.

2. Cha 'n 'eil a chlann air am baisteadh innte gus am bheil iad tri, ceithir, cuig, se, deich, agus, air uairibh, dà bhliadhna dheug a dh'aois.

3. Tha aran agus fion 'g a thabhairt doibh-san tha gabhail sacramaid suipeir an Tighearna, 's a' comanachadh 'g a thabhairt do'n chlann co luath 's a tha iad air am baisteadh.

4. Tha'n luchd-aidmheil 'g aicheadh gu bheil purgadoir ann, ged tha iad ri urnuigh air-son nam marbh, chum gu biodh Dia trocaireach dhoibh aig a bhreitheanas.

5. Tha iad dol fodh laimh easbuig, oladh bhàis, agus tha posadh 'g a chur as na seachd sacramaidean.

6. Tha iad ag aicheadh nach 'eil ughdarras neamhaidh air-son aosaid no eisdeachd. Nach 'eil ann ach ordugh na h-eaglaise.

7. Cha 'n 'eil iad tabhairt aoraidh do'n chomanachadh.

8. Tha iad frithealadh a' chomanachaidh do'n phobull le aran agus fion, gu tinn agus slan, ged nach d'rinn iad eisdeachd chionn gu bheil iad ag aidmheil gur e creideamh fìor tha mhain feumail.

9. Tha iad cur an ceill gur h-ann o'n athair amhain tha'n Spiorad Naomh, 's nach ann o'n Mhac.

10. Tha iad cur cùl ri iomhaigh shnaite; ach tha dealbhan, agus nithe th'air an gearradh an umha, agus an airgiod aca.

11. Cha 'n 'eil iad an aghaidh ceile bhi aig sagairt ma phos e mu'n do ghabh e'n dreuchd.

12. Dite ceathramh posadh.

13. Mòran do laithean feill;—gleidheadh ceithir traisg 's a'

bhliadhna ni's soluimntè na each, 's e 'n là 's a' charaisde is mò dhiubh.

An deicheadh linn. Ged bha dorchadas aineolais co mòr 's nach robh ach beag eolais acasan bha 'g aidmheil a chreideamh Chrìosduidh—bha'n creideamh 'g a sgaoileadh fad agus farsuing an ear 's an iar. Bha na Crìosduidhean, reir baraillean Nestoriuis, ann an Caldea, dol air aghart 's an airde 'n ear. A measg chinne, a b'aineolach, bha'n soisgeul 'g a shearmonachadh do na Turcaich, 's na Tartaraich gu ruig ceann mu thuath China. Bha dream bha co eudmhor agus dealasach, cìod 's am bith mar bha'm barailean, airidh air cliu thaobh an toile.

An rioghachdan iomalach na h-airde 'n ear, bha'n soisgeul 'g a shearmonachadh, 's 'g a sgaoileadh. Thug sinn cheana fainear mar bha rìghrean agus cinn-fheadhna uaibhreach ag aidmheil a' chreideimh, 's a' tabhairt air an sloighibh borb gilleachduin no aontachadh leo. Ged a b'ann air-son buannachd shaoghalta ni bu mho no sochairean spioradail bha iad ag iompachadh.

Bha iad gabhail a' chreideimh ùr agus air an àm cheudna gnathachadh an seann doighibh—an deigh am baisteadh bha iad tabhairt iobairtean do dheè breig, ag itheadh cuid do'n tabhartais, 's a' marbhadh 's a' mortadh nan sagairtean. Bha anabarrais, soghalachd agus aincolas na cleir dol am meud 's an linn so. 'S leoir thoirt fainear mar bha iad, le iomradh gearr air Theophilact. Bha 'n ard chleir so reiceadh gach àite, no beatha bha fodh cò luath 's a bhiodh iad falamh. Bha da mhìle each aig na stapull, air-son seilg d'an tug e am biadh bu luachmhoire, 's bu daoire—'s mu 'n robh fàile cubhraidh. Am meadhon an Aifrionn aon là, thainig an gille bha feitheamh orra, le solas mòr, a dh'innse dha gu robh searach aig aon do na capuill; thilg e uaith an leabhar urnuigh bh'aige 'na làimh, agus ruith e o'n tigh phobuill gus an stapull, le aighear; sheall e oirre le aiteas car greis, agus an sin phill e chur crìoch air an t-seirbheis.*

'S ann 's an airde 'n ear a bha 'm fear so; ach, mach o

* Fleures.

chorr aon, cha robh iad ni b'fhearr 's an airde 'n iar. Cha bhi toileachadh no eifeachd an eachdraidh nam pàpa bha cur a cheile as an àitean, 's nach robh mealtuinn an inbhe agus an urraim àrd ach uine ro ghoirrid.

Chaochail Lando, 's a' bhliadhna 914, agus fhuair Albert, iarla Thuscani, Iain X., a chur 's a' chathair.* Be Theodora, a mhathair-cheile, a thug air sin a dheanamh; agus b'è mistuamachd agus a mi-bheusan thug oirre na h-urrad dhoighibh fheuchainn air a shon. Bha beatha agus giulan Iain maslach, ach nochd e ghaisge an aghaidh nan Saracens, gidheadh, cha b'fhad a mheal e àite. Bha ganlas aig nighean Theodora dha, agus ghuidh i air a dara fear a ghlacadh 's a chur am prìosunn, —a chionn e bhi mòr aig a mathair chaidh chur gu bàs an sin, agus lean fear agus fear, an cathair a phàpa a cheile, gus an d'fhuair Marosia a bhan-iarla shanntach mhi-gheamnuidh—Iain XI.—Mac a bh'aise ri Sergius III.—Aon eile bha cur am fiach bhi 'n àite an Naoimh Pheadair, chur an cathair a' phàpa. Thilgeadh á sin e am B.T., 933, le Alberic a leth-bhrathair nach fuilgeadh fhaicinn an deigh an dara fear siubhal—mheall Marosia mi-gheamnuidh Tharis o rìgh na Feadailte leis gach gealladh mòr bha i toirt da. Thug Alberic air na Romhanaich eiridh an aghaidh Eoghain, oide, a bha'n duil bhi 'na rìgh orra e féin, chur e as a' bhaile iad, agus dhruid e an daighneach oide, a mhathair agus a leth-bhrathair, far an d'fhuair Iain bàs, 's a' bhliadhna 936. Lean ceitbir e feadh fichead bliadhna—a bha moran ni b'fhearr ceud-faithean agus giulan. Chuir Alberic II. a mhac féin Octarian, an cathair a' phàpa—àite urramach agus ro shaoibhir. Bha e òg, agus gun fhòghlum, no fiosrachadh air son leithid do dhreuchd. Ghabh e ainm ùr, mar bha gach pàpa 'na dheigh a' deanamh. Ghairmeadh e Iain XII.

Bha ardachadh maslach, agus a bheatha mi-fhortanach. Bha Beringer II., rìgh na Feadailte, cruaidh air. Chuir e tachdairean, 's a' bhliadhna 960, gu Otho Mòr, 'g asluchadh air tighinn le feachd làidir do'n Fheadailt, a shaoradh na h-eaglais agus a' phobuill o'n cuing. Gheall e gu solaimte, nan

* Mosheim.

tigeadh e gu luath g'an comhnadh, gu cuireadh e eide rìgh air agus gu'n eigheadh se e 'na iompaire air na Romhanaich. Bha Otho Mòr uile dheònach, thainig e do'n Fheadailt le mòran airm, agus mar a gheall, dh'èigh Iain e 'na iompaire; ach thug am pàpa fainear an ath-ghoirid gu deachaidh e'm mearachd; agus ged a mhionnaich e gu soluimte umhlachd do'n iompaire, mar uachdaran dligheach, bhris e mhionnan agus chaidh e le Adelbert, mac Bheringer, an aghaidh Otho. Dhiol e air-son àr-a-màch. Phill an t-iompaire do'n Roimh, 's a' bhliadhna 964, ghairm e comhairle, dhìt e'm papa air-son a dhroch-bheart—chuir e as àite e gu maslach, agus chuir e Leo VIII. 'na àite. Co luath 's a d'fhalbh an t-iompaire, phill Iain do'n Roimh, ghairm e comhairle, 's a' bhliadhna sin fein, dhìt e'm pàpa chuir an t-iompaire suas, agus an beagan ùine fhuair e bàs o bhuille bhuaile Morear air 's an aghaidh, air-son a bhean a thruailleadh. An deigh a bhàis ròghnaich na Romhanaich Benedict V. Ach chuir an t-iompaire Leo 's a' chathair.

Ged nach robh iadsan a lean ainmeil thaobh am fòghluim 's an cailean, bha iad measara agus ceart am frithealadh. Bha cuid dhiubh an sìth re an laithean, agus cuid eile fulang, mar bha ro bhitheanta, 's na h-amaibh trioblaideach sin,—gu h-àraid deigh bàis Otho mhoir a chum sìos na Romhanaich le neart agus deagh riaghailtean. Bha geur-leanmhuinn, dioghaltas, agus mòrt ro-bhitheanta. Bha pàpa nach robh ach mìos 's a' chathair, agus b'ainneamh am fear bha caithe a bheatha, 's a' caochladh ann an sìth.

Bha inbhe a' phàpa, 's gach caochladh bha tachairt, dol ni b'airde. Chuir Otho Mòr mach reachd nach suidhichte pàpa 's a' chathair an aghaidh an iompaire, agus bha'n t-sochair so aig a mbac agus ogha 'na dheigh. Bha eud air easbuigean na Germailte, na Frainge agus na Fheadailt, toirt orra bhi diultadh àrd-uachdranachd do easbuig na Roimhe—gidheadh, bha cuid co brosgalach 's gu robh iad cur an ceill gu robh uachdranachd aig a' phàpa thar na h-uile. Agus bha gach aon gabhail 's ag iarraidh a chòir sin. Bha an ughdarras thar tomhas, agus bha iad deanamh am feun a b'fhearr a mhianuicheadh do gach cumhachd agus comas a bh'aca. Ged bha iad an inbhe 's am

pailteas—bha iad a dhìth na thogadh iad am meas—bha iomadh do'n chleir aig nach robh a' chreud. Bha na mànaich 's an airde 'n ear toirt caileigin dh'aire air measarachd; ach 's an airde 'n iar bha iad gun suim sam bith do ghiulan ceart no stuama. Bha cuid diubh co aineolach 's nach robh fios aca air riaghailtean an naoimh Benedict, air an robh iad air an ainmeachadh. Thug Odo, duine ionnsaichte, cràbhach, oidheirp air so a leasachadh, agus chaidh leis. Bha e, 's a' bhliadhna 927, 'na Aba, an cathair Chlugini:—an tìr Bhurgandi; thug e air na mànaich aire shònraichte thabhairt do na riaghailtean, agus rinn e féin feadhainn ùr. Ghabh gach tigh mànaich iad sin feadh na Roinn-Eorp, agus uaith sin thainig òrdugh Chlugini. An aon linn deug. Bha'n soisgeul 'g a shearmonachadh ni b'fharsuinge measg almharrach, —ged nach robh an iompachadh mòran diubh ach an t-ainm. Bha rìgh-rean agus uachdarain chràbhach, no diadhaidh, deanamh na b'urrainn iad; agus easbuigean, agus ath'raichean na h-Eaglaise, seadh, iadsan bha comharaichte le deadh ghiulan agus eud air-son a' chreideimh fhior, toirt na h-oidheirpean a b'fhcarr. Bha cuid do na daoine cràbhach bha dol am measg duthcha na h-airde 'n ear a' call am beatha, 's ged bha cinnfheadhna feuchainn neirt, 's a' dioladh ainneirt—bha e neo-chomasach thoirt air cuid do na cinnich almharrach cùl chuir ri'n iodhail-aoraidh, no'n deas ghnathacha fein a threigsinn.

Bha na Saracens riaghladh an Sicili o'n naothamh linn. Thuinich Raibeart Guiscard, a thainig air cheann Lochlun-aich, an 1059, 's an Fheadailt 'na dheigh sin, bha e 'na Dhiuc an Amulia. Bha e air a bhrosnachadh le pàpa Nicholas II.—chaidh e le bhrathair Ruairi—agus bhuaill e air luchd-creideimh Mhahomeit. Cha do chuir Ruairi a chladheamh 'n a thruaill, gus an do chuir e na naimhdean air theicheadh agus an d'fhuair e'n t-eilean da féin. Thug e an creideamh fìor an àite an aidmheil fhoilleil. Thog e caglaisean agus tighean—acoraidh. Fhuair iad easbuigean, agus fhuair a' chleir mòran shochaircan a lean riu fada. Bha e-san air-son a ghaisge agus a mhaitheis air cheann na h-caglaise, agus dh'fhag e'n

t-ainm, an t-urram, agus na sochairean bh'aige féin acasan thainig na dheigh mar dhlighe chòir.

Rainig am pàpa ach beag àirde 's a' bheatha so. Bha e gabhail ainmean Diuc, Morair agus mor-uaisle. Bha chòir air fearann mòr, agus bha uamhan ascaoin eaglaise cur crith air aon 's am bith chuireadh 'na aghaidh. Bha chleir a b'isle dluleantuinn an àrd chleir air gach doigh.

Cha robh iad 's an airde 'n ear dol uile co fada. Bha na nithe bha tachairt cur srian ri'm mianna ni bu mho na 's an Roimh, 's an robh an àrd-easbuig thar an t-saoghal, 'na phàpa 's 'na *athair na h-uile*. Bha Leo IX. toirt còir air duthchan agus rioghachdan, mar gu biodh e thar uile nithe aimsireil co math agus spioradail. Cha robh gach rìgh agus iompaire striocadh dha, ni bu mho na easbuigeàn na Frainge agus na Germailte. On bhliadhna 1012 gu 1059, bha dha no trì phàpa 'na uairibh 'g an cur 's a' chathair, agus a réir mar bha'n cairdean cumhachdach, no mar bha'n giulan maslach toilltinn 'g an cur sios. Cha'n airidh iad air iomradh, 's cha 'n 'eil toileachadh an seanachas dheanamh mu sheachd dhiubh, mach o Nicholas II. amhain;—papa a rinn riaghailtean matha, ann an comhairle a ghairm e, 's a' bhliadhna mu dheireadh dh'ainmich sinn; oir chur e mach reachd ùr air-son roghainn a dheanamh do phàpa. Bu lagh so a bha ro fheumail chur as do chomh-strì agus aimhreit a bha tuilleadh 's bitheanta, 's a bha toirt barrachd comais do'n àrd-chleir pàpa ùr a règhnachadh. Choimhlion Alasadair III. 's an ath linn an ni bha'm pàpa so tionnsgnadh, 's e sin a bhi tabhairt a chumhachd uile do'n àrd-chleir.

Thoisich a ris iomairt na cleir an deigh Nicholas II. Ach b'fhaoin na rinn iad gus a' bhliadhna 1073, 's an do thogadh Hildebrand chum na h-inbhe àrd agus urramach. Bha e 'na dhuine comasach air gnìomha mòra a dhealbhadh. Bha e eugnaidh seolta, carach, dàna, uaibhreach 'na aigne;—seasmhach, laidir 'na bheachd féin, chur sios bharailean ùr agus cha bu lugha na riaghladh thar uile dh'fhoghnadh leis, ged bha e o bhrèth iosal, gun chuid gun daoine. Bha e do *Ordugh Chlugni*. Cha bu luaithe thogadh Hildebrand gus an àite urramach na nochd e cheannairec agus a mhiann. Chuir e roimhe gu

striochdadh na h-uile,—gu biodh an eaglais gu leir fodh 'n phàpa, nach biodh ughdarras, no dreuchd aig iompaire no rìgh thar aon do'n chleir; no còir no gnothuch aca buntuinn ri ionmhas na h-eaglaise, agus gu biodh uile nachdarain o'n daoine cumhachdach ach fodh smaig féin.

Bha na h-uile nithe freagarach da mhiann. Bha aon ni aimhreiteach, rioghachd uile fodh riaghladh rìgh òg gun neart no fiosrachadh,—cinn-fheadhna an taobh eile air an iompachadh, ach air bheag eolais mu'n chreideamh thòisich iad ri aidmheil. Bha Hildebrand uime sin, ro ailghiosach. Tha litrichean agus na mionnan bha e cur air rìgh nan Romhanach a' comhdachadh cìod e ghnè. 'S ann o rioghachd na Frainge a fhuair am pàpa air tùs na sochairean bu mhò; ach bha Hildebrand, no Griogair VII. mar bhaisteadh e, mar phàpa, cur am fiach gu robh an Fhraing fodh chis do uachdaran Spioradail na Roimhe, agus dh'aithn' e da luchd-ionaid 's an rioghachd sin a' chain, no chis, a thogail gach bliadhna gu dlìgheach,—ged nach aidicheadh an rìgh a chòir, 's ged nach do phaigheadh riamh e. Bha e 'g agairt cuid-eachd Sacsoni bhì fodh chis, mar thug Charlemagne e mar thabhartas do'n naomh Peadar. B'aill leis an Spàinntè bhì fodh chomraich mar an ceudna;—cur an ceill 'na litrichean mar fhuaradh còir air an rioghachd so, ach bha sheanachas an aghaidh cheile. Cha robh Uilleam Buadhach co deas air còir thoirt da air rioghachd Shasunn. Bha'n gaisgeach so ro eudmhor mu dhlighe chòir fein. Bha e urramach agus àrd 'na aigne. 'S e nach striochdadh 's nach leigeadh uaith urram no buannachd. Ach bha e fiosrach gu robh ughdarras a' phàpa ro mhòr, agus a chumhachd thar mhòran, ach cha robh e uime sin, deònach air cur an aghaidh gach ni bha e sireadh. Thug e dioladh air-son cìs an Naoimh Pheadair (Peter-pence,) ach cha deanadh e ùmhlachd air-son a rioghachd, a bh'aig o Dhia agus o chlàidheamh.*

Bha Griogair cur rìgh 's a' chathair an aon duthaich, 's a' fuasgaladh iochdarain o'm mionnan an rioghachd eile,—'s a' toirmeasg rìgh ròghnachadh gun a chead-san.

* Collier's Ecc. Hist.

Bha dà dhubhaile nach robh ainmic, ni bu duiliche-chios-nuchadh na iad uile. Seadh diolanas agus reic nithe naomh' a bhuineadh do'n eaglais. Thug e ionnsuidh orra,—cur roimhe an cur fodh chois. Ghairm e comhairle 's an Roimh, an 1074, —'s an tug e tuilleadh neirt do reachdan chuireadh mach le Stephen IX. 's gach pàpa nuas uaith 'n an aghaidh,—bagradh gu cruaidh orra bha mallairt nithe bhuineadh do'n eaglais: ach bha e air an àm cheudna toirmeasg posaidh do na sag-airtean, mar nach robh e ceaduichte do'n dreuchd.

Bha mòran an aghaidh an reachd so a bha 'g a thabhairt fairear an aon aite 's 'g a chur suarach an duthaich eile. Bha chleir a bha fodh cheangal posaidh fada 'na aghaidh, agus cuid aig an robh mnai chomain no diolan nach robh toileach a ghleidheadh. Ach chuir am pàpa ceann-ladair so iad uile 'n an tosd rè uine, 's bha na h-uachdarain faotainn gu leoir eile ri dheanamh gun aire thoirt do ni 's nach robh iad a' cur suim. Ach dhuisg a chuis eile iomad iorguill agus mi-riagh-ailt, a bha dol am meud gach là 's a' tabhairt na h-Eaglaise co math ris an rioghachd gu trioblaid. Cha leigeadh an t-iompaire le teachdairean a' phàpa coinneachadh 's a' Ghermailt airson breth agus binn thoirt orrasan bha malairt no reic nithe naomha. Ghabh Griogair fearg ri sin; ghairm e comhairle 's an Roimh, an 1075, a thoirt na bha e cur roimhe gu crìch, a chur as an eaglais easbuigean bha gabhail leis an iompaire, agus a mhallachadh gach aon a ghabhadh aite o neach nach robh 's a' chleir.

Cha robh seadh aig an iompaire do sin, ach bha e 'g aideachadh gu robh e coireach bhi reic nithe bhuineadh do'n eaglais; ach gu bheil coir aige air cleir a chur a steach, agus nan seasadh prionnsan na Ghermailt leis, cha druigheadh na b'urrainn Griogair a dheanamh air. Bha mòran diubh sin naimhdeil da, agus ghabh am pàpa fath air an aimhreit a bh'eutorra. Chuir e teachdairean le fios gu Ionraic am briathra bha maslach a dh'iompaire,—'g àithno dha tighinn gu luath do'n Roimh, gu e fein a shaoradh o gach ni bha 'g a chur as a leth. Ghabh Ionraic tamailt mhor roimh leithid do theachdaireachd, agus chruinnich e fein na h-easbuigean 's a' Ghermailt, 's chuir iad

droch bheartan á leth Ghriogair, a' dearbhadh nach bu chòir dha bhi 'na uachdaran 's an eaglais,—gu robh a chathair fal-amh, 's a' ròghnachadh aon eile 'na aite. Co luath 's a chual Griogair am binn a thugadh mach air fein, thòisich e ri mallachd thoirt air a' phrionnsa sin, 'g a chur fodh ascaoin eaglaise, agus a' fuasgaladh iochdarain o'm mionnan da. Thòisich aimhreite eutorra, bha feadhainn cur leis an iompaire agus feadhainn leis a' phàpa.

Mar bha nithe fàs gach là ni bu mhiosa do'n iompaire bhrìst cuid do na daoine bu chumhachdaiche mach 'na aghaidh agus dh'iarr am pàpa an còmhnaidh, chum a cho-eigneachadh gu umhlachadh dha féin. Chomharlaich a chairdean do Ionnraic e dhol do'n Fheadailt, agus maitheanas iarruidh air ceannard na h-Eaglaise. Ghabh e'n comhairle ged bu duilich e, 's ged nach d'rinn e'm feum ris an robh e 'n duil. Chaidh e thar na beanntan àrd (Alps) am meadhon a' gheamhraidh, 's a' ghaillean bu mhò, thainig e an ceud mhios an earraich, 1077, gu Carnesium, far an robh an pàpa a' tàmh maille ri Matilda òg, bana-mhorair Thuscani, a bha ro mhor air taobh na h-eaglaise 's an nighean bu runaiche bh'aig an athair spioradail, ach bha tuaileas cur amach gu robh tuilleadh agus sin eutorra. Sheas am prionnsa gu h-ùmhhal, dibli, fad thri laithean, ceann-ruisgte, casruigste, taobh muigh an daingnich, agus gun uime ach stroic do chlà garbh caithidh. Air a' cheathramh là fhuair e cead tighinn an làthair a' phàpa, a thug maitheanas dha, ach nach tugadh cead dha ainm rìgh, no àite ghabhail, agus an cruinnichadh cumhachdaich, 's an rachadh uile chrioch-nachadh. Cha robh prionnsan agus easbuigean na Feadailt idir toilichte d'a ghiulan maslach, agus thilg iad bhar na cathrach e do bhrìgh nach seasadh o ri ghealla do'n phàpa uaibhreach, bhris e a' chuing nàrach a ghabh e air féin 'na lag-mhisnich, ach cha bu luaithe chual prionnsan na h-iompaireachd na thachair dha, na chruinnich iad 's a' mhios mhart, 's a roghnaich iad Rodolph; diuc Suabia, 'na iompaire 'na aite.

Thoisich an sin cogadh eadar a' Ghermailt agus an Fheadailt, a dh'fhagadh na rioghachdan sin fada an staid aimhreitich, thruagh. B'eigin do Ionnraic cogadh chumail ri naimhdean

's a' Ghermailt agus 's an Fheadailt. Bha Griogair leigeadh leo an toiseach, gus na chaill Ionnraic blàr a thug iad aig Fludenheim an 1086, chuir e'n sin e fodh ascaoin eaglaise— agus chuir e coran gu Rodolph a fhuair buaidh-làrach, agus dheigh se e 'na iompaire dligheach 's a' Ghermailt. Cha do ghabh an t-iompaire mi-fhortanach an tamailt sin 'na thosd, ghairm e easbuigean na Fheadailt cruinn ann an Tir Thiroll, chuir e Griogair á cathair a' phàpa an dara uair agus roghnaich e Guibert àrd-easbuig Rabhenna, a ghabh mar ainm Clement III., 'nuair choisrigte 's an Roimh e ceithir bliadhna 'na dheigh sin.

Thug iad blàr uamhar 'na dheigh sin 's an deachaidh Rodolph a leon gu bàs ath-ghoirid. Thriall an t-iompaire an sin do'n Fheadailt, agus thoisich e féin agus feachd Mhatilda air a cheile,—thug e ionnsuidh no dhà air baile mòr na Roimh, agus ghlac e chuid mhòr dheth an 1084. B'e cheud ni rinn Guibert chur an cathair a' phàpa, fhuair e'n sin coran an iompaire o làimh, agus dh'eigh Guibert 'na iompaire air na Romhanaich e. Bhuail e air daighneach Angelo 's an robh Griogair 'g a dhion féin. Chaidh an gaisgeach Raibeart Guiscard, diuc Apulia, chòmhnadh Ghriogair, chaidh e gu Salernum, far an do chaochail e, 's a' bhliadhna 'na dheigh, 1085. Dh'fhag e'n Eorp an amhghair a dhuigs a ghloirmhiann.

Cha do phill sìth ged chaochail e-san a b'aobhar air aimhereit. Ròghnaich a chairdean pàpa eile an aghaidh an fhir a chuir an t-iompaire 's a' chathair. Cha b'fhada mheal e urram nach robh e 'g iarruidh, 's chaidh an sin Urban II. chur 'n aite, 's bha e-san cur le Matilda an aghaidh an iompaire.

Ach thòisich Urban, agus a' Chriosduidheachd uile air gnìomh bu mhò, a bha'm beachd gach pàpa o 'am Shilbhester II., seadh an eaglais a sgaoileadh feadh Asia, agus gu h-àraid na Mahometanaich a ruagadh á Palestine. Chuir Griogair VII. feachd mòr air chois air son a' ghnìomh mhòir so ; ach chuir an tuasaid bha eadar e féin 's an t-iompaire sàradh ann. Mu dheireadh an linn so thugadh oidheirp air an ni cheudna leis

*Peter
The Hermit
+
The Crusade*

an Aonaranach Peadar, a bha lan eud mu'n chùis. Bhuineadh e do Amiens, chaidh e gu Urban II., agus chuir e 'na cheann an doigh air an rachadh sin air aghart. Bha Padruic do theaghlach uasal, agus bha e'n tùs a laithean 's an arm; ach leig e sìos an claidheamh agus thog e suas an saoghal. Chunnaic e, air a thurus am Palestine, 1093, gach àmghar bha na Criosduidhean bha dol an sin a' fulang, 's bha doilghios mòr air chionn gach ainneart, agus eucoir bha na Saracens deanamh orra. Air a lionadh le eud agus tamailt, chaidh e air-son comhnadh gu Athair eaglaise Chonstantinople, agus Urban II., mar theachdaire o nèamh; ach cha do chuir iad doigh ann. Cha do lagaich sin a mhisneach—chaidh e air feadh gach duthaich 's an Roinn-Eorpa 'g aslachadh air prionnsan Criosduidh dol amach an aghaidh nàimhdean an creideimh, seadh, dol do Phalentine. Bha e geamnuidh—bha urnuigh durachdach, agus thug e 'n deirc a fhuair e fein seachad dhoibh-san bu bhochd uime; bha e ceann-ruisgte, cas-ruisgte, bha falluing gharbh uime,—ghiulain e crois daonan 'na làimh, agus mharcaich e air asail a mheasadh naomh. Shearmonaich e an eaglaisean, an sràidean, agus air an rathad mhòr, 's bha luchd-eisdeachd lionmhor. Chaidh e do'n tigh-mhor agus do'n bhothan; agus dhuaisg e'n sluagh gu dol le'n deoin fodh arm. Chuir e sìos fulangais nan Criosduidhean bha dol air astar do Phalentine air dhoigh thug air deoir sìleadh; mhosgail cridhe gach laoi, agus dh'eirich inntinn gu h-àrd, 'n tra spàrr e air a dhleasnnas gu comhnadh le bhrathairean, agus am Fear-saoraidh thoirt o naimhdean. Ged bha e gun oilean finealta, no labhairt foghlumte, bha e 'g am mosgladh le dheoir, osnaich, agus acain,—bha e ghnàth glaothaich air Criosd agus Muire naomh, agus aingle nam faitheas, ris an robh e comhluadar a ghnath, agus chum tuilleadh foghnaidh bha litir aige, bha e 'g radh, chaidh sgrìobhadh anns na neamha,—'g am brosnuchadh gu dol a chomhnadh am brathairean bha fodh chuing throm nan Saracens.*

Chruinnich Urban comhairle mhòr aig Placentia, B.T. 1095. Bha urrad còladh do'n chleir, 's an neo-chleir 's gu robh iad air

* Gibbon.

a' bhlàr amach. Fhuair iad dusgadh o'n aonaranach, agus chuir am pàpa leis a nis, a' cliùthachadh an oidheirp mar an gnìomh a b'urramaiche; ach bha chuid mhòr do'n cho-thional an aghaidh cogaidh na croise. Bha coinneamh eile aig Clermont. Labhair am pàpa ris mu'n oidheirp cheudna le foghnadh co math 's gu robh na Frangaich, tha ghnàth nì's deònaiche gu gnìomh na na Feadailtich air-son dol tre gach cunnart. Bha iomada do dhuthchan eile cuideachd air-son dol 's an iomairt. Bha chrois mar shàmhladh air an turus, air a figheadh le snath dearg, 's air a cur air broilleach, agus guaille-an an luchd-turuis. Bha gach fàth agus misneach 'g a thabhairt 's an Roimh chum mòran iompachadh gu falbh. Bha gach cead 'g a thoirt seachad chum an toil féin a dheanamh, agus maitheanas 'n an uile pheacaidh.

Dh'ainmich a' chomhairle aig Clermont an cuigeamh là deug do cheud mhios an fhoghairidh, 1096, air-son triall air an turus; ach chruinnich sloigh lionmhor an cabhaig nach fanadh ri sin. Thainig còrr agus sè mìle, do gach seorsa, á crìoch-aibh na Frainge agus Lorraine, an toiseach an earraich, dh'ionnsuidh an Aonaranaich. Ghuidh iad air dol air an ceann air ball gus an uaigh naomh. Dh'fhalbh e 'na cheann-feadhna mar bha e, gun fhiosrach, no eolas, no càilean, air-son a leithid do dhreuchd ri taobh nan aibhne Rhine agus Danube. Cha b'fhada gus am b'eigin doibh sgaoileadh ghabhail, mar nach robh pailteas bidhe ri fhaotainn do aireamh co mòr, chaidh Bhaltair, ris an canadh iad, Gunsgillin, (Penniless) saighdear misneachail, le cuideachd 's an robh ochd marcaichean air-son na h-uile cuig mìle deug coisiche, air thoiseach. Bha mànach baòth eile a thoisich air doigh an Aonaraich, agus thug e air sluagh mòr air falbh as a' Ghermailt. Lean dà cheud mìle do'n fheadhainn bu shuaraiche agus bu mhi-riaghailtiche iad sin uile—a bha co-mheasgadh gach mì-bheus agus eucoir le'n cràbhadh. Bha morairean agus daoin' uaisle air ceann trì mìle each a bha deas gu pairteachaidh do'm faoibh,—ach tha'n seanachaidh Gibbon ag innse gu bu Gheadh agus Gabhar bu chinn-fheadhna dhoibh, 's gu robh na creutairean sin air an lionadh leis an Spiorad, mar bha iad a' creidsinn.

Thuit dà thrian do'n fheachd air an turus, agus chuir na Turcaich bha gleidheadh an rathaid bha treòrachadh gú h-Ierusalem as do'n trian eile; seadh, o thoiseach thuit tri cheud mìle sluaigh bochd, aineolach, aimhreiteach, mu'n deachaidh daoine fiachail bu chòir bhi air an ceann 'n an uidheam, no mu'n tugadh aon bhaile mòr o na h-as-chreidich.

Cha bhi sinn ag ainmeachadh nan daoine mòr, cumhachdach, a nochd an gaisge, an oilean agus an deaghghiulan le'm feachda bha ùmhal freagarach, agus deas gu gnìomh, a rainig an ceann-uigh an rathaidean eug-samhail. B'e Nice, baile mor Bhithinia, a' cheud bhaile air an do bhuaill iad. Ghlac iad e am 1097, á sin thriall am feachd buadhach gu *Siria*, 's a' bhliadhna 'na dheigh sin thug iad amach Antioch a fhuair Boemard, Diuc Apulia, o na cinn-fheadhna leis na duthcha beartach bha mu'n cuairt. B'e fheachdan bu mhò. Thug iad a rìs amach Edessa, agus thug iad e do Bhalduin, brathair do dhiuc Lorrain, an laoch bu mho 'na linn. Thug iad cuig seachduine seisdeadh aig Ierusalem, mu'n tug iad buaidh, an 1099. 'S ann 's a' bhaile naomh so a steidhich iad rioghachd ùr, chuireadh Godfrai ainmeil air an ceann, agus dh'èigh an t-arm e 'na rìgh air Ierusalem. Dhiult an t-armunn, urramach, stuama, an coran, agus an t-ainm rìgh, ach riaghail e Ierusalem le ceartas agus measarachd, nach robh ach annamh ri fhaotainn an linn sam bith. Ghleidh e feachd taghta do air-eamh bheag 'g a dhion, ach cha b'fhada mheal e toradh a' dheadh iomairt, 's an d'fheuch e ghaisge 's a' mhòr-ghnìomh; chaochail e am bliadhna 'na dheigh, 's cha do shàr a bhrathair Balduin, prionnsa Edessa, ainm rìgh Ierusalem a ghabhail.

Bha'n cogadh naomh so mòr agus ainmeil ged nach robh e cur leis a' chreideamh Chrìosduidh air an doigh a b'fhearr. Bha e toirt mòrain tuilleadh cumhachd do'n phàpa, agus barrachd pailteis do'n chleir uile. Bha iadsan aig an robh saoihbreas deanamh an dilip mu'n d'fhalbh iad air an turus iomraiteach, 's a' fàgail mòrain do'm beartas aig na sagairtean agus na mànaich, an duil gu deanadh iad comhnadh agus dìon an Uile-Chumhachdaich fhaotainn doibh. Ma bha comh-

stri no lagh, ainneart sam bith 'g a dheanamh air aon diubh thug iad suas e, agus dh'iarr iad maitheanas; agus bha sin uile cur tuille agus tuille ris an caglais, 's bha chleir uile, àrd agus iosal, fàs ro shòghail.

Chaidh mòran diubh, a b'airde inbhe, gu cogadh na croise; agus bha iadsan a dh'fhuirich, saor o chumhachd nan daoine a b'fhearr fòghluim, a' leantuinn am mianna féin. Bha cuid-eachd moran do nithe, bha iad cur an ceill, a bhuineadh do naoimh air an toirt air an ais, 's air an reic riusan a bha faoin no cràbhach.

Ach an deigh sin uile bha maith tighinn uaith. Bha fiosrachadh agus 'eolas dhuthcha eile fosgladh suilean na muinntir bha toirt fainear nithe feumail, fionalta, agus freagarach—iadsan a phill thoisich iad air doigh ùr—agus inn-leachdan, agus ealaidhean a thog ri uine an duthcha féin 's an luchd-aiteachaidh gu inbhe agus meas.*

Dara linn deug. Bha'n creideimh fìor a' lionsgaradh an toiseach an linn so, le eud agus oidheirpean dhaoine cràbhach, ach an doighibh nach robh iomchuidh do'n chreideamh spioradail a dh'fhoillsich an ughdair diadhaidh a bha ciuin agus iriosal an Spiorad. Bha daoine chaidh chiosnachadh le rìgh-rean, no prionnsan Criosduidh, cho-eigneachadh gus an aidmheil aca ghabhail, ged nach robh aca ach an t-ainm. Sheas duthchan eile fada as leth an iodhail—agus, 'nuair a b'èigin doibh striochdaidh, chaill iad am fearann agus an saorsa, agus chaidh creideamh air an robh iad tur aineolach a sparradh orra,—Feudaidh sibh eachdraidh nam bliadhnachan 1124–1198, a leughadh.

Ach cha robh iad uile mar sin. Bha Bhacellinus cràbhach 'na dhuine ro mhath. Bha e ré ùine do na manaich a b'airde inbhe, an comunn an Naoimh Augstin, agus chois-rige fa dheire c 'na easbuig aig Oldenburg. Bha e deich bliadhna fichead 'a saothaireachadh gu treibh-dhìreach, dìleas, le gliocas agus crìontachd an aghaidh deuchainean agus amhghairean mòra. Bha e naomh, carannach, agus bha uile cheum-aibh a' bheatha cubhaidh air a dhreuchd.

* Faic Gibbon, Robhla iv.

Bha'n rioghachd ùr a shuidhich na gaisgich threun an Ierusalem deanamh gu maith an toiseach;—ach cha b'fhad a shoirbhich iad. Thainig na trioblaidean bu mhò, agus na h-amhghairean bu gheire oirre. 'Nuair a choimhlion iad a bhoid a thug iad phill mòran do na gaisgich, mar thugar fainear, dachaidh; agus, an deigh bàis Godfrai, dh'eirich aimhreit agus thoisich mi-riaghailt ameasg an luchd-aiteachaidh a dh'fhuirich. Chunnaic luchd-aidmheil a' chreideimh Islaim sin agus dh'eirich am misneach o'n bhoile 's o'n eagal chuir a' mhòr aireamhshluaigh orra. Chruinnich iad an neart agus dh'iarr iad comhnadh as gach àite,—bha iad gabhail gach fà agus coth-roim air na Criosduidhean; bha iad bualadh orra air gach taobh; ach bha na Criosduidhean 'g an dionadh fein le misneach gus an do chaill iad Edessa agus bha Antioch an cun-nart. Sin thuit iad gu tioma chridheach agus chur iad teachd-airroan a dh' aslachadh Comhnadh agus cuideachadh as an Roinn-Eorpa.

Bha'n suilean a nis air fosgladh aig an tigh. Cha ghluais-eadh sloigh gun tùr, no beachd, mar an toiseach. Thoisich rìghrean agus a' chleir ri coinneamh a chumail, agus comhairlean a ghabhail gus an do thoisich Bernard, athair spioradail an Clairbhal, ri searmonachadh na croise. Bha e 'na dhuine dàna àrd labhrach, aig an robh ughdarras mòr fodh Eugenius III. Ann an comhairle mhor aig h-Eslai, 1146, 's an robh Lughais VII., rìgh na Frainge, a' bhan-rìgh, agus mòr uaislean a rioghachd, labhair Bernard le urrad a dh' foghnadh, cur an ceill gu robh cumhachd aige o neamh, aig innse gu biodh gach ni mar am miann 's an airde 'n ear. Ghluais an mòd uile le eud air-son a' ghnìomh urramaich, chuir an rìgh a bhan-rìghinn agus na morairean uile orra a chrois chogaidh air ball, agus chaidh iad 'n an uidheam air son an turuis do Phalestine. Chuir e rìs iompuidh air Conrad, III. iompaire na Germailt. Lean am pobull iad sin 'n an armailtèan mòra. Bha seachd agus trì fichead mìle ridire 's an fheachd, agus bha mhòr chuideachd uile 'g aireamh mu cheithir cheud mìle, eadar fhirionnach agus bhoirionnach, sean agus òg. Mar nach faighidh iad uile lòn air an aon rathad ghabh gach buidheann an

slighe fein. Ach chaill iad a chuid bu mhò dhiubh air an turus le gainne agus naimhdean a' chreideimh. Bha eagal air na Greugaich roimh a leithid do shluagh, agus bha mi-run aca dhoibh mu chomh-stri agus deasboireachd bh'utorra a ghnath. Bha tuille grain orra air son deas-ghnathaibh nam papanach na air son nam paganach. Ghlan agus choisrig iad altair air na chuir sagairt Frangach suas iobairt mar bha iad 'g a mheas neò-ghlan. Rainig Luthais VII. Antioch 's a' mhios Màrt, 's a' bhliadhna an deigh dha rioghachd féin fhagail, 1148, 's na bha lathair do dhaoine, 's an staid bu truaighe, an deigh na dh'fhuiling iad. Rainig Conrad *Nice* an ceud mhios a' gheamhraidh 'na dheigh. Cha b' fhearr a chor nan t-uach-daran eile. Chuir iad an daoine coladh, a thriall iad dh'Ierusalem, 1148, agus' phill iad do'n Roinn-Eorpa, 's a' bhliadhna 'na dheigh sin, leis an fhuigheal bhoichd a bha beo. Sin mar thachair d'hoibh-san a chaidh air an dara turus gu cogadh na croise. Bha iomad aobhar air gach call a thainig orra; ach b' e farmad agus eud nan Criosduidhean am Palestine bu mhiosa. Cha bu lugha na chailleadh do dhaoine 's do dh' airgiod na h-Eorpa, na dh'fhàg na tìribh bu bheartaiche fada boichd agus faondrach.

Bha na Criosduidhean 's an airde 'n ear an aghaidh a cheile. Thug Saladin, an curaidh bu mhò bh' aig na h-ana-creidm-ich, sin fainear 's ghlac e rìgh Ierusalem ann am blàr dlù do Thibereas, 's a' bhliadhna 1187, agus trì mìosa 'na dheigh bha e le shluagh aig dorsan Ierusalem. Bhuail e air a' bhaile, agus, an ath-ghoirid, ruaig e as na Criosduidhean,—'ga mortadh 's ga marbhadh gus nach robh dochas sam bith aca mur cuirte comhnadh g'an ionnsuidh as an Roinn-Eorpa. Chuireadh sin g'an ionnsuidh ged nach robh e mar am miann agus am feum.

Chaidh Frederic I., ris an canadh iad Barbarossa, iompaire na Germailt, air an treas turus. Bha aireamh gun tomhas aige. Chaidh e troimh dhuthaich nan Greugach, chuir e air theicheadh na Turcaich agus rainig e Siria tre iomad deuch-ainn.

Bha ghiulan 's a' ghaisge buadhachadh 'nuair gu mi-fhor-

30
Crosaidh

tanach chailleadh e an abhainn Saleph tha dol tre Shilicia. Cha'n 'eil ro chinnt mar chaidh a chall; ach cha b'urrainn ni bu mhiosa tachairt. Thuit aigne an airm agus phill mòran dachaidh. Bha na dh'fhan cur a' chogaidh air aghaidh fodh Fhrederic, mac an iompaire. Chailleadh mòran le droch thinneas, a bha cur as do aireamh 's au fheachd gach aon là, chaochail an ceannard leis a ghalar an 1191, agus phill fìor bheagan d'an duthaich féin.

Thàr rìghrean na Fraing agus Shasuinn as 's a' bhliadhna 1190. Dh'fhag iad an rìoghachdan féin an luingeas,—agus rainig iad Palestine, an 1191, agus bhuail iad air na h-eu-creidmheach le foghnadh. Thug rìgh na Frainge mach gach daighneach laidir, a bha na Mahometanaich a' dìonadh le misneach, gus an lide mu dheireadh, agus phill e dhachaidh an deireadh an t-samhraidh. Lean an rìgh Sasunnach, ris an cauadh iad *Cœur de Leon*, air-son a mhòr ghaisge anns a' chogadh,—toirt buaidh le mhodhanna agus eolas,—cur Saladin air-theicheadh anns gach cath. Thug e mach Ioppa agus Cæsarea. Rinn e fein agus Saladin sìth fad thrì bliadhna, thrì mìosa, agus thrì laithean, 's dh'fhàg e Palestine le armailtean air ball. Sin mar cho-dhuin an treas turus a bha ro challtachail do Shasunn, an Fhraing agus a' Ghermailt, gun buannachd do na Crìosduidhean 's an airde 'n ear.

Cha teid sinn au so a sheanachas air trì orduighean sònraichte, bha ainmeil 'n an amaibh féin, a bh'air an gairm ridirean réir an àite 's an robh iad, agus an dreuchd a bh'aca. Bha iad uile feumail 'n an linn féin agus airidh air an dreuchd. Ghairm Pascal II., comhairle 's au Roimh, an 1102, 's an do dhaighnich e reachdan a bha roimhe agus an d'ùraich e gach ni chuireadh an aghaidh Ionraic IV., agus an robh e brosnachadh tuilleadh naimhdean 'na aghaidh. Sheas an t-iompaire gu misneachail 'n an aghaidh uile, gus an d'eirich a mhac féin,—ghlachd e-san athair le cuil-bheartau, agus, gu foilleil, fodh sgàile creideimh. Thug e air iompaireachd thoirt suas da fein, Ionraic V. Thuit a chridhe agus threig a chairdean e, cha b'fhada gus an do chaochail e, 's a' bhliadhna 1106,

Cha do bhuidhinn am pàpa na h-urrad 'sa bha dùil aige o'n

cheannaire. Cha tugadh Ionnraic V. suas air mhodh sam bith a chòir air a' chleir a b'airde ròghnachadh. Dh'ùraich am pàpa, uime sin, na reachdan chuireadh amach mu'n chuis co luath 's a chuir Ionnraic crìoch air cogadh 's an robh e'n sàs, agus a chuir e reidh aimhreitean a bha feadh na h-iomp-aireachd,—shìn e as le arm mòr, an 1110, do'n Fheadailt a chur crìoch air an comh-stri. Chaidh e air aghart do'n Roimh, bha 'm pàpa' na theinn, agus thairg e cumhnantan a ghabh an t-iompaire, ach nach do thoilich easbuigean na Germailte, no na Feadailte, agus chuir iad 'n an aghaidh, 's a' bhliadhna 1111. Thòisich an tuasaid ann an eaglais an Naomh Pheadair, far an robh gach dream le'n luchd-leanmhuinn féin, thug an t-iompaire aithne breith air a' phàpa, agus air an àrd chleir bu cheannairciche 's an cur an daighneach Bheirbo. An deigh bhi sin car greise 'n am prìosunaich, bha'm pàpa, leis gach ni thachair, air a cho-eigheachadh gu cumhnantan ùr a dheanamh, a' toirt suas tuille còir do'n iompaire rinn sìth ris, agus chuir e'n coran air ceann Ionnraic V.

Ach cha b'fhada gus an do thòisich aimhreit agus cogadh bu mho na bha fathasd 's an eaglais. Bha iad ri casaid agus gearan air a' phàpa air-son strìochdadh do'n iompaire air an doigh dhìbli, 's an d'rinn e cumhnantan maslach, a bha calltachail agus mi-urramach do'n eaglaise. Chum am fearg a thraoghadh, chruinnich Paschal combhairle an 1112, dh'aidich e, le briste cridhe, nach bu bheag an eucoir mar gheill e do'n iompaire, agus dh'fhag e'n gnothuch cudthromach gu breth an àrd chleir, a chuir gu neo-brìgh na thug e suas do'n iompaire. Bha so na aobhar air iomad ni cudthromach feadh na h-Eorpa. Chuireadh Ionnraic fodh ascaoin eaglaise 's an Fhraing agus 's a' Ghermailt, agus bha e air aireamh 'n a shaobh-chreidmheach,—ni bu mhiosa cha b'urrainn bhi 's na h-amaibh dorecha sin,—bha prionnsan na Germailt ag ar-amach 'na aghaidh agus a' gabhail leis an eaglais. Gu casg chuir air an gnothuichean, thriall Ionnraic an dara uair do'n Fheadailt, le armailtean, an 1116, agus rainig e 'n ath-bhliadhna an Roimh, far na ghleidh e coinneamh mhor do na daoine b'urramaiche agus a b'uaisle,—theich am pàpa gu Benebento, 's chuir

e iompuidh air na Normandaich eiridh 'n a aobhar,—agus chruinnich e gach neart a bh'aige los dol a chogadh ris an iompaire. Ach chuir a bhàs, a thachair an 1118, stad air dortadh fola 's an àm. Bha gach pàpa lean, car greis, ri beagan is fhiach ainmeach, cuid diubh nach robh ach goirid 's a' chathair a rinneadh air mhodh nach robh ro urramach do'n iompaire no do'n eaglais, amhain gus a' bhliadhna 1159.

'Nuair ròghnaicheadh Alastair III. bha iomad do'n ard ehleir 'n a aghaidh, agus rinn iad ròghain dh'aon eile a dh'-ainmich iad, Bhictor III. agus bha Frederic I. cur leo sin. Theich Alastair le geilt agus thug e'n Fhraing air, ghabh an rìgh sin agus rìgh Shasuinn e, 's bha iad sin co ùmhal da, 's gu robh iad a' coiseachd, aon air gach taobh dheth le greim air sreìn an eich air an robh am pàpa marcachd. Thug iad ochd bliadhna deug a' tuasaid gus mu dheireadh an do gheill am prionnsa, agus na thuit e sìos aig cosan a' phàpa uaibhreich, ann an eaglais an naoimh Mharcuis, agus an d'fhuair e uaith pòg mar chomhar air an réite.

An àm Ionraic II., rìgh Shasuinn, shuidh a' chomhairle iomraiteach aig Clarendon anns an deachaidh laghan a dhean-amh gu bhi os-ceann seanaidh, agus reachdan na h-eaglaise,—agus gus uile nithe thoirt fodh chumhachd an rìgh. Cha tugadh Tomas Becet, àrd easbuig Chanterburi ùmhlachd dhoibh, mar bha e 'g am meas eu-ceartach do'n eaglaise gu h-uile. Thoisich an t-sabaid eadar e agus an rìgh nach geilleadh, agus theich e-san thairis do'n Fhraing, far an robh am pàpa air fogradh. Chaidh e-san agus an rìgh 's an eadar-gin; rinn iad reite 's an àm, agus phill Becet do Shasunn gu àite féin as an deachaidh a chur. Ged bha iad toileach an deadh chairdeas agus chaoimhneas chumail suas, bha'n t-àrd-easbuig co daingean 's a' bheachd 's an robh e roimhe, 's nach strìochdadh e 's an ni bu lugha a bha e meas urramach do'n eaglais, agus dheanadh e gach ni mar a b'abhaist ge b'oil le Ionraic. Thuit sin amach gu h-olc dha. Thug e iomad masladh do'n rìgh, a bha fodh throm fhearg, agus a thubhairt aon là, “Nach mi-fhortanach mi, nach 'eil caomh, no caraid, 'n ar measg idir a dhioladh gach maslaidh tha mi fulang o

shagairt suarach.” Chaidh ceathrar uaislean a chual e, 's a ghabh rabhadh do na labhair e, agus mharbh iad Becet 'na chaibeal 's e ri seirbheis fheasgair. Bha amharus aig Ionnraic air na bha 'n am beachd, mar chual e focail a labhair iad, agus chuir e 'n an deigh, 'g àithne dhoibh gun lochd a dheanamh air Becet;—ach bha iad tuille 's fada gun ruigheachd.* Thoisich an sin a, chomh-stri eadar an rìgh agus am pàpa,—thug am pàpa buaidh, agus b'èigin do'n rìgh umhlachd a dheanamh agus peanas cruaidh fhulang, air-son mort ard chleir,—a chuireadh an aireamh nan naomh, agus a bha 'g oibreachadh mhiorbhuilean, 'n tra bha chnamhan 'n an smùr, mar bha daoine nan àmaibh sin a' creidsinn.

Bha Alastair a' faotainn buaidh 's an fheachd agus ann an cogadh spioradail,—ris a sin chuir e laghan naomh a mheudachadh cumhachd na h-eaglaise. Ann an seanadh 's an Roimh, 's a' bhliadhna 1179, chuireadh mach na reachdan sin le ughdarras agus a chomhairle. 1. Gu casg a chur air comhstri agus deasboireachd mu ròghnachadh pàpa, gu bitheadh dà thrìan do'n àrd chleir do'n aon ghuth. 'S e so an doigh tha iad a' leantuinn gus an là 'n diugh. 2. Dh'èigh iad cogadh spioradail an aghaidh saobh-chreidmhidh, a bha mu'n am so fàs lionmhor,—'s a bha dusgadh moran aimhreit 's an eaglais. 3. Toirmeasg do chomhairlean 's do easbuigean cuir ri aireamh nan naomh, cumhachd a bhuineadh do'n phàpa, 's a bha 'na chomas-san amhain a dheanamh á so suas. Agus, gu ro àraid, gu b'ann aig a' phàpa bha cumhachd air rioghachdan ùr a shuidheachadh; cumhachd a bha gach pàpa nuas o Ghriogair VII. ag agairt, agus a dh'fheuch Alastair bhi 'na chomas, an 1179, 'nuair rinn e rìgh do Alphonso I., diuc Phortugal, a dh'ìochd cìs dh'eaglais na Roimh.

Cha d'rinn an dà phàpa lean gnìomh mòr no math is fhiach aithris, chaochail iad an ùine ghearr an deigh an ròghnachadh 's cha robh am bliadhnan gun chomh-stri agus aimhreit. Ach bha Celestine III. a bhuineadh d'an Roimh air son sin atharrachadh. Chuir e'n t-iompaire agus diuc Austria fodh Ascaoin eaglaise chionn rìgh Shasuinn, an gaisgeach, a chur

* Hume—eachdraidh Shasuinn.

am prìosan air pilleadh dha o chogadh na croise. Rinn e'n ni eudna air Alphonso, rìgh Ghallicia agus Leon, air son a mhairisde neoghlan, agus dh'àithn e do rìgh na Frainge a bhan-rìghinn Ingelburg, a chuir e uaith gun aobhar fiosrach, a ghabhail g'a ionnsuidh,—ged nach tug Philip Augustus feart air. Bha pàpa ùr 's a' bhliadhna 1198.

An treas linn deug. Bha na Chrìosduidhean a' lion-sgaradh an China agus an airde tuath Asia. Bha'n t-iompaire, rìghrean, agus daoine cumhachdach nan ionadan sin 'g an dìonadh, agus cuid dhiubh air an teagasg anns a' chreideamh. Chuireadh o'n Roimh luchd-teagaisg chuca chum an toirt fodh dhreuchd na h-eaglaise. Chaidh Saim Dhaibhidh agus an Tiomnadh Nuadh eadar-theangachadh 's a chur g'an ionnsuidh. Ach bha'n creideamh Islam ni bu taitniche leis na sloigh allamharach, fiadhaich sin, sgaoil e nam measg mar nìmh theid an gné an duine, agus chuir e as do'n chreideamh fhior gus, fa-dheoidh, nach robh an ni bu lugha ri fhaghainn deth an luchairtean cein na h-airde 'n ear.

Bha na Crìosduidhean a' call an cas am Palastine, agus bha'm pàpa deanamh na bha 'n a chomas gu tuille feachd chur as an Roinn-Eorpa. Cha robh na h-uachdarain aig an tìgh co deònach falbh air turus a bha co calltachail do mhòran. Chaidh morairean as an Fhraing, agus uaislean á Bhenice le'n daoine, gu comhnadh thabhairt dhoibh-san bh'air an sàrachadh; ach, an aite dol do Phalastine, 's ann a rainig iad Constantinople, 's a bhuaill iad air a' bhaile mhòr sin an 1203, agus thug iad buaidh air son eòir chumail ris an iompaire dhligheach. Bha aon iompaire air a mhortadh agus fear eile dol 'na aite, sin cuir na h-Eorpaich Balduin, á Flanders, 's a' chathair. Am bliadhna no dhà 'na dheigh ròghnaich cuid do na greugaich fear duthcha dhoibh féin, a thug a luchairt gu Nice, agus, gu 1261, bha dà iompaire riaghladh thairis orra. An sin thilg ceann-feadhna an iompaire Ghreugaich am fear eile bun os-ceann, agus theich Balduin II. do'n Fheadailte.*

Bha cleir na Roimhe ag ùrachadh an oidheirpean, 's a' brosnachadh dhaoine gu dol a chòmhnadh nan Crìosduidhean

* Gibbon.

am Palestine. Chuireadh mu dheireadh arm ùr air chois, bha ri falbh fodh Fhrederic II. Cha robh an t-iompaire an so ach bliadhna 'ar fhichead,—'nuair thug e bòid gu falbhadh e thoirt amach an fhearainn Naoinh. Phos e, an 1223, Iolanda, nighean Iain, morair Bhrienne agus rìgh Ierusalem, a sheul-aich a' bhòid mar bu choltach. Bha iomad grabadh turuis a' tighinn 's an rathad air chor 's nach d'fhalbh e gus a' bhliadhna 1228. Chur Griogair IX. e fodh ascaoin caglais air-son a' mhaille, ged nach do ghabh an t-iompaire mòran suim dheth. Dh'fhalbh e le beagan dhaoine gu comhnadh nan Criosduidhean a bha gu fheitheamh am Palestine; ach, an àite an cogadh a leanailt, 's ann bha inntinn air sìth, agus, o na h-aobhair bha 'g éiridh 'n am measg, cho-dhuin e sìth, 's a' bhliadhna 'na dheigh, air doigh nach b'urrainn coire fhaotainn, agus trid an d'fhuair e baile agus rioghachd Ierusalem, Tìre, agus Sidon,— 's a' dol a steach d'an bhaile naoinh, gu morchuisseach, chuir e'n coran air a cheann le laimh fein. Rinn e laghan agus riaghailtean math air-son a' bhaile naoinh, agus phill e do'n Fheadailt co luath 's a b'urrainn e gu casg chur air gach aimhreit agus comh-stri dhuisg am pàpa 'n a duthaich feadh 's a bha e air falbh. B'e so an cogadh croise bu mhò buanna-chd do na dh'fheuch iad fathast.

An deigh sin bha na Criosduidhean a' claonadh 's an airde 'n car. Bha iad aimhreiteach 'n am measg féin, agus neobhuadhach nan cogadh gun chrionntachd, no foghnadh 'nan oidheirpean 'n tra chuir e Lughais IX., rìgh na Frainge, roimhe a chumail suas. Bha e'n 1248 gu tinn 's an cunnart bàis, 'nuair thug e bòid nan tigeadh e uaith gu rachadh e 'n aghaidh nan eu-creidmheach co luath 's a bha e comasach air falbh, shìn e as le feachd mòr air muir agus tìr, an toiseach do'n Eiphid, an dùil gu biodh an tìr sin ro fheumail chur fodh smachd mu'n rachadh e do Shiria, agus do Phalastine. Thug e buaidh 's an dol amach, thuit am baile mòr Damietta fodh airm; ach thainig caochladh air gnothuichean agus bha truaigh agus call a' leanailt a cheile. Bha dhaoine dhith lòin, nach leigeadh na Mahometanaich g'an ionnsuidh, agus bha plaigh cur as doibh. Ann an 1250, thug a bhrathair,

Raibeart, iarla Artois, buaidh air na Saracens, le ghaisge agus aigne mora, ach lean e'n ruaig tuille 's fada agus thuit e féin 'sa' chumasg,—agus, bcagan laithean 'na dheigh, ghlacadh an rìgh féin agus a dhà bhrathair, le mòran do dhaoine, an cath goirt a chur e. Bha'n rìgh so 'na armunn flathail agus 'na dhuine cràbhach. Fhuair e shaorsa, ach thugadh eiric mhòr air a shon, (L.190,000 Sasunnach.) Dh'fhuirich e mu thuiream ceithir bliadhna am Palestine, agus phill e'n sin dhachaidh le fuigheal bochd d'a armailtean.

Cha robh e meas gu do choilìon e bhòid. Bha aigne ard, do-chiosnuchadh, 's chuir e roimh falbh a ris. Chuir e arm mòr air a chois, thog e luingeas agus sheol e do Africa, gus an cogadh chur air aghaidh 's an airde sin, thoirt orra gabhail ris a' chreideamh Chrìosduidh, no gu togadh e na chuireadh an cogadh air aghaidh 's an airde 'n ear. Fhuair e daighneach Charthage,—ach dh'eirich galar 's an luingeas chuir as do mhòran do dhaoine, agus dà féin, 's a bhliadhna 1270. Be'n rìgh mu dheireadh chaidh as an Eorpa do Phalastine gu cogadh na croise. Bha'n call 's an cosgas co mòr agus am buannaich co beag 's gu robh misneach nan laoch bu mhò, 's na sloigh bu lionmhoire, air tuiteam. Bha amhghairean, aimhreit-ean, agus trioblaidean nan turus sin iomada agus coitcheann. Chaidh beul sìos air fiuthair na muinntir a bha 's an airde 'n ear, agus an iompaire a mhilleadh 'n tra thug na Mahomet-anaich amach Acre. Bha iomad aobhar air a sin;—cha b'e gaisge agus deadh ghiulan nan eu-creidmheach a rinn na h-urrad, ach aimhreit agus mi-bheusan nan Crìosduidhean féin, agus aineolas agus droch chleachda nan daoine bha cur gnothuichean na h-Eaglaise air aghart anns na tìribh cein sin.

Bha oidheirpean 'g a dheanamh chur eaglais na Roimhe agus eaglais nam Greugach reidh. An 1233 chrunnuich athair na h-eaglaise sin agus teachdairean a' phàpa aig *Nice*, agus bha iad a' deasboireachd mu na cuspairean chuir dealachadh eutorra, ach gun fhoghnadh. Bha na h-iompairean deònach air bhì reidh ris a' phàpa, ach bha nithe eìlo 'g éiridh bha g'an cur o cheile nì bu mhò na bha iad riamh.

Air an àm cheudna bha rìghrean nan duthcha 'n iar cur ri cogadh a ghnath ris na Saracens 's an Spainnte, 's a' faotainn, uigh air 'n uigh, buaidh, agus thoisich na h-eu-creidmhigh ri claonadh. Bha àite agus aite 'g a thoirt uatha, agus bha na rìghrean bha cumail suas a' chogaidh air an cur ri aireamh nan naomh bha togail na h-eaglaise gus an inbhe bu mhò.

Bha aineolas, mi-bheusan agus aimhreit, comhairichte an eaglais na Roimh 's an linn so. Bha gach pàpa bha tighinn an deigh a cheile deanamh gach ni le'n ughdarras gun uachdaran no iochdaran fhaoineachd. Bha na h-easbuigean cur an aghaidh so o na b'iad bha ròghnachadh na cléir a b' isle gus a sin; agus cha bu mhiann le rìghrean na Frainge agus Shasuinn gu biodh an cumhachd uile aig an ard chleir. Mun deachadh Lughais IX. rìgh na Frainge air a thurus do Phalestine, an 1268, chuir e mach reachd bha cumail an còir féin ris an eaglais ann a rioghachd. Bha Boniface VIII. cur an ceill gu b'ann aig a' phàpa bha gach comas thar a' chléir uile, mar bha e'n aite Chrìosd air thalamh.

Bha na teachdairean bha e cur do gach duthaich eile gu seasamh 'n a iate, reachdan a chuir an gnìomh, agus a dhoighean a leantuinn. Bha iad sanntach agus uaibhreach. Bha iad gabhail orra féin gach aon a ròghnachadh, agus iad toirt an aite bu mhò dhasan bha comasach air dioladh, no aig an robh cairdean, bha buileachadh am maoin air an eaglais. Bha iad ag eigneachadh a' phobuill gus na b' urrainn iad a thoirt seachad, 'g an cur roimh cheile, 's a' malairt fuigh-eal naomh, agus tabhairt maitheanais am peacaibh. Bha gearan agus casaid 'g a dheanamh orra, cha b'ann gun chion-fath. Chuir Alastair IV., 's a' bhliadhna 1256, roachd cruaidh amach gu casg a chur air an droch dheanadas, ach fhuair iad doigh air dol as, agus na bha iad faotainn a ghleidheadh.

Cha robh tighinn a stigh na h-eaglaise, o'n naothamh linn, co mòr gus a nis. Anns gach cogadh bha'm pailteas bha rìghrean a' buileachadh g'a lionadh 's na h-amaibh so. Cha bu luaithe thogadh Innocent gus an inbhe ard na chur e'm fear-riaghlaidh, bha gus a sin fodh'n iompaire, fodh smaig féin,

agus a thug e air bòid a thabhairt aig àm gabhail a dhreuchd gu biodh e fodh fhrithealadh. Ghabh e còir mar an ceudna air duthchan agus bailtean bha nan daighnichean laidir, cur an ceill gu'm buineadh iad o thoiseach do na chaidh fhàgail aig an naomh Peadar. Mar sin rinn Innocent an eaglais, no an àrd chléir ro shaoibhir, agus an inbhe ro oirdhearc. Cha bu lugha deoin Nicholas IV. a thainig 'n a dheigh air cumhachd, an 1278. Cha chuireadh e'n coran air an iompaire Rodolphus I. gus an daighnicheadh e gach còir bha iad ag agairt,—ged bha iomada dhiubh nach buineadh riamh dhoibh. B'eigin do no prionnsan 's na daoine cumhachdach fodh'n iompaire dheanamh mar rinn e-san, agus chur Nicholas mòran àitean fodh riaghladh féin mar uachdaranachd bha roimhe fodh 'n iompaire. Sin mar fhuair an dà phàpa sin le innleachd agus seoltachd na thug gus an inbhe 's a' chumhachd a b'airde iad, 's ris an do lean gach pàpa gus an do thòisich ath-leasachadh na h-eaglaise.

Bha Innocent III., bh'air ceann na h-eaglaise, gus a' bhliadhna 1216, leantuinn Ghriogair VII. 's gabhail os làimh ard uachdranachd an domhain agus bha e cur roimhe uile iompairean agus rìghrean chur fodh riaghladh féin. Bha e fòghluimte agus oidheirpeach air gnìomh,—ach bha e an-ìochdinnhor, sanntach, agus uaibhreach. Bha e crunadh rìghrean, 's gu'n togail gus an inbhe sin an Asia agus 's an Eorpa. Seadh, bha theachdairean gabhail a chumhachd cheudna 's bha iad sin gu'n tabhairt fodh chis do'n eaglais.

Cha b'e duthaich no rioghachdan beag bu mhiann leis bhi fo chumhachd ach iadsan bu mhò, agus, an iompaireachd mhòr, 'n tire bha dithis a' stri co aig am bitheadh i, ghabh e-san le Otho agus chur e Philip as an eaglais, agus an deigh dhasan caochladh chuir e'n coran air ceann a namb, 's a' bhliadhna 1209. Ach, mar nach tugadh Otho ùmhleachd do'n phàpa mar a b' aill leis, ghabh Innocent fearg ris 's chuir e fodh ascaoin eaglaise e 's chuir e'n ceill nach robh e airidh air a bhì 'n a iompaire, agus thog e Frederic II., mac Ionraic VI., gus a' chathair rioghail, 's a' bhliadhna 1212. Chuir e rìgh na Frainge fodh ascaoin eaglais air son e chuir uaith

Ingleburg agus bean eile phosadh; agus, o nach lubhadh an rìgh mi-stuama so d' a thoil, thoirmeasg e aoradh folaiseach feadh na rioghachd. Ged nach robh Philip aithreachail air-son a ghiùlain bha e faicinn a chunnairt 's an robh e, chuir e uaith Agnesaille a bh'aige an adhaltranas, agus ghabh e rìs Ingelburg agus fhuair e sìth o'n eaglais.

Ach b'e rìgh Shasuinn air an do dhruidh fhearg gu ro-mhòr. Chuir am prionnsa so 'n a aghaidh gu dangarra 'nuair thug Innocent do na mànaich aig Canterburi comas ard ehleir a ròghnachadh an aite an aon a bha 's an dreuchd, 's an doigh riaghailteach, 's le toil an rìgh. Chuir am pàpa nithe luachmhor dh'ionnsuidh an rìgh air-son a ghean-maith fhaotainn, dhiult e-san aontachadh, agus chuir e saighdearan gu sgaoileadh chur an cruinneachadh nam mànach; agus chuir e fios gus a' phàpa, nan toisicheadh e ri mi-riaghailt a dheanamh an Canterburi, gu biodh crìoch air a chumhachd 'n a rioghachd-san. Cha do chuir sin eagal air Innocent chuir e dh'ionnsuidh ard easbuigean Shasuinn comas aoradh folaiseach a thoirmeasg fad na rioghachd mar gilleadh an rìgh, 's mar gabhadh e Langton a bha e-san ag orduchadh. Ghabh Iain an t-eagal agus dh'aontaich e le iarrtas a' phàpa; ach thug e 'n aire nach cailleadh e choir féin an ròghnachadh an ard ehleir, agus chuireadh sin a sìos: ach dhiult Innocent sin thoirt da agus thoirmeasgadh aoradh air feadh na rioghachd. Cha robh ni 'g a fhrithealadh, dhruideadh na h-eaglaisean, thoirmeasgadh na sacramaidean ach am baisteadh;—bha na mairbh 'g an tiolacadh taobh nan rathaide mòra, gun suim do'n mharbh, ach bha dream eigin ri aoradh folaiseach, agus chuir cuid do na h easbuigean an aghaidh reachd a' phàpa.

Chunnaic Innocent nach deanadh so feum mar a b'aill leis, agus, uime sin, chuir e'n rìgh fodh ascaoìn eaglaise. Thachair sin an 1208, agus trì bliadhna 'na dheigh, thug e'm mionnan dlìgheach bhar nan iochdaran agus dh'aithne do na h-uile a chuideachd a sheachnadh air neo gu tacharadh a leithid cìle dhoibh féin. 'S a' bhliadhna 1212 chaidh e ni b'fhaide, ghairm e coinneamh do'n ard ehleir, chuir e Iain bhar na cathrach, dh'eigh e 'n rioghachd falamb, agus sgrìobh e dh'ionnsuidh

Philip Augustus, rìgh na Frainge, sin a dhearbhadh le Sasunn a chiosnachadh 's a chur ris an Fhraing. Chuir e mach reachd eile, ag àithne do gach prionnsa criosduidh cuideachadh le Philip, a' tairgse nan sochairean ceudna bh'acasan bha dol do chogadh na croise. Thoilich rìgh na Frainge dol 's a' chumasg, agus rinn e uidheamachadh mòr air a shon. Bha rìgh Shasuinn deanamh deas air-son cath agus còmhrag chumail ris 'nuair thainig teachdaire o'n phàpa gu Dobher, gu eadar-mheadhonarachd. Choinnich e rìgh Shasuinn agus chuir e gu seolta an ceill da meud a chunnairt,—gu robh feachd ro laidir aig Philip, 's gu robh uile iochdarain féin deas gu eiridh 'n a aghaidh, 's nach robh doigh sam bith aige air tearnadh mur cuireadh se e féin fodh thearmunn a' phàpa. Bha Iain an ioma-cheist 's an teannachd mhor gun fhìos aige ciod a dheanadh e, fodh amharus mu dhaoine mora, agus cinnfeadhna airm,—strioched e do'n phàpa, do'n tug e'n coran 's a fhuair e ris uaith an deigh umhlachd a dheanamh dha, dol fodh chis, 's fo mhionnan, gu dibli, maslach. Air an àm cheudna bha e cur an ceill gu b' ann o shaor thoil 's nach b'ann o eagal, no o chùram a rioghachd a chall thug e suas na h-uile ni, 's gu robh a mhorairean ag aontachadh leis. Bha e féin agus oighre 'n a dheigh ri seachd cud marga thoirt air-son Shasuinn agus tri cheud air-son Eirinn 's a' bhliadhna, do uachdranachd na Roimh, agus 'g a cheangal féin mar dioladh e, no iadsan 'n a dheigh, an dlighe choir sin gu caill-eadh iad an crùn Breatunnach.

'S ann aig Dobher a rinn rìgh Shasuinn an reite mhaslach agus thàireil so, ann am fianuis mhoran a bha fodh thamailt air son Iain, a bha roimhe sin 'g a iomairt féin air mhodh suarach, ach a bha nis dibli, bochd, an suilean gach aon. Thairg e suim mhor airgid do theachdaire a' phàpa mar chomhar air ùmhlachd do ard chleir na Roimh,—thilg an teachdaire sios e agus shaltair e air a' chis gu h-uaibhreach. Labhair ard easbuig Baile-eliath, agus bha gach cridhe a' lionadh le mi-thlachd. Ach thug an teachdair tuille maslaidh do'n rìgh iriosal, ghleidh e'n coran coig laithean mu'n do chuir e air a cheann e, mar dhuais shonraichte o eaglaise na Roimhe.

Bha Iain reir coltais gun mhothachadh air an tair, am feadh bha gach cridhe air a lionadh le feirg air-son an dimeas.

An deigh Innocent III., lean pàpa agus pàpa e bha cumail rompa mar bha e-san; ach mar nàch 'eil ni sonraichte rè'n àm cha ruig sinn leas an ainmeachadh. An 1227 thogadh seann duine do'n chathair ris na cha'n iad Griogair IX., a chuir dusgadh fodh gach aimhreit agus comh-stri a bha greis an tamh, 's a' las suas na theine. Chuir e'n t-iompaire fodh ascaoin eaglaise chionn dàil a chur 'n a thurus do Phalestine car bliadhna, ged b'e aobhar air sin gun leth-sgeul, seadh, bha e neo-chomasach gu falbh o euslaint. Thriall Frederic an 1228, agus rainig e'm fearann bha air a mheas naomh. Thoisich an pàpa air uparaid agus cogadh 'n a iompaireachd,—air prionnsan na h-Eorpa chur 'na aghaidh, agus mòran storais a thrusadh air son cogaidh na croise ach a bha e cur 'n a ionmhas féin. Bha rìgh Shasuinn faoin, agus bha e-san 'g a spùineadh mar a mhiann. Chual an t-iompaire mar bha gach foill agus do-bheirt 'g a dheanamh. Phill e do'n Roinn-Eorpa 's a' bhliadhna 1229, chuir e'n teicheadh air feachd a' phàpa, thug e mach na bailtean agus daighnichean thugadh uaith, rinn am pàpa sìth ris agus thug e maitheanas da gu sòluimte. Bha'n sìth diomhnan, mar nach robh ceannaire agus uaibhreachas an t-seann duine so reir a ghiulan. Bha'n t-iompaire treun, meanmnach, 's bhuail e orrasan bha cumail cairdeas ri Griogair. Ghlachd e eilean Sardinia, air an robh am pàpa 'g agairt còir, agus thug e da mhac Entius e mar oighreachd. Bha'n giulan so ro chòireach an suilean a' chleir. Bha Griogair air a lionadh le feirg, agus chuireadh an t-iompaire fodh ascaoin eaglaise a ris gu folaiseach, an 1239, air a mhodh bu mhios' a b'urrainn e;—cur as a leth gach coire, 's a' deanamh casaid air ris gach rìgh agus prionnsa fad na h-Eorpa. Sheas an t-iompaire suas gu neo-thiom;—chuir e sgrìobhan mach bha cur an ceill a cheartais féin, 's a dheadh chliù, bhuail e air a naimhdean, 's gu h-àraid air neart a' phàpa a chuir e 'n a theinn chruaidh. Ghairm Griogair an ard chleir ri cheile, 's a' bhliadhna 1240, 's an Roimh, gus an t-iompaire chur as a chathair, ach ghlac Frederic na saothaichean 's an robh iad sin a'

tional o gach aite le mòran ionmhais, agus dhruid e iad an daighneach teann. Chuir sin agus iomad call eile a thuit ammach am pàpa gu trom smaointean agus mi mhisneach, a ghiornnich a laithean, chaochail e am beagan ùine 'n a dheigh.

Bha'n ath phàpa shuidh 's a' chathair do inbhe ard, agus an caoimhneas an iompaire, agus, uime sin, bha gach futhair gu bitheadh iad reidh,—ach bha iarrtais co mòr 's nach b'urrainn an t-iompaire gun tamail a ghabhail, agus an diultadh gu buileach. Cha robh Innocent IV. 'g a mheas fein sabhailt 's an Fheadailt. Chaidh e as o chomas Fhrederic. Chruinnich o'n ard chleir, agus, 's a' bhliadhna 1245, chuir iad, ged nach robh iad aon-sgeulach, an t-iompaire bhar na cathrach agus dh'eigh iad a' chathair rioghail falamh. Ged bha bhreth thug iad eucorach agus uaibhreach, thug prionnsan na Germailt geill agus urram co mòr do cheannard na h-Eaglaise, 's gu do roghnaich iad iompaire cile. Cha tug sin leagadh no caochladh air aigne ard Fhrederic; chum e'n cogadh suas 's an Fheadailt gus an do chuir eu-slaint crìoch air a laithean ann an Apulia, an deireadh na bliadhna 1250. Phill Innocent IV. an sin do'n Fheadailt. Bha pàpa agus pàpa 'na dheigh-san mu nach ruig sinn leas labhairt. Bha cathair a' phàpa tri bliadhna falamh le aimhreit agus cuilbheartan an ard chleir. Thogadh Griogair gus an inbhe àrd an 1272. Chum crìoch a chur air gach conspoid, aimhreit, agus cuilbheart mu ròghnachadh pàpa 'n a dheigh, rinn e-san reachd a thoirt air an ardchleir bhi air an druidealh an aite eigin (conclave) gus am barailean a thabhairt. Do na lean 's an linn so tha Boniface VIII. amhain airidh air iomradh air-son ainneirt, aleis agus uaibhreis, 'g a thogail féiu thar uile rìghrean an domhain, 's a' cur crith air priounsas le reachdan. Cha bu lugha dh'fhoghnadh leis na bhi 'n a uachdaran thar na h-uile an nithe aimsireil co math agus spioradail. Cha robh aon co ceannairceach ris o na bha Griogair VII. ann, air an tug e buaidh 'n a rathaidean uaibhreach.

Ann ceathramh linn deug. Thoisich luchd-riaghlaidh na h-Eaglaise a ris ri daoine dhusgadh gu dol gu cogadh na croise. Bha'n eud air-son a chogaidh naoimh a thoirt amach Iudæa,

co mòr 's gu robh iad a' feuchainn gach doigh agus innleachd gu neart na h-Eorpa chur air thurus eile, ged bha gach turus air an deachadh iad roimh 'n a chall co mòr 's air co beag buannachd. Chaidh mòran uidheamachaidh dheanamh o'n bhliadhna 1307, gu 1363, — feachd chur air chois agus airgiod chur ri cheile, gu h-araid leis gach doigh bh'aig a' chleir gu thogail trid maitheanais peacaidh,—chum dol thoirt comhnadh agus saorsa do na Criosduidhean am Palestine, ach bha ni eigin daonan tachairt bha cur dail, no grabaidh turuis 'n an rathad.

Ged bha doille agus aineolas, aimhreit, agus m-ireite co-mòr, bha, gidheadh iad sin uile, an creideamh ac lionsgaradh 's a' buadhachadh. Bha mòran do na cinnich, mar robh a chuid bu mhò, tionndadh o chreideamh an athraicheangus a' chreideamh ùr. Gun eolas air an spiorad, no gun umhail do'n dealachadh mhòr tha eadar saobh-chreideamh agus an creideamh fìor. Bha sin uile gu foghnadh mar bha solus aig gabhail 'n a dheigh, uigh air uigh, gus fa dheireadh an robh an creideamh fìor-ghlan spioradail cur iompuidh orrasan aig an robh an inntinn air a fosgladh. Bha, ach beag, uile uachdaran na h-Eorpa 'g aidmheil a' chreideimh chriosduidh 's a' cheathramh linn deug, agus, an 1386, thainig am fear mu dheireadh dhiubh steach do'n aireamh. Bha mhiann air rioghachd aimsireil cur iompuidh air, math dh'fhaoidte, ni bu mhò, na rioghachd spioradail, agus bha ban-rìghinn òg nach tugadh a lamh do phàganach 'g a bhrosnuachadh ni bu mhò, na b'urrainn cumhachd pàpa, agus labhairt cleir.

Bha mòran do thìr na Spainnte fathast aig na Saracens; ach ged bha iad dangarra, cògach, bha iad gu bitheanta call. Bha prionnsan Africa, agus iompairean Mhorocco cuideachadh leo. Cha robh sin toileachadh a' phàpa agus bha e deanamh na bha 'n a chomas, a' spreigeadh nan criosduidhean anns gach aite, an aghaidh nan ana-criosduidhean. Bha, air an aobhar sin, iad dol cuideachd an combhairle agus an gnìomh, agus bha aogus air an cuis gu faighte buaidh air a' cheann mu dheireadh 's gu cailleadh luchd-aidmheil a' chreideimh Islaim an Spainnte uile. Chaidh oidheirpean a thabhairt 's

an linn so air a' chreideamh sgaoileadh feadh China, agus air na Tartàraich iompachadh, ach bha iomad aobhar air grabadh chur orrasan bha deònach agus eudmhor 's a' ghnìomh.

Thòisich uachdranachd eaglaise na Roimh nis ri claonadh. Feudar so fhaicinn o'n chomh-stri bha eadar Boniface VIII. agus Philip Bàn-rìgh na Frainge. Bha aigne an rìgh sin ard;— bha e dàn, misneachail;—ged chrìothnaich iomad prionnsa le geilt roimh 'n phàpa uaibhreach, an geillcadh e-san? Chuir Boniface an ceill 'n a linn gu robh ughdarras aige o neamh thar Philip, co math ris gach rìgh agus prionnsa air thalamh, an gnothuichean aimsireil co math agus spioradail. Chuir an rìgh fios chuige nach robh aon sam bith thairis air-san an nithe aimsireil, agus rinn e dìmeas air uaille uaibhreach. Fhreagair am pàpa le uaibhreas bu mhò, agus 's an reachd ainmeil sin (*Unam Sanctam*) a chuir e mach mu'n àm so, bha e cur an ceill, gu tug Crìosd da chumhachd do'n Eaglais; no'm briathraibh eile gu tug e dà chladheamh dha, claidheamh spioradail agus claidheamh aimsireil,—gu robh an cinne-daoin' uile fodh 'n phàpa, agus aon sam bith a dh'aicheadhadh sin, nach robh ann ach baothaire, 's nach b'urrainn gu bitheadh e air a shàbhaladh. Thug an rìgh, air an làmh eile, air fearlagh ainmeil, ann an comhairle a mhorairean agus a dhaoine cumhachdach, gach ni 's an robh e coireach chur an aghaidh a' phàpa; agus chuir e sìos saobh-chreideamh, reic nithe naomh' agus moran dhroch-bheartean. Dh'àithn an rìgh an sin coinneamh bhi do'n chleir uile, chum aon a bha co choireach chur as a dhreuchd. Chuir am pàpa 's a' chleir an rìgh 's gach aon bha gabhail leis fodh ascaoin eaglaise.

Co luath 's a fhuair an rìgh fios air a' bhinn a thugadh 'n a aghaidh ghairm e cuideachd comharlaichean a rioghachd, agus dh'ainmich e na daoine bu chomasaiche dhiubh gu suidh am binn air a' phàpa, agus leig e gach ni gu radh na comhairle. Chuir e Uilleam o Nogaret agus feadhainn eile do'n Fheadailt a bhrosnachadh dhaoine an aghaidh a' phàpa, g'a ghlacadh, 's g'a thabhairt gu Lions, far an robh an rìgh cur roimhe a shuidheadh a' chomhairle thoirt brèth. Bha Nogaret eudmhor 's a' chuis mar bha e'n tùs cur sìos gach coire chuir

e á leth Bhoniface, agus fhuair e cuideachadh o theaghlach mòr Cholonna. Rug iad air Boniface aig Anagni,—far an robh e chomhnuidh gun chùram, no eagal. Bhuin Nogaret ris gu taireil, 'g a bhualadh 's a' deanamh dìmeas air, gus an d'èirich muinntir a' bhaile 's an tug iad e o nàmh cruaidh, dioltach,—'s thug iad an sin e do'n Roimh, far an do chaochail e am beagan uine 'n a dheigh, le brise-eridhe agus tamailt, chionn na rinneadh air. “Thainig e do'n chathair mar shionnach, bha e riaghladh mar leomhan, agus chaidh e eug mar chù.”*

Chunnaic am pàpa 'n a dheigh meud a' chunnairt 's an robh am fear mu dheireadh,—dh'fhuasgail e an rìgh o ascaoin Eaglaise, ach cha tugadh e maitheanas do'n fhearlagh a rinn ar-amach an aghaidh morachd an ard chleir. Bha Nogaret coma co-dhiubh, agus thug e mach an lagh an aghaidh a' phàpa a chaochail, agus chaidh a chuimhne a dhìte gu folaiseach. Chaochail Benedict XI., 's a' bhliadhna 1304, agus fhuair Philip le innleachdan Frangach chur 'n a àite, agus dh'iomchuir iad cathair a' phàpa do'n Frainge, far na shuidh an ard chleir fad sheachd agus tri fichead bliadhna.

Bha'm pàpa nis, ris an canadh iad Clement V., fodh rian an rìgh, agus bha sin feumail, an àm 's an do dhìte ceann na h-Eaglaise a bha iad gairm neo-mhearachdach, no nach b'urrainn dol mearachd. Bha'm pàpa cur gach dàil agus sàr bha 'n a chomas anns a' bhinn a cho-dhunadh; ach fhuair rìgh na Frainge mu dheireadh e féin agus uile dhaoine, agus a rioghachd a shaoradh o mhallachadh na h-Eaglaise. Bha comh-stri agus aimhreit mhòr 's a' Ghermailt mu'n chorán, mar chaidh dithis do dhaoine cumhachdach na h-iompaireachd ainmeachadh airidh air an inbhe. Chuireadh Lughais fodh ascaoin Eaglaise 's chuir e-san nithe coireach as leth a' phàpa; bha e air a lionadh le feirg air-son na rinneadh, agus thriall e do'n Fheadailt far an d'èirich mòran 'n a aobhar, agus thug iad air ard-chleir Cholonna a chrunadh 's an Roimh. Ròghnaich iad an sin pàpa cile nach do mheal a dhreuchd fada.

Mu gach pàpa lean gu Griogair XI., cha ruig sinn leas a

* Farmer's Eccles. Hist., vol. i., p. 238.

ràdh gu robh aon ach Benedict XII. airidh air cliu air-son a bheatha oirdheire agus oidheirpean air gnothuichean na h-Eaglaise chur ceart. Dh'iomchuir iad cathair a' phàpa air ais do'n Roimh, 's a' bhliadhna 1376. Bha'm pàpa cur an ceill gu do bhrosnuich a' Bhan-Naomh Catrine e gus a sin, 's nuair a chaochail e, dà bhliadhna 'n a dheigh, chruinnich an sluagh uile air eagal gu deanadh iad ròghainn do Fhrangach. Chum an sluagh a thoileachadh ròghnaich iad Feadailteach nach robh airidh air an inbhe, no air an urram, 's a thòisich air giulan uaibhreach, agus gnìomha ceannairceach, gus na chuir iad suas pàpa eile 'n a dhreuchd, 's air fàgail na Roimh, chur e 'n ceill nach robh na rinn iad an sin ach gu fearg a' phobuill a thraoghadh. Bha sin dà phàpa aca, aon 's an Fheadailt agus aon 's an Fhraing. Bha rioghachdan na h-Eorpa air an roinn eutorra, gun fhios fathasd co dhiubh a b'fhearr còir.

Bha'n Eaglais gus a sin aonaichte, ach a nis bha eas-aonachd mòr 's an airde 'n ear. 'Nuair chaochail an dà phàpa, chaidh dithis eile ròghnachadh leis a' chleir 's na rioghachdan 's an robh iad;—chaidh an comhairleachadh araon gu cordadh agus aon bhi 's an inbhe b'airde, ach bha gach aon diubh co deònach air sin 's gu do chuir iad an Eaglais tre cheile.

An coigeamh linn deug. Chuir Ferdinand buadhach as gu tur do uachdranachd nan Saracens 's an Spainnte an deireadh an linn chaidh seachad, agus dh'iarr e gu h-àraid, ni bha cliùtach dha, gun bhuntuinn cruaidh riusan a bha fanachd 's an rioghachd air son an creideamh. Bha e 'n dùil gu biodh iad air an iompachadh leis a' chleir air an doigh bha iomchaidh do'n chreideamh fhior, agus fhuair iad deuchainn seachd bliadhna, ach bha e air a mhealladh 'n a bheachd. Bha'n rìgh eudmhor air-son a' chreideimh, agus bha ard-riaghalairean, a bha do'n chleir, 'g a chomhairleachadh gu doigh eile fheuchainn. Chaidh dà cheud mìle do luchd-aidmheil a' chreideamh Islaim a cho-eigneathadh gu bhi 'n an crios-uidhean leis a' chùirt dhiabhluidh bh'aig eaglais na Roimhe. Bha iomada dhiubh nach geilleadh 's a dh'fhuiling gu craiteach gach peanas bha chùirt sin a' deanamh orra.

Cha b'iad na Mahometanaich a mhaing bha fulang o eud

Fherdinand. Bha ard eusbaig nan Iudhach cuideachd ri gabhail ris a' chreideamh Chrìosduidh, no an rioghachd fhàgail. Bha iadsan bha dol air fògradh call an cuid, no 'm maoin, 's bha sin uile toirt air moran gabhail orra bhi do'n chreideamh fhior. Bha tuille dhiubh dol do Phortugal far an robh dùil aca ri tàmh fhaighinn o'n choire bha Iain II. toirt doibh,—'s an dòchas gu faigheadh iad dion, no rathad gu dol gu aitean cìle bu shabhailte. Bha 'n dòchas faoin,—chaidh iad am maoin, a chaidh ghlacadh 's a chur ri ionmhas na rioghachd, agus iad féin a reic 'n an traillean. Thug Emanuel, a thainig an deigh Iain, saorsa dhoibh, agus fhuair iad na nithe bhuineadh dhoibh cuideachd; ach chum e'n clann uatha agus chaidh trì cheud mìle dhiubh a bhaisteadh. Dh'aontaich na h-Iudhaich le sin air eagal gu'n éireadh ni bu mhiosa dhoibh. Ach b' e geilt roimh pheanas na cuirte phàpanaich, 's cha b'e idir bhi smaointeachdh no'm barail gu robh e ceart, thug orra an aidmheil beoil sin chur 'a 'm fiach.

Bha solus an t-soisgeil a' sgaoileadh am fad 's an linn so, ged bha'n dorchadas co mor 's nach robh an dearladh soillseach. Bha na Portuguese toirt aire shònraichte do sheola, agus chaidh iad an deireadh an linn so dh' Ethiopia agus do na h-innscan;—agus, an 1492, fhuair Gille-Criosda, Columbus, amach eilean 's an airde 'n iar, trid an d'rinn e'n ràthad dh' America, agus, 'n a dheigh, chaidh Americus Bhesputius do'n t-saoghal ùr, a fhuair ainm uaith. Bha toil aig na ceud mhar-aichean a sheol an iar naisinn nan tìribh cian sin a theagasg ann an eolas a' chreideimh Chrìosduidh. Thug na Portuguese cheud oidheirp an Africa, agus dh'iompaich iad an rìgh 's a dhaoine an Congo, 's a' bhliadhna 1491. 'Na dheigh sin thug Alastair VI., mar gu bu leis féin an saoghal ùr, seachad e do na Portuguese agus na Spaintich, ach gu robh e cur am fiach orra an naisinn a theagasg an eolas a' chreideimh cheirt' agus bha luchd-teagaisg o na h-òrduighean a b'ainmeile an Eaglais na Roimh air an cur g'an iompachadh. Ach thug iad sin tuille aire air an gnothuichean féin, na air teagasg fallain, slainteil;—bha iad gabhail gach doigh air saobhreas a charnadh, ni a bha tionndadh nan daoine bochd, a

bh'air an creachadh, o'n creideamh le fuath. Mar sin bha muinntir an àite 'g an cur as 's 'g am marbhadh, an àite an iompachadh 's an tàladh gu eolas na firinn, agus bha'n creideimh Islam a' buadhachadh ni bu mhò no'n creideamh naomh spioradail.

Ach b'ann 's an airde 'n ear bha'n creideamh Criosduidh dol as gu grad, feadh nan rioghachdan farsuing cein a bha aon uair gilleachduin do na h-uachdarain Romhanach. Bha na Turcaich, 's na Tartaraich fhiadhaich, aig aontachadh 's air thì solus na firinn chur 'n a smàl. Bha saobh-chreideamh togail a chinn a measg dorchadais agus gach droch ghniomha. Bha còrr eaglais aig na criosduidhean an China, 's bha luchd-teagaisg g'an cur chum a bheagain a bha tìonal an ionada aineolach; ach bha iad sin féin gach là claonadh gus an deachaidh as doibh gu tur mu'n tainig crìoch na linn so.

An còrsaibh eile do'n airde 'n ear bha luchd-aidmheil a' chreideamh chriosduidh air an cur an cùil chumbann. Cha robh aca an Thrace do fhearann ach mn leth-cheud mìle air fad agus deich 'ar fhichead air leud, agus bha ceann-feadhna nan Mahometanach air-son sin féin a thoirt uatha. Chuir e fios gu h-ardanach gu feumadh iad Constantinople thoirt suas da; agus mar bhitheadh Tamarlane buadhach, a bha cogadh ris, chuircadh e am baile mòr 's an tìr uile fodh.

Thilgeadh bun os ceann an iompaireachd Ghreugach an 1453. Bha suil Mhahomeit II. air a' bhaile thog Constantine mòr, oir chuir e roimh gu biodh e aige 's bhuail e air an toiseach an t-samhraidh. Thug e ochd no naoidh sheachduinean seisdeadh air, mu'n do strìochd an gaisgeach Paleologus, a thuit ann an tòr do na mairbh.* Chuireadh as ach beag do'n chreideamh chriosduidh 's na cearnan sin uile.

Bha na criosduidhean 's an airde 'n iar, mar thug sinn cheana fainear, air an roinn fodh dhà phàpa, aon 's an Fheadhailt, agus aon 's an Fhraing. 'Nuair bha aon a' caochladh bha iad cur aon eile 'n a àite, 's mar bha iad ròghnachadh, am bitheantas, ard chleir bha tighinn gu h-aois, cha robh iad sin ach ùine ghear 's an inbhe is airde an Eaglais na Roimh. Mar

* Gibbon.

nach robh iad sin ri atharrachadh feumail, no gnìomh mòr, no àraid, bhiodh e neo-fheumail seanachas umpa, no cuid dhiubh idir ainmeachadh. Bha dithis dhiubh aon uair a dh'aontaich an dreuchd a thoirt suas nam biodh e chum sìth agus math na h-Eaglaise. Thug iad bòid gu deanadh iad seasamh ris a ghealladh so, mar bha uile deònach air crìoch chur air a chomh-stri; ach bhrist iad le cheile am miannan 's b'eigin dhasan bha 's an F'hraing teicheadh as an rioghachd sin an 1408, 's 'nuair bha'n rìgh air thì a ghlacadh, thionndaidh an àrd chleir bha gabhail leis uaith gus an taobh eile. Chruinnich iad comhladh, 's a' bhliadhna 'n dheigh sin, air-son gach comh-stri agus aimhreit a chur ceart. Ged bha chomhairle air nithe math, thachair gur h-ann a thainig an aimhreit bu mhò as. Bha na rinn iad neo-eiseimealach agus air-son riaghailtean a b'fhearr agus bu deacaire. Thug iad binn an dà cheannaird a mach, agus bha sin cruaidh. Thug iad breth orra air son an saobh-chreideamh, miannan eithich, agus ceannaire-ean eile,—gus an do chaill iad gach meas agus urram, 's nach b'airidh iad bhi 's an Eaglais. Ròghnaich iad aon phàpa an aite an dithis 'g a ghairm Alastair V. Cha tug an dà phàpa feart air na rinneadh 's a' chomhairle mhòr so, oir bhunaich iad 'n an dreuchd agus mheal iad an sochairean. Bha seanadh aca far an robh iad a' tuinneachadh, ach b'eigin do Ghriogair teicheadh as a sin, agus thainig e, 's a' bhliadhna 1412, gu Ruoa.

Bha'n eaglais 's an àm so fodh riaghladh trì cheannardan bha 'n aghaidh a cheile, le mallachadh, cul-chainnt agus ascaoin Eaglaise.

'Nuair chaochail Alastair V., an 1410, ròghnaich an ard chleir bha dol leis aon nach robh airidh air an aite b'isle 's an Eaglaise, a bha gun chreideamh gun chràbhadh. Thug e ionnsuidh air an rìgh bha dìon Ghriogair, ach b'eigin d' a 'n teicheadh a ghabhail, agus an tìr fhàgail. Bha'n trì deanamh mòran tuille air son an gnothuichean fein, no math na h-Eaglaise, agus bha gach conspoid agus comh-stri ri coire mhòr innte. Uime sin, bha thoil aig iomada do dh' iompairean agus rìghrean na h-Eorpa sìth agus reite chumail 's an Eaglaise. Bha iad sin eudmhor agus deonach, gun umhail do dhragh, no

chosgas mar nach aontaicheadh aon seach aon phàpa an soch-
airean féin a chall air son math na h-Eaglaise, cha robh doigh
eile air nithe shocrachadh ach comhairle mhòr a ghairm do na
h-uile aig an robh cumhachd agus còir air suidh gu breth.
Ghairmeadh a' chomhairle so gu Constance, 's a' bhliadhna
1414, le Iain XXIII. Bha Sigismund 'g a bhrosnuchadh
chuige sin, agus bha e féin an dòchas gu biodh a' chomhairle
'n a aobhar seasaimh dhasan. Chaidh e féin le mòran do
àrd chléir chum na coinneamh ainmeil, 's an robh an t-iom-
paire Sigismund a làthair, maille ri prionnsan na Germailte
agus teachdairean rìghrean na h-Eorpa. Thoisich a chomh-
airle le iarraidh air a' phàpa agus an dithis eile, bha 's an
dreuchd cheudna, iad féin a cheangal gu tugadh iad suas an còir
nam faicte gu biodh sin chum sìth na h-Eaglaise. Thug
Iain gach oidheirp air a leth-sgeul a ghabhail, no e féin a
ghleidheadh saor. Chuireadh iompaidh air mu dheireadh agus
dh'aontaich e mionnan soluimte ghabhail gu deanadh e mar
a bhithcadh chum math na h-Eaglaise, ged nach b'ann le
thoil; agus ghabh e cheud chothrom air falbh as a' bhaile, an
dùil nach rachadh gnothuichean chur air an aghaidh as eug-
mhais, ach bha e air a mhealadh.

B'i chrìoch àraid mu 'n do ghairmeadh cruinn iad math
na h-Eaglaise 's cha b'i sochairean an ard chleir, agus rinn
iad sin le foghnadh. Chuireadh gu soluimte an ceill le dà
reachd gu robh am pàpa fodh chomhairle na cleir uile, agus gu
robh e fodh 'n ughdarras 's na reachdan. 'Nuair bha iad coladh
dhearbhadh sin 's a' chreathramh agus 's a' choigeamh suidhe,
agus 's an dara suidhe deug bh'aig a' chomhairle mhor chuir-
eadh Iain XXIII. bhar na cathrach, agus ròghnaicheadh
Martin V. 'n a àite.

Thug iad breth cheart air a' phàpa 's a' chomhairle ain-
meil agus nam biodh na rinn iad mar sin b'airidh iad air
cliu an gineil. Ach mhill iad deadh alladh a ghnìomh sin
leis a' gheur-leanmhuinn chuir iad air chois an aghaidh iad-
san bh' air am meas 'n an saobh-chreidmhiach. Thòisich con-
sachadh mu chreideamh an iomad àite feadh na Roinn-
Eorpa, 's gu h-àraid am Bohemia. Bha aon an sin bha comh-

airichte le dheasboireachd, ris an canadh iad Iain Huss, o'n àite 's an robh e. Bha e ainmeil am Prague far an d'fhuair e fhoghlum agus gu sònraichte air son litir a fhuair e á Sasunn o'n cheud fhear a thòisich air leasachadh na h-Eaglaise. Bha e cràbhach agus foghlumte, agus bha ghiulan a réir aidmheil, agus oilean. Bha e deas labhrach, agus co-ionnsaichte 's gu deachadh ròghnachadh 'n a fhear-teagaisg 's an oil-thigh co math agus 'n a mhinisteir an aon do dh' Eaglaisean a' bhaile. Thug e faincar, agus labhair e gu h-àrd an aghaidh dubhailean na cléir. O'n bhliadhna 1408, rinn e na bha 'n a chomas gu ol-thigh Phrague iompachadh, gu cul chur ri Griogair XII. a bha 'n a cheannard na h-Eaglaise thar rioghachd Bohemia. Bha 'n t-ard easbuig agus a' chléir, bha dileas do Ghriogair, air an lionadh le feirg, air son na bha Huss cur amach. Thoisich deasboireachd nach bu sheimh eutorra, agus bha Iain ag dol ni b'fhaide na dheas-bhriathran, dite truaill-eachd na cléir uile, co math ri luchairt shoghail na Roimhe. Chaidh, air son sin, casaid gheur a dheanamh air ri Iain XXIII., agus chuir am pàpa e mach á comunn na h-Eaglaise. Rinn e dìmeas air an reachd; bha e seasamh 'n a bhacachd 's 'n a bharrail féin, agus bha gach duine toirt cliù dha.

Bha'n duine diadhaidh, eudmhor, foghlumte, deacair, ged bha eud 'g a ghiulan tuille 's fada, gun chùram mu bheatha. Chaidh ghairm gu seasamh coinneamh aig Constance. Gheall Sigismund nach eireadh beud da air a thurus, no aig Constance, uime sin, chaidh e dh'ionnsuidh a' choinneamh, 's chaidh a charaid dileas Ierome maille ris, a bha gu fianuis mhath a thogail leis. Bha Ierome an Sasunn agus thug e dhachaidh leis leabhraichean mu ath-leasachadh as an rioghachd sin. 'N trà chaidh Huss an làthair na comhairle, labhair e gu h-ard-ghuthach an aghaidh mi-bheusan na h-Eaglaise, cha do chronuich aon e air-son sin, oir bha mòran faotainn coire do thruailleachd agus mi-bheusan nan sagart agus nam mànach. Bha naimhdean diomhair aige co math rìusan a bha làthair 's bha iad so ni b'oidheirpiche agus innleachdaiche thoirt cuis dhìte 'n a aghaidh. Sheall e air an iompaire gheall gu biodh e saor o bheud dol 's a' pilleadh o'n chomhairle, agus chuir a gheur-

bheachd rughadh an aoduin Sigismund,—ach dh'eigheadh e 'n a shaobh-chreidmheach, agus o nach gabhadh e aithreachas, ged bha dearbh-chinnt aca gu robh e ceart, thilgeadh e am priosun, agus chaidh a losgadh beò air an t-seathamh là do mhios mu dheireadh an t-sàmhraidh, 1415. Bha mhisneach gun lagachadh, aigne gun chlaonadh, aig an uair mu dheireadh, cur an ceill a mhuinighinn an Dia, 's a dhòchas ri sònas siorruidh trid fulangais Criosd. Bha Ierome ris a bhàs cheudna fhulang. Thug uamhan a bhàis eagalaich air an toiseach bhi ùmhal do'n chomhairle, agus a bharrail féin aicheadh,—ach bha e air a mhealladh 's an dòchas gu faigheadh e saorsa air-son sin. Bha e air a choimhead gu furachar, 's air a dhruideadh gu teann. Ghlac e misneach, agus chuir e 'n ceill gun sgà no tioma na barailean a bh'aige, agus chaidh a losgadh air an deicheamh là fichead do'n mhios Cheitein, 1416.

Chaochail Uicliffe, a thòisich ath-leasachadh an Sasunn, fada roimh so, ach mu'n do dhìt a' chomhairle Iain Huss agus Ierome, a dh'aontaich le bheachd 's a bharailean, ghairm iad an marbh mu'n coinneamh, agus thug iad a bhreith amach a' dite a dheadh iomradh. Chuir iad reachd amach gu rachadh a leabhraichean a losgadh maille ri chnàmhan bha cnàmh 's an uaigh. Air a cheathramh là deug do mhios meadhonach an t-samhraidh 'n a dheigh, chuir athraichean na h-Eaglaise nach an reachd shònraichte bha toirt a' chupain o'n luchd-comannachaidh, agus dh'àithn iad nach biodh ach aran ambain air a thoirt seachad am frithealadh na sacramaid shol-uimte so. Rinn easbuig a bha 's a' choinneamh casaid gu robh cuid do'n chléir fopa toirt an fhion co math ris an aran am frithealadh na Suipearach, agus, uime sin, rinn iad an lagh, nach fhaodadh Eaglaise na Roimhe a bhriseadh, ged bha chléir féin gabhail an fhion. Sgaoil a' chomhairle am mìos Abraoin, 1418.

Ghairmeadh an ath choinneamh gu Basil an 1431. Bha ard chleir an àite a' phàpa nach b'urrainn bhi lathair. Bha athraichean na h-Eaglaise cruinnachadh air son ath-leasachaidh. Ghabh Eugenius IV. an t-eagal, agus thug e oidheirp

no dha air a' choinneamh a sgaoileadh; ach nochd a' chléir le comhdach soilleir gu robh iad féin, 'nuair bha iad còladh, os-a-cheann. Thoisich comh-stri agus deasboireachd eadar a' chomhairle agus am pàpa,—b'e cheud uair a chuir iad 'n a aghaidh, 's b'eigin da mu dheireadh strìochdadh, agus sgrìobh e o'n Roimh cur leis na rinn iad, 's ag aideachadh an ughdarrais. Sgaoil iad an toiseach a' gheamhraidh 1433.

Cha leigeadh an ard chléir le teachdaire a' phàpa suidheadh 's a' chomhairle gus an tugadh e mhionnan gu biodh e ùmhal d'am breth, agus gu tugadh e ùmhlachd do na' laghan a rinneadh 's a' chomhairle aig Constance, mu uachdranachd comhairle agus an ughdarras thar a' phàpa. Bha na laghan sin, bha gach pàpa roimh sin ag aicheadh, 's a bha toirmeasg, no cur gu neo-brìgh, iomad ni air robh ag agairt coir, air an daighneachadh 'n aghaidh gach oidheirp bha teachdairean a' phapa toirt gus am bacadh. Rinn iad riaghailtean ùr mu ròghnachadh a' phàpa, agus chuir iad air cùl iomad gnàthachadh, bha chum toil an àrd easbuig a riarachadh.

Lionadh Eugenius le feirg, bha e air-son a chomhairle shuidheadh 's an Fheadailt, agus grabadh chur air gach ionn-suidh gu ath-leasachadh, no atharrachadh 's an Eaglais; agus chuir e'n aghaidh coinneamh bhi an aite sam bith eile. Bha iad co daingean air gach taobh, agus thòisich a' chonspoid. Chruinnich a' chléir, an 1437, agus ghairm iad Eugenius mu'n coinneamh aig Basil. Bha'm pàpa lasadh le feirg,—chuir e mach reachd gu sgaoileadh chur 's a' choinneamh sin, agus a' chomhairle shuidheadh aig Ferrara. Chuir iad a reachd an neo-brìgh, shuidh iad a thoirt binn air, agus 's an fhogharadh thug iad binn air a' phàpa air-son eas-umhlachd.

'S a' bhliadhna 1438, ghairm Eugenius comhairle aig Ferrara, 's an robh e féin a làthair, agus chuir e na h-athraichean a bh' aig coinneamh Bhasil fodh ascaoin Eaglaise. Air an àm cheudna bha chomhairle aig Basil air an lionadh le mìthlachd thaobh uaibhreachas a' phàpa, agus dh'àithn iad, air samhradh 1439, a chur as a' chathair, ach cha d'aontaich daoine cumhachdach na h-Eorpa leo. Thug sin misneach nach bu bheag do'n phàpa, chuir e reachd ni bu chruaidhe

mach an aghaidh na comhairle, g'am mallachadh air mhodh sònraichte, 's a' cur na rinn iad gu neo-brìgh. Rinn a' chomhairle aig Basil fanoid air uail,—chaidh iad air an aghaidh 'n am breth,—ròghnaich iad pàpa eile 'n a àite, agus thug iad Amadeus, diuc Shàbhoi, gus an inbhe àrd; a bha 's an àm ag comhnaidh 's an ionad dhìomhair bu taitniche 's an tìr uile. Fhuair e mar ainm pàpa Felics V.

Thugadh a' chomhairle aig Farrara gu Floranco. Thugadh an so gach oidheirp air an Eaglais Ghreugach agus Eaglais na Roimh 'a chur reidh. Bha'n t-iompaire Iain Paleologus làthair le mòran do'n chléir a b'airde. Mar bha na gnothaichean thugadh mu'n comhair do-reiteachadh ròghnaich iad beagan as a' choinneamh air gach taobh chum an fiosrachadh, 's am breithneachadh. Bha Bessarion ionnsaichte air ceann nan Greugach, bha taobh 's an àm aig ris na Romhanaich, aig an robh e 'n a dheigh sin 'n a àrd chleir. Le ughdarras agus an toil a bh'aig an iompaire bhi reidh ris a' mhuinntir eile, chum 's gu faigheadh e comhnadh n' aghaidh nan Turcach, dh'aontaich iad an cuid gu robh an Spiorad Naomh o'n mhac co math 's o'n Athair, 's ri purgadoir, ri aran neo-labhuin, agus uachdranachd a' phàpa. Cha robh aon ach Marcus, easbuig Ephesus, chuir an aghaidh iad sin, 's cha tugadh cumha no cumhachd air geill a thoirt do leithid do chreideamh. Cha b'fhada ghlcidh each an gealla 'nuair thug iad fainear am foill.

Chaochail Eugenius, a sgar an eaglais o cheile, an ceud mhìos an earraich 1447, agus ròghnaicheadh easbuig Bhologna, ris na chan iad mar phàpa Nicholas V. Bha e 'n a àrd chleir cliutach, agus airidh air an urram 's an inbhe àrd. Sin rinn prionnsan na h-Eorpa, 's gu h-àraid rìgh na Frainge, na dh'fhaod iad chum an Eaglais chur ceart. 'S a' bhliadhna 1449, dh'fhàg Felics V. cathair a' phàpa 's an do chuireadh e le comhairle Bhasil, agus phill e gu ionad dìomhair taitneach aig Repaille. Shuidh a' chomhairle cheudna aig Lausanne, chliuthaich iad a ghiùlan, agus dh'àithn iad air mhodh soluimte, gu geillcadh gach uile cho-thional do riaghladh Nicholais, a bha iad meas 'n a uachdaran dlìgheach. Dh'èigh

Nicholas an reite so gu soluimte agus chuir e sheuladh ris na rinn comhairle Bhasil.

B'e Alastair VI. am pàpa mu dheireadh do'n linn so, agus bha e air a chomharachadh gu sònraichte le dbroch-bheartan. B'e ghràdh d'a chloinn an t-aobhar bu mho air a sin. Bha ceathrar mhac aige ri coi-leapach a ghleidh e iomadh bliadhna. Diubh sin bha Caesar Borgia maslach. Bha nighean aige cuideachd ris a' bhean dhiolain. Bha e ro chaomhail riu uile, agus bha e deanamh na bha 'n a chomus gu'm fàgail sòghail, saoi bhir. Bha e coma, ceart, no eu-ceart, nam faigheadh e mhiann. Chuir an nimh a dh'ullaich e féin 's a mhac, Caesar, gu iadsan a thuit fodh 'n diomb a ghearradh as, crioch air a bheatha, an 1503.

2. *An seathamh linn deug.* Bha Eaglais na Roimhe samhach an toiseach an linn so. Chuireadh gach comh-stri agus conspoid 'n an tosd, agus cha robh aobhar aige-san a shuidh 's a' chathair a smaointeachadh gu robh cunnart, aimhreit, no mi-reite ri tighinn 'n a charaibh. Bha gach dream a thog roimhe so an ceann an aghaidh Eaglais na Roimhe co bochd, 's air an saruchadh co goirt, 's nach b'urrainn iad ionnsuidh a thoirt air aon doigh an aghaidh Eaglais co saobhir agus co cumhachdach.

Bha Julius II. 'n a dhuine mi-chliutach, eas-urramach, feargach, ceannairceach, 's ro ghoirid 'n a nadur. Bha e air an àm cheudna, cogach, dioltach, 's ro thogarrach gu tuasaid. Rinn e sìth ris an iompaire agus ri rìgh na Frainge, agus thòisich e 'n sin ri cogadh ris an t-sluagh b'fhaigne air. Bhuail e air Farrara thoirt amach le neart airm, agus chaidh e ris a chogadh 'n aghaidh rìgh na Frainge, dol leis na Spainntich agus sloigh eile, a bhrosnuich e gu eiridh 's a' chumasg. Chuir e 'n Eorpa uile tre chile le chogadh 's a' chomh-stri a mhair uile laithean a dhreuchd. Lionadh Lughais XII., rìgh na Frainge, le trom fhearg, agus chuir e roimh cur as do chumhachd Eaglaise na Roimhe ris na chan e "Babilon." Bha'n ard chléir fodh chomraich gabhail leis, 's an t-iompaire Maicsimilian I. Rinn iad coinneamh aig Pisa 's a' bhliadhna 1511, gu gnothuichean chur ceart, agus srian chur

ri mianna a' phàpa. Rinn e-san deas gus an coinneachadh. Dh'uidheamaicheadh gach inneal cogaidh. Dhìte, ann an comhairle Laterain, an 1512, gach reachd a rinneadh 'n a aghaidh; agus bha e gus an cur uile fòdh ascaoin eaglaise 'n trà ghearradh as e.

Lean Leo X. e, 's a' bhliadhna 1573. Bha e fòghluimte, deigheil air ealain fhìnealta agus air daoine ionnsaichte. Cha robh uigh aige do chomh-stri, no do ghnòthuichean sam bith, ach deadh chonaltradh, agus sòlais na h-inbhe àrd 's an robh e. B'e rùn gach urram agus saoihbreas a mhealtuinn air a mhodh bu shònraichte, le measarachd agus morchuis. Thug e aire nach atharraicheadh a' chomhairle bha 'n a suidhe an Lateran ni sam bith 's an Eaglaise. Rinn e comdhail ri rìgh na Frainge, Francis I. aig Bologna, agus thug e air na reachd-an bha e deanamh aig Prague chur gu neo-brìgh, agus laghan eile bha réir miann nam pàpa chur sìos 'n an aite.

Cha 'n 'eil tuille air ainmeachadh 's an earrann so. Bha pàpa agus pàpa tighinn an deigh cheile nach robh buan 's a' chathair, no nach d'rinn gnìomh mòr no math air bith a 's fhu chumhail air chuimhne.

CAPITUL II.

RIAGHAILT, TEAGASGAN, AGUS DEAS-GHNATHACHADH.

Am posadh, saobh-Chreideamh fuigheal nan naomh—Seanachas umpa—Teagasg ùr mu'n t-suipeir,—deas-ghnathaibh,—agus laithean feill eile — Comhdachadh tre dheuchainean—Deas-ghnathachadh,purgadoir.—Là bhreith-eanais—doighibh agus deas-ghnathaibh eile.—Mar bha naoimh a' fàs lionmhor—Ascaoin Eaglaise—Là feill nan uile naomh—Aoradh do Mhuire—Baisteadh chlag—Sgiursadh—Doighibh aoraidh—Tighibh,aoraidh—orduigh-ean ùr, saobh-chreideamh, faisneachd fhoilleil—deadh oibre.—Deas-gnath-aibh faoin—Ghin-neo-thruaille. Brìgh-atharrachadh agus faosaid—Dà chemunn ainmeil—An saoihbreas—Inneil chiuil 's an eaglais.—Là feill sacramaid—Gearag choisrigte.—Ard-fheill—anna naomh—laithean feill ùr.—Rideirean an Teampuill—Deich pisean fichead, deadh ainm—Searmona, Itser, teagasgan.

BHUADAICH iodhail-aoraidh co fada 's gu robh na cinnich fios-

rachadh 's a' feuchainn na h-uile dhoigh bha'n comas inn-leachd dhaoine fhaotainn mach, no ruitheachd. Bha iadsan bha air an iompachadh gus a' chreideamh chriosduidh leant-uinn 'n an doighibh sin, 's a' cleachdadh nan deas-gnathachadh air an robh iad eolach.

Thugadh cheana fainear gu robh am posadh air a fhrithealadh leis a' chléir ro thrail 's an Eaglais; ach bha'n lagh deanamh a' phosaidh dligheach as eugmhais beannachaidh na cleir; agus cha robh, o na h-aobhair sin, ach beag aire air a' ghabhail do'n mhodh air an robh am posadh an toiseach air a fhrithealadh. Bha cuid do no h-iompairean bha eudmhor air-son deagh riaghailt na h-Eaglaise meas sin fìor choireach. Dh'àithn Charlemagne, 's a' bhliadhna 780, gu biodh am posadh air a fhrithealadh le beannachadh na cléir agus le tabhairtais, 's nach rachadh feadhainn sam bith a phosadh air dhoigh eile. Rinn iompaire na h-airde 'n ear an riaghailt cheudna an toiseach an naodhamh linn.

Bha mòran mhiorbhuilean air an deanamh, no bha'n sluagh aineolach a' creidsinn gu robh, trid fuigheal naomh 's an linn so. Bha saòbh-chreideamh co mòr 's gu robh iad a' meas turuis chràbhach agus dèas-ghnathaibh mar na nithe a b'fhearr 's a' chreideamh bha gu mòr air a thruailleadh.

An naothamh linn. Bha'n creideamh air a thruailleadh co mòr leis gach doigh ris an robh iad toirt aire do chnàmhan nam marbh;—toirt aoraidh agus urraim, ni h-ann do'n Tì is ro airde, ach do dhaoine bha'n aireamh nan naomh, a bha fada 'n an tàmh 's an uaigh; a bha iomraiteach nam beatha, cuid, math dh'fhaodite, air-son an deadh ghnìomha, agus cuid air-son an droch ghiùlan agus caithe beatha; ach a bha buileachadh mòran air an Eaglais. Bha naoimh aig gach eaglais, agus aig gach dream, no teaghlach, a bha ri eadar-ghuidheadh air an son,—mar nach tugadh Dia fainear daoine fa leth. Sin mar bha na cinnich le 'n dée breige, agus mar tha daoine thaobh gnothaichean an t-saoghail so.

Bha aireamh nan naomh air an meudachadh leis na Sagairtean, 's na manaich, bha toirt ìomadh duine no bith air nach cualas riamh iomradh roimhe á dorchadas nan amaibh aineol-

ach. Bha iad deas agus innleachdach a chur an ceill gnìomha thoilicheadh am pobull aineolach; 's a chuireadh ioghnadh orrasan bhadeigheil air euchdan, bha baothairean agus daoine caothaich amhain a' saòilsinn is urrainn iad a dheanamh. Cha'n e sin uile, bha aineolas dhaoine co mòr, agus dorchadas spioradail co domhail, 's gu robh an sluagh bochd creidsinn an nithe bha co faoin ri faileas, 's a' cur am muin-ghinn an sgàile 'n tra bha feum aca air taic agus comhnadh o'n Bhith chumhachdach.

Thug a' chléir fainear am mearachd, agus 'n an comhairlean thoirmeasg iad aon sam bith chuir ri aireamh nan naomh gus an tugadh an t-easbuig breth 's an t-Seanadh, agus an cuireadh e'n ceill an làthair a' phobuill gu robh e airidh air an ainm agus an urram. Bha'n cion-fath math agus bha foghnadh math uaithe,—co fada 's a bha e feumail; ach bha e uile cur tuille ri saobhreas na h-Eaglaise. Bha iad am barail gu robh e iomchuidh, math dh' fhaoidte feumail, gu tugadh an ard easbuig, no pàpa na Roimh, fainear gach breth agus reachd a bha easbuig duthaich, no tìre deanamh; agus bha sin réir miann agus iarrtuis a' phàpa bha 's gach linn fàs uaibhreach. Ged nach robh am pàpa féin, gus an deicheamh linn, cur ri aireamh nan naomh, bha bharrail 's a' chomhairle 'g an iarraidh 's 'g an gabhail an nithe bha na h-uile chléir, agus neo-chleir, a' meas co cudthromach.

Thòisich iad an sin ri beatha nan naomh a chur sìos, no sgrìobhadh;—mar bha air fhaicinn feumail an euchdan a chumail an cuimhne. Bha foill agus aincolas air an co-mheasgadh 's na h-eachdruidhean sin. Bha e ro fhuras do luchd-seanachais na bithean leis an robh iad a' lìonadh nan ionada naomha àrdachadh 's gach gnìomh agus oidheirp mhòr bha iad cur as an leth a mhèudachadh. Bha iad sin cur ioghnadh air a' phobull, 's a' dusgadh smaointe agus fiuthair 's an inntinn a bha mcalladh dòchais,—an àite bhi toirt fiosrachaidh agus colais mu nithe spioradail. Bha mòran do sgeula faoin chuireadh sìos an deigh àm Charlemagne, gun umhail do fhirinn no tuigse, bha làn do bhaothaireachd, 's do mhiorbhuilcan; mar gu robh e'n comas nam marbh nithe mar sin oibreachadh

bha thar comas nam beò. Bha, mar an ceudna, iomadh ni 'g a sheanachas mu daoine cràbhach agus math, a bha ro choir-each; ach bha iad air an cronachadh le daoine fiosrach aig an robh toil an fhirinn a chur an ceill, agus an sluagh aineolach a theagasg air an doigh cheart. Bha iomad aobhar airson nan sgrìobhan sin. Bha duil aig cuid gu robh e taitneach leosan bha'n rioghachd nan gràs bhi cur an airde an cliù,—agus gu'n tugadh iad luigheachd dhoibh da cheann. Bha feadhainn eile air-son luach an saothair 's cur iompuidh air daoine nithe bu neo-choltaiche a chreidsinn. Bha mòran tighinn do na h-eaglaisean a choisrige do na naoimh toirt geann-math seachad an dùil ri cobhair agus maitheanas 'n am peac-aibh. Bha e air a mheas urramach dhoibh-san bha frithealadh nan nithe faoin sin, bha deanamh na b' urrainn iad gus na naoimh air an robh iad ainmichte fhàgail ainmeil, agus bha iad, uime sin, cur sìos gnìomha nach cualas an leithid roimhe, ach a chreideadh na baòith,—mar gu biodh uile nithe fodh chumhachd nan naoimh a bha 'n an cadar-mheadhonairean, 's ris an robh iad cur suas an guidhe.

Chaidh iomad air thurus do'n airde'n ear a dh' amharc nan aitean 's an robh Crìosd agus a dheisciobuil; an duil ri nithe fhaotainn a bheireadh co-fhurtachd do'n inntinn lag,—no suaimhneas agus sìth do'n choguis lochdaich,—agus a shàbhaladh tiribh agus daoine o theughbail. Cha do phill iad sin falamh; agus bha muinntir nan rioghachdan sin fataoinn luach mòr air-son gach fuigheal naomh bha iad cur am fiach, ged bha cuid diubh bhuineadh do na pàganaich,—lamhan casan, cnamhan, seadh, ciod sam bith a gheibheadh iad an ainm aon seach aon do na naoimh iomraiteach. 'S ann mar sin a thugadh mòran gu Eaglais na Roimh, bha'n aobhar ioghnaidh 's na linnibh aineolach, 's a tha gus an là'n diugh an caileigin do mheas.

Bha barailean ùr mar bha corp agus fuil Chrìosd le samh-ladh 's a' chomanachadh air an cuir an ceill 's an linn so. Bha na h-uile 's an Eaglais creidsinn roimhe so gu robh corp agus fuil Chrìosd air am frithealadh an Suiper an Tighearna, 's bha iad creidsinn 's an làthaireachd; ach bha atharrachadh

bharailean mun mhodh 's a' ghne làthaireachd, agus iad sin an aghaidh a cheile. Cha do chuir aon chomhairle an ceill gu riochdail cia mar bha iad a làthair. Ach chuir mànach a mach leabhar, an 831,—a chuir an ceill gu soilleir riochdail mar bha corp agus fuil an Tighearna 's an t-Sacramaid. B'e chuir Pascacius, am mànach, an ceill, 's a' cheud àite, an deigh an t-aran agus am fiòn a choisrige, nach robh ann ach an coltas, gu an corp agus an fhuil a bhi làthair; agus a ris, gu b'e corp agus fuil Chrìosd a rugadh o'n oighe, a bha làthair 's a' chomanachadh, a dh' fhuiling air a'chrann-cheusaidh, agus a dh'eirich o na mairbh. Bha mòr ioghnadh air daoine mu'n teagasg ùr. Chuir sgrìobhaichean urramach 'n a aghaidh. Thug Tearlach Maol air dithis ionnsaichte an teagasg a mhìneachadh, 's a' ghlanadh o na mearachdan leis an do thruailladh e leis na mànaich. Bha mòran deasboireachd muna chuireadh mach uime le Ratramn, agus bha daoine 'n aghaidh cheile 'n am barailean mu na chuir e sìos. Bha mànach féin cuir an aghaidh an aon àite nithe bha e cur sìos an ait eile. Bha Ratramn tuiteam 's a' mhearachd cheudna; ach bha e cumail mach nach b'iad corp agus fuil Chrìosd bha gu riochdail a làthair. Chuir Iain Scotus an ceill ni bu shoilleire, nach robh 's an aran agus 's an fhion ach samhladh air corp agus fuil Chrìosd. Bha e foghlumte agus ionnsaichte am feallsanachd nan amaibh sin, 's air an aobhar sin ni bu shòilleire a cur sìos 'n a mhìneachadh theagasgan.

Chuireadh easbuigean nach robh réir orduidhean na h-eaglais a's an duthaich agus an àite, agus chuireadh suas tighean mhànach 'n an ionadan.

Bha moran do dheas-ghnathachadh 's an linn so a bhiodh tuille 's mìn ri'n cur sìos. Bha iad air son fuigheal naomh a thoirt steach do'n Eaglais agus na laithean feill bha nis ga'n gleidheadh bhi na bu bhitheanta. Bha iomhaighean nan naomh air an giùlan an làthair a' phobuill, agus na b'urrainn innleachd duine fhiosrachadh chum urram thoirt doibh. Chaidh feill nan uile naomh orduchadh le Griogar IV., an 835., agus bha iad 's an linn so giùlan na croise air thoiseach air a' phàpa.

Bha modhannan agus doighean nan cinneach 'g an gnàthachadh an gnothuichean saoghalta, co maith ri nithe bhuneadh d'an saobh-chreideamh. Ann an cuise nach b'urrainn a chomhdachadh le fianuis a chunnaic gnìomh, no deanadas, bha iad air an robh amharus 'g a leagadh gu chomhdachadh gu robh iad saor o'n choire bha air a cuir as an leth le feuchainnean tre uisge, le còmhrag, tre theine, no chrois.

B'e'n doigh bha iad feuchainn an uisge,—bha iad ceangal làmh dheas agus cas chli a choirich ri cheile, 's bha e mar sin air a thilgeadh ruisgte an uisge, 's nan rachadh e fodh bha e saor; ach nam fanadh e'n uachdar bha sin mar chòmhdach 'n a aghaidh. Tha luchd-sgeoil cur an ceill gu b'e 'm pàpa Eugenius II. a chuir an deuchainn so 'n toiseach orrasan bha fodh amharus air son coire no eionta. Ma bha àrd uachdaran na h-Eaglaise co faoin agus a leithid sin do nithe dheanamh an àite teagasg math agus feumail thoirt seachad, cia mar bha iadsan nach d'fhuair fòghlum mòr no àite urramach, agus cia idir mar a bha'n sluagh aineolach a bha creidsinn 's a' geilleachduin da leithid, a bha faoin agus dòruinneach, gu bhi air an stiùradh?

Thòisich iad ri chòmhdachadh le comhrag mòran ni bu traithe. B'e rìgh Gondeband a thug fainear, 's a' chuigeamh linn, 'nuair bha mionnan 'g 'am briseadh ro bhitheanta, gun umhail do'n mhodh shòluimte, 's an ceangal eagalach, an dearbhadh tre comhrag a chur ris na mionnan. 'S e e-san a bheireadh buaidh bh' air a mhcas ceart. Ged nach b'urrainn ni bhi ni bu choiriche, ghabh mòran an iomad rioghachd agus duthaich mar an dearbhadh bu shoilleire. Ach chaidh a thòirmcasg ann an comhairle, 's a' bhliadhna 853.

Bha iomad doigh air an teine gus a' choire dhearbhadh, bha uile faoin agus neo-choltach air foghnadh math. Bha'n aon air an robh amharus ri iarunn dcarg a thogail 'n a làmh, no coiscachd cas-ruisgte air coltairean bh'air an deanamh teth, 's bha iad sin ri bhi beagan no mòran an àireamh réir nan droch-bheirtean a chuireadh as leth an neach bha iad a' dìte; ma bha e fulang gun ghòimh, no beud, bha e saor; ach iadsan bh'air an losgadh bha iad g'an dìte.

Cha robh deuchainn na croise co cronail,—ged, math dh'fhaodite, co neo-chinnteach. Bha iad sìneadh mach an làmh-an, 's an aon a b'fhaide ghleidheadh iad mar sin 's iad bh'air am meas saor.

An deicheamh linn. Thruailleadh an creideamh ni bu mho 's an linn so. Bha luchd-aoraidh 's an airde 'n ear agus an iar an deigh co mòr air iomhaighean agus fulgheal naomh 's gu robh iad am beachd gu robh an creideamh ceart a' co-sheasamh annta sin amhain. Bha iad a' sealltuinn le eud ro mhòr air-son ni sam bith bh'aig Naoimh a chaochail, agus bheir-eadh iad luach sam bith orra sin leis an robh na sagairtean a' fàs saoi bhir. Bha Crìosduidhean ris gach deas-ghnàthachadh bha iad toirt fainear, mu'n dùraigeadh iad gairm air an Tì naomh, an duil gu deanadh na mairbh eadar-mheadhonaireachd air an son. Bha iad do gach inbhe agus àite mar sin, agus bha luchd-teagaisg cur an ceill miòrbhuilean a rinn-eadh le fir agus mnai a shiubhail o cheann fhada, 's a chuireadh ri àireamh nan naomh. Bha'n t-eagal a nis roimh phurgadoir co mòr 's gu robh iad a' meas a pheanais bha ri fhulang an sin ni bu mhò na dorainn mhaireannach. Bha aobhar eigin air sin. Bha uile ri dol tre phurgadoir, ach bha urnuigh na cléir agus eadar-mheadhonaireachd nan naomh 'g an tearnadh o'n aite bu mhiosa:—agus iadsan a b'urrainn dioladh air-son sinbha iad 'g a dheanamh, oir co nach deanadh an dichìoll gu bhi saor o uamhunn a' pheanais shìorruidh.

Bhuail eagal mor 's an linn so air Eaglais na Roimhe mu là bhreitheanais. Bha uile creidsinn gu robh e'm fagus. Thug mòran thairis an gnothuichean saoghalta. Cha robh cùram mu nithe aimsireil, no dleasnais d'an teaghlaichean, tabh-airt orra aire ghabhail do ni sam bith bha feumail chum na bheatha tha làthair. Dh'fhàg iad an fearann, an ionmhas, agus an stòras, do na h-eaglaisean 's do na tighean mànach, agus dh'fhalbh iad an cabhaig do Phalestine, far an robh fiuthair gu tigeadh Crìosd nuas o neamh thoirt breth air an t-saoghal. Bha iomada gabhail mionnan cudthromach, soluimite, gu biodh iad umhal gu seirbhis na h-Eaglaise, tighean mhànach agus do na sagairtean,—deanamh gach obair bu trailleile dhoibh

gu toileach, ullamh, an duil gu bitheadh Dia grasmhòr doibh réir 's mar bha iadsan deas, freagarrach, agus umhal do'n chléir anns gach cùis agus gnìomh. Ma bha smal tighinn air a' ghrein no ghealaich, ni thachaireas air amaibh ann an cùrsaibh nan soillse mòr os ar ceann, bha luchd-aiteachaidh nam bailtean mòra, teicheadh asda, 's 'g am falach féin, anns gach aite uaigneach, am frogaibh 's an uamhaibh. Bha iadsan aig an robh pailteas 's a' bharrail fhaoin gu gabhadh Dia ri luigheachd a sheirbhiseach air-son an ciontan. Bha teampuill, eaglaisean, agus togailéan oirdhearc a' tuiteam gu làr, no dol fàs, mar nach biodh tuille feum orra. Bha'n sluagh a' creidsinn mar gu bitheadh na h-uile fìor agus mu chomhair an sul. Bha cuid do dhaoine tuigseach 'g a chur gu neo-bhrìgh 's a' deanamh na dh'fheodadh iad gus na bar-ailean foilleil a chur ceart.

Bha mòran 'g a chur ri àireamh nan naomh, a bha air am meas ro fheumail, mar luchd-frithealaidh nithe neamhaidh agus spioradail, agus bha iomada air an ainmeachadh an combhairle nam bithean neamhaidh air nach cualas riamh iomradh. Tha e furasd fhiosrachadh mar bha'n sluagh air an dalla, 's mar bha bithean neo-fhaicsinneach a' fàs co lionmhor. Bha mi-bheusan a' meudachadh anns gach inbhe, a measg gach dream, air mhodh 's nach robh e idir duilich feadhainn fhaotainn, na'n tugadh iad duais do'n eaglais no dhoibh-san bha frithealadh innte, a choisrìgeadh na naoimh;— agus bha iadsan bha bàsachadh tighinn air an aghart chum an urraim cheudna a mhealtuinn.

Ghabh am pàpa air féin, 's a' bhliadhna 993, an t-ughdarras sin cur ri àireamh nan naomh; agus bha sin 'g a dheanamh air a' mhodh bu shònraichte, sholuimte. Bha'm pàpa 'n a shuidhe, agus an àrd chléir 'n an seasamh mu'n cuairt da. Chaidh an sin beatha agus gnìomhan an neach bha ri chur ri àireamh nan naomh a leughadh,—gu h-àraid a mhìorbhuillean mu shlànachadh nan tinn, agus a chumhachd a thilgeadh mach dhroch spiorad, agus na truaighean a bha air an claidh leo; agus bha 'n luchd-eisdeachd a' creidsinn na bha iad a' cluinntinn.

Bha àrd easbuigean agus ard chléir an comhairle cur ri àir-eamh nan naomh air amaibh, gun am pápa fhaoineachd, gus an tug Alastair III. an comas uap' uile. Chuireadh ris na deas-ghnàthan mar an ceudna, mar bha gach naomh gabhail doigh ùr dha féin, réir 's mar bha eadar-dhealachadh 'n an dreuchdan agus 'n an cleachdan. Bha mòran do na doighean agus deas-ghnathan air an toirt o mhearachdan nan cinneach; agus an àite an toirmeasg 's na mearachdan e leigeadh ris, 's an bha chléir cur leo, 's a' deanamh an fheum bu mhò d'an saobh-chreideamh.

Bha'n doigh bha ascaoin Eaglaise 'g a chur sìos nis ni b'ùire 's ni bu shòluimte. Mar bha cur as nan coinnlean, ni bha ro chudthromach, 'g an tilgeadh air an làr le guidheadh gu biodh an neach bha fodh 'n mhallachadh air a chur as le fearg an Uile-chumhachdaich. Bha clag, no ceolan, a' gairm orrasan a bha ri bhi 'n am fianuisean, agus bha aon do'n chléir 'n a sheasamh an àite meadhonach a' leughadh nam mallachadh á leabhar, uaith so bha mallachadh le clàg, leabhar agus solus còinnle.*

Chuir Odilo athair Chluigni là feill mòr ri àireamh na bh'aca an Eaglais na Roimhe, mar chuimhne air uile naoimh a chaochail. Bha sin 's a' bhliadhna 998. Roimh sin bha e 'n a chleachda bhi cur urnuigh suas air-son anma bha'm purgadoir air laithean sònraichte;—bha gach comunn cur nan urnuighean sin suas air-son an cairdean, 's an luchd-comuinn féin. Bha eud cràbhach Odilo dol ni b'fhaide;—bha e air-son math nan uile bha fulang deuchainean phurgadoir. B'e aonaranach á Sicili chur am fiach air gu d'fhuair e-san taisbeana o nèamh, gu robh foghnadh mòr an urnuigh nan mànach a bha do chomunn Chluigni chum na spioradaibh sin bha 'n lasraichibh piantach a shaoradh. B'iad, uime sin, co-thional Chluigni amhain bha coimhead na féill so, ach chliùth aich am pápa an riaghailt agus thòisich na h-uile an Eaglais na Roimhe ri ghleidheadh.

Bha tuille ghnathaibh 'g a chur ri aoradh an oighe Muire 's an linn so, a bha uile soluimte agus saobh-chreidmheach.

* Priestly Hist.

Bha iad ri aifrionn agus caraisde air a son a nis gach latha sàbaid. Bha'n urnuigh co bitheanta, no minic,—agus gu robh am paidearan aca gus an cunntadh, agus coran an oighe. Bha'm paidearan cumail air chuimhne cuig uairean deug a chanadh iad urnuigh an Tighearna; agus ceud gu leth failte bha iad cur air an oighe bheannaichte. Bha'n coran air son sè, no seachd uairean theireadh iad urnuigh an Tighearna, agus mu thri fichead failte, *Ave Marias*. Bha iad a' comhdachadh na h-altair aice le tri seorsa falluing.

Cha'n 'eil do'n deas-ghnathaibh uile baothaireachd is mò na coisrige agus baisteadh an ceolain. B'e Iain XXIII., 's a' bhliadhna 968, a chrath an toiseach uisge coisrigte air clag mòr Laterain na Roimh, a bheannaich e, agus a chan e naomh.* Tha e air a ràdh gu bheil so 'g a ghnathachadh fathast 's an Eaglais Rhomhanach, 's gu bheil iad cur geilt air droch spioraid tha sàrachadh 's a' claidh pheacach, bha goisde agus bana-ghoisde aca 'n àm am baistidh gu freagairt air-son nan clàg.

Thòisich consachadh mu phosadh bitheanta a measg nan Greugach. Bha tri mnaithean aig an iompaire Leo gun sliochd, phòs e'n ceathramh bean. Bha'n eaglais a' meas sin neo-ghlan, agus chuir Nicolas, athair na h-eaglaise, sàradh 'n a riaghladh. Ghabh Leo fearg agus chuir e e-san as a dhreuchd, agus chuir e fear eile 'n a aite. Bha cuid do'n chléir leis an iompaire agus cuid a' gabhail pairt Nicolais. Bha, mar sin, deaspud agus mi-chordugh 'n am measg, gus mu dheireadh chrunnuich comhairle an Constantinople, 's a' bhliadhna 920, anns an do thoirmeasg a' chléir posadh an ceathramh uair, agus cha robh an treas pòsadh ceaduichte gun aobhar sòn-raichte.

An aon linn deug. Bha mòran foill 'g a ghnathachadh nis leosan bha innleachdach agus seolta chur am fiach nithe bhiodh chum am buannachd. Bha miorbhuilean ùr 'g an oibhreachadh, agus fàidhean breugach a' togail an cinn. Bha aon àraid 's an Fhraing, duine faoin, bochd, aineolach ris an canadh iad Limtard, bha cur iompaidh air mòran. Chaidil

* Sueur, B. S. 968.

† Priestly's Corruptions.

e ann an achadh, agus shaoil e gu deachaidh sgaoth sheilean a steach 'n a chorp, bha 'g a lot, 's 'g a chlaoidh, gu geur, gus an do labhair iad ris, agus an tug iad àithne dha dol a shear-monachadh. B'e deireadh a' bhaothair thruaigh so, gu do thilg se e féin ann an tobar, no linne bhuirn, 's an do bhathadh e.*

Bha fuigheal naomh 'g an sireadh, 's 'g am faotainn 's an linn so. B'e aon duibh sin ceann Eoin Bhaiste, 's mar bha sin 's gach àite do'n Chriosduidheachd roimh, bha Iortin ag radh, gu feumadh e ceud ceann bhi air.

Cha robh Eaglais na Roimh' uile d'an aon inntinn mu'n teagasgan; mar nach do ghabh an Eaglais Shasunnaich ri brìgh-atharrachadh an àm Ethelred II.†

Bha ascaoin Eaglaise co bitheanta 's nach robh urrad seadh dheth. Bha na h-uile ri fuireach uatha gus an ceathramh ginealach;—ach bha iad cur sin agus iomad peanas eile gu neo-bhrìgh, agus bha iomadh doigh aca air an seachnadh. thòisich 's an linn so daoine ri iad féin a sgiursadh air-son am peacaidh. Bha iad deanamh sin le'n saor thoil. Agus bha mànaich gabhail airgid uathasan nach robh uile thoileach air iad féin a chlaoidh, agus a' fulang 'n an àite; ach mar bha sin an uigneas agus 'n an aonar, cha ghabh e ràdh co dhiubh bha iad coilionadh na bha iad a' gealltuinn; ach tha e nis do-thuigsinn cìod e 'm fòghnadh bha ann.

Cha robh an doigh aoraidh anns gach rioghachd agus duthaich coltach ris an doigh bha 's an Roimh. B'iad na Spainntieich bu mhò bha'n aghaidh an doigh ùr bha iomad pàpa toirt do'n Eaglais, agus a' sparradh air uile eaglaisean. Chuir Griogair VII. iompuidh air cuid, ach cha b'ann gun mhòran comh-stri an 1080,—gu deimhinn, a mheasar faoin. Thug maithean Chastile oidheirpair so chur an dara taobh le comh-rag dithis, aon a gleachdadh air-son nan Romhanach agus aon air-son nan Gothuch. Fhuair an Gothuch buaidh. Sin dh'fheuch iad an teine. Thilg iad an riaghailt urnuigh anns an lasair 's chaidh radh gu do loisgeadh a' h-aon am feadh a

* Jortin's Remarks.

† Faic Eachdraidh Rapin.

mhair an aon eile gun dolaidh. Fhuair an Gothuch buaidh a rìs; ach am foghnadh sin? Bha'm pàpa cur roimh gu gabhadh gach eaglais a doighean féin, agus thoirmeasg e teagasg folaiseach, ach an Greugais agus an Laduinn.

Bha'n Eaglais Ghreugach agus an Eaglais Romhanach ri mòran comh-strì thaobh an doighean aoraidh, frithealaidh na sacramaid agus trasgaidh,—bha iad eudmhor, 's air an lìonadh le feirg mu nithe tha sinn a nis a' meas faoin. Bha'm pàpa agus athair na h-Eaglaise an aghaidh a cheile, agus bha iom-pairean agus daoine cumhachdach gabhail le aon seach aon réir an àite agus am buannachd uatha.

Thòisich iad anns gach duthaich 's an Eorpa air na h-Eaglaisean a charadh agus a thogail 's an linn so; 's bha sin ro fheumail ri dheanamh, mar a bha iad air an leigeil sìos 's an linn mu dheircadh, o'n bha dùil ri là bhreitheanais. 'Nuair thainig daoine gu atharrachadh beachd agus smaointe, chaidh an geilt air chul. Ged bha 'n tighean-aoraidh, car ùine, gun aire dhoibh, cha robh sin na chall mòr fa-dheoidh. Thog iad suas iad ni b'fhearr, bha iad air an sgeadachadh ni b'fhinealta, agus moran tuille 'g a dheanamh umpa air mhodh oirdhearca.

Cha robh na mànaich idir air an dì-chuimhneachadh; bha'n òrduighean 's an steidhibh suidhichte ni bu mhò. Dh'éirich ordugh Chluigni gu cliu agus alladh ro mhòr; agus sgaoileadh a cillean, no a tighean mhànaich fad agus farsuinn, 's bha mòran airgid agus beartais aca. Ach mar bu shòghaile bha'n comunn so fàs, bha iad a' lasachadh am modhannan 's a' toirt tuille aire do ghnòthuichean saoghalta. Dhealaich daoine eigin o'n chomunn air an aobhar sin, agus cheangail siad iad fein ri comunn eile bha iad a' meas ni bu gheamnuidh. Bha an comunn a shuidhichidh, 's a' bhliadhna 1084, le baothaire d'am b'ainm Bruno, a ghabh comhnuidh an aite fàsail, uaigneach,—bha sac-eudach leth ri'n craicionn,—air di-aoine bha iad trasgadh no cha robh iad blasadh ach aran agus uisge. Bha iad tosdach 'n an cill. Bha ordugh no dhà eile 's an linn so mu nach ruig sinn leas a bheag a radh 's an àm.

An dara linn deug. Bha teagasgan na h-Eaglaise suidh-

ichte 's an linn so gun chaochladh, mach o na bha cuid cur 'n am beachd féin mu reusan an ceill. Bha iad sin a' smaointeachadh nach robh foghnadh 's am bith air-son anma nan saoi ;—cuid cur dealachadh eadar e agus creideamh agus deadh mhodhanna, agus 'g a aicheadh gu tur. Bha'n creideamh féin air a chomhdachadh gu leir leis gach nòs agus deas-ghnathachadh gus an robh mòran dorchadais air an t-solus dhealrach. Bha daoine deas gu eisdeachd a thoirt do'n bhaothaireachd bu mhò, chreideadh iad gach easbuig, no ni faoin bha còrr aon cur an ceill mar fhoillseachadh o neamh. Bha fàidhean agus ban-fhaidhean ag éiridh an iomad cearna, a bha measgadh na bha dhorchadas ann an saoghal aineolach do pobull creid-sinn, gach ni bha iad cur am feach ; no bruarad, mar ghuth o neamh.

Bha easbuigean toirt breth aithreach, agus mar bha iad amhain comasach, air breth thoirt air coirich, agus bunt-uinn riu réir 's mar bha iad faicinn iomchuidh,—bha iad cumail dhaoine dall, agus a' deanamh réir 's mar bha feum na h-Eaglaise. An àite daoine dhioladh air-son am peacaidhean, bha iad gabhail airgid am pàirt, agus ri àm 's an gainne, bha iad malairt 's na gnothuichean spioradail, gabhail luach pheacan mòra, no beaga, mar bha'n ard chléir 'g am meas ; fa dheireadh bha sin ga thairgse gu folaiseach, agus bha trusadh ionmhais nach bu bheag uaith. Na mànaich nach feudadh maitheanas a thabhairt seachad air an doigh cheudna, bha iad falbh le fuigheal naomh, 'g an nochdadh do'n phobull, 's a' leigeadh leo an làimhseachadh air-son airgid, 's mar sin bha iad trusadh na b'urrainn iad air gach doigh bha 'n an comas, agus bha iad innleachdach gu leor. 'Nuair chunnaic am pàpa na bha chléir caradh suas le maitheanas, no breth aithreach, shanntaich e an cumhachd dha féin, agus, air amaibh, thug e fios gu tugadh e làn mhaitheanas seachad anns gach peanas bha'n eaglais a' deanamh orrasan a bha peacachadh. Bha sin an toiseach a thaobh na bha peacach no fhulang 's an t-saoghal so. Ach cha'n fhoghnadh ri bha lagh rioghachd agus caglais' a' ceadachadh, b'aill leis an àrd uachdran an cumhachd a th'aig Dia amhain a bhi aige féin. Bha e cur am fiach gu

tugadh e maitheanas do na peacaich do bhrìgh gu robh aca ri fulang ann an saoghal sìorruidh.*

Bha'm pàpa cur an ceill, an toiseach, an cumhachd mòr so chum maithibh na h-Eorpa bhrosnachadh gu dol gu cogadh na croise agus bha maitheanas peacaidh air a thairgse do'n ard agus do'n treun amhain:—ach mar bha iad faicinn a' bhuanachd mhòr a bh'ann do'n eaglais, thòisich iad ris a' chumhachd a leudachadh agus maitheanas peacaidh thoirt do na h-uile b'urrainn dioladh air son a' leithid; agus a bha toileach dealachadh ri'n cuid 's a' bheatha so air-son math an anma 's an ath-bheatha.

Bha leabhar aig an Eaglais, no aig a' chléir, 's an robh am peanas féin air a chur sìos air-son gach peacaidh.† Ach o na thoisich na h-easbuigean, agus gu h-àraid, am pàpa, ri maitheanas a thoirt seachad gu folaiseach, cha robh urrad umhail 'g a thoirt do'n dioghaltas; seadh, ma bha'n an comas dioladh thoirt seachad. Gus an suim bu mhò ghabhail do'n chleachda ùr, chuireadh an ceill, “gu robh ionmhas mòr do dheadh oibre aig a' phàpa a dh'fhàg naoimh agus daoine math, a thuille air na bha feumail gu'n sàbhaladh féin, agus gu robh e 'n a chomas-san a bhuileachadh air peacaich réir 's mar bha e faicinn iomchuidh, 's mar bha'm feum air slainte” (*supererogation.*)

Bha gach doigh aoraidh, nòs agus gnàth, fàs ni bu lionmhoire am easg nan greugach. Sin an doigh bh'aig gach pàpa air ainm a chumail air chuimhne le atharrachadh, no doigh theagaisg ùr, no annamh, agus cha robh aon eile aca; 'nuair bha'n creideamh fìor air a thruaillleadh, ach faoineas agus baothaireachd am modh, ni bu mhò no deadh ghiulan, subhailcean, agus eolas. Bha iomad ni 'g a fheuchainn leosan bha'n geall air an ainm bhi cliutach nach fhiach aithris 's nach tugamaid idir fainear,—ach air-son an deigh th'aig daoine, anns gach linn agus aimsir, gu bhi iomraiteach, eadhon trid giulan, no giulan a b'fhèarr a chleith.

Bha'n urram do'n oighe Muire ghnà dol am meud, 's chuir-eadh ris sin, 's an linn so, ni ùr bha iad cur am fiach mu'n

* Marinus Mabillan, &c.

† Penitential.

ghin neo-thruaillidh. Bha aon chomunn cur aon ni an ceill agus comunn eile ni eile, Thòisich an sin comh-stri as connsachadh a mhair trì cheud bliadhna. Bha'm pàpa fein gabhail a h-aon 's a' cur an aghaidh na taoibh eile, reir agus mar bha 'n cairdeas no an naimhdeas ri rìgh, no iompaire bha toirt dìon, no didinn. Bha daoine foghlumte ol-thighean dol 's ann eadar-guinn, no ri deasboireachd,—agus bhunaich iad uile cur nithe tre cheile, mu nach robh iad mìn-fhiosrach, agus nach do reitich iad fathasd.

An treas linn deug. 'S ann a b'ìoghnadh mar bha na h-uile dol le cheile a sgaoileadh dorchadais spioradail thar saoghal aineolach. Ged bha atharrachadh bharailean, comh-stri, agus deasboireachd mu iomad cùis, bha clachda, deas-ghnathaibh lionmhor agus oidheirpean faoin 'g oibreachadh coladh gus an creideamh fìor a thruaillleadh agus doille sgapadh thar solus reusoin agus an t-soisgeil.

Ann an coimhairle mhoir aghairm Innocent (no Ionnraic) III., 's a bhliadhna 1213, 's an robh aireamh mhòr do'n chléir agus teachdairean as gach luchairt 's an Eorpa, chuir am pàpa mu'n comhair deich agus trì fichead riaghailt, a dh'ullaich e roimhe sin, agus gu 'm barail fhaoineachd, dh'aithn e dhoibh an làmh chur riu. Feuch an inbhe 's an cumhachd àrd anns an robh e! 'S a' cheud riaghailt no reachd bha *brìgh-atharrachadh* a chuir am pàpa 'n ceill,—'s e so, a' mìneachadh an doigh fhìor agus cheart air suipeir an Tighearna ghabhail, 's tha sin 'g a chumail an Eaglais na Roimhe gus an là'n diugh. Dh'aithne cuideachd le ughdarras féin, aosaid, no eisdeachd ri sagairt, a bha n athraichean ag aideachadh an diomhair. 'S an linn so thòisich an dà ordugh mhànach is iomraitiche agus is ainmeile. Dh'ainmich e iad sin o na daoine shuidhich an steidh chomuinn Dominicus, agus Francis.

Bha cheud aon diubh deanamh geur-leanmhuinn air na h-Albigenses, a bha e meas 'n an saobh-chreidmhidh. Shuidhich e comunn eigin fodh ughdarras a' phàpa, a dh'ainmichear air Honorius III., air-son cur as gu buileach dhoibh-san bha dealachadh ris an Eaglais shuidhichte, agus b'iad an steidh bh'aig a' chuir dhiabhluidh. Chuir e iad fodh bhòid nach

do ghleidh iad a bhleag do mhaon;—seadh iad bhi daonan bochd. Beagan bhliadhnachan 'n an deigh, shuidhichheadh an comunn eile bha tighinn mu làimh leis na bha daoine buileachaidh orra. Bha iad falbh cas-ruisgte agus ann an comhdach suarach. Thòisich deasboireachd mhor eadar an dà sheorsa, 's a' bhliadhna 1243, mu'n inbhe fa leth. Bha cheud fheadhainn ag iarraidh urrainn toiseach, o'm falluinn agus o'n dreuchd, mar bha iad a' searmonachadh 's cur an ceill gu robh iad leantuinn eiseimpleir nan abstol. Bha'n dream eile feuchainn an irioslachd, agus na bha iad a dioladh air-son a' chuirp pheacaich, agus gu robh iad airidh air a chliu bu mhò chionn na bha iad deanamh; uime sin, gu b'iadsan, gun teagamh, bu chliutaiche, agus gur còir do chach dol maille riu. Bha iad samhail an aon ni bha calg-dhireach an aghaidh an steidh air an robh an comunn air a shuidheachadh. Bha iad fàs saobhir le cheile;—cha robh coltas ainneis 'n an measg. Bha'n tighean sgiamhach, 's am beatha sòghail. Bha iad araon am meas ro mhòr. Bha uile dhaoine smaointeachadh gu biodh iad sàbhailte nam bithidh aon diubh mu chrìoch am beatha. Bha iad deònach air sealltuinn air uile nithe aim-sireil co math agus spioradail, diomhair agus folaiseach.

Bha iad fàs co beartach 's gu do thairg iad, 's a' bhliadhna 1299, mòran òir agus airgid do'n phàpa air-son comais fearainn a cheannach mar bha comuinn eile deanamh. “Am bheil sibh deas gu sin a thabhairt seachad?” ars am pàpa. Fhreag-air na Franciscans 's dh'iarr e orra falbh agus tighinn an ceann thri laithean 's gu faighidh iad freagrachd. Chuir e-san aon dh'ionnsuidh nan daoine bha gleidheadh an stòrais, no bha toirt reidhe a dh' àithn e dhoibh a ghleidheadh air son feum Eaglaise na Roimhe, air neo gu cuireadh e iad fodh ascaoin Eaglaise, agus dh'fhuasgail e iad o'n ceangal do na mànaich. 'Nuair a phill na Franciscans air an treas là air-son comais fhaotainn fearann a cheannach: thuirte am pàpa riu nach robh e iomchuidh dhoibh ni bhuineadh do'n Naomh Fraing a mhalairt, agus uime sin, gu fanadh iad 'n an ceud ghealladh agus bhochduin.* Bha iomad comunn, no ardugh eile, 's an

* West.

linn so nach robh co iomraiteach, no urramach. Bha iad sin ullamh gu umhlachd agus gnìomh do'n phàpa. Bha iad leant-uinn ceuma chaich 'n an doigh stòrais, agus gu bitheanta dusgadh aimhreit' agus connspoid ameasg nan sagairtean.

Fhuair iad, 's a' bhliadhna 1250, inneil chiuil d'an Eaglaisean, agus bha iad ris gach ni mheudachadh ioghnadh dhaoine mu'n aoradh o'n leth muigh chum drughadh orra, agus an aire thogail suas. Bha sin air a dheanamh leis a' phàpa gu h-araid, agus le cuid do'n chléir cuideachd, bha tabhairt fainear am foghnadh bha nithe bha'm beachd sul; agus bha daoine do'n neo-chleir faicinn feum air na h-uile ni b'urrainn iad chur air chois, am feadh bha co beag fòghluim 'g a phàirt-eachadh leosan aig an robh an dreuchd,—'n trà bha mòran diubh nach leughadh, no sgrìobhadh, 's na linnibh aineolach sin.

Bha air amaibh araid agus laithean sònraichte seallan eigin 'g an taisbeanadh chum nithe spiroadail chur an ceill air mhodh a thuigeadh am pobull; agus a dhrùdhadh air an cridheachan; ach bha nithe solùmte agus faoin air an comheasgadh, agus an àite smaointe cràbhach, agus aigne stù-ama a' dhusgadh 's a' cho-thional; 's ann a bha gnìomha bu chòir a bhi ionnraic gu mòr air an truailleadh, agus giùlan faicilleach, ceart, air a thoirt gu dìmeas.

Ach an 1264, shuidhicheadh là feill àraid air son na sacra-maid naomh aon uair 's a' bhliadhna. Chuir bean a bhuin-eadh do Leige am fiach gu d'fhuair i taisbeanadh o neamh, 'g innseadh dh'i gu robh là feill na sacramaid naoimh daonan an comhairlean na Trionaid Naoimh, 's gu robh e nis air fhoillseachadh do dhaoine. Bha bhean bhaoth cur an ceill, gach uair a bha i gairm air Dia, no ri urnuigh ri naomh gu robh i faicinn na gealaich slàn, mach o rud beag bha dhith oirre; bha sin cur moran ioghnadh oirre, bha i smaointeachadh air gu tric, agus le geur-bheachd, gus fa dheireadh an d'fhoillsich an Spiorad d'a h-inntinn gu robh a' ghealach a' ciallachadh na h-Eaglais, agus gu b'e an là feill so ni bha da dith. Chuir-eadh i an aireamh nan naomh air son a baothaireachd fhaoin. Fhuair i 'n t-ainm, an t-urramach Iuliana. 'N a reachd, tha

Urban IV. a' gradh gu buin an là eigin so do'n t-sacramaid, oir bha là feill air leith aig gach naomh; gu bheil an là so air son eu-creidheamh agus mi-riaghailt dhaoine bha fagail na h-Eaglais fhior a chur gu neo-brìgh, agus a chur ceart mearachdan dhaoine 's na h-Aifrionn eile. 'S anns an linn so thoisich iad ri aoradh thoirt do'n ghearag choisrigte, (host) bha iad togail suas, màr shamhladh air Crìosda air a thogail suas air a chrann-cheusaidh, ni bha feumail mu'n gabhadh iad an comanachadh.

Thoisich iad ri giulan na gearaig choisrigte an Sasunn mu dheireadh an dara linn deug. 'Nuair bha'n sagairt dol a dh'amharc duine tinn, bha falluinn a dhreuchd air agus solus 'g a ghiulan air thoiseach air. Bha iad uile sòluimte. Bha'n sagairt a' cleachda an t-aran a thumadh anns an fhion 'n àm frithealadh na sacramaid do'n tinn, ach chum nach cailleadh iad a ni bu lughadh do'n chorp agus fhuil, réir a' chreideamh phàpanach, rinneadh breacagan tana 's an treas linn deug; agus bha iad faiciun iomchuidh gun ach an t-aran thoirt do'n phobull, mar bha iad creidsinn gu b' e 'n t-aran coisrigte corp Chrìosd, agus gu robh an fhuil anns a' chorp. Cha do ghabh iad uile 's an àm ris an doigh so.

Dh'aithn Boniface VIII. àrd fheill an deireadh an linn so — a bha iad a' gleidheadh 's an Roimh, air mhodh bu shònraichte, leis gach spleadhachas agus cosgus. An 1299, bha e air a ràdh 's a' bhaile mhòr, gu faigheadh na h-uile a rachadh do Eaglais an Naoimh Pheadair 's an ath-bhliadhna, maitheanas 'n an uile pheacan, agus gu biodh na sochairean ceudna air a thabhairt dhoibh-san a rachadh an sin air ceann na ceud bliadhna. Thaitinn so ris a phàpa, agus thoisich e ri fiosrachadh mu'n bharail bha sgaoileadh measg luchd-aiteachaidh a' bhaile, 's ris an robh iad deanamh gairdeachas. Fhuair e comhdachadh soilleir, ma b'fhior, gu robh uile ceart; agus sgrìobh e chum nan uile Chrìosduidhean, leis an robh e cur sios lagh soluimte 's an Eaglais, gu faigheadh na h-uile rachadh do dh' Eaglaisan nan Naomh, Peadar agus Paul, uair 's a'

* La Roche.

bhliadhna, 's a dh'aidicheadh am peacan, maitheanas aunta gu leir;—seadh, na'n taisbeanadh iad aithreachas 'n an aosaid. Iadsan a thainig 'n a dheigh, mar bha iad faicinn a' bhuan-nachd a bha tighinn o 'n ard-fhéill so, ris an robh iad cur gach urraim agus deas-ghná b'urrainn iad a smaointeachadh, an àite ceud bliadhna, dh'orduich iad a gleidheadh aig ceann gach cuig bliadhna thar fhichead.

An ceathramh linn deug. Bha iomad deasbuid fhaoin eadar am pápa agus comunn nan Franciscans nach fhiach aithris; ged bha iad 's an àm 'n an aobhar air dragh agus aimhreit. Ach bha bharrail bh'aig a' phápa Iain mu staid nam marbh 'n a ghnóthuch ni bu chudthromaiche. Bha e-san cur an ceill nach robh na fireana pairteachadh do'n t-sealladh no'n aisling bheannuichte an deigh am bàis gu là bhreitheanais. Bha daoine fòghluimte ol-thighe baile mòr na Frainge cur an aghaidh a' bharrail so, 's a' cur an ceill gu robh anma nan naomh dol air ball am fianuis Dhé. Chaochail am pápa 's an àm agus bha cléir na Frainge air am meas ceart.

Shuidhich Innocent V. (Ionnraic) laithean féill air-son an t-sleagh a shàthadh an taobhar Slanuighir, 's nan tairnean a spar e ris a' chrann. Bha'n coran aon uair an Caibal Chonstantinople, —ann àm cogaidh agus creich thugadh á sin e, agus fhuair rìgh na Frainge e. Chaidh a lùchairt 'n a chodhail, ghiùlain an rìgh féin e, 's e cas-ruisgte 'n a leine, agus thugadh deich mìle marg do iompaire na h-airde 'n ear. An deigh an luach mòr sin thrusadh ri cheile gach ni bha mu 'n Fhear-shoaraidh, no b' urrainn iad a smaointeachadh a bh'aige; agus iomad ni eile bhuineadh do Naoimh, agus thugadh gu leoir air an son sin cuideachd, agus chuireadh suas gu curamach iad an ionad coisrigte. Bha là feill mar an ceudna air-son nan tairnean bha'n làmhan agus casan an Tighearna, failean, bha Franciscans cur an ceill a rinneadh air corp an ceannaird fein air dhoigh mhiorbhuileach le cumhachd naomh.

'S a' bhliadhna 1306, ghlac am pápa, Clement V., dha féin teachd a stigh a' chléir a chaochail an Sasunn feadh 's a bha'n t-àite falamh; no rè dà bhliadhna an deigh an bàis; agus

uaithe-san thoisich beathachadh bliadhna, no ceud thoradh bha fathasd 'g a thogail.*

Bha mòran dhroch-bheirtean agus eu-creideamh 'g a chuir as leth ridirean an Teampuill, a bha, gun teagamh, coireach an iomad barail agus cleachdadh, ged nach 'eil sinn ris gach ni bha'n naimhdean cur an ceill a chreidsinn. Thoisich Philip Bàn orra, 's a' bhliadhna 1307, agus an ceithir bliadhna 'n a dheigh chaidh as doibh.

Feuch mar bha'n teagasg 's an linn o eachdraidh nan deich pisean fichead a ghabh an Traoitear Iudas air-son a Mhaighstir a bhrath. Ann an leabhar shearmonain a chur a chléir aig Bhienna mach, chum gach fuigheal thogail am prìs, chuireadh sios gu b'e Terah, athair Abrahaim, a chùinn iad, gu tug e d'a mhac iad, a thug iad air-son an achaidh cheannaich e o Ephron,—gu d'fhuair na ceannaichean a bha dol sios do'n Eiphid iad am malairt an àite eigin,—'s gu tug iad sin do bhrathairean Ioseiph iad air a shon. Gu b'iad a thug a' bhrathairean dasan air a' choirce a fhuair iad;—gu do chuireadh iad an ionmhas rìgh na h-Eiphid;—gu tug an rìgh sin iad do Mhaois 'n tra chuir e air ceann fheachd e' n aghaidh nan Ethiopianach;—gu tug Maois iad 'n a thochra do bhan-rìgh Sheba;—gu tug aon d'a gineil-sa iad dh'ionnsuidh Sholaimh, agus chuir e-san iad gu curamach 'n a ionmhas, far an robh iad gus an do chreach Nebuchadnesar na h-Iudhaich, 's a ghiùlain e air falbh na fhuair e an Ierusalem;—gu tug e iad do rìgh Arabach, o'n ghineadh na drùidhean a thainig o'n airde 'n ear, 's a thug aoradh do Chrìosd, na naoidhachan, 's a thug na pisean do Mhuire. Gu do thairgeadh iad 'n a thabhartas aig àm a ghlanaidh; 's gu deachaidh an toirt a ris 'n a dhuais bhrathaidh do Iudas. Gu bheil iad anis air sgaoileadh feadh an t-saoghail; gu bheil aon diubh a dh' òr tha ro mhòr agus luachmhor, 's gu feudar fhaicinn mar tha daoine dol a stigh do'n Eaglais an naoimh Pheadair 's an Roimh.* Bha orduighean, no comuinn eile 's an linn so rinneadh leis an naomh Catrùn agus an naomh Brian.

An coigeamh linn deug. Bha e furas gu leoir deadh alladh

Fleury.

* Bingham.

agus cliu a chosnadh do Chrìosduidh a nis, nam biodh iad féin deonach air samhladh diadhachd a ghiùlan umpa; bhi cràbhach, aire thabhairt, gach deas-ghnathachadh cho-lionadh, agus modhannan, no riaghailtean a thabhairt fainear. Ach, gu h-àraid, ma bha e aca, pailteas a thoirt do'n eaglais, no 'm briathran eile, bhi tabhartach do'n chléir 's do na mànaich. Bha iad ri dioladh air-son gach coire, réir an luach chaidh a leagadh, 's e so bha iad paigheadh air-son maitheanais 'n am peacan. Ma bha thoil aig aon sam bith bhi iomraiteach, bha e ri tuille dheanamh;—bha e ris a cholluinn thruaillidh chumail fodh le a mianna, agus nithe cruaidh a chleachdadh.

Bha cuid gleidheadh là feill air-son cruth-atharrachaidh Chrìosd roimh an àm so, ach dh'aithn Calistus III., an 1456, a ghleidheadh gu soluinte 's an airde n' iar, mar chuimhneach-an air saorsa Bhelgrade o Mhahomet II. Bha pàpa eile a chuir amach reachd bheireadh maitheanas do na h-uile ghleidheadh là feill uair 's a' bhliadhna air-son a ghin neo-thruaillidh. Cha robh aon diubh sin air-son a choilion laithean agus urrad dhoighean aoraidh; ach bha iad deònach air ainm a chosnadh,—'s cha robh iad faicinn doigh eile air am biodh iad iomraiteach an deigh am bàis. Bha iomad ni eile 's an linn mu nach ruig sinn leas smid a labhairt, no chursios, ged bha baothairean 'g an cleachdadh 's na linnibh sin, 's fhad o'n chaidh iad á cuimhne.

An seathamh linn deug. Cha robh am mòran do chreid-eamh 's an linn so ach sealladh shùl. Am beagan bha comasach air caileigin a theagasg a thabhairt do'n phobull, bha'n aire mu nithe faoin, agus mur bu trice amaideach. Bha miorbhuilean easbuigean, deas-ghnathan, agus moran do dhoighean nach fiu an ainmeach, deanamh suas a chuid bu phailt do'n teagasg. Tha na searmonain a dh'fhàg iad sin 'n an deigh air an lionadh le focail gun bhrìgh; le sgeula gun bhunait, le sgleo gun seadh, 's gur h-ann chuireadh iad gràin air neach a bheireadh ionnsuidh air an leughadh, agus b'iad na daoine bu mho fòghluim, agus a b'fhearr labhairt ri'n linn a chuir ri cheile iad

Bha na mànaich co lionmhor 's an linn so 's gu robh iad air

sgaoileadh tiugh air feadh na Roinn-Eorpa. Bha daoine fàs sgìth dhiubh, gidheadh, cha chuireadh iad casaid orra nan tugadh iad aire do'n caithe-beatha féin. Ach bha cuid dhiubh, mar bha iad fàs soghail, leigeadh srian fhuasgailte le'n tòg-raidh agus mianna. Bha iad gun umhail, no nàire, ged nach urrainn sinn an cleachdan mì-chiatach a chur sìos. Chaill cuid eile dhiubh am meas thaobh an aineolais, agus am beatha a bha gun sgiamh, no dreach;—bha iad càineadh gach duine foghlumte, agus aoilean finealta. Bha iad a' dite comhludair agus sgrìobhan dhaoine ionnsaichte.

Bha dream eile dhiubh nach robh idir mar sin, bha iad a' cosnadh 's a' faotainn meas agus urrainn, 's gabhail gnothuich ris gach ni. Bha iad an lùchairt nan rìgh; an tighean fòghlum, gabhail curaim anma dhaoine orra fein, 's a' faotainn rìghrean, agus uachdarain na h-Eorpa 'n an comas, bha iad gu fìor an uile fodh 'n cumhachd. Ach ri ùine bha cuid do'n cuilbheartan tighinn am folais,—bha'n urram dol an lughaid. Bha naimhdean 'g éiridh 'n an aghaidh, 's an sluagh gabhail tamailt chionn an uaibhreachais. Do na h-uile claon-bheirt ris an robh iad, cha robh aon co shonraichte ris an ni rinn iad 's a' bhliadhna 1509;—'s iad na Dominicans mu bheil sinn labhairt. Bha iadsan agus na Franciscans daonan ri deasboireachd mu'n ghin neo-thruaillidh; a h-aon cur an ceill gu d'rugadh e gun sal a' chionta ghin,—an t-aon eile cur an aghaidh sin. Bha daoine 's na linnibh aineolach sin daonan air toir nithe miorbhuileach, agus mar bha meas nan daoine so claonadh; thug iad ionnsuidh, an 1504, air iad fein a chur suas trid an nòis bu toilichte; agus thòisich iad air aire thoirt do'n aisingean agus bhrudair aig Bern. Bha aon Ietser, duine faoin, socharach, d'an comunn, a ròghnuich na Dominicans air-son an cuilbheartan mì-chneasda chur an gnìomh. Ghabh ceithir dhiubh orra fein gach ni dheanamh mar chuir iad rompa, agus chaidh aon diubh gun fhios da chill, no'n t-àite bh'aig Ietser gu tàmh; mu mheadhon oidhche, thaisbean se e fein d'a air dhoigh uamhasach; bha coin a' sgalartaich mu thimchioll; bha e cur teine á pollaibh a shroine.

Chaidh e dh'ionnsuidh a leapa; “ 's mise, ars' e-san, tanasg

aoin a bhuineadh do'n chomunn chràbhach; ach threig mi iad agus mharbh iad mi 's an Fhraing air-son a' chionta mhoir sin, b'e neamh a dhiol orm am breitheanas thaobh aodach nam mànach a chuir dhìom;—tha mi nis am purgadoir air-son mo dhroch-bheirt, ach feudaidh tusa mo thoirt as a phein mhòir 's am bheil mi." Bha sgeul agus acain an Dominicain ro thruagh, agus gheall am baothaire gu deanadh e na b'urrainn e gu thoirt as an dorainn. Sin thuirt an cealgair ris gu feumadh na mànaich uile iad féin a sgiursa gu sgaiteach fad ochd laithean, 's gu feumadh Ietser luidhe sìos an àm na h-aifrionn mar aon air a cheusadh, mu'n tugta e-san as an ionad phiantail, far an robh e air a chràdh gu goirt.

Thuirt e ris gu deanadh na bha e ri fulang e ro mhor aig an oighe Muire, agus dh'innis e dha gu tigeadh e ris le dà spiorad eile an ùine bheag. Co luath 's a thainig an latha, chaidh Ietser a dh'innse a sgeoil do na mànaich, a spar air toiseachadh ris na chaidh iarraidh air a dheanamh; bha na ceithir mànaich a' dearbhadh 'n an teagasgan gu bu mhiorbhuil ro mhòr a chunnaic Ietser. An ath oidhche, chunnaic e trì ann an coslas an aibheisteir; dh'innis a' cheud fhear dha uile ghnìomha a bheatha, thug e air a chreidsinn gu b'fhirinn na h-uile focal a labhair e; ged fhaodadh am burraidh bochd a smaointeachadh gu faigheadh e am fiosrachadh sin o athair eisdeachd. Rinn e mòran seanachais ris mu'n chomunn, a bha e cur an ceill a bha ro-thaitneach do'n Oigh Naomh; agus thuirt e ris, gu robh fios math ni's leoir aice, gu d' rugadh i am peacadh; gu robh na daoine foghlumte bha teagasg an ro-thruailleachd am purgadoir,—gu robh diom mòr aig an Oighe bheannaichte ris na Franciscans chionn a ràdh gu robh ise co-ionann ri Mac 's gu rachadh am baile sin Bern a thilgeadh sìos a chionn iadsan a bha comhnuidh ann. Shaoil Ietser aon uair gu b'e 'n ard mhànach 's an tigh aca fein bha labhairt ris, mar bha ghuth ro choltach, ach an do smaointich e gu robh foill gu chaitheadh air? Bha'm mànach tighinn anis an riochd aon naomh, agus a ris an riochd aoin eile, gus na ghabh e air féin samhladh bha e caitheadh air na laithean feill bu mhò, cheangail iad sraing ris na

h-ìomhaighean bu lugha, agus chuir iad suas iad sin an àite am faiceadh am mànach iad a' tighinn 's a' falbh mar aingil, mar bhathas 'g an tarruing, 's 'g an leigeadh as; 's a' toirt orra dol mu'n cuairt air an Oigh an sealladh Ietser. Labhair i mòran ris, agus, gu h-araid, dh'innis i dha gu do ghineadh am peacadh i, ach nach robh i fad 's an truidh sin. Thug i breacag dha mar chòmhar air a' cumhachd a dh'oibreachadh mhiorbhuilean, a thionndadh o bhi geal gu dearg an tiota. Thainig i iomad uair ga ionnsuidh, agus mu dheireadh thuir e ris gu cuireadh i na failean bh'air Criosd féin air-san, a leigeadh ris a graidh da chionn na bha e deanamh. Sin ghlac i làmh, agus spar i tarruinn troimhe gun mhothuch do'n amadan air a ghoirteas. Thainig e 'n ath oidhche air a sin le cuid do'n lein annairt bh'air Criosd, a chuir i air an lot; agus thug i deoch chadail da 's an robh fuil leanaibh nach deachaidh a bhaisteadh crathadh beag do nithe cubhraidh agus salan coisrigte, airgiod beo, fabhra leanaibh, agus nithe eile bheireadh a mhothachadh uaith, a chuir an ard mhanach tre cheile, le ùbagan, agus gisreagan, a' guidheadh air an diabhal féin a chomhnadh. Am feadh a bha 'm mànach bochd 'n a shuain, thainig each agus chuir iad na ceithir failean eile air. 'Nuair a dhuisg e as a shuain bha e air a lionadh le sòlas, agus chreid e mar fhirinn, gu robh e an àite Chriosd air thalamh, mar a dh'fhuiling e. Thaisbeanadh e d' an t-sluagh air an Altair mhoir. Cha robh na Franciscans toilichte, chionn daoine bhi 'g a choimhead le mòr ioghnadh gun teagamh sam bith aca, mu na bha iad a' faicinn. Thug a' chomunn féin deoch eile dha, a dh'oibrich air gus an do chaill e 'thùr, chual e sin guth, thainig ga ionnsuidh, le'n innleachdan, o Mhuire agus o'n leanabh Iosa, seadh, na h-ìomhaighean agus deuraibh air gruaidh na h-Oighe. Dh'fharraid an leanabh, no'n ard mhanach a bha 'gu fìor a' labhairt, d'a mhathair c'arson a bha i caoineadh! Fhreagair i, gu robh chionn a' chomunn bha cur an ceill i bhi co-ionann ri mac as aonais peacaidh gin.

Bha gach tanasg fuathach agus uamhan, bha na Dominicans a' dealbhadh, tighinn na h-uile oidhche chum a' mhanaich; gus mu dheireadh an robh nithe 'g a dheanamh co soilleir, gun

dragh no innleachd, 's nach b'urrainn Ietser féin, a bha làn baothaireachd, gun an fhoill a thabhairt fainear, agus theab e'n ard mhànach a mharbhadh 'n trà bha e tighinn g'a ionnsuidh aon oidheche an riochd na h-Oighe le crun air a cheann. Bha eagal air na Dominicans gu faighte mach am foill, 's gu cailleadh iad an saothair, agus bha iad an dùil gu b'e ni b'fhèarr a b'urrainn iad a dheanamh, na bha iad ris, 's an t-aobhar bh'aca, innseadh do Ietser, agus duais mhòr a ghealladh dha air-son a chleith, agus na bha iad cur rompa dheanamh. Dh'aontaich e leo, mar a shaoil iad. Ach bha amharus aca gu robh e air son am mealladh, agus chuir iad rompa cur as da. Thug iad nimh dha uair no dhà; ach bha e co laidir 's nach do chuir e umhail air. Chuir iad buillionn chuige aon latha, 's an robh nithe cùbhraidh, bha fás uaine an latha, no dha, thilg e mìr dheth gu cuileanan madaidh alluidh a bha stigh agus chuir sin as doibh air ball. Air àm eile, chuir iad nimh 's a' bhreacaig, ach thilg e nios e, agus thearuinn e ris. Fhuair e fàth air teicheadh, agus rainig e luchd-riaghlaidh a' bhaile, d'an d'innis e na h-uile, mar rinneadh air o thoiseach. Chuireadh fios mu'n fhoill ris an robh iad do'n Roimh 's thainig teachdairean a dh'fhiosrachadh uime;—bha gach comhdachadh soilleir, dhìte a cheathrar mhànach, agus chaidh an losgadh beo air an là mu dheireadh do cheud mhios an t-samhraidh 1509. Fhuair Ietser bàs beagan 'n a dheigh sin aig Constance; bha cuid an dùil gu do chuir e as da féin,— agus cuid eile am barail gu tug a naimhdean nimh dha; ach 's e ni 's coltaiche gu deachaidh e eug leis na fhuair, 's na dh' fhuiling e roimh.*

B'iad na mànaich bha sireadh deire bha teagasg nan sgoilean mar bu bhitheanta; 's am b'ìoghnadh ged bha daoine fuireach an dorchadas, mar bha'n dall a' treoireachadh nan dall. Bha'n luchd-foghlum, bha gabhail orra bhi ionnsuichte, teagasg nithe gun fheum, a bha doirbh, agus gun bhrìgh do'n chloinn òg,—'s gun eolas no buannachd do'n aosda. Thòisich soillse ni b'fhèarr an corr àit air feadh na h-Eorpa,—ach bha'n sluagh dol cuideachd anns gach aineolas

* Hottinger, Burnet's Travels, &c.

agus an-fhiosrachadh réir nan nòs, 's nan cleachdan bha coitchionn.

Cha b'urrainn do leithid a bheusan agus ghnathachadh lean-ailt fada. Tha sinn a' faicinn mar bha'n dream no'n comunn b'iomraitiche claonadh, 's a' tuiteam o'n inbhe,—no cur cul ri 'n ceud riaghailtean 's a' fàs saoghail, mi-stuama, neo-chneasda.

CAIBIDIL III.

IADSAN BHA DEALACHADH O'N EAGLAIS CHOITCHIONN.

Roinn do'n ochdamh linn. Bha comh-stri mhòr nan criosd-uidhean anis mu thimchioll iomhaighean. Bha beag aire aca air ni sam bith eile. Cha robh urrad a' dealachadh o'n eaglais 's a bha 's an linn mu dheireadh mu'n robh sinn a seanachas, —'s cha robh iad ro dhraghail.

Bha aon dream a bha 'g aicheadh araon diadhachd agus daonachd Chrìosd. Bha iad sin cur an ceill nach d'fhuiling e, nach d'éirich e o na mairbh, 's nach deachaidh e suas do neamh. Cha robh iad cur uigh 's na teagasgan mu'n aiseirigh;—mu bhreitheanas ri teachd, a bha iad am barail a thachair, mar bha na h-aingidh fulang 's an t-saoghal so féin réir am barail-san; nach robh an duine air fhàgail gu saorsa-thoil féin, 's nach robh peacadh gin ann idir. Bha iad cuid-eachd frithealadh a' bhaistidh dhoibh-san bha fàs suas amhain; b' e'm beachd nach robh mionnan laghail, agus bha iad an dùil gu feudadh daoine an spiorad naomh fhaotainn iad fein.

Bha dream eile ann bha 'g aidmheil a' chreideamh chrìosd-uidh, agus a' cleachdadh deas-ghnathaibh nam pàganach. Bha iad sin ri giosragain, agus cleachdadh nithe eile bha faoin agus ro choireach.

Bha dà easbuig 's an Spainnt bha toirt am barail mu Chrìosd, mar mhac Dé,—seadh, co dhiubh bha e 'n a mhac nadurra, no air uchd-mhacachadh. Dh'it comhairlean na h-Eaglaise iad air-son am barailean.

An naodhamh linn. Bha na linnean mu bheil sinn sgrìobhadh, mar gu b'ann, 'n an sùain. Cha robh iad a' fiosrachadh agus bha iad gun eolas,—uime sin, bu bheag dhiubh bha idir smaointeachadh air na nithe is cuid-thromaiche, bha'n dùil gu robh ard chléir deanamh gach ni gu ceart 'n an comhairlean, agus nach robh aig an t-sluagh ri dheanamh ach mar bha'n luchd-teagaisg ag iomradh.

Bha aon, manach Frangach,* a thoisich ri deasboireachd mu roimh-òrduchadh, agus gràs diadhaidh. Bha'n duine so cur an ceill gu do roimh-orduich Dia àireamh eigin air-son bàs sìorruidh 's nach fuilingeadh Criosd air an son sin,—agus daoine air-son na beatha maireannaich air-son an d'fhuing e le dheadh thoil féin. Dhìt àrd easbuig an teagasg so ann comhairle aig Ments, an 848, agus 's a' bhliadhna na dheigh, thug àrd easbuig eile air an t-seanadh am manach a sgiursadh agus a thilgeadh am prìosan. Bha easbuigean agus daoine fòghluimte sgrìobhadh agus gabhail leis an t-saobh-chreidmheach so. Bha comhairlean gabhail leis an teagasg, co math 's a bha feadhainn eile 'g a dhìte. Bha dream eile 's an linn so mu nach ruig sinn leas labhairt. Chaidh iad á cuimhne leis na teagasgan bha iad a' sparadh.

An deicheamh linn. Tha fìor bheagan seanachais againn mu theagasgan na linn so. Bha'n Eaglais an aird a cumhachd agus bha'n sluagh aineolach, deònach gabhail leis na bha'n luchd-teagaisg toileach, no comasach a thoirt seachad. Na'm biodh a dhànadas aig aon 's am bith a' bharail féin chur an ceill, bha fios cìod a thacharadh. Bha daoine eigin 's a cheathramh linn bha teagasg gu robh Dia ann an riochd duine, mar tha e air a chur sìos anns na sgrìoptuirean 's gu d'rinn e'n duine 'n a choslas féin. B' anns an Eiphid a bha iad sin, agus thoisich iad 's an linn so ris an ni ceudna theagasg an àitean eile, ged nach do sgaoil e fada.

An aon linn deug. Bha corr aon 's an linn so bha ainmèil thaobh atharrachadh barail. B' e Berenger, sagairt bha'n Angers an aon a b'ainmeile dhiubh. Bha e cur an aghaidh teagasg na h-Eaglaise mu'n bhrìgh-atharrachadh,—bha iomadh

* Godeschald—Faic Formey, mu'n linn so.

's a' bheachd 's an robh e-san, ged nach faodadh iad aideachadh. Dhìt am pàpa Berenger an comhairle na cléir. Cha robh an sagairt so co sheasmhach,—bha e aon uair 'g aicheadh a bharrail leis an eagal, agus uair eile glacadh misneach 's a' labhairt amach. Chaochail e agus chlaon a theagasg, a' fagail na h-Eaglaise an sìth.

Bha sagairt 's an Fhraing bha dealachadh ri teagasg na h-Eaglaise mu thrì pearsa na diadachd. Bha e cur an ceill gu robh iad a' dealachadh mar tha anma, no aingle, ach gu robh iad mar aon 'n an toil agus 'n an cumhachd. Dhìte e aig comhairle. Bha e dìreach, mar bha Beringer, ag aicheadh aon uair an ni bha e uair eile teagasg ; réir 's mar bha eagal no dòchas 'g a luasgadh.

Chaidh feadhainn do'n chléir 's do'n luchd-leanmhuinn a losgadh 's an Fhraing air-son an saobh-chreideimh. Agus chaidh geur-leanmhuinn dheanamh air na h-Iudhaich air-son Eaglais Ierusalem a mhilleadh le prionnsa Bhabiloin an 1010.

An dara linn deug. B' iad na Ualdenses an dream bu mhò agus b'iomraitiche 's an linn so. Bha iad sin o cheann iomad linn. Bha iad, réir seanachais dhaoine fiosrach, 's an Spainnt gus na theich iad roimh na Saracens chum nam beanntan gus am b'eigin doibh an ainm aicheadh, no gu robh iad air an ainmeachadh o'n àite 's an do ghabh iad tamh. B'e ceannaich beartach d'am b'ainm Peadar, réir Mhosheim, bha air ceann a chomuinn so 's a bha ro thoileach eolas agus teagasg criosduidh a chraobh-sgaoileadh. Thug e air Stephen sagairt bha'n Ebhisa, mu'n bhliadhna 1160, na ceithir soisgeulan eadar-theangachadh gu Fraingis ; agus roinn eile do na sgrioptuirean agus do sgriobhan athraichean na h-Eaglaise. Co luath 's a leugh e iad sin gu dùrachdach, thug e fainear an t-atharrachadh mòr bha eadar teagasgan na h-Eaglaise agus na teagasgan a bha Criosd agus abstoil a' sparradh. Chunnaic e a mearachdan mòra,—thug e suas a ghnothuichean, thug e mhaoin do na bochdan, thionail e féin agus daoine cràbhach a dh'iomad doigh agus thòisich e ri teagasg am folais, 's a bhliadhna 1180. Chuir an ard easbuig agus riaghlairean na

h-Eaglaise 'n a aghaidh gu dìon, ach bha'n oidheirpean gun fhoghnadh. Bha beusan agus gnathachadh nan daoine cràbhach co taitneach, 's an diadhachd co naomh, an toil gu math a dheanamh co eudmhor,—agus earras agus storas an t-saoghail so co suarach 'n an suilean 's gu robh daoine 'g amharc orra le urram, agus mòran dol ri'n aireamh.

Bha co-thional aca 's an Fhraing, 's na dheigh sin sgaoil iad air feadh gach duthaich agus rioghachd an tiota;—rachadh iad tre theine agus uisge, gun fhiamh, no eagal, air-son a' mhaith bha iad cur rompa. Bha'm misneach 's an eud ro mhor; bha geur-leanmhuinn 'g a dheanamh orra, agus bha iad 'a fulang dòrainn.

B'e run Phadraic Ualdensis a chléir 's am pobull iompachadh gu imeachd an ceuma ughdair ar creideimh, agus riaghailte beatha nan abstol a ghabhail. Bha e-san agus a chomunn a' gearan gu goirt air truailleachd Eaglaise na Roimhe. Bha iad a' meas uile chrìosduidhean iomchuidh chum am bràthairean iompachadh, earalachadh, 's an teagasg;—agus bha iad air-son nan doighean bha'n toiseach 's an Eaglais a ghnathachadh an àite bhi gabhail airgid air-son maitheanas pheaca, —cur an ceill gu b'ann le urnuigh, trasg, agus deirce, bha daoine ri maitheanas iarraidh. Nach robh e feumail eisd-eachd a dheanamh ri sagairt; gu feumadh iad am peacan aideachadh ri crìosduidh 's am bith a b'urrainn an comhairleachadh 's an stiuradh,—gu buineadh e do Dhia amhain lochdan a lghadh; gu b'e sannt nan sagart a chur na droch chleachdan air chois. Bha iad cur urnuigh air-son nam marbh an neo-bhrìgh-gu robh gach uile dheas-ghnathaibh, uime sin, faoin agus amaid-each, 'g aicheadh gu robh ait eadar mheadhon ann 's an robh anma ri bhi air an glanadh o'm peacana; cur an ceill gu rachadh an t-anam an deigh a' bhàis do neamh, no do iurann. B'iad sin an teagasgan, 's bha'n riaghailtean beatha cruaidh agus gàbhaidh. Bha iad leantuinn gu dlù searmoin an Tighearn air a' bheinn, bha iad cur an ceill gu b'ann o amaideachd agus aingidheachd dhaoine bha cogadh agus dèrtadh fola,—'s bha iad toirmeasg cogaidh, agus oidheirpean air sauibhreas a charnadh suas. Bha iad a' dite dìoghaltais air-son ni sam bith, agus mionnan

ghabhail. Bha'n eaglais aca fodh riaghladh easbuig,—no cleir agus foirfich—mar a dh'òrduich ughdair a' chreideimh féin, ach bha iad sin uile ri bhi coltach ris na h-abstoil 'n an ainnis agus 'n an saothair, ealan eigin bhi aig gach aon leis an cumadh se e féin suas.

'S ann uatha so bha'n dream chaidh ainmeachadh air an ionad tàimh *Abbo*, bha iad mar an ceudna cronachadh mearachdan na h-Eaglais Romhanach; air-son sin thugadh binn amach air an fhear-theagaisg bu mhò aca gu biodh e air a losgadh beo. Chuireadh iomad ni foilleil as an leth. Bha feadhainn eile bha dealachadh an caileigin uatha sin 's a' aighinn ainm o aitean an cinn-fheadhna.

'S an linn aineolach sin bha baothaireachd agus saobh-chreideamh sgaoileadh fada agus cian. 'S a' bhliadhna 1137, rinn Iudhach bha cur an ceill gu b'e féin am Mesiah, moran aimhreit am measg nam Persianach; chruinnich feachd mor d'a luchd-duthcha agus dh'èirich iad leis. B'eigin do rìgh Phersia sìth dheanamh ris 's an dol amach; ach an deigh do'n chealgair a shluagh a' sgaoileadh ghlac an rìgh e, agus thug e'n ceann deth; cho-eignich e 'n sin na h-Iudhaich gus an t-suim mhòr a thairg e, chionn sìth dheanamh a thoirt air ais. Thug sin gu bochduin iad, agus b'eigin dhoibh an clann a reiceadh a dhioladh an ainfhiach. 'S a' bhliadhna 'n a dheigh bha cealgair eile 's an Fhraing,—a bha 'g a ghairm féin 'n a Chrìosd—chuireadh gu bàs e agus rinneadh geur-leanmhuinn air na h-Iudhaich air-son droch-bheart chuireadh as an leth; seadh, gu robh iad ag iobradh suas leanabh-gille uair 's a' bhliadhna. 'S a' bhliadhna 1157 bha Mesiah eile 's an Spaint, a thug air na h-Iudhaich ar-a-mach,—chuireadh as do'n chuid mhor dhiubh feadh na rioghachd an lorg sin. An 1167, bha faidh breige an Arabia bha cur an ceill gu tainig e roimh 'n Mhesiah. 'N tra chaidh a ghlacadh threig a luchd-leanmhuinn e; cheasnaich an rìgh e, agus dh'iarr e dearbhadh chomhdachadh aidmheil; thuirt am baothaire bochd ris an rìgh e ghearradh a' chinn deth agus gu faiceadh e gu tigeadh e beo a ris. Rinn an rìgh mar sin, agus gheall e cuid-eachd na 'n tacharadh na thuirt e gu biodh e féin d'a aidmheil.

Cha do thachair sin, agus chuireadh ùmhladh trou air na h-Iudhaich, 's an rioghachd sin. Lean fear agus fear iad sin a bha gu call mor do na h-Iudhaich.

An treas linn deug. Cha'n 'eil seanachas againn air daoine aig an robh barailean ùr mu theagasgan na h-Eaglaise 's an linn so. Bha iadsan bha eudmhor deònach ag sgaoileadh a' chreidheamh chriosduidh 's an airde 'n ear co fada 'n aghaidh Eaglais na Roimh ris na greugach féin. Bha gach pàpa bha tighinn ro-thoileach orra sin fhilleadh steach 'n an corsaibh farsuinn féin, agus bha iad a' cur luchd-teagaisg, mar theachd-airean na rathaidean bha cur iompaidh car tamuill, air na cinnstiùraidh bh'aca.

Bha Eaglais na Roimh' air an àm cheudna ri geur-leanmhuinn air na h-uile bha cur am barailean, bha'n aghaidh an teagasgan coitcheann, an ceill; agus bha iad sin a' fàs co lionmhor air feadh na h-Eorpa uile, 's gu robh iad cur crith air cumhachd a' phàpa féin;—bha co-thionail mhòr 's an Fheadailt, 's an Fhraing, 's an Spainnt, agus 's a' Ghermailt. Bha cùisean eile dol leis na beachdan 's an robh iad roimhe. Ach bha na h-uile còrdadh air aon ni gu robh an creideamh coitcheann agus suidhichte làn mhearachdan agus saobhchreideamh; 's gu robh uachdranachd, a' phàpa ceannairceach agus mì-laghail." Bha iadsan bha 'dealachadh o'n Eaglais còmhdachadh na bha iad cur an ceill o na sgrioptuirean, agus rìghrean agus luchd-riaghlaidh gabhail suim do na bha iad a' gradh; bha iad faicinn lùchairt a' phàpa agus uaibhreachas a' chleir,—ionmhas nam manach, agus an gnathachadh uile nach robh iad coltach ris an aidmheil bu chubhaidh dhoibhsan thainig an deigh nan abstol bhi aca. Bha ceannard na h-Eaglaise uime sin toirt fainear gu robh a naimhdean fàs lionmhor agus laidir, 's gu robh e feumail da meadhonan a ghnathachadh chum beul sios chur orra.

Chuir Innocent III, (Ionnraic) daoine eigin do chearnan 's an Fhraing far an robh co-thionail, bha fàs lionmhor, 's a' buadhachadh 'n an teagasgan, chum cur as gu buileach do luchd-saobh-chreideimh. Bha iad sin dealasach deonach, fodh ughdaras a' phàpa amhain. Cha robh iad a' faineachd n'an eas-

buigean 's an duthaich,—'nuair nach deanadh cainnt feum bha peanas leantuinn; bha iad a' sireadh 's a' toirt binn air na h-uile a labhradh an aghaidh teagasgan, no gnathachadh nan Eaglaisean. 'San uatha sin thainig a chùirt dhiabhlaidh.

Bha'n pàpa co toilichte leis na bha theachdairean, bha sireadh 's a' glacadh shaobh-chreideach, deanamh, 's gu do chuir e cuid dhiubh do gach baile agus duthaich, 's an robh daoine, no dream, no comunn, bha dealachadh ris an Eaglais, no labhairt 'n a h-aghaidh. Bha'm pobull air uairibh ag éiridh 'n an aghaidh 's gu 'n cur as an crìochaibh féin. An comhairle ghairmeadh aig Toulouse, an 1229, le ard chléir agus teachdairean a' phàpa, shuidhich iad comhairle anns na h-uile baile mòr 's an robh aon sagairt agus triuir do'n neo-chleir ri bhi, gu rannsachadh agus sireadh aon sam bith, 's gach aon bhiodh co dàn 's gu canadh iad focal an aghaidh na h-Eaglaise. Thug Griogair IX., 's a' bhliadhna 1233, an dreuchd so do na Dominicans, le ughdarras rannsachaidh agus glacaidh. Bha daoine eigin sònraichte a bha deònach, cruaidh chridheach, neo-chneasda foighinn a' chomuis, 's a' cur an gnìomh na bha'n earbsa riu gun teotha, gun tioma, sin mar thogadh a' chùirt dhiabhlaidh air steidh fola, a bha nàrach do dhaontachd, agus eagalach do chridhe feola. Bha na h-uile air an robh amharus 'g an gairm a steach, no gu'n glacadh, 's na h-ìomada bh' air an druideadh an daingneach mu nach cuala caomh, no caraid riamh tuille.

Bha chùirt so'n toiseach samhail feadhainn eile, an doighibh soilleir, so-thuigsinn.* Ach bha na Dominicans cur ris na doighibh sin air gach seol a b'urrainn iad chum a chùirt spioradail a dheanamh mòr thar tomhas, rinn iad atharrachadh agus dh'fheuch iad gach innleachd ùr agus seoltachd bha'n comas dhaoine dhealbh. Bha iad aineolach mu chuisibh dlìgheach, làghail;—cha robh eolas aca mu ghnathaibh cuirte sam bith, ach na bha iad feuchainn mu pheanas. B'iad na riaghailtean a bh'aca gu breith thoirt orra-san a bha ri dioladh dheanamh air-son am peacan bha iad a' leantuinn an so, agus

* Echard.

uaith rinn iad suas riaghailt breth agus binn nach robh co-sheasamh le reusan agus ceartas.

Thug am pàpa air an iompaire agus rìgh na Frainge làghan gàbhaidh dheanamh an'aghaidh nan saobh-chreidmheach, agus dìdinn a thabhairt agus còmhnadh dheanamh leosan bha 'g an sireadh sin 's 'g an ceasnachadh. Tha na reachdan cruaidh neo-chneasda rinneadh an aghaidh dhaoine aig an robh atharrachadh beachd, no barail, air an cur sìos an eachdraidh nan amaibh, agus air an ainmeachadh le luchd-seanachais nach fheudar a chur an neo-bhrìgh. Ged bha na laghan eagalach agus a chùirt uamhasach bha'n luchd-rannsachaidh fuathach leis an t-sluagh; bha iad 'g am fògairt amach á cuid do dhuthchan agus cur an aon bu déine agus bu mhiosa gu bàs; mar bha Conrad, Germailteach, a' cheud fhear d'an tug Griogair IX. cumhachd, 's a bha a' feuchainn gu dian diogaltach, gus na chuireadh as da gun iochd no truas a nochdadh.

Chunnaic Innocent III. nach robh a' chuirte so co mor foghnadh 's a bha dùil aig, agus sgrìobh e chum rìgh na Frainge an 1207, agus gu daoine cumhachdach 's an rioghachd sin, chur iompuidh orra leis gach gealladh gu faigheadh iad maitheanas 'n an uile pheacan nan cuireadh iad as do na saobh-chreidmich. 'S a' bhliadhna 'n a dheigh chuir e teachdairean uaith gu'm brosnachadh gu dol air an toir, an losgadh, no'm marbhadh leis a' chlaidheamh,—'nuair ghlac am pobull am fear-rannsachaidh 's a chur iad as da.

Thog dream àraid do na mànaich orra an cogadh na croise an aghaidh saobh-chreidmich. Chuir iad Iarla Thoulouse fodh ascaoin Eaglaise chionn gu do chuireadh gu bàs fear-ionaid a' phàpa 'n a chrìochaibh,—threig e-san a' chomunn agus ghabh e leis na mànaich air-son a shaoradh o'n bhreth. 'S a' bhliadhna 1209, bha'm feachd mor bha cur sìos nan saobh-chreidmheach, ris an canadh iad gu coitchionn na h-Albigenses, bha na mànaich air uairibh a' buadhachadh 's air amaibh a' call. Mhair an cogadh so ré ùine fhada. Thug an t-eagal air Iarla Thoulouse tionndadh leis na mànaich—phill e ris gu chomunn 's a dhaoine féin. Dh'eirich Iarla Montfort le feachd na h-Eaglaise, cha b'ann air-son eud thaobh a chreid-

eamh, no fuath do na saobh-chreidmhich, ach air ghaol tuille fearainn fhaotainn agus gheall agus fhuair lùthchairt na Roimhe oighreachd Rainard, Iarla Thoulouse. An deigh iomadh cath, agus comhrag a chuir euchd agus dioghaltas mi-chneasda, an ceill thug Innocent III. dha, an 1215, sioramachd Thoulouse, agus gach fearann eile bh'aig an Iarla, mar dhuais air-son eud a chumail suas na h-Eaglais. Chaill e bheatha trì bliadhna 'n a dheigh toirt amach Thoulouse, agus chaochail a nàmh an 1222.

Ged chailleadh na cinn-fheodhna fhathail chumadh suas an cogadh no'n geur-leanmhuinn. Chaidh am mac, Raimard VII., Iarla Thoulouse, agus Amalric, Iarla Montfort, mach air an ceann; agus chuir iad an cogadh air aghaidh gu dian deothasach. Bha Rainard Buadhachadh 's an dol amach, ghabh Honorius III. an t-eagal,—chuir e iompuidh air Lughais VIII, rìgh na Frainge dol amach e féin, toirt dha gach gealladh mòr air-son cur as do naimhdean na h-Eaglais.

Chaidh an rìgh 's a chumasg le feachd lionmhor, ach chaochail e an ùine bheag. Lean a mhac, ris an canadh iad an naomh Lughais gu dian air an toir. B'eigin do Raimard, 's a bhliadhna 1229 strìochdadh 's a bhi reidh ris;—fhuair an rìgh mòran d'a fhearann, agus am pàpa a roinn féin. Chuir-eadh sìos iadsan bha'n aghaidh Eaglais na Roimh. Chuir-eadh a' chùirt na suidheadh an Toulouse, agus thionndaidh Raimard, mar rinn athair roimhe, leosan bha ri geur-leanmhuinn agus co bu mbiosa na e. Mar nach do ghleidh Lughais no chùirt an gealladh, 's a bha iad buntuinn gu neo-chneasda rìusan a gheill, thionndaidh Raimard a rìs; ach ciod a b'urrainn e dheanamh? Thuit e am briste cridhe agus trioblaid, 's mar nach robh sliochd 'n a dheigh chaidh crìoch air teaghlach mhòr chumhachdach. Bha bhuannachd bu mhò aig rìgh na Frainge agus a' phàpa o'n chogadh bha air-son a' chreideimh bh'air a thruailleadh co mòr.

Chaidh mòran fola dhortadh 's a' chogadh so. Bha iad 'g àireamh muillionn a thuit uile,—agus gu robh trì ceud mìle dhiubh sin. B' uamhasach a leithid fhaicinn an rioghachd

agus am easg Chrìosduidhean, a bha cur an ceill gu b'ann airson a' chreideimh bha iad ris gach do-bheirt.

Bha dream eile 's an linn so bha 'g an deanamh féin iomriteach, ni h-ann le barailean ùra, no teagasgan eile, ach le bhi 'g a'n sgiursadh féin. Nach muladach an staid gus am bheil creutairean a fhuair tuigs' agus reuson a' tuiteam, 'nuair tha iad a' smaointeachadh gu bheil e taitneach le Dia bhi coimhead dhaoine chruthaich e 'n a choltas féin chum an claidh, no am peanasachadh. Tha leithid sin a' bharailean am easg ana-creidmich; thòisich iad 's an Eaglais ri oilean agus peanas mar bha iad faicinn feumail, no iomchuidh; ach cha'n foghnadh sin le baothairean bha air-son tuille dheanamh, no bha toiltinneach air son an coire, no 'n lochd, 's an dùil gu biodh e taitneach an làthair Dhé na dheanadh iad le'n toil, ged bhiodh an gnìomh an aghaidh tuigse agus reusan. Ann an linnibh aineolach bha'm peanas a bha daoine fulang air a mheas mar dhioghaltas air-son na bha iad ri fhulang 's an ath-bheatha. 'S a bhliadhna 1260, ann am Penisini, 's an Fheadailt thòisich daoine bha 'g an dite féin ri imeachd còladh, 's ri iad féin a sgiursadh gu geur ri caidh agus eigheach trocair o Dhia. Bha iad do gach inbhe, agus seorsa, agus bha sagairt dol rompa, bha giulan croise. Bha na mnai deanamh mar an ceudna aig an tigh.* An uine ghearr, bha mnathan agus cloinn 's an aireamh, cha robh aire 'ga thabhairt do ghnothuch saoghalta; bha uile muladach, bronach; cha chumadh droch uair no gaillionn a h-aon a stigh; 's an oidhche féin bha na sraidean làn do thruaighean bha sgreadail, 's ag ulartaich a' guidheadh maitheanas peacaidh. Sgaoil an gnathachadh so an gradaig air fcaidh uile bhailte mor na Fheadailte, agus cuid do'n Ghermailt. Chaidh iad cuideachd mar chomunn agus chuir iad sìos riaghailtean a ghabhail a steach buill ùr. Mhair a bhaothaireachd so gu toiseach na h-ath linn. Bha aon diubh cur an ceill gu tug aingeal sgiurs da agus litir o neamh bha dearbhadh gu faighidh iadsan a dhiefhuilingeadh am peanas so ceithir là deug thar fichead maitheanas 'n an uile pheacadh. Bha'n amaideachd co anabliar 's gu robh prionnsan

* Du Pin.

agus ard chléir na h-iompaireachd air son daoine thoirt gu reusan ; agus dhìt Clement VI. a bhaothaireachd no 'm boile so mar shaobh-chreideimh ana-cneasda agus mi-dhiadhaidh.*

An ceathramh linn deug. Bha daoine anns gach cearna air-son nithe ùr. Bha dream eigin 's a' Ghreige (Quiétists,) a bha saoilinn gu robh soillse naomh tighinn orrasan bha tàmh an uaigneas, agus bha iad a' suidheadh gu tosdach, balbh fad uairean 's na cuiltean bu diòmhaire, 's a' sealltuinn gu làr gus am fairiche iad an solus neamhaidh ag eiridh 'n an anma, 's a' tabhairt doibh an t-sòlais bu mhò.† Bha dream eile deanamh calg-dhireach an aghaidh nan daoine sin. Thoisich iad 's a bhliadhna 1373, agus cha b'iad bu neo-ghoraiche. B'e 'n dùil gu'm b'e deanadas na bha creideamh ag iarruidh. Leumadh iad so suas, mar ni iadsan tha damhsa, uaith sin fhuair iad an t-ainm,—bha iad a' dol mu 'n cuairt, 's a' feuchainn gach oidheirp bha'n an lugh 's 'nan comas, gus an robh iad a' tuiteam sìos le sgios, agus an sin bha iad cur an ceill gu robh iad faicinn aislingean mòra.‡ Bha dream eile an deireadh an linn so bha air an comhdachadh le eididh Gheal.

Bha brathairean agus peathraichean an spioraid shaoir ni bu lionmhoire. B'e 'n duil-san gu robh an t-anam reusanta an co-cheangal ri Dia, anam, no spiorad, a chruinne-ché; gu robh iad fàs foirfidh le geur-bheachd agus smaointe sòluimte, 's nach robh feum an doigh aoraidh o'n leth muigh; no dleas-nais agus gnothuichean na beatha so. Ni bheil teagamh nach robh an naimhdean cur nithe mearachdach as an leth. Bha luchd-riaghlaidh, a' chléir, agus am pobull 'g an sàrachadh. Shiolaidh iad as, 's mu àm an ath-leasachaidh cha robh ainm orra.

B'iadsan bh'air-son ath-leasachadh na h-Eaglais a b'fhearr beachd 's bu mhò foghnaidh.

Bha daoine am Lombardi, 's a' bhliadhna 1388, bh'air-son an Eaglais bhi mar an àm nan Abstol, saor o gach deas-ghnath agus truailleachd; ach chuireadh armailt air chois

* Du Pin.

† Mosheim.

‡ Mosheim.

§ P'Infant.

a chuir sgapadh annta.* Bha na mànaich bha sireadh an codach fàs bròdail, uaibhreach ;—bha daoine gearan orra, agus cha robh aon bu mhò 'n an aghaidh na Iain Uicliff, olla sasunnach, a bha, mar tha luchd-seanachais ag innse, misneachail, agus ro-ionnsaichte. 'S a' bhliadhna 1360, lean e eiseimpleir ard-easbuig Armaigh, sheas e gu daingean air son sochairean òl-thigh Ath-an-Daimh ; cur sios an dream uaibhreach a dh'ainmich sinn, agus a' faighinn coire do'n phàpa féin, a bha 'g an dion. An 1367, thug ard-easbuig Chanterburi uaith dlighe bh'aige 's an òl-thigh,—chasaid e ris a' phàpa Urban e ; ach 's ann a rinn e-san am mànach a fhuair ait a dhion, thaobh mar bha Iain labhairt an aghaidh na cléir. Lion sin le feirg e agus thòisich e air a' phàpa féin, an ard chleir, agus na mànaich a dhite 'n a shearmonain agus 'n a sgrìobhaidh, air-son am mi-bheusan 's an caithe-beatha maslach. Chaidh e air aghart a' leigeadh ris gu soilleir saobhchreidheamh agus cleachdan mearachdach nan linne dorcha, sin, 'g aslachadh air a' phobull gun ni chreidsinn ach na sgrìop-tuirean, a thionndaidh e gu beurla chum 's gu tuigeadh iad na sgrìobhan naomha.

Bha daoine ard agus iosal cliùthachadh na bha e deanamh. Bha'n sluagh fuathachadh droch ghiùlan na cléir, ceannaire a' phàpa, agus sannt nam mànach, ach bha iomadh nach gabhadh leis na bharailean mu'n bhrìgh-atharrachadh.

Thòisich na mànaich, ai ran robh e cur iomadh coire, air Iain Uicliff a dhite an lùchairt na Roimh. Thug am pàpa, Griogair XI., 's a' bhliadhna 1377, àithne do ard easbuig Chauterburi, fheuchainn aig comhairle an Lunnain. Bha e'n cunnart mòr, ach dhion diuc Lancaster e 's an àm,—chaochail am pàpa sin agus thoisich aimhreit na h-Eaglais, 's am feadh bha dà phàpa 'n aghaidh a cheile, bha comh-stri Shasuinn 'n a tàmh. Cha bu luaithe rinn iad seorsa sìth 'n am measg féin, na thòisich ard easbuig, Chanterburi, 's a' bhliadhna 1385, gu dian cur cuisean dhite air aghaidh aig dà chomhairle mhòr a ghairm e air a shon sin. Chuir na mànaich trì cuisean thar fhichead as a leth, agus dhite deich dhiubh sin mar shaobh-

* Iortin.

chreidmhiach, agus trì deug air-son mhearachdan, Phill e féin gu sabhailt gu ionad còmhnuidh, far an do chaochail e an sith, an 1387. Bha mòran an Sasunn 's an riòghachdan eile a lean e, 's a bh'air an ainmeachadh 'n a dheigh. Bha geur-leanmhuinn 'g a dheanamh orra leosan bh'air toir na h-uile bha dealachadh ris, no labhairt an aghaidh na h-Eaglaise; a dh'it a' bharailean, agus a dh'àithn fada 'n deigh a bhàis cnàmhan Iain Uicliff a losgadh.

An àite smaointeachadh mar bu chòir doibh air an cunnart agus an coire 's ann bha na mànaich làn àrdain chionn a dhàndas bhi aca ni chur as an leth nach robh ceart. Bha na Franciscans air bhoile co mòr air-son an orduigh féin thogail gus a' mheas a b'airde, 's gu robh iad cur an ceill gu b'iad féin an dara Criosd; 's gu b' e 'n steidh 's an riaghailtean féin soisgeul Iosa. Bha gach pàpa cur leis an ard-bheachd, 's a' dearbhadh mar a b'fhearr a b'urrainn iad, gu do chuir Criosd fein na cuig failean air an ceannard,—nach robh teagamh sam bith an sin. Chuireadh leabhar amach fodh dhreuchd a' phàpa, a bha deanamh a' mhànaich co-ionnan ri Mac Dhé 'n a glòir, ni bha peacach agus eagalach.

An cuigeamh linn deug. Chuir a' gheur-leanmhuinn stad air mòran bha cur an aghaidh Eaglais na Roimh. Gidheadh bha luchd-leanmhuinn Iain Uicliff, a' sgaoileadh 's a' fàs liòn-mhor feadh Shasuinn agus Albuinn. Bha dream eile chuireadh air fògradh bha togail an guth an crìochaibh cian fad as, 's a' cur sìos air dubhailcean na cléir, agus truailleachd an creideimh. Bha suilean dhaoine 'g am fosgladh;—'s an Fheadailt féin bha Eaglais na Roimh 'g a coimeas ri Babilon. Bha chléir einnteach gu biodh crìoch air an mòrchuis nam faighidh daoine eolas gu rannsachadh na firinn agus fiosrachadh mu'n doigh, agus, uime sin, thug iad gach oidheirp air an cumail an ain-eolas; agus daoine dàna chur 'n an tosd le uamhan an cumhachd ag losgadh agus marbhadh leis a' chlaidheamh.

Bha na rinn iad air Iain Huss agus Iraene am Bohemia air chuimhne. Bha iad ri geur-leanmhuinn orrasan bha do'n aidmheil gus mu dheireadh an d'éirich iad suas gu iad féin a dhionadh. Bhuail iad air a cheile, agus bhiodh e uamhasach ri

sheanachas gach peanas agus dioghaltas ris an robh iad. Chaidh luchd-leanmhuinn Huss gu beinn ard, ann an duthaich Bhrichtin, agus fhritheil iad an t-sàcramaid le aran agus fion. Chan iad Tabor ris a' bheinn o na bothain 's an robh iad a' tàmh, 's 'n a dheigh sin thog iad balla laidir mu thimchioll, agus chuir iad suas aitreabh bhreagh ann. Bha seorsa no dha 's a' bhaile so aig an robh eadar-dhealachadh an cuid da'n aidmheil, ach bha iad uile 'n aghaidh Eaglais na Roimhe.

Bha aon àraid, Iain Sisca, air ceann dream eigin bha'n duil gu robh rioghachd a Mhesiah tarruing dlu, 's gu robh e laghail gach neart a chur chuige air-son na firinn. Chathaich iad gu treum fodh 'n ceannfeadhna so:—'Nuair chaochail Sisca ròghnaich iad Procopius 'n a aite, bha e 'n a dhuine treun, misneachail. An deigh an ruaig a chur air an namh an iomad codhail agus cumasg, dh'aontaich e féin agus cuid d'a chléir dol gu Comhairle Bhasil. Fhuair aon dream na bha iad ag iarraidh an sin, agus dhealaich iad ris a' chomunn; lughdaicheadh am feachd; chaidh an t-iompaire Sigismund mach 'n an aghaidh, agus thug e buaidh. Am blàr mòr thuit an ceann-feadhna Procopius. Ged bhunaich iad an Tabor, bha'n àireamh dol an lughaid, gus, 's an ath linn, an deachaidh iad uile leosan a lean Luthar.

CAIBIDIL IV.

FOGHLUM AGUS DAOINE FOGHLUIMTE NAN LINNIBH SO.

Bede.—Alcuin, Ambrose Anthirt.—Uilfrid.—Photius—Drathmar—Bertharius—Eginhard—Anastasius—Alfred—Leo—Deorsa (Seorus) Cedrenus.—Theophilact Fulbert—Lambertus—Anna Comnena—Eustasius—Naomh Bernard—Abelard—Albertus Maghnus—Thomas Aquinas—Benabhenta—Roger Bacou—Fòghlum na h-airde n'ear—Dun Scotus, Breatanach—Iudhach—Dà bhana-chreidmheach—Greugaich roimh na Romhanaich Barlaam Petrarch.—Nicholas V.—Cosmo de Medicis—Clo-bhualadh—Nicholas Clanengis.—Sgriobhaichean an aghaidh a' phàpa.—Dioltas—Pius II.—Tomas-a-Cempis—Pica—Eadar-theangachadh nan Sgrioptuirean.

An ochdamh linn. Bha da shasunnach ainmeil thaobh am foghlum 's an linn so. Bede urramach bha soilleireachadh

teagasgan nan Sgrioptuirean 'n a sgrìobhaidh, agus Aluim thug fòghlum do Charlemagne. Thug Ambrose Anthirt oidheirp air leabhar an Taisbeana dheanamh so thuigsinn. Sgrìobhadh scarmoin ghoirid agus litrichean mu dheireadh ua linn so a bha na sagairtean ag ionnsachadh, cumail an cuimhne, 's a' labhairt ris a cho-thional.

Bha iad annamh bha sgrìobhadh mu mhodhanna, agus bha iad leantuinn an ceuma dhaoine iomraiteach an linnibh a theirig. Ach bha iad féin 'n an gnìomh 's 'n an giulan nochdadh am beag eolais air na steidhibh air an còir deadh oilean agus beusan math a shuidheachadh. B' e 'm foirfeach Paul an seanachaidh bu chliutaiche a sgrìobh eachdraidh nam Lombardach, agus mu bheatha nan naomh. Bha Bede urramach cuideachd comharaichte le eachdraidh na h-Eaglaise, a rannsaich 's a chuir e sìos le mòran fòghluim agus fiosrachaidh. Bha feadhainn eile airidh air cliù.

'S ann am Breatunu agus an Eirinn bha aon fhòghlum fìnealta bha ri fhaotainn 's na linnibh aineolach so. B' ann as na rioghachdan so bha ua daoine b'ainmeile thaobh an ionnsachaidh dol do'n Fheadailt, do'n Frainge, agus do'n Ghermailt. Bha iomad teachdair cràbhach dol thairis a' fulang alaban, agus dol tre mhoran dheuchaine an cearnan iomallach 's am measg dhaoine fiadhaich, feargach chum solus na firinn a sgaoileadh.

B' o Uilfrid, a thainig o theaghlach Bhreatuunach do inbhe ard, b'fhèarr còir air a' cheud ainm air son eud agus a saoth-air co math ri cràbhadh agus fòghlum. Bha e soirbheachadh 'n a deadh oidheirpean, 's ag iompachadh iomada; ach bha e feuchainn meadhonan nach robh réir spioraid a' chreideimh Chrìosduidh. Bha e innleachdach agus seolta, agus, air an àm cheudna, misneachail gun fhiamh 'n a ghnuis; dol an cunnartan gu téoma, 's a' gleachdadh an aghaidh gach cruaidh-chais. Bha e fada air-son urrainn a' phàpa; agus rinneadh e-san 'n casbuig an lorg sin. Thòisich comh-stri eadar e agus Bhigilius, mu mhearachd a rinn sagairt aineolach am frithealaidh baistidh,—oir fluair e coire do Bhigilius chionu e chur an ceill gu bheil an saoghal so cruinn; 's gu bheil daoine chomhnuidh air

an taobh eile dheth. Cha b'urrainn sin a bhi,—'s an bha duil aca gu robh Bhigilius cur amach gu robh saoghal eile fodh'n talamh so, 's an robh daoine nach robh do shiol Adhaimh, agus nach robh faotainn tairgse nan gras tre Iosa Criosd. Dh'aithn am pàpa comhairle ghairm a shuidheadh gu breth thoirt anns a' chuis a bha cur eagail nach bu bheag air. Chuireadh gach mòr urram air an ard easbuig Paul le daoine mòra, co math agus leis a' phàpa;—ach an deigh dà fhichead bliadhna chaitheadh gu saothaireachail foghainteach chuireadh as da fèin agus leth-cheud do'n chléir le daoine fiadhaich. Sgrìobh e mu bheatha nan naomh, agus searmonain agus litrichean.

An naothamh Uinn. B'e Photius an duine b'oidheirce thaobh fòghluim fiosrachaidh, agus gach oilean agus eolas am measg nan greugach. Bha chailean thar mhòran,—bha e geur-chuiseach,—leugh agus sgrìobh e mòran; agus 's a' cheart àm bha shaothair iomada agus do dheanta, cur gnoth-uichean a dhuthach air aghairt agus a' cumail ri luchd-deas-boireachd agus connsachaidh mar nach biodh tuille aig' ri dheanamh. Sgrìobh e mar an ceudna mineachadh earranan do na Sgrioptuirean. Cha ruig sinn leas tuille d'ar luchd-duthcha ain-meachadh, mar nach robh iad ach cur sios cuid eigin do sgrìobhan nan daoine fòghluimte bha rompa.

Bha tuille 's an airde 'n iar bha 'g an comharachadh féin trid an saothair, a' mineachadh, 's a' teagasg nan Sgrioptuirean. Dhuisg Charlemagne, 's an linn roimh so, eud air-son eolais agus fiosrachaidh an daoine ionnsaichte. Bha Druthmar agus Bertharius airidh air a' cheud àite mar sgrìobhaichean,—bha cuid dhiubh cur ri cheile na chaidh fhàgail 's na linnibh a dh'fhalbh le daoine ainmeil, fòghluimte; agus dream eile bha'n duil gu tugadh iad brìgh, réir am barailean amaideach féin, as gach teagasg. O' arson a rachadh an ainmean tha lionmhor a chumail air chuimhne, mar nach robh aig pairt ach saothair dhaoine eile da'n robh iad deanamh feum, 's aig dream eile ach baath-bharailean mearachdach no smaointean diomhain?

B'e Eginhard alloil, cleireach diomhair Charlemagne, a

fhuair a nighean 'n a ceille, a' cheud sheanachaidh a bh'aig na Germailtich. Bha Anastasius 'n a sheanachaidh luachmhor fòghluimte. Chuir an t-iompaire Lughais II. e gu Basil, iompaire na h-airde 'n ear; agus rinn e cuideachadh mòr le teachdairean a' phàpa, leis an eolas a bh'aige air Laduinn agus Greugais. Thionndaidh e na reachdan Greugais gu Laduinn agus sgrìobh e eachdraidh nam pàpa.

Tha cliù agus alladh Alfreid, rìgh Shasuinn mòr, mar rìgh agus mar sgoileir,—o aon chothrom a bh'aige 's an linn sin 's ioghnadh na rinn e. Chuir e mòran leabhraichean ri cheile, thionndaidh e eachdraidh Orosius gus a' chainnt Shacsonaich. Bha e co gaolach air foghlum 's nach faigheadh neach gun ionnsachadh dreuchd no àite fodh.

Chaidh laghan agus reachdan chur ri cheile an rioghachdan àraid 's an linn so.

An deicheamh linn. 'S gann a ruigeas sinn leas aon ainmeachadh 's an linn so bha airidh thaobh a sgrìobhaidh mòr no ionnsaichte air ainm a chumail air chuimhne. Cha robh 's an Eaglais a bheag a b'urrainn sgrìobhadh, agus fìor-bheagan da'm b'aithne leughadh. Uime sin, co b'urrainn leabhar foghlumte chur amach?

An aon linn deug. Dh'éirich faire soluis air ionnsachadh na linn so bha comharaichte; ach bha mòran aineolais agus bharailean mearachdach sgaoileadh brata tiugh dorchadais thar an t-saoghal. Bha Leo, duine ro ionnsaichte, Deorsa Codrenus agus Theophilact ri mòr fheum le'n sgrìobhan 's an airde 'n ear. Bha iomad eile 's an Eaglais Ghreugaich a bha fòghluimte 's ri saothair mhòr gus na sgrìopturean a sgaoileadh.

Bha daoine fiosrach 's an airde 'n iar, mar bha easbuig Chartres,—rinn e féin ionmhuinn le oidheirpean mu fhòghlum a thogail gu miadh. Sgrìobh e litrichean, searmoinean agus dàin. Bha sgrìobhaichean eile bha measail; ach b'o Lambertus, mànach Germailteach, an sgrìobhaiche b'fhèarr 's a' Chrìosduidheachd r'a linn féin. Chliuthaich I. Scaliger eachdraidh.*

* Faic Mosheim, Du Pin, Iortin umpa uile.

An dara linn deug. Bha nis fòghlum agus oilean fìnealta ro mheasail. Bha Anna Counena, nighean an iompaire, 's an airde 'n ear, a thug dìon agus misneach do dhaoine ionnsaichte, urramaichte, thaobh a h-eolais agus oirdhearcas a gnìomh. Sgrìobh i mu bheatha a h-athar. Sgrìobh Eustashius, easbuig Thessalonica, mu Homer agus Dionisius,— agus bha daoine còmharaichte eile sgrìobh mu theagasgan, co math ri luchd-scanachais.

Bha iomad duine 's an airde 'n ear mar an ceudna, bha feuchainn cailean agus cumhachdan. B'e 'n naomh Bernard bu mhò dhiubh; ged gheibheadh e aitean ard 's an Eaglais bhunaich e 'n a inbhe féin, abba, no athair, agus bha e fodh mheas, agus an ughdarras mòr. Bha mòran seoltachd agus baothaireachd an riamh. Bha cliù mòr 'g a thoirt da airson sgrìobhan fìnealta fòghluimte. Rugadh e, an 1091, agus chuir e suas ceud agus trì fichead tigh mhànach do orduigh no riaghailtean féin. Chaochail e an 1153. Sgrìobh e moran;—bha chuid bu mhò dhiubh mu gnathan na h-eaglaise, 's a' cumail suas a mearachdan.*

Bha Abelard am miadh ro mhòr; ach thug Bernard air na sgrìobh e mu aonachd na Trionaid a losgadh. Bha iad an aghaidh a cheile. Bha barrachd cumhachd aig a h-aon 's an tuille ionnracais aig an aon eile. Cha robh e saor o mhearachdan nan aimsirean aineolach, 's ged bha eolas agus oilean thar mhòran 'n a linn bha e mi-fhortanach. Chaidh gheurleanmhuinn. Bha e trì agus trì fichead bliadhna, 'nuair chaochail e, 's a' bhliadhna 1143. Sheinn am bàrd Sasunnach, Pope, alabain agus a dheuchainean 'n a dhuan fhileanta ordhearc shnasail féin. Tha iomadh sgrìobhadh eile mu nach ruig sinn leas luadh thoirt, ged tha'n ainmean air chuimhne.

An treas linn deug. Bheircar fainear gu b'ann air craicinn bha ar sinnsearan a' sgrìobhadh, s' na h-aimsirean cein. Bha na mànaich, 's na linnibh dorcha, dubha, a' sgrìobhadh gu fìnalta, oirdheire mu thiomchoill nan daoine bu chliutaiche bha riamh amoasg nan Greugach, agus cur sìos, mar a b' fhearr a b' aithne dhoibh, na bha iad féin cur ri choile, mu

* Du Pin, id.

dheas-ghnathaibh na h-Eaglaise.* Bha mar sin am beagan bh' air fhàgail leis na daoine borb leis nach bu toigh fòghlum air a mhilleadh 's air a chall le deanadas nam manach aig nach robh suim do nithe finealta, snasmhòr.

Chailleadh aon ni chuir luchd-oilean ri cheile 's an linn so, 's cha 'n 'eil umhail, o na b'è comh-stri agus deasboireachd mu chreideamh air am bu mhò an aire.

Bha moran ri connsachadh, 's a' sgrìobhadh 's an airde 'n ear. B'iad Albertus Magnus, Tomas Aquinas, agus Bena-bhventura, b' ainmeile 's an linn so agus b'ò Aristotle, b'annsa leo. Bha iad fiosrach, fòghluimte, ach bha mòran do'n saothair cur suas mhearachdan 's an Eaglais. Steidhich Raibeart a Carbonne ol-thigh alloil Baile mor na Frainge, a dh' ainmicheadh air fein.

Ach bha iad 's an linn so a thoisich ri rannsachadh agus fiosrachadh mu steidhibh eolais gun mhearachd. Co nach cualadh iomradh air an t-Sasunnach ainmeil Ruadhrai, (Roger) Bacon? Bha Feadailteach agus F'rangach cuideachd, a thoill cliù agus gean maith dhaoine. Ach an àite sin bha'n truir a' fulaing geur-leanmhuinn, agus prìosan, air an gairm 'n an saobh-chreidmich, agus luchd-ghiosrag—chionn bhi sgrìobhadh mu nithe nach tuigeadh clèir agus mànaich ain-eolach.†

Sgrìobh an seanachadh mòr Mata Paris 's an linn so,— agus bha daoine ionnsaichte do na h-Iudhaich bha airidh air cliù.

An ceathramh linn deug. Bha cuid an deigh air fòghlum fathasd 's an airde 'n ear. Bha e air a radh gu robh na h-iompairean ni bu deigheile air a' pheann na air a' chlàidheamh, agus sgrìobh iomad diubh mu nithe eigin. Bha mòran eile ri deasboireachd agus sgrìobhadh bha cur an aghaidh doighean Eaglais na Roimhe. Bha sgrìobhaichean, ainmeil a chur sìos eachdraidh na h-Eaglaise, agus a' leudaich air a teagasgan, agus feadhainn eile cur amach a rìs, saothair nan athairichean.

Bha mòran 's an airde 'n iar bha leantuinn seol an triuir

* Montfaucon.

† Iortin.

alloil a dh' ainmich sinn 's an linn mu dheireadh. B'è Dun Scotus, Albunnach, bha airidh air a' cheud àite 'n am measg uile. Chaochail e 'n a dhà fhichead bliadhna, sgrìobh e moran, agus ghabh iadsan bha 'g a leanmhuinn ainm. Bha fear agus fear an Sasunn bha ionnsaichte, agus a rinneadh ainmeil trid an sgrìobhan agus an luchd-leanmhuinn; ach bhiodh e mifheumail seanachas orra féin, nona teagasgan leis an robh truailleachd Eaglais na Roimh air a chliuthachadh. B'è Nicholas de Lira,—Iudhach, a thionndadh gus a' chreideamh Chrìosduidh an sgrìobhaich a b'fhearr a bha soilleireachadh nan Sgrìoptuirean. Bha e teagasg am Paris agus dh'fhag e sgrìobhan 'n a dheigh bha math. Bha eolas air an Eubhra 'n a fheum mòr da.* Dh'eadar-theangaich Nicholas Oresmus, maighistir-sgoile Thearlaich V., rìgh na Fhrainge, an Tiomnadh Nuadh.

Sgrìobh dà bhana-phrionnsa ro chràbhach, aon diubh do rìoghachd na Suaine, 's an te eile ban-Fhrangach, leabhraichean cràbhach. Bha iad cur an ceill gu robh foillseachadh aca agus bha làn chreideas 'g a thabhairt dhoibh 's na' linnibh aineolach sin.

An cuigeamh linn deug. Bha oidheirpean 'g a dheanamh 's na linnibh roimh so air fòghlum ceart a thabhairt seachad; ach 's anns an linn so fhuair iad solus dealrach. Bha na Greugaich daonan fada thar na Romhanaich an oilean fine-alta.

Bha iad gun teagamh fulang trioblaidean nan aimsirean, ach bha iad daonan deònach air ionnsachadh; agus rinn iad tuille 'nuair chaidh sgaoileadh annta measg chinne agus dhùthcha eile. Thug Barlaam a bha ro ionnsaichte soilleir-eachd mhòr do Phetrarch alloil mu chainnt shnasmhoir Homeir agus Phlato. 'N a dheigh sin chaidh Greugais a theagasg 's an Fheadailt agus 's an Roimh le daoine ionnsaichte a b'eigin an duthaich féin fhàgail.

Bha na Romhanaich toirt oidheirp air gach ealain oirdhearc. Bha Nicholas V. deanamh na bha 'n a chomas, agus bha sin mòr, cha b' ann air-son beatha na cléir ach fòghlum agus

* Du Pin.

leabhraichean. Thrus e saothair nan daoine b'iomraitiche as gach àite agus cearna fad na h-Eorpa. Bha'n Bhatìcan nis air a lionadh le ionnsachadh steidheil an aite sgeula faoin, agus eachdraidh naoimh no bhaothairean. Fhuair e saothair na'n ughdairean Greugach a b'allaile 's bu chliutaiche chuir suas an sin,—seadh, na bàird, na feallsanaich, agus na diadhairean urramach.

Bha ceannuiche mòr, Cosmo de Medisis, malairt anns gach rioghachd, bha shaoithichean tighinn air an ais làn do spioraidh na h-airde 'n ear, agus do leabhraichean nan linnibh ainmeil a threig. Le 'n oilean agus an oidheirpean thogadh e féin agus Nicholas V. gu inbhe agus urram air an robh iad maith an airidh tre linnibh an t-saoghail.

Ach fhuair eadh ealain amach 's an linn so rinn moran tuille air-son fòghluim agus fiosrachaidh, na bha'n comas pàpa, agus prionnsan na h-Eorpa. 'S ann le tuiteamas a fhuair eadh an innleachd tha nis air a toirt gu foirfidheachd, eadar a' bhliadhna 1440 agus 1443; 's e sin an clò-bhualadh, no dealbhsgriobhaidh. Bha daoine eigin cur an ceill gu b'iad féin fhuair an innleachd an toiseach. 'S e is coltaich gu d'fhuair aon an doigh, agus gu robh feadhainn eile toirt oidheirp air fhàgail ni b'fhearr. Bha e feumail a chumail uaigneach mar bha'n sluagh creidsinn gu b'ann o ghisreagan bha iad ri leithid do dh'innleachd. Fhuair eadh eolas uime an Sasunn an 1446.

Thug ard-easbuig Chanterburi, air rìgh Ionraic VI. neach a chur do'n Olainde gu faighte fios air an innleachd; thug am fear sin leis mìle 's trì cheud marg o'n àrd-easbuig, 's a' chuid eile á ionmhas na rioghachd, agus chaidh ceannuichean maille ris, cur am fiach gu b'ann air-son malairt bha iad dol. Chuir e iompuidh air aon aig an robh fios air an innleachd inneil clo-dhealbh fhaotainn, agus dol do Shasunn. Fhuair an t-ard-easbuig an duine sin, Caselli, gu Ath'-an-daimh; agus mar sin thòisich clò-bhualadh an sin deich bliadhna ni bu luaithe na'n àite sam bith eile 's an Roinn-Eorpa, mach o 'n aite 's an do thoisich an innleachd air tùs.*

* Faic—Bouyer—Wood.

Printing
1440

Bha'n innleachd so 'n a fhoghnadh mòr agus ro ullamh gu solus fòghluim agus fiosrachaidh sgaoileadh air leabhraichean bha 'g an trusadh as gach àite 's am faighte iad, 's a bha airidh air curam a ghabhail diubh 's an cur amach aris;—bha iad sin mu'n chreideamh fhior, agus mu gach foghlum oirdhearc. Bha e, mar an ceudna, greasadh ath-leasachadh na h-Eaglaise.

Bha ughdairean a' fàs lionmhor,—b'e diadhair Frangach, Nicholas Clemengis bu mhò, bu deas-bhriathraiche, agus a' b'ainmeile r'a linn.

Thòisich iad an iomad àite ri sgrìobhadh an aghaidh a' phàpa, seadh, an Sasunn, an 1404. Bha dioghaltas air a dheanamh air cuid bha co an-dàna 's smid a radh mu na dubhailcean bha ro shoilleir 'n a ghiùlan. Chaidh mànach a bhrist amach, a bhuneadh an toiseach do na Dominicans, a losgadh aig Florence, 's a' bhliadhna 1498.*

Bha'm papa, Pius II., deas-labhrach agus fòghluimte,—ach neo-gheanmuidh.† B'e Tomas-a-Cempis diadhair a b'ìomraiteiche 's an linn so.

'S ann 's an àm so bha Pica ainmeil, Prionnsa Mirandola, bha e 'n a thri bliadhna fichead comasach air sgrìobhadh air gach cuis mu oilean agus eolas;—bha e cràbhach co math agus fòghluimte, thug e na bh'aige do na bochdan.‡

Cha robh iadsan bha sgrìobhadh mu na teagasgan ro bhudhar, ged bha corr aon diubh airidh air cliu. Bha na sgrìoptuirean air an eadar-theangachadh 's a' Ghermailt, 's an Fheadailt, an 's Fhraing agus am Breatunn, gus a' chainnt a thuigeadh am pobull; agus bha sin 'n a chuideachadh air an atharrachadh mhòr a lean.

* Mosheim.

† Bayle.

‡ Du Pin.

AN CEATHRAMH EARRAN.

O ATH-LEASACHADH NA H-EAGLAISE GUS AN NAOIDHAMH LINN DEUG.

CAIBIDIL I.

THÒSICH LEASACHADH NA H-EAGLAISE 'S A' GHERMAILT.

Feum air airgiod—Tetsel creic maitheanais a' phàpa—Luther—Ordugh féin cur leis—Ghairm am pàpa e do'n Roimh—Caietan—Ard-riaghlair Shacsoni—Reachd an aghaidh Lutheir—Suingliuis—Carlostadius—Aifrionn—Adrian VI.—Comhairle choitichionn—Ceud mearachd ri leasachadh—Clement VII.—Posadh Lutheir—Protestanaich—Coinneamh aig Augsburg—Na flathaibh—Smalcalde—An Ceangal—Rìgh nan Romhanach—Sith eadar Tearlach agus na Protestanaich.

CHI iadsan a bheir fainear, le aire, eachdraidh na h-Eaglaise sin a steidhicheadh leis gach cumhachd agus innleachd bha'n comus daoine, ré nan linnibh mu'n robh sinn a' seanachas, air a' bhunait bu sheasmhaiche, nach b'e deanadas duine, no dhaoine, thug mu'n cuairt an t-atharrachadh mòr air am bheil sinn nis ri cur sios. Cha b' ann le neart, no feachd' a thilgeadh bun-os-ceann teagasgan agus deas-ghnathaibh a shuidhicheadh le seoltachd, 's a bh' air am freumhachadh co domhain 's an inntinn, 's a chuireadh suas a rìs teagasgan bha co dealaichte riu. Tha 'n t-Uile-chumhachdach 'g a thaisbeanadh féin, mar tha e faicinn iomchuidh 'n a Ghliocas tha neo-mhearachdach. Dh'oibrich e miorbhuilean an toiseach chuir iompuidh air mòran gabhail ris a' chreideamh Chrìosduidh. Fhuair na h-abstoil cumhachd, mar chunnaic. E-san feumail doibh,—agus nach 'eil oibre a Fhreasdail air an leigeadh ris air àmaibh àraid? Tha e soilleir an so, gu b'e 'n Ti tha

riaghladh na cruinne thug mu'n cuairt nithe thachair a nis nach b'urrainn do dhaoine bha gun chumhachd, gun innleachd shònraichte, ged bha iad oidheirpeach agus eudmhor air-son na firinn chur air chois, no dheanamh;—'s E dhìon 's a thog suas an creideamh fìor;—a thug a mhac nuas o na neamhan 's a thug misneach agus neart do dhaoine eigin bha deònach agus eudmhor 'n an saothair. Tha Dia deanamh feum do mheadh-onan nach smaointicheadhmid bhi chum foghnaidh; tha feuchainn gu riochdail an làmh tha stiuradh nithe diomhair an t-saoghail, 's a' toirt gu buil na 's aill leis-san agus cuid dhiubh sin, mar shaoileadhmid, bhi dìreach an aghaidh na tha E toirt gu crìch.

'Nuair chuireadh Leo X. 's a' chathair bha ionmhas Eaglais na Roimh air a chosgadh. Bha'n dà phàpa bh' air thoiseach ro struidheil, agus bha e féin mor-chuiseach agus deigheil air luchairt mhòr. Bha e fial ri daoine fiachail, agus bha e 'n a eigin 's a' tabhairt ionnsuidh leis gach innleachd a b'urrainn na sagairtean a dhealbh air airgiod a thogail. Be'n doigh bu deise gu airgiod ullamh thrusadh luach a' ghabhail air-son peacan a mhathadh. 'S ann aig Albert, ard-easbuig Magdeburg bha còir air malairt 's na nithe spioradail sin 's a' Ghermailt, agus ròghnaich e-san Tetsel, sagairt mi-gheannuidh, ach bha briathrach agus tapaidh gu gnothuch 's gu cus airgid a thrusadh air an doigh sin. Bha mànaich do dhream fein, na Dominicanach, comhnadh leis. Bha e trusadh mòran airgid o'n t-sluagh, air bheag umhail mu'n doigh, 's air bheag aire d' a ghiulan 's d' a chaithe beatha. Bha iad gabhail luach beag air-son peacan mhathadh do dhaoine bochd, a bha faoin, 's a' tabhairt creideas do gach roisgeul, bha Tetsel 's a luchd-comhnaidh cur am fiach orra; ach bha daoine b'fhearr tuigse 's bu mhò fiosrachaidh gabhail gràin d'an doighibh. Bha uachdarain dìombach dhiubh air-son na bha iad toirt o'n iochdrain; agus daoine cràbhach a chionn an sgleo 's au breugan,—uile gu mionnan pàpa shàsachadh. Bha suilean dhaoine air am fosgladh 's faicinn mar bha Tetsel, 's a luchd-pairt cosg le misg agus mi-riaghailt airgiod bha iad togail, mar bha iad cur am fiach, air-son math na h-caglaise agus sàbhal-

adh anma pheacach ; bha iad toirt fainear gu beachdail gu b'iad féin na peacaich bu mhò.

'S ann an sin a thòisich Martin Luther ri chur an teagamh gu robh foghnadh 's a' mhaitheanas bha iad toirt seachad. Labhair e gu h-àrd an aghaidh giulain agus caithe beatha maslach an luchd-malairt. Rugadh Luther an Eisleben ann an Sacsoni ; bha mhuinntir bochd, ach fhuair e-san ionnsachadh math, agus bha càilean math aige. Bha e beachdail, a' trom smaointeachadh air nithe spioradail. Bha e cràbhach agus gaolach air uaigneas. Chaidh e do thigh mhànach, far an tugadh aire d'a dhiadhachd, d'a fhòghlum, agus d'a dheigh air leughadh. Bha e air a theagasg 's na doighibh bh'aca 's na sgoilean an sin,—ach mar is mò bha e 'g an cnuasachadh 's ann bu lugha bha shuim aige diubh, agus shuidhich e steidh inntinn air na sgrìobhan naomha. Fhuair e Biobull an cuil do'n tigh mhànach, agus chuir e ioghnadh gu leoir orrasan bha maille ris leis an dùrachd bh'aige mu na bha air fhoillseachadh ann. Bha chliu agus iomradh a' sgaoileadh fada air-son ionnsachaidh agus a dheadh chaithe beatha, air mhodh 's gu do ròghnaicheadh e 'n a fhear-teagaisg aig Uittenberg, far an robh e am meas ro mhòr.

Thainig Tetsel a shearmonachadh maitheanas pheacaidh do'n ionad sin. Bha Sacsoni an aineolas co tiugh, dhorcha, ri cearnan eile do'n Ghermailt, agus bha Tetsel faotainn morain do na bh'aig daoine bochd, socharach. Cha robh Luther toilichte do dhoighibh seolta, cealgach, Thetseil, agus bha e duilich air bhì sealltuinn air gach car bha e tabhairt asdasan bha creidsinn a roisgeul. Cha do chleith e a bheachd mu na gnoth-uichean, oir chuir e'n ceill ann an Eaglais mhòr Uittenberg nach robh feum no foghnadh 'n am maitheanas ; agus chuir e sios, an deas-bhriathra, mi-bheusan nam mànach a bha malairt maitheanas peacaidh. Leig e ris an teagasgan foilleil, dh'asluich e air a' phobull gun earbsadh chur a' meadhon ach na dh'òrduicheadh am focal Dé. Bha ughdarras Lutheir mòr agus a theagasg eu-coltach ris na bha iad gach là cluinntinn,—dhrùigh sin air an luchd-éisdeachâ. Sgrìobh e dh'ionnsuidh ard-easbuig Mhagdeburg, bha riaghladh thar Sacsoni, mu

mhi-bheusan agus foill nam mànach; ach 's ann bha'n ard-chléir a' gabhail am pairt. Chuir e'n sin a bheachd féin mu mhaith-eanas peacaidh amach chum 's gu faiceadh daoine fiosrach co aige bha choire, agus gu tugadh iad breth eadar e-san agus iad-san a bha e dite,—dh'ainmich e latha coinneamh 's an robh a bharailean ri fheuchainn; agus chuir e 'n ceill an t-urram bh'aige do Eaglais na Roimhe, agus ùmhlachd do'n phàpa. Cha tainig aon air aghart air an là;—sgaoil a sgrìobhan air feadh na Germailt; bha daoine cliuthachadh a mhisnich a thug ionnsuidh air cumbachd mòr a' phàpa, agus a fhuair coire do ghnathachadh nan Dominicanach a bheireadh breth air 's a' chuir dhiabhluidh.

Cha robh an mànaich, an Naomh Augustine, do'n robh e fein, mi-thoilichte air-son na chur sios air cach, oir bha iad an ganlas doibh. Bha Luther cràbhach, foghlumte, am meas mòr, 's mar nach do labhair e 'n aghaidh a' phàpa,—cha bu mhiosa leo e chur a' phobuill an aghaidh an dream eile. Bha uachdaran agus fear roghainn Shacsoni, am prionnsa bu mho tuigse 's a' Ghermailt, cur leis an diomhaireachd. Bha e toirt fainear mar bha 'n lùchairt leis agus toileach grabadh chuir air luchd-feuchainn bha ro ghabhaidh.

Chuir iadsan bha seasamh Eaglais na Roimh, 's a doighibh sgrìobhan mach a dhìte barailean Lutheir; ach cha robh am pobull toilichte leis na chuir iad sios. Gidheadh, bha iad an lùchairt a' phàpa gun umhail do aon diubh. Bha Leo gaolach mu nithe eile—'s e inbhe ard agus beatha thaitneach air an robh a dheigh, agus chuir e suarach na bha e cluinntinn mu dheasboireachd agus sgrìobhan mhanach, 's bha e'n dùil nach robh ann ach aimhreit a bh' eadar an dò ordugh agus leig e leo féin a reiteachadh.

Bha naimhdean Lutheir a' faicinn mar bha e dol air aghart, agus bha iad gun tàmh a' brosnachadh a' phàpa,—mu dheireadh thug Leo gairm do Luther dol do'n Roimh, taobh a stigh do thri-fichead là, chum fheuchainn le fear eisdeachd agus fear fiosrachaidh na cùirt, a bheireadh breth air na bha e teagasg. Sgrìobh e chum àrd riaghlair Shacsoni gu'n didinn a thabhairt do shaobh-chrèidmheach agus a dh'ionnsuidh riaghlair an

tigh mhanaich aige féin e chasg na bha togail buaireis 's an Eaglais.

'S math bha fios aig Luther na bha feitheamh air 's an Roimh, agus bha e ro thoileach gu rachadh deuchainn a chur air 's a' Ghermalt. Bha luchd-teagaisg ol-thigh Uittenberg foghluinnte, agus sgrìobh iad dh'ionnsuidh a' phàpa, gabhail lethsgheil Lutheir 's a' guidheadh air e leigeadh le daoine co foghlumte 's a bha fodh dhreuchd fheuchainn 's a' Ghermalt. Dh'iarr an àrd riaghlair an ni ceudna o fhear ionaid a' phàpa, agus chuir Luther litir do'n Roimh gealltuinn gu biodh e umhal do thoil a' phàpa. Dh'aontaich Leo le sin, thug e comas do'n ard-chléir, Caietan, a bha fòghluimte agus deonach gu Eaglais na Roimh a sheasamh.

Chaidh Luther gu Augsburg. Gheall an t-iompaire nach tigeadh beud ri phearsa. Cha b'fhiù leis an ard-chléir toiseachadh ri deasboireachd ri mànach, ach bhuin e ris an toiseach gu ciuin ag iarraidh air a bharailean atharrachadh mu chreideamh agus maitheanas peacaidh, agus gun tuille chur amach a dhusgadh aimhreit 's an Eaglais. Bha ioghnadh air Luther mu bhriathran, làn-chinnteach gu robh e féin ceart, agus fiosrach gu tugadh daoine tuigseach fòghluimte fianuis mhaith leis. Bha e'n duil an toiseach gu rachadh aige air an fhirinn a chur mu chomhair aon bha co urramach, an solus a a bheireadh air aideachadh gu robh eucoir 'g a dheanamh air leosan a bha'm mi-run da; ach bha e air a mhealladh, ged nach robh sin comasach air aigne isleachadh. Thuirt e nach leigeadh a choguis leis cùl chur ri bharailean bha fios aige bha ceart; 's nach deanadh e, air dhoigh sam bith, aontachadh le ni sam bith bhiodh maslach dha féin no bheireadh oilbheum do Dhia. Ach bha e fathasd cur an céill a' mhòr urraim do'n phàpa.* Bha e toileach gach comh-stri agus deasboireachd fhàgail fodh bhreth. Ol-thighibh a dh'ainmich e, agus gheall e nach abradh e tuille mu mhaitheanas peacaidh, nan cuirte a naimhdean 'n an tosd cuideachd mu'n timchioll. Cha'n eisdeadh Caietan ris na tairgsean sin, ach e ghabhail aithreachais air neo gu biodh e fodh bhreth na h-Eaglaise,

* Faic saothair Lutheir.

's a' toirmeasg dha gun tighinn 'n a làthair-san a rìs mar deanadh e mar bha e 'g iarraidh. Bha chairdean fodh amharus nach biodh e sabhailte feadh 's a bha e'n Augsburg, agus ghuidh iad air falbh as gun fhios; ach mu'n d'imich e as a' bhaile sin thog e chuis o bhreth Chaietan gus a' phàpa féin.*

Lionadh fear-ionaid a' phàpa le feirg chionn Luther a theicheadh, gun fhios air an tair a rinn e air a bhreth féin, agus sgrìobh e gus an ard riaghlair, a' sparradh air greim a dheanamh air a' mhànach chomh-stridheach, 's a chur 'n a phriosunach do'n Roimh. Cha b'ann air-son creideimh bha Frederic gabhail a' phairt, cha do leugh e sgrìobhan 's cha d'fhuiling e na shealladh e. Bha aobhair eile aige, agus bha 'n dion bha e tabhairt os-iosal ach ciod am freagradh bheireadh e'n ard-chléir? Chuir e mòran amach a' togail ol-thighean a bha co feumail 'n a dhuthaich,—bha e faicinn an call mòr bhiodh dhoibh na tugadh Luther uatha iad so, chuir e litir mhodhail, shuairce dh'ionnsuidh an ard-chléir, 'g aideachadh a mhòr urraim do'n phàpa; ach diùltadh buntuinn ri Luther 's a' cur an ceill a churaim uime.†

Cha robh cairdean Lutheir toilichte air giulan Caietan,—ach ciod a b'urrainn e dheanamh? Mu'n do ruith an tri fichead latha dhit na breitheamhna 's an Roimh e 'n a shaobhchreidmheach.† Bha Leo 'g a ghairm 'n a sgrìobhan 'n a leanabh eusaontais agus 'n a dhuine baoth.† Cha bu lugha na aithreachas tréibh-dhìreach a dheanadh feum le Eaglais tha neo-mhearachdach, mar tha'n dùil.

Cha do chuir sin uile fiamh no tioma air Luther, bha gabhail roimhe 'n a bharailean féin 's a' dìte 's a' cronachadh, gu ro gheur, gnathachadh a naimhdean.‡

Chunnaic Luther gu soilleir ciod a dheanadh am pàpa, agus nach robh tearnadh aige o thuiteam an lion a mhillidh air dhoigh eile, agus thog e chuis gu comhairle choitchionn a bha os ceann a' phàpa,—agus cha robh e idir am mearachd.

* Eachdraidh an ath-leasachaidh.

† Faic eachdraidh an ath-leasachaidh.

‡ Eachdraidh na h-Eaglaise.

Chuir am pàpa mach reachd roimh siu, bha cliuthachadh maitheanais peacaidh, 's an robh gach foghnadh mòr;—g' aithne do uile Chriosduidhean teagasgan na h-Eaglaise chreidsinn, agus gach aon chuireadh an aghaidh sin bhi fodh bhreth an ard chléir.

Cha tug iadsan bha gabhail le Luther seadh da reachd, ach bhiodh e fada 'n an aghaidh nam bu bheo Macsimilian bha ro eudmhor air-son na h-Eaglais,—fhuair Luther ùine gus an deachaidh fear eile ròghnachadh, agus bha theagasgan a' freumbachadh fad agus cian feadh na h-ùine shàmbach sin.

Cha robh ach beag fiosrachaidh no eolais aig Leo air na teagasgan sin; ach bha inntinn 's a smaointe mu roghnachadh iompaire eile, agus cha chuireadh e mì-thlachd air Frederic aig an robh mòran ri radh mu ghnòthuichean cudthromach na h-iompaireachd. Neo-air thainig dhoibh-san bha 'g a spuiradh gu Luther a chur fodh ascaoin Eaglaise. Bha'm pàpa cuideachd deònach air sìth, agus rè bliadhna gu leth, mu'n deachaidh bheag a dheanamh 's an robh foghnadh, bha oidheirpean 'g a thabhairt gu nithe chur reidh, ach 's ann bha gach oidheirp leigeadh fhaicinn do Luther truailleidheachd na h-Eaglaise, agus eu-ceirt na lùchairt. Thòisich e air cur an teagamh gu b'ann o neamh bha ùghdarras a' phàpa. Chonnsuich e féin agus Eccius uime sin aig Leipsic, gidheadh, 's ann ni b'fhaide bha iad o shìth.

Cha b'ann amhain an Sacsoni bha iad cur an aghaidh teagasgan agus gnathaibh na h-Eaglaise Romhanaich, bha briste mach cuideachd an Suitserland. Fhuair na Franciscanaich comas malairt am maitheanas peacaidh, agus bha iad dol air aghart air an amhuil cheudna gun umhail d'an giùlan, no caithe beatha. Bha fear Suinglius ann an Surich, a chuir 'n an aghaidh gun eisiomail. Bha e air-son steidh an creideimh thilgeadh sìos a dh'aon uair.* Rinn Luther aidhear air-son a leithid a chòmhnadh agus bha òl-thighean Chologn agus Loubhain 'g a dhìte.

Bha gach oidheirp bha iad toirt air Luther togail suas aigne ni b'airde, thug e ionnsuidh air bunait gach cumhachd agus

* Eachdraidh na h-Eaglaise.

▪ Sleid Hist.

mòrchuis a luasgadh. Chunnaic Leo nach robh feum a bhi fòil ris; bha an àrd chleir faotainn coire dha air-son an ùine leig e leis; agus bha e fiosrach gu bu chòir dha gnìomh a dheanamh a chuireadh suas air urram mòr na h-Eaglaise. Bha duil gu biodh an t-iompaire òg air-son an ni ceudna. Bha'n àrd chléir a' coinneachadh 's a' cur an comhairle ri cheile air-son an dòigh a b'fhearr aghabhail chur nan saobh-chreidmheach 'n an tàmh. Chuireadh mu dheireadh reachd amach an aghaidh Lutheir, air a' choigeamh là deug do dhara mìos an t-sàmhraidh 1520, leis na dhìte sgrìobhan Lutheir, a bha iad cumail amach bha làn do shaobh-chreideamh bha maslach, 's nach b'urrainn daoine cràbhach a chluinntinn, chaidh thoirm-easg do uile dhaoine an leughadh; dh'àithne an losgadh, mar gabhadh Luther aithreachas an taobh a stigh do thri fichead latha,—mar aidicheadh e mhearachdan gu folaiseach, 's mar loisgeadh e a leabhraichean, bha e ri chur fodh ascaoin Eaglaise, mar shaobh-chreidmheach dalma, 's air a thilgeadh gu Sàtan a mhilleadh na feola; agus bha gach prionnsa ri ghlacadh, 's ri thabhairt suas gu fuilgeadh e air-son a dhroch-bheirt, air neo gu biodh iad féin fodh 'n reachd cheudna.*

Bha cuid deanamh aidhear, 'nuair chuireadh an reachd a mach; agus cuid am feirg air-son a leithid,—bha iad sin deanamh dìmeas air na bha Leo cur roimhe, buntuinn ruisan bha air a chur amach le tàir, 's 'g a stracadh nuas o na ball-achan.†

Bha fios aig Luther ciod a dheanadh am pàpa, 's cha tug e tioma no taise 'n a ghné. Thog e chùis gu comhairle choit-chionn; sgrìobh e 'n aghaidh reachd a' phàpa; bha e nis deirbhte gu robh Leo eucorach agus ana-cneasda, agus chuir e 'n ceill gur e an t-Ana-criosduidh a roimh-innse 's an Tiomnadh Nuadh; labhair e ni bu déine mu ainneart, ghairm e air uile phrionnsan Criosduidh cuing a' phàpa chur dhiubh; agus bha e ri uaill air-son a mhisnich a ghlac e féin 'nuair thog e ghuth gu daoine shaoradh. Chaidh e ni b'fhaide. Thug Leo àithne gu rachadh leabhraichean Lutheir a losgadh 's an Roimh; ghairm Luther daoine fòghluimte ol-thigh

* Palabbic.

† Seekuid.

Uittemberg, agus mòran eile coladh agus loisg e 'n am fianuis laghan agus riaghailtean a' chléir agus reachd a' phápa; agus rinneadh an ni ceudna am bailte mòr eile air feadh na Germ-ait. Rannsuich e gu mìon iad, agus tharruing e uatha na nithe bu choiriche b'urrainn e fhaotainn annta, bha 'n aghaidh deadh stiuraidh rioghachdan; agus sgrìobh e umpa sin air doigh a chitheadh na h-uile gu soilleir ceannaircean uachd-arain na h-Eaglaise.

Rinneadh Tearlach V., rìgh na Spainnte, 'n a iompaire, 's a' bhliadhna 1519, an aite a shean-athar Macsimilian I. a a chaochail, agus chuir Leo roimhe ughdarras thaobh na h-Eaglaise, seadh gu b'e a fear-dìdinn, an duil ri chomhnadh gu dìoghaltas thoirt air Luther.

Bha Tearlach deònach air Leo a thoileachadh air-son e chuir leis féin an aghaidh Francis I., rìgh na Frainge, agus bha e, air an aobhar sin, cur roimh buntuinn gu cruaidh ri Luther. Bha luchd-aite a' phápa air-son a dhìte air ball o'n bha e fodh ascaoin Eaglaise; ach bha'n Seanadh faicinn nach robh sin ceart, no réir nòis nan comhairlean, agus dh'iarr e air féin thighinn a làthair, thug an t-iompaire a ghealladh gu biodh e sabhailte. Beagan 'n a dheigh chuireadh reachd amach an ainm an iompaire, 's le ughdarras na comhairle, bha toirt gach sochair o'n t-saobh-chreidmheach dhàn, 's ag àithne do na h-uile a ghlacadh co luath 's a rachadh an t'am a fhuair e gu dol a làthair seachad.

Cha deachadh suim thoirt do'n reachd so. Bha mòran aig an iompaire ri dheanamh, agus bha uachdaran Shacsoni seolta, agus deònach air Luther a shaoradh. Air an rathad air ais o'n chomhairle thainig marcaichean air an robh sgailean amach a coille, rug iad air Luther, agus thug iad e gu daighneach nach robh fad as, agus leig iad leo-san bha maille ris imeachd rompa. Fhuair e'n sin gach ni dh'fheumadh e, ach ghleidheadh e an uaigneas gus an deachaidh an doinionn seachad. Bha e'n sin naoidh mìosan ged nach robh e 'n a thàmh. Bha e sgrìobhadh, 's a' cumail suas misneach dhaoine bha co-math ris féin faicinn, 's a' dìte doighean na h-Eaglaise. Bha tuilleadh dol maille ris 'n a bharailean agus 'n oidheirpean.

Bha dream àraid do'n òl-thigh a dh'atharraich an doigh aoraidh, 's a thug an cupan do'n luchd-comunnachaidh.

Am feadh bha Luther aig Uartenburg fhuair e fios gu do dhite ol-thigh baile mòr na Frainge a bharailean, agus gu do sgrìobh Ionraic VIII., rìgh Shasuinn, air na seachd Sàcramaidean 'n a aghaidh. Bha Luther gun eisiomail do aon aca, agus sgrìobh e gu misneachail fòghainteach 'n an aghaidh le cheile. Bha chomh-stri ainmeil thaobh inbhe agus ughdarras nan daoine bha ri strì, agus bha tuille gabhail taobh Lutheir 's an Fhraing agus an Sasunn.

Bha aon do luchd-leanmhuinn Lutheir co eudmhor agus deònach 'n aghaidh deas-ghnathaibh na h-Eaglaise, 's gu do dhuisg e suas am pobull, a thòisich ris na h-ìomhaighean 's na h-Eaglaisean a thilgeadh sìos. Bha fios aig Luther gu biodh a leithid sin fada 'n aghaidh an leasachaidh mhoir ris an robh e; gu tugadh e air daoine math pilleadh uaith; gu sònraichte an t-uachdaran bha gabhail a phàirt, agus 'g a dhionadh. Phill e gun a comhairle iarruidh gu Uitterberg, agus chuir e stad air giùlan mi-riaghailteach. Strìochd am fear-teagaisg agus a luchd-leanmhuinn d' a dhreuchd, agus dh'aidich iad gu cual iad guth aingil.*

Thòisich Luther 'n a ìoad dìomhair ris na sgrìoptuirean eadar-theangachadh gus a' Chainnt Ghermailteach. Bha e fòghluimte 's an Eubhradh, 's a' Ghreugais, 's ro fhileanta an cainnt a dhuthcha, 's leis a' chòmhnadh fhuair e o Mhelancthon, agus daoine diadhaidh eile, bha earrann do'n Tiomnadh Nuadh deas 's a' bhliadhna 1552. Bha iad do gach inbhe 'g a leughadh le diau thoil. Bha iognadh orra mu'u dealachadh bha eadar teagasgan an t-slanuighir agus deas-ghnathaibh nan daoine bha cur an ceill gum b'iad a bha 'n a ionad air thalamh, agus bha iad comasach air breth cheart a thoirt mar bha riaghailt a' chreidimh 'n an làmhan. Chun iad an tìribh eile do'n Eorpa am fòghnadh mòr a lean an oidheirp so thug Luther air an t-soisgeil a chraobh-sgaoileadh, agus thòisich iad ris na sgrìoptuirean eadar-theangachadh gu cainnt a thuigeadh an sluagh.

* Sleid.

Bha nis iomad baile mòr 's a' Ghermailt gabhail an ath-leasachaidh 's a' cur aifrionn air cùl, agus bha uachdarain agus daoine cumhachdach gabhail barailean Lutheir, agus deònach gu biodh an iochdarain air an teagasg 'n a dhoigh-san.

Fhuair iad pàpa eile bha ionnraic agus toileach air maith na h-Eaglaise; ach bha e faicinn le doilghios, mar bha mòran 'g a fàgail, agus ghairm e an àrd chléir cruinn chum an comhairle fhaotainn gu stad a chur air a leithid. Bha e 'n a òige deas-bhriathrach, agus fiosrach mu phongan a' chreideimh, agus be'n urram a bh'aige do na daoine ainmeil leis an deachaidh àrduchadh. Bha sgrìobhan Lutheir 'n an aghaidh, uime sin, 'n an oilbheum nach b'urrainn dha mhaitheadh. Ach mar bha bheusan 's a ghiulan fein stolda, stuama, bha giùlan na cléir co coireach 'n a shuilean 's a bha iad an làthair Lutheir fein. An 1522, sgrìobh e chum na cléir, bha e dìte Lutheir air-son a bharailean ni bu mhò na rinn Leo; 's a' cronachadh prionnsan na Gernailt chionn fhulang co fada. Agus bha e 'g aideachadh mar dhuine ionnraic, gu b'ann o thruailleachd lùchairt na Roimh a bha gach olc ag eiridh; gheall e na bha 'n a chomas a dheanamh chum ath-leasachadh, agus bha e 'g iarraidh an comhairle agus an comhnaidh.

Chliuthaich iad deadh rùn agus comhairle a' phàpa; ghabh a' choinneamh leth-sgeul nam prionnsan mar bha luchd-leanmhuinn Lutheir air fàs co lìonmhor, agus am pobull ri gearan mu na bha e togail dhiubh,—chuir iad an ceill gu daingean gu feumadh atharrachadh dheanamh, agus gu robh e dearbhta gu bi comhairle choitchionn bhiodh amhain comasach air sìth dheanamh 's an Eaglais,—dh'aontaich an t-iompaire leo, agus dh'aslaich iad air a' phapa e thoirt gairm dhoibh cruinneachadh an aon do bhailtean mòr na Gernailt.

Bha'm fear bha seasamh aite 's a' chomunn sin ni bu gheire na'm pàpa; chuir e roimhe ni b'fhaide,—oir bha fios aige mar bha inntinnean dhaoine, agus an cunnart anns a' cheart àm, agus, uime sin, rinn e na b'urrainn e chur an aghaidh gairm choitchionn, a' sparadh air a' choinneamh a bh'ann Luther a chur 'n a thosd. Chunnaic a' choinneamh gu robh

fear àite a' phàpa ni bu deònaiche chumail suas ard urram lùchairt na Roimh na bha e air-son leasachaidh na h-Eaglaise, sheas iad mar aon, air-son gairm thoirt do na h-uile aig an robh coir tighinn gu coinneamh mhòr, 's an rannsuicheadh iad gach ni, agus an ceartaicheadh iad nithe aimhreitich. Dh'fhàg e-san a' choinneamh gun bheannachd a ghabhail leo, mar nach eisdeadh iad ris. Tharruing na prionnsan sin amach na nithe bha iad faicinn feumail atharrachadh, no leasachadh, a bha 'g éiridh o dhroch riaghladh, agus deanadas a' phàpa, agus a' chléir uile, 's cha bu lugha na ceud chuir iad sìos. Mhaoidh iad mur tugadh am pàpa freagradh do'n iarrtus mar bha iomchuidh, ceart agus feumail, gu deanadh iad féin réir 's mar bha'n Tighearna ceadachadh 's a' tabhairt comais doibh.

Mu'n do dhealaich iad chuir iad amach an rùn, mar reachd, no iarrtus, uile bhi samhach, agus fanachd le foighidinn ris a' chomhairle mhòr bha ri cruinneachadh, gun luchd-teagaisg bhi cur mach no labhairt mu bharailean ùr no gnothuch a gabhail ri nithe nach buineadh do'n Eaglais, ach bhi mìneachadh 's a' teagasg firinn a' chreideimh Chriosduidh.

Chaochail am pàpa Adrian an toiseach a' gheamhraidh, 1523. Bha'n ath-fhear, ris an do chan iad Clement VII., ni bu sheolta 's ni b' innleachdaiche; ged nach robh e idir co stòlda, gheamnuidh,—fhuair e chathair le cuilbheartan, agus bha aobhar math aige eagal bhi air roimh chomhairle choitichionn, uime sin chuir e duine bha fìor sheolta, agus oidheirpeach, gu coinneamh na h-iompaireachd aig Nuremberg.

Dh'iarr Campeggio, fear ionaid a' phàpa air thùs gu rachadh reachdan bha'n aghaidh Lutheir a chur an gnìomh. B'ail leis a' choinneamh fios fhaotainn mar rinn a' phàpa thaobh an aireamh chuireadh sìos do nithe bha cronail chum 's gu rachadh an leasachadh. Cha tugadh e freagradh dìreach mu thoil a' phàpa, cur an céill nach tainig na nithe sin a làthair gus an do chaochail Adrian, gu do ghabh iad tuille 's a choir orra féin, deanamh folaiseach nithe nach robh iomchuidh; agus gur h-ann bu choir dhoibh sealltuinn air ùrram na h-Eaglaise, agus an lagh fheuchainn ri Luther, agus gach aon a bha co

dàn agus an guth thogail a chronuchadh nithe nach buineadh dhoibh. Bha teachdairean an iompaire cur leis, mar bha toil aca am pàpa bhi air taobh am maighistir, ach sheas a' choinneamh 'n am beachd féin. Bha Campeggio deònach air cail eigin a leasachadh, ni nach b'fhiù ainmeachadh, agus nach toilicheadh am pobull; agus dhealaich iad co fhad o cheile 's a bha iad roimhe.

Phòs Luther, 's a' bhliadhna 1526, Catrìne Baria a bha do theaghlach fhiachail, 's a theich o thigh nan cailleacha dubha 's an robh i. Cha robh daoine cliuthachadh a' cheum sin; bha chairdean diòmbach deth thaobh trioblàidean nan aimsir-ean, agus an comas a thug e d'a naimhdean labhairt gu maslach uime. Bha fios aig Luther mar bha iad araon; ach, mar bha e fiosrach gu robh am pòsadh onarach, cha do lagaich na bha iad uile ag radh a mhisneach.

An coinneamh nam flath, an 1526, bha teachdairean an iompaire air-son stràchd do'n lagh fheuchainn ri Luther agus a luchd-aidmheil, agus bha'n àireamh bu mhò do na flathaibh 'n aghaidh, cur an ceill nach robh cumhachd aca gu sin a dheanamh gus an coinnicheadh a' chomhairle mhòr agus an cuirteadh gach cùis gu'n radh-san. Dh'aontaich iad mu dheireadh sgrìobhadh gus an iompaire 'g aslachadh air comhairle mhòr a ghairm 's an tugadh gach aon a ghuth gu saor, 's ag aontachadh gus a sin, gu biodh gach aon a' stiuradh a dhaoine féin air an doigh sin bhiodh freagarrach agus ceart.

Cha b'urrainn co-dhunadh a b'fhearr bhi air-son nan daoine bha deònach air a' chreideamh fhior spioradail a sgaoileadh. Bha mòran ghnòthuichean aig an iompaire ri chur air aghaidh an rioghachdan eile, 's cha b'urrainn e aire thoirt do na nithe bha dol air aghaidh 's a' Ghermailt, gu h-àraid do chreideamh. Cha robh am pàpa co mòr aige, o na thionndaidh e le rìgh na F'rainge agus cumhachdan eile bha'n aghaidh Thearlaich. O na fhuair e buaidh-laireach aig Pabhia, bha e fàs co cumhachdach 's gu robh eud agus eagal air Clement chionn e bhi co amaideach agus gabhail le naimhdean. Lionadh Tearlach V. am fearg ris,—shaltair e air cumhachd a' phàpa 's an Spainnte,—chaidh e chogadh ris 's an Fheadailt, agus

sheisd e air baile mòr na Roimhe féin, an 1527. Theich Clement VII. do dhaighneach an Naoimh Angelo, 's an d'fhuiling e mòran. Cha robh luchd-ath-leasachaidh na h-Eaglaise 'n an tàmh, réir a chothroim a fhuair iad, agus bha iad fàs ni bu laidir a thaobh an aireamh agus inbhe cuid bha 'g èiridh leò. Bha iomadh an rùn math dhoibh ged bha aobhair eigin 'g an cumail sàmhach. Bha Luther 's a' luchd-còmhnaidh tabhairt misnich agus neirt dhoibh-san bha teoma no so-aomadh o'n sgriobhadh 's an teagasgan. Bha'n saothair mòr, agus am fòghnadh feuchainn gu robh an ceartas aca.

Cha robh an t-sìth-thaimh so fada. Rinn an t-iompaire 's am pàpa suas an aimhreit, agus bha'n coinneamh, an 1529, dìte gach sochair a fhuair flathaibh na h-iompaireachd 'n an duthcha féin—gu h-àraid mu nithe bhuineadh do chreideamh. Chuir cuid do na daoine cumhachdach, agus teachdaire ceithir bhailtean deug an aghaidh an reachd gu sòluimte, mar bha iad 'g a mheas eucorach agus an-diadhaidh. Air an aobhar sin chan iad riu Protestanaich,* a theirear riusan uile a dh'fhàg Eaglais na Roimhe. Chuir iad an sin teachdairean chum an iompaire a bha'n sin 's an Fheadailt, a' deanamh an gearain ris; ach 's gann a fhuair iad eisdeachd. Bha toil aig Tearlach gus am pàpa chumail air a làimh. Bha iomad comhairle aca ri cheile, gu cur as doibh-san bha ri ath-leasachadh. Thug Clement gach oidheirp air an iompaire chur 'n aghaidh comhairle choitchionn. Bha e air-son iadsan bha briste mach chumail fodh le làimh laidir, mar bha e iomchuidh do chumhachd agus urram an iompaire agus na h-Eaglais. Bha Tearlach dh'atharrachadh beachd; bha e air-son buntainn ris na Protestanaich air doigh bu chneasda,—agus am barail gu biodh comhairle choitchionn chum foghnadh math; ach gheall e mar deanadh sin feum gu feuchadh e neart an lagh a smachdaichidh iad-san a bhiodh eas-umhal agus dalma.

Sin am beachd 's an robh e 'nnair chaidh e air a thurus do'n Ghermailt. Bha e toirt fainear air an rathad mar bha'n sluagh, agus thuig e nach biodh e ceart buntainn cruaidh riusan bha cur an aghaidh gach droch-bheirt, nan deanadh

* Sleid Hist.

doighibh eile feum. Dh'àithn e cruinneachadh mòr a ghairn aig Augsburg mu'n do thriall e;—'nuair rainig e, chaidh e steach do'n bhaile an staid mhòr; agus bha co-thional ro mhòr a' feitheadh air, mar bha cuspair àraid aca ri thabhairt fainear, agus mar bha e iomchuidh gu tugadh iad urram do'n iompaire, a choisinn mòran cliù agus buaidh 's an fhèachd, bha iad uile deònach air a thoileachadh. Cha do leig uachdaran Shacsoni le Luther tighinn do'n choinneamh air eagal mi thlachd chur air an iompaire, thaobh gu robh e fodh ascaoin eaglaise, agus air a mheas 'n a mhàthair aobhair a' chomh-stri. Bha iad mar so air-son an cur reidh. Dh'iarr Tearlach air na flathaibh Protestanach gun leigeadh leis a' chléir bh'air an taobhsan, 's a thainig chum na coinneamh, searmonachadh feadh 's a bha iad cruinn. Thug iad air Melanethon a bha ciuin, sìochail, riaghailtean an aidmheil a chur sìos, chum nach tugadh ach co beag cionn-fà comh-strì 's a b'urrainn do chléir na Roimhe. Rinn e sin le aire agus foghnadh math. Chan iad ris aidmheil Augsburg o'n àite 's an do shuidh a' chomhairle. Thoisich an connsachadh 's cha b'urrainn an t-iompaire an cur reidh. Bha na flathaibh seasmhach 's an steidh inntinn a bh'aca. Cha tug gach gealladh bha'n t-iompaire toirt seachad, no ughdarras 's a chumhachd, aomadh air cinn fheadhna nam Protestanach; cha'n eisdeadh iad ri duine roimh Dhia.*

O nach robh e'n comas Thearlaich an cur reidh, bha e airson a neart fheuchainn, agus urram Eaglaise na Roimh chumail suas. Chuir a' chomhairle mach reachd ro-chruaidh an aghaidh nam Protestanach; agus bha prionnsa nan àitean sin,—nach d'fhàg an Eaglais a' cur le cheile, 's an t-iompaire air an ceann, chum cur as doibh. Bha'n cunnart mòr,—ach bha saothair Lutheir mòr cuideachd. Bha e sgrìobhadh 's a' cumail suas misnich a mhuinntir féin. Thuig iadsan nach robh sabhaladh aca, mur cuireadh iad an guaille ri cheile, thionail iad aig Smalcalde, agus cheangail iad ri cheile na bha dealachadh o'n Eaglais thruaillte; cur rompa seasamh mar aon an aghaidh na bheireadh ionnsuidh orra; chuir iad gu rìgh-

* Sleid.

rean na Frainge agus Shasuinn air-son an dèidinn 's an comh-nadh. Bha'n t-iompaire air-son a bhrathair a ròghnachadh 'n a rìgh air na Romhanaich; ach ged nach robh gnothuch aig an creideamh-san ri sin, cha robh na daoine mòr toileach air-son barrachd cumhachd bhi aig teaghlach a bha cheana anabharr àrd.

Chruinnich na Protestanaich a rìs aig Smalcalde, agus dhaingnich iad an ceangal. Ged nach robh na rìghrean a dh'-ainmich sinn dol leo bha iad toirt misneach agus còmh-nadh dhoibh os-iosal. Bha aobhair fa leth aca air-son bhi'n aghaidh an iompaire; agus bha iad faicinn,—cha b'ann gun eud agus cùram,—mar bha theaghlach ag éiridh.

Chunnaic Tearlach nach b'e 'n t-àm buntainn cruaidh ris na Protestanaich 's gu deachaidh e tuille 's fad air aghaidh cheana le iompuidh a' phàpa. Labhair e mu shìth, agus, an ùine bheag, rinn e reite ri morairean na h-iompaireeachd aig Ratisbon. Choird iad gu biodh na h-uile sìochail air feadh na Germailte gus an gleidheadh iad comhairle mhòr eile chur gach ni ceart, 's gun tugadh an t-iompaire oidheirp air a' chomhairle bhi an sè miosa; nach rachadh dragh chur air duine 's am bith air-son a chreideimh, 's gu dubhadh iad mach reachdan a rinneadh 'n aghaidh nam Protestanach, agus bha iadsan ri dol le'm feachd a chòmh-nadh Thearlaich an aghaidh nan Turcach. Mar bha na Protestanaich seasmhach, duineil, fhuair iad cumhnantan matha o'n iompaire bha'm feum air an comh-nadh, agus bha iad a ris an ainm 's am meas.

CAIBIDIL II.

Ath-leasachadh na Suaine, agus rioghachdan tuath agus deas—Geur-leanmhuinn 's an Fhraing—Calbhin—Coinneamh aig Trent—Foill Thear-aich V.—Bàs Lutheir,—A bheatha—Cogadh Gille-Moire—Buaidh—Sith—Coinneamh Augsburg—Na rinneadh an sin.

FEADH bha na gnothuichean mòra mu'n robh sinn a' sean-achas dol air an aghaidh 's a' Ghermailt, bha ath-leasachadh sgaoiladh feadh rioghachdan eile. Bha aon do dheisciobuil

Lutheir a rainig an t-Suaine, agus bha e cur iompuidh air daoine cùl chur ri mearachdan na h-Eaglaise bha air a truaill-eadh. Bha'n t-uachdaran a ghabh ris deònach air iochdarain bhi air an teagasg 's a' chreideamh fhior, agus ghabh e'n doigh b'iomchuidh, 's a bha réir gnè a' chreideimh Chrìosduidh, gu sin a dheanamh. Dh'eadar-theangaich Olans Petri am Biobull, agus thug e-san fainear, gu biodh e air a sgaoileadh, agus air a leughadh 's a' chainnt a thuigeadh an sluagh. Thuir Gustabhus ann an coinneamh mhor, gu tilgeadh e uaith an t-slat rioghail, agus gu fàgadh e iad, mu'n tugadh e ni b'fhaide umhlachd do ainneart agus droch-bheirt a' phàpa. Sin thog na h-uile 'n guth an aghaidh a' phàpa, agus bha Gustabhus 'n a cheannard an Eaglais 'n a rioghachd.

Ghabh rioghachdan eile mu thuath ris a' chreideamh bha air ath-leasachadh, agus bha iomada an rioghachdan mu dheas bha faicinn gu soilleir am feum a bh'air ath-leasachadh na h-Eaglais 's an robh iad fuireach. Bha piuthair do rìgh na Frainge ceadachadh do na diadhaire tighinn g'a h-ionnsuidh, agus bha eaglaisean air an togail 's an rioghachd, dhoibh-san a dhealaich ri Eaglais na Roimhe. Bha daoine an inbhe àrd air an iompachadh, agus, mar bha na Protestanaich fàs, thòisich iad ri cur 'n an aghaidh,—bha connsachadh agus aimhreit an iomad aite, thug an rìgh àithne reachdan ùrachadh, agus thòisich geur-leanmhuinn leosan a fhuair an dreuchd, a bha mi-chneasda, 'chuireadh mòran gu bàs air-son a' chreideimh,—a bha eudmhor air-son na firinn, agus ainmeil a thaobh an urraim agus an saothair. Bha rìgh na Frainge gun chreideamh e féin, agus, uime sin, coma mu dheimhin luchd-aidmheil; 'nuair bha e feumach air còmhnaidh nam Protestanach bha e buntainn riu gu seimh, 's 'nuair a thigeadh o as an aonais bha e ceadachadh d'a luchd-frithealaidh gach foirneart dheanamh orra.

'S ann mu'n àm so thòisich Calbhìn iomraitheach, cliutach, air a shaothair. Rugadh e ann am Picardi, air an deicheamh là do mhios mu dheireadh an t-samhraidh, 1509,—fhuair e foghlum fear-lagha agus bha e ionnsaichte anns gach oilean. Fhuair e eolas a' chreideimh o na Sgrioptuirean, agus thug e'n

*Calvin
born
1509*

aire 'n a oige am feum a bh'aig an Eaglais air ath-leasachadh. Bha e iomad uair an cunnart 'n tra bha rìgh na Frainge ri geur-leanmhuinn, ach bhaphiuthair, a bha diadhaidh, 'g a dhion. Theich e gu Basil, far an do sgrìobh e a steidhibh Criosduidh, 's a chuir e fodh dhèidinn Francis, gu fhearg an aghaidh nam Protestanach a chiùineachadh.

Bha'n t-ath-leasachadh dol air aghart am mòran rioghachdan agus dhuthchana. Chaochail Deorsa, diuc Shacsoni, an 1539. Bha e ro nàimhdeil ris na Protestanaich o thoiseach. Fhuair a bhràthair Ionnraic inbhe agus ionmhas, mar nach robh sliochd aige féin, agus bu mhath dhoibh-san mar thachair oir bha e ro chairdeil ri luchd-aidmheil teagasgan Lutheir. Thug e cuireadh do na diadhairean agus do Luther féin tigh-inn g'a ionnsuidh do Leipsic; agus, le'n stiuradh, chuir e air cùl gach deas-ghnath agus doigh aoraidh bh'aig a' phobull, agus am beagan ùine chuireadh suas an creideamh ath-leas-aichte a bha na Protestanaich a nis a' teagasg leis an robh iochdarain uile toilichte.

Shuidh mu dheireadh comhairle aig Trent, 's a' bhliadhna 1545, a bha'n aghaidh nam Protestanach. Co luath 's a chual iad bh'o'n co-cheangal aig Smalcalde gu do shuidh a' chomhairle sin, chuir iad 'n aghaidh na coinneamh gu folaiseach, a' cur sìos an aobhair a bh'aca air-son sin, agus a' diultadh ùmhlachd a thoirt do reachd sam bith a chuirte mach leo-san a chruinnich gus a' choinneamh.* Bha e soilleir gu robh tuille an rùn an iompaire agus a' phàpa na bha iad leigeadh mach. Bha na Protestanaich 'g amharc air an doighibh, agus bha e so-thuigsinn cìod a bha mhiann air Tearlach a dheanamh. Bha daoine eigin aca aig Francfort bha faotainn fios air gach nì bha dol air aghart aig Trent,—'s a' pairteachadh gach diubhras rìusan aig Smalcalde. Ach cha robh uile dh'aon inntinn ged bha e co-fheumail doibh; bha farmad agus iomad mì-ghean cur eutorra,—bha aobhair àraid aig feadhainn diubh bhi mì-thoilichte.

Bha'n t-iompaire cleith na bha 'n a bheachd, 's a' cur an ceill gu b'ann an aghaidh na Frainge agus Shasuinn a bha e togail

* Sludan.

*Council
of Trent
1545*

dhaoine, ach bha na daoine ròghnaich e gu cur an aghaidh nam Protestanach a' còmhachadh ro shoilleir nach b'ann chum réite bha e. Bha Malbhenda, Spainnteach, carach, briatharach, seolta, fileanta, cur sgaile air mearachdan na h-Eaglaise a bha e seasamh, agus a chur iadsan bha air-son leasachaidh 'n an tosd; chunnaic iad sin nach robh cothrom labhairt ri thoirt, agus dh'fhalbh iad le mi-thlachd.

Chaochail Luther 's an àm a bha dorainn mhor a' bagairt air a luchd-leanmhuinn. Bhriscadh air a shlàinte 's air dol da do Eisleben, ann an droch aimsir, a dheanamh réite eadar daoine mora bha mach air a cheile, fhuair e fuachd anabharr a chuir crìoch air a bheatha an là ochdamh deug do cheud mhios an earraich 1546, 'n a thrì 's 'n a thrì fichead bliadhna. Chuir eadh mòran sìos uime le chairdean 's le naimhdean; 's bha iad sin, mar a dh'fheudar a smaointeachadh, an aghaidh a cheile. Bha e gun teagamh air a thogail suas le Freasdal chum atharrachadh thoirt mu'n cuairt co mor 's a thachair, no air am bheil cunntas againn an seanachas aimsirean. Cha b'ann 'n a linn féin bhiodh beatha an duine ainmeil so air a cur an ceill mar bu chòir. 'S ann air comh-stri agus deasboireachd chaidh seachad tha càilean agus ceud-faithean ro àraid air an nochdadh gu soilleir. Bha eud air-son na firinn, aigne mòr gu seasamh 'n a bheachd féin, fòghlum agus talantan nach bu ghann, agus a shaothair, gun sgios, 'g a chomharachadh thar mhòran. Bha e mar an ceudna ionnraic agus ceart, stuama, stolda, agus oidheirpeach gu leasachadh;—bha e cràbhach, gun sannt, no mianna air son saobhreis, no inbhe féin. Cha d'iarr e urram, no cumhachd,—bha e suarach mu nithe riomhach, soghail, agus bha e toilichte leis an teachd stigh a bh'aige o'n òl-thigh; agus mar aon do chléir a' bhaile mhòir. Ach is còir thoirt fainear, nach robh e saor o annfhainneachd agus miannaibh tha nochdadh neo-fhoirfidheachd an duine, ged nach robh iad sin a' tighinn o dhroch rùn, no cridhe olc. Bha inntinn laidir, agus bha e deas gu gnìomh; cha robh e so aomadh, no philleadh; agus rachadh e air uairibh ni b'fhaide air aghart 's a' chuis bha e seasamh na, math dh'fhaoidte, bu chòir dha. Bha e dearbhata gu robh e féin ceart, 's cha

*Luther
died
1546*

tugadh e fathamas dhoibh-san chuireadh 'n a aghaidh. Cha robh umhail aige ciod an inbhe no 'n cumhachd 's an robh iadsan bha cur 'n a aghaidh; bha e sgiursadh rìgh Shasuinn agus Erasmus muinte leis an t-slat a bh'aige ri Tetsel agus Eccius.

An deireadh a' bheatha bha e fàs ni bu fhreanasaiche, mi-fhoighidnich an deasboireachd. Thug e buaidh 'n a shaothair,—luaisg e cathair uaibhreach a' phàpa o steidh,—bha theagasgan air sgaoileadh feadh na h-Eorpa, 's am b'iòghnadh ged bhiodh meas aig air a shaothair.

Bha e call a neirt leis na bh'aige ri dheanamh; bha e sgrìobhadh mòran—bha e teagasg—bha e searmonachadh,—bha e dìonadh a theagasgan féin, a' cur an ceill mearachdan na h-Eaglaise bha e dìte; ach cha do chaill e mhisneach riamh,—'n a chomhradh ri chairdean, 's an uair dheireannach, bha e luadh air sonas siorruidh, agus solas nam fireana tha tighinn gu crìch shìochail. Dh'orduich uachdaran Shacsoni tòrradh mòr uime. Bha bhantrach, Catrine Boria agus a' chlann 'n a dheigh, cuid dhiubh a bha'n inbhe mòr 's an linn a lean.*

Cha b'urrainn do Thearlach an fhoill a bha e dealbhadh a chleith ni b'fhaide, 's bha nàir air as a' bheagan a shuidh aig Trent bhi co fada 'n sin gun dad a dheanamh. Thoisich iad ris na bha eadar Eaglais na Roimh, agus iadsan a dhealaich rithe a sgrùdadh, agus riaghailtean àraid a chur sìos le ughdarras na combairle,—Seadh, “Gu robh na leabhraichean chuireadh sìos an deigh làimh (Apocrophal) co-ionann ris na Sgrioptuirean, agus beul aithris ghleidheadh 's an Eaglais a nuas o linn nan abstol ri bhi air am meas co mòr ris na sgrìobh iadsan aig an nobh an Spiorad Naomh, agus gu biodh na Sgrioptuirean a dh'eadar-theangaich an Naomh Ierom gu Laduinn air an leughadh 's na h-Eaglaisean agus 'n an ughdarras anns gach deasboireachd.” 'S gu biodh na h-uile chuireadh an aghaidh so air am mallachadh an ainm agus le ùghdarras an Spioraid Naomh.

Cha 'n cisdeadh Tearnach ris na Protestanaich bha tairgse cordadh. Chuir e'n teachdaire aig Trent do'n Fheadailt a

* Seck.

dhaighneachadh sìth ris a' phàpa; chuir e àithne armailtean an tìribh eile a thriall do'n Ghermait agus tuille dhaoine thogail.

Chuir na Protestanaich 'n an cruaidh-chas fios do rioghachd agus thìribh eile, gu ceangal dheanamh riu agus ag iarraidh còmhnaidh; 's ged nach d'fhuair iad aon diubh, cha do thuit am misneach, 's cha do lasaich an gleus. Bha cùnnartan mora tighinn orra;—chuir iad an ùine bheag feachd lionmhor, agus inneil chogaidh mhòra suas, uidheamaichte gu cath.

Lion an armailt mhor sin, a chuir na Protestanaich air chois, gu luath an t-iompaire le ioghnadh agus fiamh,—bha e an Ratisbon le beagan sluaigh,—bha muinntir a' bhaile ni bu deònaiche cur leis an fheachd bha 'n a aghaidh, mar bha chuid mhor dhiubh gabhail an aidmheil; cha robh e deas gu comh-rag, 's cha mhò bha e sàbhailt dha teicheadh. Bha'n cuid-eacha chuir am pàpa uath fad as,—bha'n armailt féin fad an deigh làimh; agus 's ann bha feum aig air cuideachadh laidir 's a' cheart àm.

Nan gabhadh na Protestanaich an cothrom a bh'aca bha gach ni leo ach 's ann bha iad tairgse réite an aite bualadh air-san a bha'n cuil chumhann;—cha b'ann air mhiapa chaidh Tearlach, bha e co àrdanach uaibhreach 's ged bhiodh iad fodh iochd. Ghairm e an cinn-fheadhna 'n nan reubalaich, agus bhagair e gu cruaidh air na h-uile ghabhadh am pairt. Thug e lagh na h-iompaireachd mach 'n an aghaidh; bha toirt uatha gach còir, sochair agus maoin a bh'aca. Chuir iadsan an sin teachdaire 'g a ionnsuidh a dh'éigheach cogaidh, a dh'aicheadh e bhi 'n a iompaire dligheach 's a chur an ceill nach robh iad fodh bhòidean da.

Bhuail iad air a cheile, agus bha buaidh aon uair leis na Protestanaich, gun fhios co d'fheumadh strìochdadh, gus an do mheall Gille Moire, aon do na cinn-fheadhna bu mhò aca iad, agus an do ghabh e leis an iompaire. Cha 'n 'eil ùine againn seanachas air na bha iad uile deanamh, agus na dh'fhuilig cuid 's an aimhreit thrioblaideach so. Phill Gille Moire rìs chum a' chomuinn féin 's fhuair iad sin buaidh-larach. Theich Tearlach as a' Ghermait, agus sgaoil a choinneamh aig Trent 1552. Rinneadh sìth ris na Protestanaich an

toiseach an fhoghairidh a' bha cliutach dhoibh, 's o'n d'fhuair iad sochairean a thoill an euchdan 's an gnìomha foghainteach.

Mu'n do réiticheadh aimhreitean bha'n lorg a' chogaidh 's an strì bha eutorra ruith trì bliadhna, no mu'n do choinnich iad aig Augsburg, an 1555. Dh'fhosgail Ferdinand a' chomhairle an ainm an iompaire, agus cho-dhuin iad an sìth an deigh iomad ionnsuidh thoirt air sàradh chur ann. Bha gach dream ri aoradh 'n an doigh féin, gun dragh chur orra. Cha robh na Protestanaich ri caineadh, no dite dheanamh air na prionnsa lean ri creideamh an athairichean, 's bha aimhreit, no comh-stri mu'n chreideamh ri reiteachadh 'n a dheigh sin, air dhoighean bha iomchuidh do'n chreideimh fhìor spioradail, nach robh a' chleir phàpanach ri uachdranachd ghabhail thar na h-ionadan 's an robh ath-leasachadh ;—gu robh an teachd a stigh ri bhi acean a fhuair e roimh chordadh Phassain ; 's gu biodh e'n comas ard chomhairle gach duthaich agus rioghachd an doigh aoraidh a ròghnaicheadh iad gu bhi aca ; 's gu ceadaicheadh iad dhoibh-san nach gabhadh ri sin, falbh le 'n maoin gu ionad eile, 's gu tugadh ard chléir a dh'fhàgadh Eaglais na Roimhe suas a theachd a steach, 's gu rachadh fear eile ròghnachadh 'n a àite.*

CAIBIDIL III.

ATH-LEASACHADH AN SASUNN.

Cor rìgh Shasuinn, iompaire na Germailt agus am pàpa ri foghnadh d' an ath-leasachadh.—Fear-dìdinn a' chreideimh,—Cranmeir,—Dimeas air ughdarras a' phàpa. Manaich an call—am Biobull 's a' bheurla—Ascaoin Eaglais an Sasunn,—Giùlan Ionraic ri luchd ath-leasachaidh,—Chaochail Ionraic,—A Mhac,—Ban rìgh Mairi,—Pàpanachd,—Geur-leaumuinn an Sasunn,—Ridli Latimer,—Cranmer,—Bàs Mhairi,—Giùlan math Ealasaid.

CHA'N an idir o Ionraic VIII. a thàinig ath-leasachadh na h-Eaglaise. Ged bha e ardanach 'n a bheachd, 's ged nach strìochdadh e do'n phàpa féin, cha b'è rinn steidh a' chreideimh bha coitchionn atharrachadh. Fhuair e fòghlum fada

* Sleid.

thar rìghrean eile 'n àm féin;—bha e-san agus Luther an aghaidh a' cheile. Sgrìobh e air na seachd sacramaidean, agus bha'n lùchairt a' cliuthachadh sin os-ceann gach saothair. Fhuair e'n t-ainm urramach a lean ris na h-uachdarain thainig 'na deigh o'n phàpa, seadh fear-didinn a' *chreideimh*.

Bha aobhair eile 's ni b'e creideamh a chuir eadar rìgh Shasuinn agus iompaire na Germailt, mu nach urra sinn sean-achas an so; cha robh e'n comas a' phàpa an rìgh a thoileachadh feadh 's a bha e fo chomain iompaire. 'S leoir a thoirt fainear gu robh iad sin deanamh, an cùrsa an Fhreasdail, ni nach robh an rùn aon do na daoine cumhachdach a dh'ainmich-eadh, 's a' greasad an ath-leasachaidh.

Mar nach tugadh am pàpa comas do'n rìgh bantrach a bhràthar a chur uaith a bha e ro dheònach a dheanamh air a h-uile còr mar thuit e an trom ghaol air Anna Bullen, choird comhairle an Olla Cranmer ris, seadh, gu faigheadh e barail comhairle a' chleir, 's nan daoine b'fòghluimte 's an Eorpa mu'n chuis. Bha sin cur comais a' phàpa gu neo-bhrìgh, 's a' cur dealachadh ni bu mhò eutorra. Rinn e, ùime sin, dìmeas air ughdarras a' phàpa. Chruinnich a' Pharlamaid an 1533, agus choird iad nach rachadh ni sam bith leigeadh gu radh a' phàpa 's nach tugadh iad umhail da achasan. 'S a' Pharlamaid, an 1534, rinn iad lagh bha gairm an rìgh ard cheannard Eaglais *Shasuinn air thalamh*; 's gu biodh gach ni innte fodh riaghladhsan agus iadsan a thigeadh 'n a dheigh.

Chuireadh mòran leabhraichean as a' Ghermailt do Shasuinn agus gu h-àraid am Biobull air eadar-theangachadh; 's bha 'n sgaoilidh an sin, 's an luchd-teagaisg, car ùine, gun dragh. Ach thug fhear-comhairle fainear do'n rìgh nach robh ni bu mhò bheireadh a thoileachadh do'n phàpa,—air an robh e mach, na saobh-chreidmheach chumail sìos, thòisich e airson sin air buntuinn cruaidh riu, 's chaidh mòran a losgadh beo. Thug am feum a bh'aig air còmhnadh an iompaire air rìgh Shasuinn stad a chur air a ghiulan sgreitidh,—agus bha prionnsan na Germailt cuimhneachail daonan orrasan bha ri ath-leasachadh.

Bha na daoine bu tuigsiche agus b'fhiosraiche 's an rioghachd air-son ath-leasachadh na h-Eaglaise. Ach bha'n sluagh air an cumail an dorchadas; bha na sagairt 's na man-aich a' gabhail an eagail; thug a' Pharlamaid breth chum na tighean manach a thilgeadh sìos agus an saobhreas aca chur an ionmhas na rioghachd. Mar bha iad ro shaoibhir fhuair an rìgh cuideachadh mòr.

An 1536, fhuair Cranmer anhan Coinne mhòr na rioghachd comas gu biodh am Biobull air a chur amach 's a' chainnt a thuigeadh am pobull. Bha bhan-rìgh deanamh mòrain feum dhoibh-san bha ris an leasachadh fheumail, ach fhuair a naimhdean buaidh oirre, bha'n rìgh iomlaideach 'n a ghaol. Thàinig Pàpa eile, Paul III., a bha tul-chuiseach, a bheir-eadh air Ionraic cordadh, air neo bhi fodh chumhachd-san. Ghairm e comhairle choitchionn gu Mantua, agus thug e fios do'n rìgh tighinn agus seasamh air a shon féin. Ghabh an rìgh a leth-sgeul cur sìos iomad aobhar mu nach b'urrainn e bhi làthair, 's ag aicheadh gu robh cumhachd aig a' phàpa leithid a choinneamh a chruinneachadh,—'s a' cur an ceill gu robh e toileach air bhi làthair an coinneamh, no'n comhairle, a' ghairmeadh prionnsan na Roinn-Eorpa an aite sam bith bhiodh e iomchuidh agus tearuinte.

'Nuair ghlacadh na tighean manach chaidh deich mìle truaghan an fhàgail le dà Phund Shasunnach agus cleoc. Ghabhadh mòran chillean eile 's riceadh gach ni fhuaradh a stigh agus chaidh na tighean a thilgeadh sìos. Rinneadh na doighean trid an do chruinnich iad urrad earrais agus stòrais folaiseach, agus nochdadh am mi-bheusan 's am miorbhuilean nàrach. 'Nuair chual iad, 's an Roimh na rinneadh orra an Sasunn thòisich iad air sgrìobhadh an aghaidh an rìgh gu nimheil 'ga choimheas ris gach droch rìgh bha roimhe;—cha robh Pharasach, Nero, no uilbheist bu mhiosa na Ionraic VIII. Bhagair am pàpa gu deanadh e truaghan deth; thug e fios da tighinn gu bhreitheanas,—thug e àitlne stad a chur an aoradh 's an rioghachd 's a' chléir g'a fagail,—bha na h-ìochdarain air am fuasgladh o 'm mionnan dlìgheach, cha robh rìgh na prionnsa

ri gnothuch ghabhail ris, agus bhrosnuich e rìghrean na Frainge agus na h-Alba gu cogadh 'n a aghaidh.

Fhuair Cranmer cead o'n rìgh gu feudadh gach duine am Biobull a leughadh a chuireadh mach am beurla an 1537, ach bha luchd-comhairle cìle fadadh na h-eibhleig 'n a chridhe an aghaidh na'n saobh-chreidmheach, mar bha iad 'g an gairin.

'S a' Pharlamaid an 1538 's an robh an rìgh féin labhairt, 's a' deasboireachd rinneadh iomad reachd cruaidh an aghaidh nan daoine dhealaich ris an Eaglais. Gu biodh iad-san air an losgadh a theireadh nach robh brìgh-atharrachadh ann, gu bu chòir an t-aran agus am fion a thoirt seachad am frith-ealadh sacramaid na Suipeireach, gu faodadh na sagairtean posadh laghail agus eisdeachd no aosaid, no briseadh bhoidean bha feodhainn gabhail. Bha'n reachd so ro chruaidh orrasan bha 'g ath-leasachadh na h-Eaglaise. Rinn prionnsan na Germailt na b'urrainn iad g'a dhìte agus gheall an rìgh, nach cuireadh iad aon gu bàs, mar bha iad a' toiltinn mar biodh nithe eigin a dh'antromachadh an cionta. Bu mhòr an call d'a dhream féin Cromuell a bha deanamh urrad air-son ath-leasachadh,—fhuair a naimhdean buaidh le'n cuilbheartan, agus chaidh e-san a *dhìth-cheannadh*, (*beheaded*.)

'S a' bhliadhna 1541.—chaidh am Biobull chur amach a ris am beurla, 's bha'n pobull ro thoileach a leughadh, no eisdeachd bhi g'a leughadh, ach bha na h-easbuigean air-son a chumail uatha; o na bha'n rìgh 'g àithne gu biodh e sgach Eaglaise chuir iadsan an ceill nach robh e air eadar-theangachadh ceart,—'s bha aon diubh gu sònraichte air-son iomad focal Laidinn a bhi 's a' bheurla air chòr 's nach tuigeadh am pobull na teagasgan bu mhiann leosan a chleith uatha. Fhuair Cranmer iarrtas gu rachadh a leasachadh, ma bha mearachdan ann, le dà al-thigh.

'S a' bhliadhna 1543.—thoirmeasg a' Pharlamaid do'n phobull Biobull bhi aca. Ach, 's an ath-bhliadhna, dh'àithn an rìgh leabhraichean eile eadar-theangachadh gu beurla, 's bha sin toirt misnich dhoibh-san bha toileach air ath-leasachadh nan nithe mearachdach, 's an duil gu rachadh leabhraich-

English Bible
Read in
1537-

ean gnathaichte na h-Eaglaise uile thionndadh gu beurla, 's gu bithidh eolas agus fiosrachadh air a thabhairt do uile dhaoine. Ach chaochail Ionraic air 27 là do cheud mhios na bliadhna 1547,—’s chaidh stad air ath-leasachadh, nach toilicheadh daoine air aon taobh.

Thòisich iad an toiseach riaghlaidh a mhic Eiduaird VI.—ri iomhaigh spionadh nuas, bha'n ard chomhairliche bh'aige 'n aghaidh aoraidh iomhaighean ged nach robh e moladh giùlan na dream bha 'g a cur air cùl. 'Nuair thilg Ionraic sios na cillean mhànach chaidh stad air urnuigh air-son nam marbh, do na bha fulang am purgadair, 's air-son an do phaigheadh airgiod a glac e-san ; ach ann am tinneas agus eagal bàis bha inntinn lag, agus bha e air-son eadar-mheadhonaireachd, agus urnuighean agus aifrionn. Bha'm pobull gach là fàs ni bu deònaiche air ath-leasachadh ; bha cuid do na h-easbuigean air-son sin, agus cuid 'n a aghaidh ; ach thoirmeasg a' bhana phrionnsa, Mairi, atharrachadh sam bith a dheanamh 's an rioghachd gus an tigeadh an rìgh òg gu h-aois ; gidheadh bha'n dream eudmhor dol air an aghairt 'n an saothair.

An ceud Pharlamaid Eiduaird rinneadh lagh gus an t-aran agus am fion a thoirt dhoibh-san bha gabhail a chomannachaidh 's gu robh e dlìgheach do'n chleir posadh. An 1548, chuireadh moran do na deas-ghnathaibh air chul. Thòisich rannsachadh mu nithe bha'n teagamh, agus bha fiosrachadh agus eolas a' lion-sgaradh. Bha conspaid 's a' chupaid a rìs, agus, leis na bha dol air aghairt, thoirmeasgadh dhoibh gu leir scarmonachadh mar sin, 's bha riaghailtean an aoraidh 'g an cur troimh cheile.

Rinneadh iomad ni bha feumail agus àraid 's an Eaglais an 1549, agus 1550, agus bha easbuigean am bitheantas air-son ath-leasachadh, agus uile dhaoine 'g amharc gu laithean a b' fearr 'nuair chaochail an rìgh òg subhailceach, 's a luidh smal air a' ghrein bha dearsadh le tlus agus solus caomhail. Lean doinean gabhaidh ; agus gnìomha sgreataidh !

'Nuair chaidh Mairi nighean Ionraic agus a' bhan-rìgh Catrine á Arrogan 's a' chathair, bha i air-son cur as do'n ath-leasachadh gu tur, agus pàpanachd a steidheachadh 'n a

Henry
did
1547

rioghachd ni bu daingean na bha e riamh. Ach chomharlaich Gardiner, a thug i gus an inbhe b'airde thar a' luchd-frith-ealaidh, i dh'ol air aghairt gu fòil. Bha e-san a ghnà 'n aghaidh nithe ùr agus cruaidh air muinntir an ath-leasachaidh, ach bha e fiosrach mu thoil an t-sluaigh. Agus chunnaic e gu robh e iomchuidh féitheamh gus an tigeadh an mu'n cuairt a bheireadh aobhar gu toiscachadh air nithe chur 'n an ceud chruth. Thachair sin an ùine bheag, thoirmisgeadh labhairt amach mu mhearachdan na h-Eaglaise 's a' chùbaid, bha iomhaigh air an cur suas 's na h-eaglaiscan, agus deasghnathaibh air an cleachdadh mar a b'abhaist. Labhair Cranmer diadhaidh, Latimer stolda, agus daoine math eile 'n aghaidh na bha dol air aghairt, 's chuireadh iad sin do'n Tùr 'n am prìosanaich.

Shuidh a' Pharlamaid, chuireadh Cranmer as a dreuchd agus àite, agus chuireadh cùis dhìte 'n a aghaidh. Chuir am pàpa teachdaire diomhair gu Mairi, 's bha i ro dheònach air bhi reidh ris, agus pilleadh le umhlachd gu Eaglais na Roimh. Bha luchairt na Roimh ro shòlasach, rinneadh gairdeachas fad thri laithean air-son deadh rùn na ban-rìghinn. Ach bha'n ard chléir Pole ri chur a Sasuinn gus gach ni bhiodh feumail chur air aghaidh, ach, mar bha gnothuichean eile dol air aghaidh cadar Sasunn agus an Spainnte, chuir Mairi sàradh 's an teachdair-eachd air cagal am pobull a bhrosnachadh le tuille 's a choir do chabhaig,—b'ann le comhairle Ghardiner, nach robh an deadh rùn do Phole, a ghluais i co faicilleach.

Bha coinneamh mhòr aig a' chléir 'nuair a shuidh a' Pharlamaid, 's a' bha deasboireachd aca mu'n t-sacramaid agus mu'n bhrìgh-atharrachadh.

Bha h-ìochdarain neo-thoilichte leis a phosadh bha 'n a beachd,—agus bha aimhreit agus ar-mach an iomad aite 's an rioghachd,—chuireadh iad sin fodh chois, agus thoisich Mairi ri buntuinn cruaidh ris gach aon bha labhairt an aghaidh na h-Eaglaise. Chuir i easbuigan agus cuid cìle do'n chléir as an dreuchd a phòs no bha air-son an ath-leasachaidh; agus roghnaicheadh 'n an àite sin feadhainn bha deas gus a toil,—agus iarrtus a' phàpa a dheanamh.

Bha gach masladh g'a thabhairt do na diadhairean ainmeil a chuireadh as an dreuchd. Bha deasboireachd g'a dheanamh riu chum an cur 'n an tosd, no cùisean fhaotainn 'n an aghaidh.

Ann an treas Parlamaid Mhairi dh'asluich a luchd-comhairleachaidh gu biodh sìth agus réite eadar i agus am pàpa, 's gu biodh Pole 'n a theachdaire a chur na h-uile nithe ceart. Chuireadh gu neo-bhrìgh gach ni rinneadh an aghaidh Eaglais na Roimh agus bha'n creideamh a nis an Sasunn mar bha e 'n tra thoisich Ionraic ri h-atharrachadh. 'Nuair dh'éirich a' Pharlamaid dh'imich na comharlaichean le greadhnachas agus Bonner air thoiseach 'a giulan na gearraig choisrigte,—'s bha so g'a chumail gach bliadhna 'n a latha feill ris na chan iad *Feill na réite*.

Thòisich Mairi ris na diadhairean fheuchainn. Bha iad air an dìteadh, 's air an losgadh. Thugadh an comas sin a chur an gnìomh do Bhonner, o nach gabhadh Gardiner gnothuch ri gnìomh co sgrecataidh. Chaidh seachd agus trì fichead a losgadh air-son a' chreideimh 's a' bliadhna 1555. Bha Latimer aosda agus Ridli ionraic 's an àireamh. Loisgeadh Cranmer eudmhor dìleas, agus treibhdhireach an 1556. Bha naimhdean ris gach ni bha 'n an comas 'n a aghaidh, am feadh bha chaoimh air son a bheatha shabhaladh. Bha iad g' ath-chuinge air pilleadh, no aideachadh, agus chuir iad iompuidh air a làmh chur ri gealladh gu cuireadh e cùl ris na barailean ùr mu ath-leasachadh. Thug meath-inntinn no cagal roimh fhulangais air so a dheanamh;—ach nuair smaointich e gu dùrachdach air na rinn e, bha doilghios mòr air, ghabh e aithreachas agus chuir e sìos na bha e creidsinn. 'Nuair thugadh á priosan e gus an aite 's an robh e ri fulang,—bha thrioblaid mòr air-son na rinn e, bha rùn air labhairt ris a' phobull,—cha leigeadh iad leis, chuir e làmh dheas 's an teine an toiseach, chionn na rinn e, ag radh “ An làmh dhàna.”

Sin bu chrìoch do'n duine urramach bh' air ceann na dream bha leasachadh mearachdan lionmhor na h-Eaglaise. Bha na daoine b'fhcarr 'g am foireigneachd; na daoine bu sheasmhaiche 'g an cur gu bàs cràiteach; ach cha robh e'n comas dhaoine

no dheamhain cur as do'n chreideamh fhior. Bha daoine coinneachadh gu diomhair, bha leabhraichean 'g an cur g'an ionnsuidh as a' Ghermailt, bha iad air an teagasg, 's a' faotainn mòrain fiosrachaidh. 'S a' bhliadhna 1557,—loisgeadh naoidh deug agus trì fichead air-son saobh-chreideamh, mar bh' air a chur as an leth; agus am barrachd sin 's a' bhliadhna 'n a dheigh. Chuireadh còrr is sè ceud pearsa a dh'ith le teine, priosan agus geur-leanmhuinn 's na h-amaibh trioblaideach sin. Bha cuig easbuigean, agus ministear 'ar fhichead 's an àireamh. Bha breth 'g a thabhairt air na mairbh fein, a bha air an gairm gu breitheanas, 's o nach b'urrainn iad freagairt, bha na cuirp air an togail as an uaigh, air an crochadh agus air an losgadh. Sin mar bha dioghaltas g'a dheanamh air son a, chridhe bhi do'n chreideamh cheart.

Chaochail Mairi an 1558, ni thug sòlas do na Protestanaich, ach a bha 'n a aobhar bròin dhoibh-san uile bha cur le droch-bheirt no fodh thàir bha ri suidhidh 'n a h-àite, mar bha fios aig daoine air steidh inntinn Ealsaid. Chuir i teachdairean gu cuirp gach rìgh bha'n sith ri Breatunn agus chum a' phàpa; bha e-san uaibhreach agus dh'innis e dhoibh gu feumadh i bhi dileas do'n Eaglais, agus umhal d'a reachdan. Bha ise an atharrachadh beachd, ach chunnaic i gu robh e iomchuidh gu suidheadh Parlamaid, 's gu gabhadh i'n comhairle mu na gnothuichean àraid a bha ri dheanamh.

Chaidh nis leigeadh leis na daoine urramach, fiosrach agus diadhaidh, rannsachadh agus reusonachadh mu na cuisean bha tighinn eutorra,—agus bha muinntir a' phàpa call. Chaidh an leabhar urnuigh a leasachadh, 's a thoirt air ais do'n Eaglais, 's am fearann bh'aig a' chleir no na mànaich, a dh'aisig Mairi air ais doibh, a thabhairt uatha,—agus ceadachadh do'n chléir falbh gun dragh, no geur-leanmhuinn a dheanadh orra. Chaidh am Biobull eadar-theangachadh as ùr,—agus teagasg an ath-leasachaidh a chur an ceill 's an Eaglais Shasunnaich. Bha Ealsaid ri comhnadh leosan bha d'a creideamh féin an Albainn, 's an Fhraing agus 's an Olaind, ach bha giulan riusan bha'n aghaidh sin co math an coimeas ri giulan a peathar, 's gu feumadh iad a ceartas aideachadh, 's a riagh-

*Bloody
Mary
Brid
1558.*

ailtean a chliuthachadh. Luathsaich i beagan air na mànaich a chaill am fearann 's an cuid, bha iadsan a fhuair an aitean ri sin thoirt doibh; ach bha e air a dhroch phaigheadh gus an tug a' bhan-rìgh àithne gu faigheadh iad dioladh dligheach, gach bliadhna feadh 's bu bheo iad a chumadh iad o aire.

Cha b'ann gun strì a dhealaicheadh am pàpa ri duthaich mhòr, shaoibhir. 'Nuair thogadh Pius IV. gus an inbhe sin, fhuair e coire do dh'òrdugh an fhir a dh'eug, agus thairg e do bhan-rìgh Shasuinn gun i cheadachadh an doigh aoraidh 'n a rioghachd a bha ise faicinn iomchuidh, ach i bhi dileas umhal do dh' Eaglais na Roimhe. Sin cha deanadh i. Bha Pius V. air-son a cur gu dùlan, agus chuireadh as a leth gu robh e brosnuchadh dhaoine eigin air-son a beatha thoirt d'i. Bha na sagairt deanamh na b'urrainn iad a thabhairt air a h-ìochdarain éiridh 'n a h-aghaidh, agus bha rìgh na Spainnte bagairt gu h-uamhasach, thug sin uile oirre buntainn ni bu chruaidhe rìusan bha nàimhdeil.

CAIBIDIL IV.

ATH-LEASACHADH AN ALBAINN AN EIRINN AGUS THAIRIS.

Rìgh Seumas V. agus a' chleir ri geur-leanmhuinn Hamilton—An ard chléir, Beaton—Bàs Sheumais—Iarla Arrain—Mort Bheatoin—Iain Cnoc—Cogadh—Cumhnantan—Sith Eaglais na h-Alba.—Ath-leasachadh an Eirinn le Deorsa Broun—Ath-leasachadh 's an Olaind.—Ar-a-mach—An Spainnte 's an Fheadailt—An Fhraing—Mort nan Hugonots—Strì agus cogadh—sith.—Teagasg Chalbhain agus Lutheir.

SGAOIL ath-leasachadh na Germailt fada agus farsuing agus rainig e Albainn an àm Sheumais V. Bha'n rìgh so deònach air barrachd cumhachd bhi aig a chrùn, agus na maithibh isleachadh:—bha e, air-son sin, gleidheadh na cléir air a làimh, agus bha na h-uaislean cumail aghaidh ris a phobull a bha toileach air gabhail ris an teagasg nuadh. Bha còrr aon do inbhe agus urram a fhuair fòghlum thairis teagasg, 's a gabh-

ail nam barailean ùr. Bha Seumas 's a' chléir ri geur-leanmhuinn dian agus chuireadh Oganach uasal agus diadhaidh, Hamilton, agus feadhainn eile gu bàs cràiteach air-son a' chreideimh.

B'e Beaton, ard chléir carach, mi-stuama bu mhlò bha'n aghaidh muinntir an ath-leasachaidh. Chomharlaich e-san agus cuid eile do'n chléir gu suidhicheadh an rìgh cuirt a ghairmeadh gach aon a ghabhadh, no theagaisgeadh na barailean ùr mu'n comhair—'s gu tugadh iad binn mach orra o nach robh na bha iad ris cur stad air ath-leasachadh. Bha brathair Iarla Arrain air an ceanu; ach fhuaradh mach gu robh e-san ag éiridh an aghaidh an rìgh, chaidh ghlacadh, 's a dhìte gu bàs, agus cha tugadh luadh 'n a dheigh air a' chuirt dhiabhlaidh. Bha Ionraic VIII. cumail bàigh ri muinntir an ath-leasachaidh, agus a' feuchainn ri Seumas iompachadh; bhrosnuich a' chléir iad gu éiridh an aghaidh a cheile. Thug rìgh Shasuinn buaidh, agus thuit rìgh Seumas gu briseadh cridhe agus mì-mhisnich. Cha d'fhàg e ach aon nighean, a shuidheadh 'n a àite, a rugadh beagan roimh a bhas agus roghnaicheadh Iarla Arrain, an caraid bu dilso bh'aice gu riaghladh air a son gus an tigeadh i gu h-aois. Bha e-san air-son ath-leasachadh; bha fios air a bheachd 's an robh e, agus fhuaradh sgriobhan 's an robh ainmean bha chléir cur sios agus e-san air an toiseach, a thug iad do'n rìgh chum am feuchainn. Bha ghiulan suairce, 's a' dheadh riaghailtean an toiseachadh ro chliutach,—chuireadh am Biobull amach 's a' chainnt a thuigeadh an sluagh. Ach bha innleachdan an urramaich Beatoin agus a neo-fhaicill féin air an toirt gu dimeas; agus chunnaic e nach b'urrainn e seasamh mar tionndadh e chleoc, uime sin, phill e ri Eaglais na Roimh. Bha e cur le bantrach an rìgh; agus bha ise air a stiuradh le brathairean a bha'n ceangal dlu ri Eaglais na Roimhe; ach b'e Beaton a bha riaghladh 's na gnothuichean mora bha dol air aghairt fodh'n samhla-san. Thòisich iad ri geur-leanmhuinu, agus chuireadh iomad duine cràbhach math gu bás;—faodar Uishart, diadhaidh, ionraic agus foghlumte ainmeachadh. Chunnaic Beaton iad fulang le toileachadh. Bha chléir

ri gairdeachas. Ach chunnaic am pobull na bha dol air aghart le mì-ghean. Chaidh Tarmod Lesle, mac oighre Iarla Rothes air ceann buidheann gu caisdeal an Naoimh Aindrea, no Cill-rimhinn agus mhort iad Beaton. Chuir iad gu Ionnraic, agus chuir an rioghalair gu rìgh na Frainge air-son cuideachaidh. Bhuail e air a' chaisdeal,—dhion iad sin iad féin, agus fhuair iad comhnadh á Sasunn. Bha iad gach là fa's lionmhor. Chaidh an duine ainmeil Iain Cnoes a steach le ministeirean eile, agus shearmonaich e teagasgan an ath-leasachaidh air mhodh nach cualas roimh 's an rioghachd.

Chuireadh loingeas as an Fhraing, agus thug an rioghalair buaidh; chòird iad air-son an daighneach a thoirt suas; ach bhris e-san a ghealladh agus bhuineadh gu cruaidh ris na prìosanaich; rinneadh traill de Iain Cnoes agus feadhainn eile.

Feadh bha Sasunn Albainn agus an Fhraing aimhreiteach, bha muinntir bha eudmhor gu ath-leasachadh na h-Eaglais, dol air an aghart gun dragh; ach co luath 's a phill sìth, thòisich geur-leanmhuinn. Cha 'n 'eil àite againn an so na thacair a chur sìos gu min, 's mar ghairmeadh an diadhair cliutach Iain Cnoes gu binn. Bha muinntir an ath-leasachaidh ri cumhnantan 'n am measg féin,—cur rhompa bhi dileas deònach 's a' chreideamh. Phill Iarla Arrain agus a mhac riu a ris. Bha iomad strì agus comhrag 's an linn thrioblaidich so. Cha robh an Fhraing an staid ro mhath a chur air aghaidh cogaidh; ach bhiodh e maslach cordadh ris a' chomunn bha 'n aghaidh a' chreideimh an Albainn. Thugadh air ban-rìgh Shasuinn eadar-mheadhonaireachd a dheanamh. Thugadh eisdeachd do luchd an ath-leasachaidh a chuir an ceill an creideamh féin. Fhuair cléir Eaglais na Roimh comas labhairt 'n an aghaidh, ach bha iadsan 'n an tosd, agus dhaighnich a' pharlamaid an aidmheil. Bha Aifrionn air a thoirmeasg, agus cumhachd a' phàpa air a chur air chùl. Ach dhiùlt a' bhan-rìgh òg 's a' ceile an toil thabhairt doibh sin,—gidheadh chuireadh as do chumhachd a' phapa an Albainn. Chaochail Francis, agus bha 'n t-ath-leasachadh saor o'n namh bu mhò;—shuidhicheadh Eaglais na h-Alba le deadh riaghailtean agus air steidhibh seasmhach.

Thòisich atharrachadh an gnothnichean na h-Eaglaise agus ath-leasachadh ann an Eirinn mar bha'n Sasunn. Thog Ionraic VIII., Deorsa Broun, Sasunnach, a bha 'n a mhànach, gu inbhe ard-easbuig air Baile-clìath, an 1525. Bha e-san dcanadach an glanadh na h-Eaglaise, tilgeadh mach iomhaighean, cur air cul doighibh agus deas-ghnathaibh saobhach, agus gach inneal iodhail-aoraidh; agus thug e orra aideachadh, 's an duthaich gu be'n rìgh ceannard na h-Eaglaise air thalamh. Bhuineadh ris na mànaich mar an Sasunn. Rinn eadh tuille ath-leasachadh le ard easbuig Broun rè uine Eid-uaird VI., ach phill gach ni gu shean abhaist 'nuair chuireadh Mairi 's a' chathair. An deigh a bàis fhuair pàpanachd a ris am buille bàis o bhan-rìgh Ealsaid.

Thòisich iad a ris mu na h-amaibh so re leasachadh na h-Eaglaise, agus bha daoine sònraichte an cuid a dh'àitean g' an ceangal féin chum an ni feumail sin chur air aghaidh, a bha 'g aiceadh ard uachdranachd a' phàpa. Bha Philip II. rìgh na Spainnte dol gu dhùlan air-son urraim Eaglaise na Roimh, ach bha gach oidheirp ris an robh e gun fhoghnadh, 's ann thug sin air uaislean nan tìribh iosal dlu-cheangal a dheanamh, air-son seasamh le cheile, dileas agus daingean, 's a' bhliadhna 1566,—ghuidh iad air a bhi seimh ri daoine bha deanamh math, rinn e tair orra, lion sin iad le tamailt, dh'èirich iad mar aon duine, agus shaltair iad gu dèimeasach air gach ni bha Eaglais na Roimh meas soluimte. Chuir an rìgh Diuc Alba le feachd mor g' an smachdachadh, gus na ghabh na tìribh le cheile;—chaidh Uilleam Nassau, prionnsa air am ceann, fhuair iad comhnadh á Sasunn agus as an Fhraing. Bha'n ceann-feadhna 'n a Ghaisgeach treun; thug iad buaidh, thilgeadh dhiubh cuing na Spainnte, agus shuidhich iad an creideamh ath-leasaichte an sin an 1572.

Bha'n t-ath-leasachadh dol air aghart 's an Fhraing agus anns an Fheadailt féin, bha daoine 's na h-uile àite bha fuathach mu dhoighibh no neo-thoileach ùmhlachadh 's gach ni do'n phàpa. Rinn e-san agus ceannardan cumhachdach na bha 'n an comas cur ath-leasachadh fodh 'n cois, bha aimhreit an iomad àite; bha iad feuchainn 's a' cur moran gu b' s.

ach gu h-àraid a' chùirt dhiabhlaidh bha 'n a h-aobhar eagail.

Thug Tearlaich V. cléir leis as an Spainnte do'n Ghermailt gus am pobull iompachadh agus aisig air an ais chum na h-Eaglais a dh'fhàg iad. Ach an àite iompaidh chur orrasan bha ris an ath-leasachadh 's an a ghabh iomad aon diubh ris na barailean ùr; agus air pilleadh do'n rioghachd féin, bha iad a' teagasg 's a' labhairt mu'n leasachadh bha feumail, 's mu na mearachdan lìonmhor 'n an Eaglais féin.

Ach bha Francis, rìgh na Frainge ri geur-leanmhuinn air an Eaglais ath-leasaichte. Bha e féin mi-stuama gun chneasdachd, no creideamh, ach eudmhor, gàbhaidh, a' glacadh, 's a' cur gu bàs iadsan bha air-son math a dheanamh. Bha daoine cràbhach, sìochail, chaidh fad as do na h-ionada uaighneach 's an rioghachd, air an glacadh, agus chaidh cur as doibh gu tur, gnìomh bha 'n a agartas coguis cruaidh air leab a' bhàis.

Am feadh bha mhac gabhail pàirt, na toirt cuideachaidh doibh-san 's a' Ghermailt a dh'fhag an Eaglais, bha e deanamh geur-leanmhuinn orra 'n a rioghachd féin; gidheadh bha cuid do'n ard chléir, agus iomada duine mòr gabhail am pàirt, agus ga 'n dion, mar bha iad a' creidsinn gu b'iad a bha ceart.

Mar nach robh a mhac, Francis II., aois riaghlaidh bha gach ni air a stiuradh le dithis a bha fada an aghaidh nam Protestanach, brathairean-mathar ban-rìgh Mairi, a bha co mi-fhortanach.

Fhuair Tearlach IX., a' chathair agus thòisich an iorrgaill. Mhortadh tri-fichead do'n Eaglais ath-leasaichte an àm aoraidh. Bha sìth agus cogadh mu seach gus an tainig là feill an naoimh Bartholemeu bha fuilteach, uamhasach, chaidh 30,000 do'n ath-leasachadh ris an canadh an naimhdean Hugonots 'a mhort. an 1572. Fhuair iad cuireadh gu banais Mhairarad, piuthar Thearlaich IX.,—thàinig iad as gach cearna do'n rioghachd. Bha muirtearan deas agus Guise air an ceann am foill-fholach—'s fhuair iad rabhadh aig àm eigin

mar dh'innseadh dhoibh agus bhual iad orra gun icohd no tròcair.

Ged lagadh am misneach aig meud an call cha do thuit dòchas nan Hugonots. Thrus iad ri cheile, agus chaidh iad a ris do'n fheachd ni bu lionmhoire na b'urrainn fiuthair chairdean fhaicinn, sheas iad 's a' chogadh sin co laidir 's gu b'eigin do'n rìgh sìth dheanamh riu.

Thogadh rìgh Nabharr, a phos Mairarad, gu bhi 'n a rìgh air an Fhranig,—agus threig e muinntir an ath-leasachaidh, an 1593, air-son na rioghachd sin, ach fhuair ceard òir, rioghalair comas gu feudadh na Hugonots aoradh thabhairt do'n Cruitheir 'n an doigh féin gun dragh no curam, agus rinn-eadh sìth agus réite 'n am measg uile.

Cha robh na Protestanaich a dh'aon inntinn, no dh'aon bheachd, mu na nithe bu shòluimte 's a' chreideamh. Cha robh Luther agus Suinglius a' cordadh mu Shacramaid na Suipeir-each, gu h-àraid mu'n bhrìgh-atharrachadh ged a dhìt iad sin an Eaglais na Roimh. Bha Calbhain dealachadh am beachd araon—b'e bheachdsan gu bu làthaireachd spioradail a bha'm frithealadh na Sacramaid, agus b'e bharrail a ghabhadh am bitheantas, agus a tha 's na h-Eaglaisean ath-leasaichte, tha fios aig na h-uile tha tabhairt aire do'n eachdraidh, mar bha e-san a' creidsinn mu orduighean Dé, ach 's ann an riagh-ladh na h-Eaglais bu mhò an aimhreit.

CAIBIDIL V.

Comuinn eigin 's an t-seathamh linn deug.—Na h-Anabaistich,—luchd-aicheadh an lagh,—Aonachadh,—Serhhetus,—Sosinus.

CHA b'ìoghnadh idir ged bhiodh atharrachadh bheachdan agus bharailean aig daoine bha leasachadh mearachdan lionmhora na h-Eaglaise, bha co mòr agus sòghail 'nuair bheirear fainear linnean an t-saoghail, 's an robh na h-hurrad a dhealachadh measg cinne agus gach dream bha comharraichte le'n cleachda, 's nan gnathaibh bha réir an tìribh 's an daoine féin; agus mar an ceudna nadur dhaonta tha neo-fhoirfi. Bha'n solus

ag éiridh uigh air uighe leigeadh ris nithe dorcha, an aitean eigin a bha corr aon toirt fainear, nach robh fathasd comasach air an leasachadh, no'n cur ceart. Bha feadhainn eile faotainn coire dh'oidheirpean dhaoine Ionnraic nach robh iomlan, agus an duil gu deanadh iad féin ni b'fhearr feuchainn atharrachadh seoil.

Bha fear do luchd-leanmhuinn Lutheir, d'am b'ainm Muncer, aig an robh barailean baothaireach, agus aimhreit-each. Uaithe-san, agus cuid eile do sheorsa, tha na h-Anab-aistich. Bha iad am barail nach robh e ceart naoidheanan a bhaisteadh, agus an àite uisge chrathadh orra, gur h-ann bu chòir an tumadh an uisge. Bha iad baisteadh as ùr iadsan bha tionndadh leotha. Uaith so fhuair iad an t-ainm. Bha barailean eile aca bha ro choireach; bha iad cur an ceill nach robh feum air riaghalairean; nach robh uachdranachd aig duine air duine,—gu bu chòir urrad cuid bhi aig na h-uile dhaoine, agus gu robh e dligheach dhoibh urrad bhan a phosadh, 's a bha na ceud atharaichean a' deanamh.

Cha 'n urra sinn seanachas an so air a' chogadh, an aimhreit agus an truaighe a dh'éirich o na barailean sin, a bha nan steidh aidmheil, no air giulan, beusan, agus baothaireachd an cinn-fheadhna, bha cur an ceill gu robh iad féin 'n am faidhean, seadh Iain Matias, fuineadair, agus Iain Boccold, taileir, a thainig mu dheireadh gus a' chrìoch a thoill e. Chaidh crìoch air a rioghachd. Ach tha cuid do'n luchd-aidmheil thairis a nis, nach 'eil ri cogadh no strì,—a tha samhach, riaghailt-each, toirt umhlachd do laghan an duthaich. Tha beagan dhiubh an Sasunn agus a sgaoileadh feadh dhuthchan eile, 's tha caileigin d'an doighibh 'g a leanailt leo-san tha 's an Eaglais leasaichte.

Bha dream eile bha 'n aghaidh an lagh 'g aicheadh ùmh-lachd da, 's air-son a chur air chùl. Bha Iain Agricola, á Aisleban, 'n a fhear leanmhuinn Lutheir, mar bha muinntir a' phàpa steidheachadh mòran d'an teagasg air an lagh, thòisich e-san ri sparradh air a luchd-eisdeachd, nach robh an Sean Tiomnadh idir tabhairt laghan agus riaghailtean do na Crìosd-uidhean. Bha e, uime sin, cur cùl ri lagh na modhannan,

agus uaith sin, cur an ceill nan laghan a bhuineadh do na Criosduidhean mar bha e féin 's a luchd-leanmhuinn an duil, ach nach robh cordadh ris na bha air fhoillseachadh do fheartan an Uile-chumbhachdaich. Tha mòran d'an teagasgan ro mhearachdach; faiceadh an leughadar Mosheim agus sgrìobhaichean ainmeil eile.

Bha'n ath sheorsa leanailt doighibh dhaoine eigin bha fada romhpa Mar bha barailean ùr aig luchd-aidmheil, bha nithe bha dol á cuimhne 'g an toirt a ris am folais;—bha dream bha 'g aicheadh tri pearsa na Trionaid, air an ainmeachadh o aon. B'e Sebherus a b'ainmeile, 's a dh'fhuiling air-son na bha e 'g aidmheil. Chaidh a losgadh an deireadh an fhoghairidh 1553, mar shaobh-chreidmheach nach gabhadh aithreachas, agus cò a b'aobhar? an duine ainmeil Calbhin. Thuit doibh comh-stri bhi eutorra, 's bha 'm fear-leasachaidh mòr, air a bhrosnachadh gu radh 'n a sgrìobhan na'n tigeadh Sebherus am feasd gu làmhसान nach faigheadh e as. Agus bha fear eigin 'n a theaglach a thog fianuis bhreige 'n a aghaidh. Be bàs Shebherus an ni bu mhaslaiche b'urrainn tachairt do Chalbhin.

B'iad na teagasgan sònraichte bha e sparradh,—gu robh Criosd 'n a Dhia, mar bha Spiorad siorruidh na diadhachd air aonachadh 's an duine Iosa Criosd. Bha e cuideachd cur an ceill gu robh cail-eigin do'n Spiorad cheudna dol tre uile nadur, stiuradh gach ni 's ag oibhreachadh 's an duine. Bha e cur cùl ri baisteadh naoidheanan.

Bha iomad 's an àm so 'g altrum bharailean nach robh cordadh ri teagasgan nan h-Eaglaise, no aidmheil nan daoine bha ri ath-leasachadh. Mar nach fhaigheadh iad sin didinn 's an Fheadailt, no 's a' Ghermailt dh'imich iad as na h-àitean 's an robh ath-leasachadh dol air aghairt;—ach thòisich brionglaid agus iomad atharrachadh barail 'n am measg féin. Bha comunn ionnsaichte comhlachadh 's ri deasboireachd mu gach teagasg, ach chuireadh sgaoileadh annta.

Chaidh am fear a b'ainmeile dhiubh sin, Laelius Socinus, do Pholand, an 1551, 's chuir e ri cheile am barailean fa leth, nach robh cordadh, no cosmhuil,—gus an do choimeasg e-san iad mar aon. Agus, 's a' bhliadhna 1554, chuir iad amach

leabhar an aidmheil. Leasaich mac a bhrathar, Faustus Socinus, an leabhar le mòr chùram agus cailean sònraichte. Sgaoil an aidmheil do rioghachdan eile, gus an d'fhàs iad ainmeil. Bha luchd-leanmhuinn Shocinus cur an ceill nan steidhean so. 1. Gu bheil sinn faotainn eolais diadhaidh o na Sgrioptuirean, ach gur e ar reusan féin tha gu'm mìneachadh. 2. Gu bheil iomad ni 's an Sgrioptuir air an cur an ceill, réir nan samhladh 's nan doighean bha 's an airde 'n ear,—tha ri shoilleireachadh. 3. Bha iad cur an ceill nach robh lànachd an Spioraid acasan a sgrìobh na sgrioptuirean,—'s gu robh mearachdan 'n an saothair. 4. Bha iad 'g aicheadh diadhachd Chriosd, ged bha iad cur an ceill gu do ghineadh e air mhodh miorbhuileach; ged nach robh e co-ionann ris an athair. Bha iad creidsinn gu d'èirich e o na mairbh, 's gu robh e air a ghlòireachadh. Bha iad an duil nach robh 's an Spiorad Naomh ach cumhachd Dhé,—ach bha mòran diubh féin dealachadh 'n am barailean, 's 'n an teagasgan o cheile. Bha iomad seorsa eile nach 'eil feumail air ainmeachadh ged leigeadh an ùine dhuinn.

CAIBIDIL VI.

FOGHLUM AGUS DAOINE FÒGHLUIMTE NA SEATHAMH LINN DEUG.

Leabhraichean lionmhor, Melancthon—Besa—Erasmus—Shir Thomas More—Buchanan.

'NUAIR fhuaradh an innleachd leabhraichean chur amach, mar tha nis,—bha mòran dhaoine ionnsaichte cur sìos an saothair, 's leabhraichean gun àireamh air an sgaoileadh 's gach àite. Bhiodh e neo-chomasach co math agus neo-fheumail an ainmeachadh uile; bheir sinn uime sin fainear an àireamh is lugha, ach is mo àirdh bhi ar chuimhne. 'S ann mu chreideamh is mò bha iad a' sgrìobhadh 's an linn so. B'iad Luther agus Calbhin bu mhò shaothairich 's a' chomh-stri bha dol air aghairt,—agus b'iad ceann-stuic na h-ionar-bhaigh. Ach b'e Philip Melancthon an sgoileir b'fhinealta, 's am fear-

teagaisg bu shuairce dhiubh uile. Bha e do luchd-aidmheil Lutheir o thòiseach 's na charaid dileas da gu crìoch a' beatha. Cha robh aigne co chalma 's gu rachadh e féin air aghart tre gach deuchainn bha ro chunnartach ri linn; ach bha ionnsachadh mòr, agus bha bheachd soilleir,—bha e suidhichte steidheil, neo-chlaon 'n a bhreitheanas, agus bha e ri còmhnaidh mòr 's an ath-leasachadh. Bha Theodore 's Besa fòghluimte, a rinn mòran soilleireachadh le eadar-theangachadh nan sgrìoptuirean. Ged nach do thòisich Erasmus air ath-leasachadh na h Eaglaise,—co rinn urrad air-son sin ris,—air doigh bu mhò foghnadh? Bha e cur an ceill gu riochdail mearachd-an lionmhor Eaglais na Roimhe chum gu faiceadh 's gum fuathaicheadh daoine iad.*

Bu mhac diolain e agus chaill e athair agus a mathair 'n a leanabh; mar bha e 'n a dhilleachdan thogadh e 's an Eaglais agus rinneadh sagairt dheth an 1492, 'nuair bha e sè bliadhna thar fhichead. Thug easbuig leis e do'n Roimh a chriochnachadh ionnsaich, chaidh e á sin do Fhlanders, do Shasunn, do'n Fheadhailt, 's phill e gu Basil far an do chaochail e an 1536.†

Cha b'e mhain na sgrìobh e féin, ach na thug e gu folais do shaothair nan daoine fòghluimte bha roimhe 's an robh fòghnadh ro mhor an duine chliutaich so. Bha e air-son leasachadh anns gach ni; bha fhòghlum mor 's a' chailean thar tomhas. Cha robh mearachd no coire 's an Eaglais nach d'fhàg e buileach, no 's an luchd-aidmheil bha deònach a leanailt nach robh e cronachadh.

'N a dheigh feudar Shir Tomas More ainmeachadh. Bha e'n dreuchd ard an Sasunn 's ro dheònach air luchd-fòghluim a dhionadh. Lean e Eaglais na Roimh, agus bha e cruaidh air a' mhuinntir bha dealachadh rithe. Cha do chaomhain fhòghlum, no bhuaidhean mòr an duine cliutach so, a chuir-eadh gu bàs an samhradh 1535 le Ionnraic VIII.

Cha robh Deorsa Buchanan air dheireadh air a h-aon diubh sin am fòghlum finealta, no'n sgrìobhan oirdhearc. Bha e 'n a sheanachaidh, 's 'n a bhàrd urramach 's an Laduinn, cha robh sgoileir cosmhuil ris o'n àm a chlaon iompaireachd mhor na Roimh.

* Robertson's Hist. of Charles V.

† Du Pin.

AN SEACHDAMH LINN DEUG.

CAIBIDIL I.

MU STAID NA H-EAGLAISE 'S AN LINN SO.

An creideamh Protestanach—Aimhreit eadar am pàpa agus rìgh na Frainge Luchd-teagaisg an China 's an Iapan—Geur-leanmhuinn—Co-cheangal agus cogadh air-son a' chreidcìmh—Cealg nam pàpanach an Sasunn, (Gunpowder Plot)—Ar-amach—Mort nam Protestanach an Eirinn.—Rìgh Seumas—Uilleam—daoine dol do dh' America o'n gheur-leanmhuinn.

THA sinn a' faicinn eaglaisean eile ag éiridh nach robh air an steidheachadh, mar bha'n Eaglais mh' r chumhachdach a chaidh luasgadh o bunchar 's an linn mu dheireadh, ged bha i, mar chuireadh am fiach, air a suidheachadh air a' charraig.

Bha iad sin uile fodh 'n aon ainm choitcheann, mar bha'n aon eile, ris an canadh iad Eaglais na Roimh. Ach bha na Protestanaich a rìs air an roinn, mar gu b'eadh, 's air an gairm air da cheannard ainmeil, Luther agus Calbhin; mar bha iadsan bha 'g aidmheil teagasgan Lutheir air an ainm a bha air-san, bha gach Eaglais eile a dhealaich o Eaglais na Roimh, air an gairm ath-leasaichte. Bha iad a' dealachadh ann an caileigin o cheile; ach ag aonachadh air teagasgan cudthromach an t-soisgeil. Bha iad araon a' sgaoileadh fad agus farsuing feadh rioghachdan agus dhuthecha na h-Eorpa. Gidheadh bha ughdarras a' phàpa mor, agus bha'n roinn bu mho do'n Eorpa fathast fodh chumhachd. Chuireadh am pàpa, ris an do chan iad Paul V. 's a' chathair an toiseach an t-samhraidh 1605. Bha e uaibhreach, ardanach,—cha'n fhoghnadh leis ni bu lugha chumhachd na bh'aig an Eaglais o thoiseach, agus cur as do na h-uile dhealaich ri Eaglais na

Roimh ; ach an àite bhuidh sin fhaighinn 's ann bha e call tuille le uaill agus giulan nach robh cneasda, no glic.

Bha Griogair XV. 'n a dhuine sèimh, cùin, an coimeas ri Paul V.—ròghnaicheadh Urban VIII., 's a' bhliadhna 1623, duine ionnsaichte a bha didinn deadh oilean. Bha e 'n a roghadh baird agus deas-bhriathrach;—ach air-son uilè cheannas bhi aig an àrd chléir thar gnothuichean saoghalta co math ris an Eaglais. Bha e féin 's am pàpa lean air-son gach rioghachd a chumail 's an t-sean àbhaist. Bha Ionraic X. aineolach agus mi-stuama 'n a ghiulan, ghabh e mar choileapaich bantrach a bhràthar, a bha bathaiseach, gun nàire ; ach a' riaghail thairis air-san.*

Leigidh sinn seachad fear agus fear eile a lean e-san. Bha Ionraic XI. 'n a dhuine cumhachdach, agus bha ainm dha bhi ionraic. Chuir e féin agus rìgh na Frainge mach air a cheile mu theachd a steach an ard-chléir (*regale*)—bha'n rìgh gabhail còir air sin am feadh bha àite sam bith falamh 'n a rioghachd, agus bha'm pàpa 'g agairt còir air-son na h-Eaglaise. Ghairm an rìgh coinneamh mhor coladh gus an ni so chur as an teagamh. Chuir iadsan a chruinnich an ceill, gu robh cumhachd a' phàpa amhain Spioradail, nach robh còir aige air gnothuichean saoghalta, gu robh seanadh an àrd chléir os a cheann ; 's nach 'eil fhocal neo-mhearachdach mar aontaich an Eaglais leis,† Bha comh-stri eile eutorra mu'n aite bha teachdairean ri fhaotainn agus mhair e rè ùine pàpa no dhà a lean. Bha Ionraic XII. agus Clement XII. 'n an daoine foghlumte, subhailceach, deonach air maith, 's a' deanamh na bha 'n an comas mearachdan a leasachadh. Bha iad an deireadh an linn so.

Bha Eaglais na Roimh cur luchd-teagaisg co fada agus China, Iapan, agus aitean cile an innsean an airde 'n ear. Chuir iompaire China mach, 's a bhliadhna 1693, ard-eigh folaiseach, a bha ro àraid, 's an robh e cur an ceill nach robh e faicinn ni coireach sam bith 's a' chreideamh Chriosduidh, 's nach robh e 'n aghaidh a teagasg d'a iochdarain, agus am

* Mosheim.

† Farney.

beagan uine 'n a dheigh dh'òrduich e Eaglais bhriagh bhi air a cur suas doibh a chòir a phaillion.

Cha do bhuineadh riu fada air a mhodh choimhneil sin, ach bha choire aca féin. Lionadh luchd-teagaisg a' chreideamh Chriosduidh (Jesuits,) le ardan agus uail, agus thoisich iad ri gnothuch a ghabhail ri nithe nach buineadh dhoibh. Cha'n fhuilgeadh an t-iompaire a leithid, agus chaill iadsan a chaoimhneas. Thòisich geur-leanmhuinn air na Criosduidhean an Iapan, agus chuireadh a leth nan Dùitseach gu b' iad bu choireach. Bha deasboireachd agus comh-strì eadar an luchd-teagaisg féin a bha do orduighean eugsamhuil 's na tìribh fada as,—cuid cur an ceill gu robh dream eile ceadachadh deas-ghnathaibh nam pàganach; 's bha cuid aca dusgadh sean bharailean mu phongan nach robh iomchuidh, ni nach b'urra dhoibh a thuigsinn.

Bha'm pàpa 's a' chléir toirt oidheirpean cuideachd air iadsan a dh'fhag an Eaglais aisig air an ais, agus bha iomad coinneamh an aitean eigin air-son an co-chordadh; ach cha robh sin co furas,—bha iad a' sgaoileadh gun fheum sam bith a dheanamh; 's ann a bha iad dol ni b'fhaide o cheile, 's a' togail tuille chuspairean connsachaidh 'n am measg;—bha iad feuchainn gach doigh, ceart no mi-laghail, gus fa dheireadh an do thòisich aimhreit agus cogadh 's a' Ghermailt air-son a' chreideimh.

Cha lean sinn air seanachas mu na thachair 's na staidean sin cadar prionnsan bha gabhail pairt 's an iomar-bhaigh. Bha e gu tric calltachail dhoibh-san bu laige. Bha neart dol thar ceart, agus bha'n luchd-leasachaidh fulang mòrain. Bha am dream am Bhandois ro mhi-fhortanach anns gach teugbhail. Ann an 1655, chuireadh as an duthaich iad 's an deigh cead fhaotainn gu imeachd air falbh, chuireadh armailt as an deigh a bhuail orra 's a chuir as do'n chuid bu mhò. 'S an Fhraing bha mòran geur-leanmhuinn orrasan a dh'fhàg Eaglais na Roimh. An deigh an rìgh, Ionnraic IV., a mhortadh le slaoiteir, an 1610, bha iomad mi-riaghailt dol air aghart, feadh bha mhac òg agus daoine cealgach, mi-chneasda, gabhail cothroim air an gnothuichean féin chur air aghart air doigh

sam bith. Thugadh buaidh air na Hugonots, agus bha iad air an dian-ruagadh gun lòn, o àite gu h-aite, fad thrì seachd-uinean deug, an 1628,—agus chaidh leth mhìle do na daoine b'fhearr, 's bu lughadh bha ri comh-stri chuir air fògradh as an rioghachd sin.

Cha robh na Pàpanaich co buaidheil an Sasunn. Bha daoine 's an rioghachd so am beachd ni b'airde no gun gilleadh iad do ain-neart, ach bha muinntir na Roimh bha innleachdach, oidheirpeach a' feuchainn doighibh eile riu. Chaidh Seumas I. an Cathair Ealsaid an 1602. Bha dòchas gach muinntir do'n chreideimh gu biodh e leo féin. Bha mhathair 'na Pàpanach; ach thogadh e-san 's a' chreideamh ath-leasaichte. Bha muinntir a' phàpa air-son Seumas a chuir air cul agus rìgh eile chur air a' chathair a sheasadh le'n Eaglais—'s an an còir 's an eucoir; ach sheas an sluagh gu daingean, agus chaidh sin 'n an aghaidh. Thug iad an sin oidheirp air cur as do'n teaghlach rioghail le fudar a chuir iad am folach fodh thighean na Parlamaid fhadadh 's na h-uile a losgadh. Ach mu'n d'fhuair an droch-bheirt a chur an gnìomh, chuir aon eigin bu chneasda na cach litir chum Morair Mounteagle, ris nach robh ainm, a thug orra na h-uile ionad agus aite rannsachadh; agus fhuair mach an t-òlc 'n a am.*

Thòisich aimhreit an Sasunn 'n trà chur an rìgh Tearlach agus a' pharlamaid mach air a cheile. Bha cuid do'n phobull a' creidsinn gu robh e 'n a bheachd iochdrain a thionndadh a rìs gu pàpanachd, oir phòs e aon do'n chreideamh sin, agus bha feadhainn eile an aghaidh gach riaghailt Eaglais. Bha iad mur sin dealachadh o cheile 's an Eaglais ath-leasaichte, ni bha toirt toileachadh mor do mhuinntir na Roimh, mar a bha e fada 'n aghaidh deadh rùn agus deadh stiùradh na muinntir a dhealaich riu. Chaill Tearlach a chrùn 's a' bheatha. Bha beachd agus barailean cronail baoth agus gabhaidh mu nithe bhuineadh do'n Eaglais 'n trà thugadh Tearlach II. air ais. Shuidhicheadh Eaglais Shasuinn co math 's a bha an sin 'n an comas, 's cha robh geur-leanmhuinn 'g a dheanamh air dream sam bith.

* The Gunpowder Plot.

Cha robh iad reidh an Albuinn. Bha Tearlach II. air-son Eaglais 's an rioghachd so bhi fodh easbuigean, cha robh sin réir riaghailtean suidhichte na duthcha; no réir a' phobuill. Bha, uime sin, mi-chordadh agus comh-strì ann. Bha dòchas a b'fheàrr aig cleir na Roimh mu Eirinn; agus chuir iad thairis teachdairean diomhair, nach robh 'n an tàmh, am feadh bha Tearlach 's a' pharlamaid troimh cheile. Bhrosnuich iad na h-Eirinnich gu éiridh. Bha ar-a-mach agus dòrtadh fola feadh na rioghachd. Mharbh iad dà cheud mìle ann am beagan laithean. Rinn iad roinn mhòr Ulsteir, 's an robh na Protestanaich a chòmhnuidh, 'n a fàsach. Mhort iad an sin ceud agus dà fhichead mìle. Bha'n dòrainn mòr; bhiodh e sgreadaidh ri iomradh. Bha naoidheanan 'g an tilgeadh 's an teine, mnaithean bha trom 'g an srachdadh; bior 'g a chur tre 'n cuirp, 's 'g an cur gu bàs air gach doigh bu phiantachaile.* Chiosnuich Cromuell an rioghachd sin am bliadhna dh'ùine, (1648) agus thug e buille bàis do uachdranachd na h-Eaglais Romhanaich.

'S na h-amaibh trioblaideach sin thriall mòran gu samhach as an duthaich féin, agus thug iad America orra; agus lean iad ri creideamh agus nòis an athraichean anns na cearnan 's an do thuinich iad.

Air do Thearlach II. siubhal, bha dòchas nan Romhanach air fadadh as ùr. Bha Seumas II. air-son a' chreideamh phàpanach a shuidheachadh gu daingean an Sasunn agus thug e oidheirp chealgach air iochdarain a mhealladh, ach thuig na h-easbuigean ciod bha 'n a bheachd, agus thug iad rabhadh 'n a àm do na Protestanaich. Chuireadh Seumas air fògradh an 1688, agus steidhich a chliamhain, Uilleam, laghan rioghachd agus riaghailtean na h-Eaglais air mhodh a b'fhearr. Thug e 'n riaghailt th'aca nis do na h-Albannaich, agus chodhuin a' pharlamaid sin 'nuair cheangail iad an da dhuthaich an 1706. Bha beagan eadar-dhealachadh am easg luchd-aidmheil Lutheir agus Chalbhinn.

* Faic eachdraidh ar-amach.

CAIBIDIL II.

MU THEAGASGAN AGUS DEAS-GHNATHAIBH NA SEACHDAMH LINN DEUG.

Comunn no òrduighean ùr.—“Co-thional gus a' chreideamh a sgaoileadh.”
Ol-thigh air-son sin.—La Trappe—Luchd-leanmhuinn Lutheir—Chalbhinn
—Eàglais Shasuinn.

CHIA robh atharrachadh no leasachadh mor sam bith an Eaglais na Roimh 's an linn so; ach bha iomad comunn ann bha 'g an comharachadh féin air leth air dhoighibh eigin. Bha aon diubh so air a shuidheachadh le Griogair XV. ann an 1622 ris an do chanadh. “Co-thional gus an creideamh a sgaoileadh.” Bha trì deug do'n àrd chléir, aon sagairt, aon mhànach, agus cleireach dìomhair ann. Thug Urban VIII. maoin mhor dhoibh. Bha'n comunn so cur luchd-teagaisg do gach cearna do'n t-saoghal, cur amach leabhraichean, 's a' cumail suas sgoilean a dh'ionnsaichheadh iadsan bha iad cur air falbh, agus na bha iad ag iompachadh chum an creideamh féin.

Thog Urban VIII., an 1627, Ol-thigh air-son lion-sgaradh a' chreideimh, agus chuireadh air leth e air-son iadsan tha gu'n cur theagasg nan cinneach fhòghlum. Thug duine uasal Spainnteach a bha ro chràbhach, a chuid 's a' thigh féin dhoibh. Bha iad an àitean eile leanailt an eiseimpleir. Bha rùn nan daoine math, no cràbhach, bha air-son leithide sin chum feum sònraichte, ged nach 'eil a' bhnil is fearr 'g a dheanamh do na nithe is feumaile.

Ach do gach dream, comunn, no òrdugh, b' iadsan a shuidhich Abba La Trappe a b'ainmeilc. Bha e na sgoilear gasda. Mn'n robh e ach 'n a leanabh bha e fòghlum Greigis, ach cha robh e ro stuama an toiseach. Bha gaol aige air nighean uasal, a bha ro mhaiseach, 's bha e bitheanta 'n a comunn, 's 'n a caoimhneas. Bha e aon uair greis uaipe, agus air da pilleadh dhachaidh, chaidh e air ball chum an tighe aicese. Bha rathad uaigneach aige féin trid am faigheadh e ga h-ionad

cadail; ach, 'nuair fhuair e stigh 's a rainig e a leaba, bha i air a ritheadh. Chaill i aile a gnuis mu'n do chaochail i 's a' bhrìc. Dh'imich e air ball gu La Trappe, àite uaigneach fàsail, 's an robh e da fhichead bliadhna, gus an tainig crìoch a bheatha, ri cràbhadh. Cha 'n 'eil do mhànaich na Roimhe uile feadhainn is goirte orra féin na mànaich La Trappe.*

Bha creid agus riaghailtean aoraidh nam Protestanach gun mhòran atharrachadh 's an linn so. Bha iad 'g an leasachadh 's 'g am mìneachadh aig gach seanadh, agus 's ann mar a leanas a bha iad air am fàgail.

Bha 'n Eaglaisean fa leth air an ainmeachadh o na cinnfheadhna bh'aca; no, am briathraibh eile, bha luchd-aidmheil teagasgan Lutheir agus Chalbhìn, agus daoine eigin eile air an comharrachadh réir an aidmheil. Ach bha iad uile co-chordadh le bhi 'g aicheadh 's a' cur cùl ri teagasgan àraid Eaglais na Roimhe; 's iad sin na teagasgan a bhuineas do uachdranachd a' phàpa, beul-aithris na h-Eaglaise, brìgh-atharrachadh, purgadoir, peanas, aosaid, no eisdeachd, aoradh iomhaighean, gairm air na naoimh, Aifrionn air-son nam marbh, bòidean mànaich, agus sàcramaidean eile, ach an dithis a dh'orduich Crìosd.

'S iad na teagasgan àraid 's an Eaglais réir Lutheir,

I. Gur iad na Sgrioptuirean a th'againn amhain mar riaghailt creideimh agus caithe-beatha.

II. Gu bheil fireantachd tighinn o chreideamh as eugmhais deadh oibre, 's gu bheil creideamh 'g iompachadh gu deadh oibre, o umhlachd do Dhia, 's ni h-ann air-son ar fìrinneachaidh.

III. Nach urra do dhuine sam bith dioladh air-son a chionta.

Tha'n Eaglais so fodh easbuigean an rioghachdan na Suaine agus Denmarc, 's an rioghachdan eile fodh luchd-riaghlaidh.

Bha Calbhìn cur an ceill. I. Gu do roghnaich Dia air-eamh eigin do'n chinne daoine ann an Crìosd, chum glòir bith-bhuan o thoiseach an t-saoghail, réir a thoil neo-chaoch-laideach, agus a shaor ghràs agus a ghràdh, gun amhare roimhlaimh ri creideamh, deadh oibre no ni sam bith tha'n duine deanamh, 's gu do sheall e thairis air a' chuid eile, a dh'orduich

* Mosheim.

e gu cas-urram agus feirg air-son am peacana, chum glòir a cheartais féin.

II. Gu b'ann air-son peacadh nan daoine taghta amhain a thug Crìosd suas iobairt reite.

III. Gu do thruailleadh an cinne-daoine gu h-iomlan leis an-leagadh, gu do thuit a shliochd maille ri Adhamh;—'s an truailleadhachd gu bheil peacadh gnìomh; agus mar tha sinn peacach gu bheil sinn buailteach do'n bhàs, do uile thruaigh-ean, aimsireil, spioradail agus sìorruidh.

IV. Gu bheil Dia, 'n a àm orduichte féin, toirt iadsan a roimh-orduich e, le fhocal agus a spiorad, á staid peacaidh agus truaighe, 's am bheil iad a thaobh naduir, gu gràs agus slainte shìorruidh trid an Tighearna Iosa Crìosd.

V. Nach tuit iadsan do'n tabhair Dia a ghairm eifeachdach 's a naomhaicheas e le spiorad, am feasd o staid gràis.*

Tha na riaghailtean anns na h-eaglaisean suidhichte do'n aidmheil so, a th'aig muinntir an ath-leasachaidh, ach tha iomad comunn, no dream aig am bheil eadar-dhealachadh 'n an riaghailtean, mar tha na h-Ana-baistich.

Bha muinntir an ath-leasachaidh an Sasunn deonach air an Eaglais a bhi mar bha i o thoiseach air a suidheachadh leis na h-abstoil; bha iad cur cul ri deas-ghnathaibh agus saobh-chreideamh bha daoine toirt a steach innte nuas o'n àm sin. Bha sin 'g a dheanamh o gach eolas agus fiosrachadh b'fhearr rùn 'n a ceud linnibh.

Tha iad an tùs a' steidheachadh an creideamh air a' bhunait so;—nach 'eil iad ri creidsinn an ni sam bith ach na tha air fhoillseachadh 's am t-Seann Tiomnadh agus an Tiomnadh Nuadh, anns na h-uile leabhraichean dhiubh sin ris an do ghabh an Eaglais.

2. Gu bheil an Trionaid Naomh a' co-sheasamh 's an Diadhachd a tha mar aon 's an Eaglais, gabhail ris gach ni tha'n Creid nan abstol.

3. Tha i creidsinn mar bha Calbhìn am peacadh gin, seadh gu bheil uile shìol Adhamh air tuiteam leis 'n a eas-umhl-

* Mosheim, Calbhìn, Leabhar aidmheilicheadh.

achd agus gu bheil an duine ri bhi air fhìreanachadh trìd iobairt reite Iosa Criosd.

4. Gur h-ann trid eifeachd an Spioraid naoimh tha daoine air an iompachadh, 's air an deanamh comasach air deadh oibre agus fireantachd.

5. Tha iad ro fhaicilleach cia mar bheir iad oidheirp air teagasgan àraid a mhìneachadh mar tha roghnachadh agus roimh-òrduchadh; 's tha iad creidsinn gu bheil gràsan Dhé do na h-uile.

6. Tha iad a' creidsinn an dà Shacramaid, eadhon, baisteadh agus Suipeir an Tighearna, a tha mar shamhladh an leth muigh air na gràsan spioradail o'n leth stigh tha sruthadh o chreideamh.

Tha iadsan agus uile Phrottestanaich a' cordadh gu coitichionn an aghaidh saobh-chreideamh na h-Eaglais Romhanach.

CAIBIDIL III.

MU LUCHD-AIDMHEIL EIGIN 'S AN T-SEACHDAMH LINN DEUG.

Iansen — Luchd-sàimh — Iain Coccius — Arminius — Geur-leanmhuinn — Jacob Behmen — Daoine cràbhach — Neo-eisimblìch — Crithich, (Quakers.)

B' IADSAN a bha leanmhuinn Iansen, a bha 'n a fhear-teagaisg diadhachd an Ol-thigh Loubhain, 's na dheigh sin 'n a easbuig am Flandras, a b'iomraitiche 's an linn so. Bha e 'n a dhuine fòghluimte, bha e, o oige, leughadh sgriobhan agus barailean an Naoimh Augustin, agus chaith e mòran do uine cur nam barailean sin ri cheile an doigh bu taitniche. Chaochail e an 1638. Mar bha Iansen cur an ceill nach robh Eaglais na Roimh nco-mhearachdach,—bha chléir (Icsuits) dìte a shaothair,—mheudaich sin a luchd-leanmhuinn agus cha robh e 'n an comas mànaich, agus gu h-àraid cuid do na cailleacha dubha ghleidheadh o na barailean ceudna,—agus chaidh an cillean, no'n tighean-sa bha do'n aidmheil thilgeadh sìos.*

* Mosheim.

Bha dream eile leanailt barailean agus teagasgan sagairt Spainnteach, a chuir amach leabhar, an 1675, “Stiuradh Spioradail,” ’s an robh e cur an ceill gu robh an t-anam a bha gabhail taimh tighinn gu foirfidheachd,—mar bha e fantuinn o bheachd thaobh nithe sam bith, ’s nach robh feum an aoradh no deas-ghnathaibh, ach an gràdh fìor do Dhia, gun umhail mu na bha ri tachairt. Bha iad air an gàirm na Tosdaich; agus bha iad gun dragh no coire, ’s nan leige leotha,—bu bheag iomradh bhiodh orra;—ach chaidh an sagairt Spainnteach, Molinos, a ghlacadh ’s a chur am prìosan an 1685, ’s a sgriobhadh a dhìte. Bha mòran peanais ’g a dheanamh air gus an d’eug e, an 1696, ’n a shean aois. Thòisich geur-leanmhuinn orrasan bha ’g aidmheil a theagasgan.

Bha diadhair ainmeil, d’ am b’ainm Coccius, mìneachadh, ’s a’ teagasg feallsanachd Des Cartes, réir mar tha’n Seann Tiomnadh agus an Tiomnadh Nuadh air fhoillseachadh, agus uaith sin dh’eirich dream ùr bha air an comharrachadh leis an doigh theagaisg. Bha moran do dheasboireachd agus mhìneachadh mu theagasgan Chalbhìn nach ’eil so-thuigsinn agus mu nach ruig sinn leas bheag a radh an so.

Thug Arminius, a bha air-son saor thoil an duine, ionnsuidh laidir air teagasg Chalbhìn chur fodh, gu sònraichte roimh-orduchadh agus ròghnachadh;—an deigh a bhàis bha deasboireachd agus comh-stri mu na bha e teagasg. Bha chléir bha deònach air sith air-son seanadh mòr, agus thainig diadhairean ainmeil á mòran rioghachdan, agus shuidh iad aig Dort an 1618. Dhìte luchd-leanmhuinn Arminiuis, mar chuireadh an ceill gu robh iad a’ truailleadh a’ chreideimh, agus chaidh daoine eigin a ghlacadh, chur am prìosan, agus a dhìte gu bàs air-son am barailean. Chuireadh iad á dreuchd, agus inbhe anns gach àite.

Bha Spenser ’n a duine fòghluimte, diadhaidh, ’s bha dream àraid gabhail leis bha ’g an giùlan féin diadhaidh, subhailcach.

Ach b’e Iacob Behmen, Greasaich, aig Gortlets, a bha ro shònraichte ’s an linn so. Bha e rannsachadh ’s a’ fiosrachadh mu ghnòthuichibh bu diomhaire ’s bu deacaire ’s a’

ehreideamh. Chan e Aurora ris a' ehcud leabhar chuir e mach. Fhuair riaghalairean an aite coire d'a theagasgan; agus bha e 'n a thosd rè sheachd bliadhna, 's an sin thòisich e ri sgrìobhadh ris, agus chur e mach fichead leabhar. Do na nithe tha do thuigsinn, theagasg Behmen gu robh gràsan diadhaidh 'g oibreachadh air a mhodh cheudna tha'm freasdal ris an saoghal nam modhannan; 's gu bhèil an duine 'n a thaobh a stigh air a ghlanadh o dhubhailcean agus thruaillidheachd mar tha miteilt air a dheanamh fìor-ghlan o nithe neo-ghlan.

Thoisich cuid eigin an Sasunn ri coire fhaotainn do nithe àraid 's an Eaglais, mar bha'n leine, aifrionn, ach bhunaich iad innte gus an do tharruing fear, Raibeart Broun, mòran do'n mhuinntir ehràbhach leis féin. Bha e-san faotainn coire do'n Eaglais steidhichte uile, agus na lean e bha iad air an ainmeachadh 'n a dheigh.

Bha mòran eile bha cràbhaeh, diadhaidh, dealachadh uatha sin, 's a' cur cul ri riaghailtean na h-Eaglais suidhichte, agus bha iad air an gairm na Neo-eisimblich—Bha Broun an 1586, agus thoisich iad so an 1616.

Bha dream no dhà eile mu nach fhiach seanachas. Feadhainn sireadh a' chreideamh, bha iad eur an ceill, a chaidh chall:—Feadhainn eile dol as gach riaghailt,—agus euid dearbhadh mar a b'urrainn iad gu robh Iosa ri bhì 'n a rìgh air thalamh,—'s b'e 'n rùn gach riaghladh ehur bun os eeann.*

B'e Deorsa Focs, greasaich bha'n Nottingham a chruinnich an eomunn an 1650 ris an canar na Crithich (*Quakers*) Bha e draghail agus aimhreiteach dol air feadh gaeh eo-thional, ged bha Cromuell féin 'n a aghaidh. Thug Uilleam Pean, agus Raibeart Barlaisios riaghailtean a b'fhearr do'n luchd-aoraidh so, a fhuair an t-ainm o'n chrith 's an t-saothair bh'orra 'n an labhairt,—ach 's e 'n t-ainm is miann leo féin, “A charaid.” Cha 'n urrainn sinn feitheamh ri 'm pongan creideimh agus am modhannan a ehur sìos. Tha iad iomada, agus fiosrach. Ni mo is urrainn sinn gach dream eile ainmeachadh fa leth.

CAIBIDIL IV.

FÒGHLUM AGUS DAOINE FÒGHLUIMTE NA SEACHDAMH LINN DEUG.

Solus dealrach na h-Eorpa—Bellarmin—Bossuet—Tillemart—Athair Paschal—Fenelon—Laud—Usher—Hall—Tailair, &c.—Shacspear—Milton.

THA toileachadh mòr 's a' chaibidil so do'n t-seachdamh linn deug. Dh'eirich solus dealrach air an Eorpa. Feudar linn an aidh a chantuinn ris:—ach 's beag do na daoine fòghluimte, a thaisbean iad féin anns gach oilean finealta, is urrainn sinn ainmeachadh an so. Ged bha Eaglais na Roimh a' call a cumhachd 's a' tuiteam an dimeas, bha daoine fòghluimte d'a muinntir bha seasamh suas air a son 's a' gabhail a pairt, eadhon 'n a mearachdan a bha nis air an leigeadh ris. Foghnaidh dhuinn Bellarmin agus Bossuet ainmeachadh do'n ard-chléir. Bha Tillemart 'n a sheanachaidh mòr.

Cha robh iad uile, bhuineadh do'n Eaglais so, bha 'n an daoine fòghluimte sgrìobhadh as a leth. Bha Athair Paschal, air am bi deadh iomradh ré linn nan linn, saothaireachadh air-son firinn agus saorsaidh. Bha geur-leanmhuinn 'g a dheanamh air air-son a rùin mhaith nach ceadaicheadh bhì dionadh mhearachdan;—bhuaill graisg air gu foilleil;—lot agus bhruth iad e gu goirt, agus, an duil gu robh e marbh, theich agus fhuair iad as; ach thainig e uaith, agus chuir e crìoch air eachdraidh comhairle Thrent, a bha gun choimeas.

Bha Pascal fiughantach fialaidh co math agus cràbhach. 'S e bu mhiosa leis na Iesuits a bhuaill orra riamh.

Bha Fenelon urramach, cràbhach, 's na charaid dileas do'n fhirinn, 's rinn e tuille air-son subhaile agus deadh ghiulan na sgrìobhadair air bith eile. Bha daoine iomraiteach ro ionnsaichte deanamh mòran chum deadh oibre nan athraichean a sgaoileadh bha maiseach, so-thuigsinn. Bha iad sin fiosrach an gnothuichean coitchionn an t-saoghail co math ri nithe na h-Eaglaise.

Cha robh diadhairean na h-Eaglaise ath-leasaichte air dheireadh. Bha Claude agus Delincourt 'n an searmonaichean ainmeil. Bha Bochart, Cappel, agus mòran eile fiosrach fòghluimte, a' ransachadh gu farsuing, 's a' cur an ceill gu soilleir an saothair a bha mòr.

Bha Episcopius agus Grotius dol thar mhòran mar bha iad domhain fiosrach finealta. Bha iad gabhail ri barailean Arminiuis.

Cha'n urrainn sinn daoine fòghluimte urramach a bha cliuiteach do Shasunn ainmeachadh. O àm Ionraic VIII., nuas gu Uilleam III. bha iad ainmeil anns gach fòghlum. Bha aire shònraichte 'g a tabhairt do'n Ghreugais 's an rioghachd so. Bha feallsanachd Phlato am meas mòr aig na diadhairean ionnsaichte. Bha Laud deanamh ceann riusan bha saothaireachadh an sgrìobhan finealta; ged nach robh an teagasg, no 'm barailean do'n bheachd 's an robh e féin.

Bha Usher agus Hall, ainmeil, urramach, cràbhach, diadhaidh. Bha meas ro mhòr orra feadh na Roinn-Eorpa. Ròghnaich Seanadh Dhort, an 1618, Hall gu searmonachadh dhoibh an Laduinn agus thug na Staidean cùinneadh òir d'a mar chuimhneachan.

B'e easbuig Tailear an sgrìobhaich a b'fhincalta, agus bu mhò foghnadh 'n a linn. Bha'n t-Ollamh Sasunnach, Mac-Iain, ro-thogarrach mu shaothair, agus cha bu bheag an cliù dha, gu robh e leanailt a dhoigh anns na searmoinean a sgrìobh e.

Bhiodh e diomhain ainmean na lean, anns gach saothair mhor, a chur sios mur nach urrainn sinn tuille radh mu'n searmonachadh, mineachadh, soilleircachadh, sparradh, teagasgan cudthromach an t-soisgeil. Bha rìs aircamh alloil fiosrachadh oibre dhiomhain naduir, agus thàinig Shac-spear agus Milton, baird co màr 's a' bh'air an t-saoghal, gu coran ionmhalta chur air an linn.

AN T-OCUIDAMH LINN DEUG.

CAIBIDIL I.

MU STAID CHOITCHIONN NA H-EAGLAISE.

Saorsadh creideimh—Pàpa Clement XI. Benedict XIII.—Ganganelli—Pius VI.—*Iesuits*—Ar-amach—America—an Fhraing—Breatunn.

CHA robh atharraichean mòr 's an Eaglais rè an linn so. 'S e ni b' àraide 's coir a thoirt fainear gu d'fhuair na h-uile saorsadh smuainteachadh, agus am barailcan féin altrum, no'n doigh creideimh féin aidmheil gun gheur-leanmhuinn. Cha ruig duine leas bhi fodh eagal no curam, ged tha bharail no bheachd eu-coltach ris an aidmheil shuidhichte no choit-chionn.

'S a' bhliadhna 1700, roghnaich iad am pàpa Clement XI. Tha sinn 'g a ainmeachadh air-son an reachd a chuir e mach an aghaidh luchd-leanmhuinn Iansen, ris an canar *Unigenitus*, 's am bheil e cur sios gu riochdail puing a' chreideimh Romh-anaich. Bha Benedict XIII., crabhach, diadhaidh, subhail-each. Bha comhairl aig am paillion an Laterain, an 1725, air-son mearachdan na h-Eaglais a chur ceart, 's ged chuireadh reachdan agus riaghailtean math a mach 's beag foghnadh lean. Bha feadhainn eile nach ruigear leas ainmeachadh air-son gnìomha mòra no matha. Uaith so bu mhath an airidh Ganganelli chur sios nan leigeadh an uine linn. Tha aon ni sònraichte ri iomradh, aig àm a bhàis, bha gle bheagan aige, agus, mar bha iomad eile deanamh, cha tug e maoin na h-Eaglais d'a chaoimh no chairdean, ach do na bochdan.

Cha'n 'eil mòran ri radh mu'n pàpa Pius VI.,—bha e uasal, suairce, agus air-son math dhaoine chur air aghaidh chuireadh e 's a' chathair an 1775. 'S e ni b' àraide 's an

linn so cur as do dhream àraid do dh'Eaglais na Roimh, (*Iesuits.*) B'e luchairt Phortugail a thug a' cheud ionnsuidh gharbh orra, agus bha choire aca féin.

Bha na *Iesuits* ro oidheirpeach 's gach àite 's an t-saoghal,—sgaoil iad 's an airde 'n ear agus 'n iar, agus, auns an linn mu dheireadh, rainig iad America. Thoisich iad air na nàisinn a theagasg. Bha iad 'g am fòghlum an creideamh, am modhannan agus an gnothuichean feumail, agus bha beagan dhiubh a' stiuradh 's a' riaghladh mhiltean 's a' deanamh mòrain math doibh:—ach chlaon iad o'n t-slighe ionraic bha chum maith mhòran air ghaol sogh agus saobhbreas a charnadh suas do'm muinntir féin. Chunnaic iad ionmhas mòr 'g a aisig do'n Eorpa. Bha òr na h-Ophir cuir sannt 's a' chridhe. Bha iad féin ro dhomhain agus innleachdach. Bu mhiann leo na cearnan farsuing sin bhi aca féin,—agus ciamar? le ganlas agus fuath dhusgadh an cridhe nan innseuach do na Spàinntich agus na Potuguese. 'S a' bhliadhna 1750, rinneadh sith agus ceangal cairdeis eadar na rioghachdan a dh'ainnich sinn agus na h-innseuaich. Bha sin toirt buille ro throm do na *Iesuits*, agus thog iad aimhreit agus mi-riaghailt am easg sluaigh ain-eolach, a bha tuigsinn uatha carson a bha na h-Eorpaich toilich bhi 'n cairdeas riu. Bha ard chomharlaich rioghachd Phortugail feargach air-son na bha iad deanamh. Thogadh e féin o bhi 'n a shaighidear gus an inbhe bu mhò fo'n righ. Bha e geur-chuiscach, furachar, neo-thiom, cruaidh-chridheach, agus bhuail e orra. An 1759, chuir eadh na *Iesuits* air fogradh as an rioghachd, chionn a chur as an leth gu robh iad air-son cur as do'n righ an 1758. Agus thugadh na bh'aca uatha.

Thugadh dimeas orra 's an Fhraing air-son aobhair eile. Bha gnothuichean rioghachd agus Eaglais ag oibreachadh mach na thàinig orra;—mar bha iadsan a ghnà buntuinnean riu sin le cheile. Bha'n righ 's a' Pharlamaid thar a cheile, agus bha'n dream so call, no soirbheachadh, réir 's mar bha buaidh an cairdean no 'n nàimhdean. Bha comas aig an dream oidheirpeach bhi ri gnothuichean saoghailta. Agus cha do chaill iad riamh an cothrom gus am maoin thalmhadh

a mheudachadh. Bha iad ri malairt mhor, ach thuit call ro mhor orra aig aon àm, thug aon fhear àraid dhiubh bha ceannach an eilean Mhartinico, 's a bha stigh air-son chaich, ionnsuidh air bristeadh, chum an dream uile shaoradh ;—bha e ro shoilleir nach robh cuid air leth aig mànach, agus gu b'ann do'n chomunn do'm buineadh e, bha'n stòras leis an robh e malairt. Chaidh iad gu lagh,—bha chuis 'g a feuchainn am baile mòr na Frainge, b'eigin riaghailtean a' chomuinn a chur a lathair, chunnacas gu robh iad an aghaidh laghan is modhannan deadh riaghlaidh. Chaidh, uime sin, cur as do'n dream so (Jesuits) an rioghachd na Frainge, 's a' bhliadhna 1762, 's an ol-thigh 's am maoin a thoirt uatha 's a reiceadh.

'S a' bhliadhna 1773, dh'aontaich Ganganelli gu rachadh cur as doibh gu h-iomlan. Thug iad deich tighean agus òl-thighean, bh'aca 's an Roimh, uatha. Bha'n reachd 'n an aghaidh air a leughadh anns gach co-thional aca agus an ceann-feadhna bh'aca chur an daighneach, bha chùis dhìte air a thagradh fodh'n ath phápa.

Thachair ni àraid beagan roimhe so, ged a bhuineas e do laghan rioghachdan ni's mo no do'n Eaglais, nach urrainn sinn gun ainmeachadh, seadh, ar-a-mach America, agus dealachadh nan staidean (13) o Shasunn,—am bheil teagamh ma theid an sluagh fhàgail gus an toil féin, nach dì-chuimhnichear na nithe is cudthromaiche, agus ma bhios iad gun eagal Dé 'n an cridheachan; gun teagasgan fallain, slainteil, an t-soisgeil sparradh orra,—ciod an suim a bheir iad do reachdan dhaoine, no do dheadh mhodhannan ?

Tha ana-mianna agus mi-bheusan na linn so ro shoilleir, agus 'n a aobhar eagail do gach duine diadhaidh, ionraic, stolda. Tha'n Fhraing gu sonraichte suarach a thaobh creidheimh agus stuamachd.

Cha teid sinn a sheanachas air na rioghachdan so ; tha gu cinnteach daoine mòr agus math annta, tha deònach air gach ni dheanamh chumail suas creideimh fìor agus fallain, cha bhiodh e ccart, 's an dol seachad, gun iomradh dheanamh air an oidheirp thugadh gus na daoine dubha, an innsean na h-airde 'n iar, a theagasg, a bhitheas trid ghràsan Dhé

'n a fhoghnadh dhoibh-san a bha fada gun iul, agus 'n an traillean.

Cha do leigeadh air dì-chuimhne chuid do America tha'n ceangal ri Breatunn. Feudaidh gach àite, ged tha iad fad as, buannachd mhòr fhaotainn le luchd-teagaisg, agus còmhnaidh as a so.

CAIBIDIL II.

MU LUCHD-AIDMHEIL EIGIN 'S AN OCHDAMH LINN DEUG.

Morabhians—Methodists—Dream an Albainn,—Tumadh am baisteadh—
Dream critheach—Hutchison—Suedenborg—Agus dream no dha eile.

BHA 'N creideamh suidhichte gun atharrachadh mòr 'n a riaghailtean 's ann linn so, agus, air an aobhar sin, bha e neo-fheumail labhairt air nithe air bheag suim. Ach bha daoine eigin dealachadh o na riaghailtean stiuraidh, agus 'g altrum beachd no barailean ùr umpa sin, mu'n feud sinn caileigin a radh 's a' chaibidil so.

B'e cheud aon is còir ainmeachadh, morair bh' ann Lusasia Ard, 's a' bhliadhna 1721, ris an canadh iad Nicholas Lughais. Chuir e iompuidh air teaghlaichean do na Morabhians gabhail leis féin. Thog iad tigh-aoraidh an 1722 am baile 's an duthaich, an uine ghoirid dh'fhàs iad lionmhor, agus thog iad tuille thighean; agus chan iad Herenhuth ri'n àite taimh, 's tha'n dream so air uairibh air an ainmeachadh an deigh an àite comhnuidh.

Tha'n co-thional so cur an ceill gu robh iad air dealachadh on Eaglais choitchionn mu'n do thòisich an t-ath-leasachadh. Tha iad stolda sàmhach 'n an caithe beatha, 's 'n an giulan. Tha mòran dhiubh 's a Ghermalt agus an America; cha do lion-sgaradh riamh iad am Breatunn. So na pongan àraid 's am bheil iad a' creidsinn. 1. Nach 'eil ath-ghinmhuinn agus firinneachadh o'n Athair, o'n Mhac agus o'n Spiorad Naomh; ach, gu h-àraidh, o'n Fhear-shaoraidh. Gur h-ann d'a ionn-suidh-san amhain is còir do dhaoine dol air thùs, chum an tabhairt gu Dia. 2. Nach tug Criosd buaidh mar Dhia, ach mar dhuine, leis na cailean ceudna th'againne. 3. Nach bu

chòir an lagh a shearmonachadh fodh linn an t-soisgeil.
4. Nach 'eil clann Dé ri gleachd amhain ri 'm peacan féin,
ach ri truaidlidheachd an t-saoghail.

Tha na Morabhianaich cur an ceill, gur an anns an dòchas
th'againn anns an t-saorsa choisinn Crìosd dhuinn tha creid-
eamh co-sheasamh. Tha iad cur cul ri teagasgan Chalbhinn
mu roimh-òrdachadh cuid eigin do'n chinne-daoine chum sonas
bith-bhuan, agus cuid chum peanas sìorruidh. Rinn iad
riaghailtean àraid 'n am measg féin, a tha g'an dlu-cheangal
ri cheile a tha cur eadar-dhealachadh measg cuid fa leth, réir
an inbhe ard, agus iosal, 's g'an cumail 's an aon doigh aor-
aidh agus riaghailt stiuraidh. Tha'n Eaglais aig Herenhuth
air a roinn co mìn 's gu bheil na fir le cheile, sin na mnaith-
ean, sin na bantraichean, sin na h-igheanan, sin na gillean,
sin a' chlànn. Tha fir dol a choimhead nam feara posda,
bean na mnathan, agus mur sin sìos. Tha iad sin fa leth
ròghnachadh aon as an comunn féin gus an stiuradh, agus
tha iad cruinneachadh annta. Tha iad a rìs g'an roinn sin
nì's mìn; mar tha cuid dhiubh marbh, air an dusgadh, ain-
eolach, toileach, agus cuid dol air an aghart 'n an teagasgan.
Tha iad uile faotainn comhnadh, ach tha curam mòr 'g a
ghabhail dhiubh tha marbh an seadh spioradail. Tha foirfeach,
agus fear-comuinn leis, no fear-ionaid, tha 'g amharc tharpa
uile. Tha dreuchd 'g a thabhairt do chuid eigin, gu nithe
dheanamh folaiseach, agus nithe a chleith. Tha feadhainn
eile ri nithe eigin nach 'eil feumail thabhairt fainear. Tha
iad a' seinn morain do'n teagasgan. Tha feadhainn eigin
diubh firionn agus boireann ag urnuigh air-son an dream,—tha
iad sin air an orduchadh mu seach gach uair a là agus a
dh'oidhche. Tha na bràthairean, 'nuair tha iad toirt fainear
gu bheil eud a' chomuinn a' fuarachadh, 'g òrduchadh foisdean
gràidh. Tha iad tilgeadh croinn air na h-uile nì. Tha iad
cur crannchur chum toil an Tighearna fhiosrachadh. Tha'm
posadh 'g a dheanamh no air a cheangal leis na foirfich,—'s cha
'n 'eil e laghail gun iad.*

Dhealaich dream àraid o Eaglais Shasuinn (Methodists) 's

* Faic an eachdraidh,

a' bhliadhna 1729. Chaidh Iain agus Tearlach Uesli gu'm fòghlum a dh' Ath-an-daimh (Oxford) bha iad sin agus dithis eile ghillean uasal coinneachadh tri, no ceithear uair-ean 's an t-seachduin an àit àoraidh. Bha iad a' leughadh leabhraichean creideimh air là na Sàbaid, agus Ladainn agus greugais air feasgair laithean eile. Dh' iarradh orra air an ath-bhliadhna dol a choimhead nam priosanach 's a' chaisteal, 's an deigh sin bha iad dol g' am faicinn uair no dhà 's an t-seachduin. 'N a dheigh sin thoisich iad dhol a shealltuinn dhaoine tinn air feadh a' bhaile. An 1732 thainig seachd no ochd uasal òg eile leo. An 1733, dithis aris, an 1735, Maighistir Deorsa Uhitfield. Bha iad uile mu cheithir deug.

Bha iad ro ionmbuinn,—a' eaithe an ùine solasach, taitneach 'nuair b' eigin do Uesli dol do Lunnain,—air dha athair crìochnachadh,—agus chuireadh iompuidh air féin, a bhrathair agus dithis eile dol do America gus na h-innsinich a theagasg. Thainig Maighistir Uesli aris air ais do Lunnain an 1738,—thachair e air Para Boehler, Morabhian, a bha teagasg an sin, chuir e féin 's an duine òg so mu leth-cheud ri cheile a bha cruinneachadh coladh gach di-h-aoine ehum comhludair eràbhach agus ionnsachadh mu nithe spioradail. Bha cheud choinneamh an toiseach an t-samhraidh 1838,—'s an do shuidhicheadh steidh an luchd-aidmheil.*

Chaidh Maighistir Uesli 's an t-samhradh sin a choimhead luchd-aidmheil Herenhuth 's a' Ghermalt. Bha Maighister Uhitfield roimhe sin a' searmonachadh an eaglaisean ann an Lunnain, agus bha e ionraiteach thaobh a' choire bha e factainn do ghiulan agus ghnàthachadh na cléir, agus mar bha e teagasg gu b'ann tre chreideamh amhain bha daoine air am firinneachadh.

Cha'n fhaigheadh Maighistir Uhitfield, ni bu mhò no Maighister Uesli dol do chupaid tuille. Thòisich a' cheud aon diubh ri searmonachadh 's a' mhachair agus air na rath-aide mora; agus, an deireadh 1738, chaidh e thairis do Gheorgia. 'Nuair a phill Uesli as a' Ghermalt, chaidh e gu ruig Bristol agus chuir e dream do sheors cile ri cheile an sin.

* Wesley's Short History of the Methodists.

Bha na Guaillearan ro aineolach agus mi-stuama,—ach o na chual iad na daoine ionraiteach sin a' searmonachadh, bha iad deònach air an stiuradh ghabhail, agus chaidh iad cuideachd an co-thional. Chaidh Uesli do Uails agus shoirbhich e 'n a oidheirpean. Bha'n comunn a' fàs liòn-mhor an Lunnain. Bha iad creidsinn gu b'ann tre chreideamh an-hain bha sàbhaladh, gu robh iompachadh agus reite ri Dia, no ath-breith folaiseach, sin na bha dhealachadh eadar iad agus an Eaglais. Bha Uesli leantuinn Arminiuis, an cuid—agus luchd-leanmhuinn an fhir eile Calbhin. Bha feisd gràidh aig a' chomunn uair 's a' mhios; agus bha iad ri faire agus urnuigh agus seinn 's an fheasgar gu meadhon oidheche uair 's a' mhios. Bha aon sam bith ri searmonachadh, ach cha robh iad sin ri frithealadh Suipeir an Tighearna.

Bha dithis an Albuinn Iain Glas, agus Raibeart Sandeman, aig am robh leuchd-leanmhuinn réir an teagaisg agus an aidmheil féin. B'iad sin, 1. Nach robh am firinneachadh tre chreideamh, ach an fhirinn a ghabhail, no an fhianuis dhiadhaidh. 2. Gur leoir an fhianuis sin thabhairt dòchais agus sòlais dhasan a chreideas, ged nach dean e ni sam bith, no nach oibrichear ni sam bith ann féin. 3. Tha iad gabhail a chomunachaidh air gach là sabaid; mar tha iad an duil gu b'ann air-son an orduigh sholuimte so bha sabaid Chriosduidh. 4. Tha feisdean gràidh aca mu mheadhon làtha,—cadar seirbheis na maduinn agus an fheasgair, tha iad uile ag itheadh an tigh an neach is dluithe do'n ionad aoraidh. Tha iad cur an ceill gu bheil iad a còmhlachadh mar sin air-son eolais agus cairdeis, agus a' feuchainn gu bheil iad uile mar aon theaghlach, agus gu bheil na h-uireasbhuidhich a' pairteachadh do shaoibhreas nam beartach. Tha iad pògadh a cheile aig am coinneachaidh, mar chomhar air an gràdh do cheile. Tha'n dream so air an ainmeachadh air an cinn-fheadhna.

Bha dream shònraichte an America chaidh cruinn mu'n bhliadhna 1724, ann an baile beag, 's an robh iad a' tamh mur shluagh bha fodh riaghladh àraid, chan iad Ephrata ris a' bhaile. Fhuair iad an t-ainm (Dunkers,) o'n doigh bha iad a tumadh 's a' baisteadh na muinntir bha gabhail leo. Bha'n eaidh neonach cota fada ruigheachd an sailtean, crios mu'm

meadhon, agus curachd orra nuas gu'n guailleann. Tha ul-fada air na fir, agus tha na mnathan tàmh leò féin. Thog iad tighean fiodh dhoibh fa leth; tha àitean annta sin 's am bheil iad 'g itheadh agus aitean 's am bheil iad ri aoradh; mar tha iad gairm nam bràthairean leò féin, 's nam peathraichean leò féin. Ach tha iad còladh aig feisdean gràidh 's am faod iad muilffheoil a gabhail,—aig gach àm eile tha iad tighinn beo air luibhean agus measan. Cha'n 'eil aon diubh luidheadh an leaba mar 'eil e tinn; 's ann tha iad luidheadh air beingean agus plòc meide fodh'n ceann, Cha'n 'eil iad a' posadh, no dol cuideachd. 'S e'm beachd gur h-ann trid am peanas air thalamh a gheibh iad sonas thall; agus mar bha Criosd, trid na rinn e, 'n a Fhear-saoraidh do'n chinne-daoine tha iad a' creidsinn, gu faod gach neach tre gheamnuidheachd agus fulangais slainte oibreachadh mach dha féin. Tha iad am barail cuideachd gu faod duine tuille 's a tha'm fiach air a dheanamh; agus na ni e bharrachd a phairteachadh ri duine eile. Tha iad ag aicheadh peanais sìorruidh.

Tha'n dream chritheach iongantach. Thòisich iad an 1774. 'S bean a th' air an toiseach. Anna Leese, ris an can iad a Bhain tighearna thaghta. Tha iad cur an ceill gur i bhean tha ainmichte 's an dara caibidil deug do thaisbein Eoin; gu bheil i labhairt an trì fichead agus dà theangaidh dheug,—'s ged nach tuig na daoine tha beo i gu bheil i comhludair ris na mairbh. Tha iad a' dearbhadh gur i mathair nan daoine taghta; gu bheil i'n saothair air-son an t-saoghail uile; nach urra beannachadh bhi aig aon sam bith ach da tridse, agus gu feum gach aon fa leth am peacan aideachadh dh'i mu'n faigh iad sin. Tha'n doighean sònraichte, agus eugsamhuil. Tha iad a' damhsa, 's a' seinn, 's ri mòran iomairt. Tha sin crith tighinn orra. Buailidh iad am basan, agus leumaidh iad ro ard' tilgadh dhiubh an eaidh uachdair. Eisdidh iad greis ri fear-teagaisg, agus éiridh iad suas a ris a' leum, 's a' dhol mu'n cuairt. Tha iad a' gradh gu bheil sonas agus mòran sòlais 'n a leithid sin do chleachda.*

Tha dithis nach d'fhàg an Eaglais, agus bha 'n an naimhdean do gach dream a dhealaich rithe, nach urrainn sinn

* Account of the Shakers,—Rathsburn, Taylor, &c.

leigeadh seachad an so gun fhocal a labhairt umpa. Iain Hutchison agus am Baran Suedenborg. Rugadh Iain an 1674, an Sasunn. Bha e frithealadh air gnothuichean duine mhoir; ach bha e féin ni bu mhò an cailean agus fiosrachadh. Bha e rannsachadh dìomhaireachd naduir; agus, an 1724, chuir e mach leabhar an aghaidh daoine fòghluimte a sgrìobh mu steidhibh agus suidheachadh an t-saoghail, agus gnè nithe talmhaidh. Sgrìobh e 'n a dheigh sin mu na sgrìoptuirean, bha e do bharail Origen gu robh iad ri'n gabhail an seadh samhluaidh,—agus bha e cur an ceill gu b'ann 's an Eubhra bha brìgh gach ni bh'air fhoillseachadh,—'s gu comhduicheadh na sgrìoptuirean Eubhrach mu phearsa agus nadur Iosa Crìosd.

Cha robh dream, no comunn riamh aige mar luchd-leanmhuinn, ach bha iomada 'g aidmheil a theagasgan an Sasunn araon do'n chléir 's an neo-chleir.

Mac easbuig bha'n Suedenborg, agus fhuair e fòghlum ard. Bha e ro ionnsaichte anns gach deadh oilean,—agus nochd e cumhachdan mor 'n a òige an luchairt na Suaine. Chuir e mach leabhraichean 's an robh fiosrach agus eolas. Agus thugadh e gu bhi leis a bhan-rìgh Ulrica Eleonora.

Chuir e'n ceill an 1743 gu d'fhuair e foillseachadh o neamh, agus sealladh do'n ath-shaoghal. O'n àm sin thug e suas e féin do nithe diadhaidh, sgrìobh e mòran leabhraichean,—an Ladainn mhath,—gun oirdhearcas—bha e comasach air sgrìobhadh gu h-ullamh, agus gun aon mhearachd a dheanamh. Bha e luchd-aidmheil Lutheir,—ach bha meas mòr aig air an Eaglais Shasunnaich.

Bha e domhain agus do-thuigsinn 'n a sgrìobhan mu nithe cràbhach,—gu h-àraid, 'n a theagasgan mu dhiadhachd Chrìosd, agus an Trionaid Naomh; agus mu iobairt-reite an duine Iosa Crìosd, tha 'g atharrachadh dhaoine, 's ni h-e Dia, mar tha e neo-chaochlaideach, nach urrainn dha bhi air atharrachadh o fhearg gu gràs. Ach gu bheil an duine air iompachadh 's air a thabhairt o chumhachd an dorchadais, gu cumhachd maith-eis agus firinn, am pearsa 's an Spiorad an Tì naoimh a thaisbein e féin 'n a Dhia 's 'n a Shlànuighear, trid am bheil truailleidheachd agus anfhaineachdan naduir dhaonta air am

fiosrachadh, agus iadsan a ghabhas aithreachas air an toirt saor o gach olc a ghineadh o chionta, agus air an deanamh 'n an cloinn do Dhia; gu bheil na cumhachdan, na buaidhean, 's na gràsan air an ath-nuadhachadh 's an anam, co maith, ri cailean agus ceud faithean corpora.

Bha e cur an ceill co math ri Hutchison, gu robh na sgrìoptuirean ri ghabhail an seadh spioradail o'n leth stigh,—nach robh 's na briathran, ach cur sin an ceill; agus tha moran d'a sgrìobhan féin a' soilleireachadh, no mìneachadh mar tha sin.

Bha e air-son saorsadh an duine, agus tha na modhanna; bha e sparradh, math agus cliutach, agus ni bheil teagamh nach robh a chaithe-beatha, 's a ghiulan féin da réir sin.

Ach 's e'n ni is ro shonraichte an beatha Barain Suedenborg an comunn, mar bha e cur au ceill, a bh'aige ris an ath-bheatha. Tha e cur sìos an cuid do sgrìobhan nithe nach buin do'n bh-catha tha làthair, a tha cur an ceill am briathra tha coitchionn, ach tha e gnathachadh an riochd samhluaidh.

Tha moran d'a luchd-aidmheil an rioghachdan na Suaine agus na Germailt agus cha bheagan diubh tha nis an Sasunn. Thugadh oidheirp air an cur cruinn mar cho-thional na bha 'g aidmheil teagasgan agus sgrìobhan a' Bharain; ach bha iadsan bu mho deigh air cur cùl ri leithid, mar bha e-san dlù-cheangailte ris an Eaglais,—agus na nàmh do shaobh-chreidmlich; cur an ceill gur ann bha e-san air-son eaglais neo-fhaicsinneach a shuidheachadh, no creideamh agus subhailcean, ann an cridheachan dhaoine; no bh'air a chiallachadh leis na thuir e mu'n nuadh Ierusalem.

Bha iadsan a bha gabhail ri pongan Shociniuis, 's a' dheal- aich ris an Eaglais, dol an lionmhaireachd 's an linn so. Tha teagasg bh'aig Origen agus cuid eile dh'athraichean na h-Eaglaise, nach 'eil co sheasamh le barailean coitchionn mu pheanas siorruidh, nis g'an urachadh le h-eud agus dealas am Breatunn agus an America. 'S e 'm barail, 'n an creideamh, gu bi na h-uile mu dheireadh air an Sabhaladh.

